3 1761 06141283 9

Brooks, Thomas

UBHLAN OIR,

AIR SON

MUINNTIR OGA;

AGUS

CRUN GLOIRE,

AIR SON

SEANA MHUINNTIR:

NO,

AN SONAS A BHI MATH GU TRATHAIL.

AGUS

AN ONOIR A BHI NA SHEANN DEISCIOBUL,
Air a leigeadh ris, agus air a cho' chur gu treibh-dhireach.

MAR AN CEUDNA,

LETHSGEULAN AN DUINE OIG AIR AM FREAGAIRT, AGUS TEAGAMHAN AN T-SEANN DUINE AIR AM FUASGLADH.

LEIS AN URRAMACH TOMAS BROOCS,
Ministeir a bh' ann an Lunnann.

"Gidheadh tha eagal an Tighearn ormsa do sheirbiseach o m' oige."
1 RIGH xviii 13.

"Is crun gloire an ceann liath a gheibhear ann an slighe an ionracais."
GNATH. xvi. 31.

EADGAR-THEANGAICHTE GU GAELIC
LE IAIN ROSE.

AN DARA CLO-BHUALADH.

DUNEIDEAN:
CLO-BHUILTE AGUS RI'N REIC
LE THORNTON AGUS COLLIE.

1850.

431566
16.1.45

RO'RADH.

CHUM NA H-UILE MHUINNTIR OG AIR FEADH GACH DUTHAICH, GU H-ARAIDH DHOIBHSAN, A THA TOISEACHADH RI 'N AGHAIDHIBH A THIONNDADH AIR SION.

A Mhuinntir mo ghraidh,

FOCAL 'na thràth, cia math e! gu tric tha e mar ubhlan òir ann an dealbhaibh airgid; iomadh uair tha leithid sin a dh' fhocal milis, luachmhor, taitneach, sòlasach, agus laidir 'na oibreachadh.

Bha cuideachd do chàirdibh dileas a' gabbail an dinneir le chéile air là Sàbaid, agus a chum bacadh a chur air còmhradh diomhain, thubhairt aon do na bh' aig a bhòrd, gu 'n robh e na cheist co dhiubh a rachadh iad uile do neamh no nach rachadh: chuir a chainnt so an t-iomlan dhiubh gu truime inntinn, agus chuir e gach aon aca gu meorachadh cudthromach annta féin; smuainich aon, ma theid neach air bith do 'n chuideachd so a dh' ifrinn, is éigin e bhith gur mise, agus a mar sin smuainich aon eile, agus aon eile, agus is ann mar sin a smuainich gu h-inbhe bhig an t-iomlan a bha lathair 'san am, na seirbhisich a bha frithealadh cho math riusan a shuidh aig a' bhord, mar a dh' aidich iad an deigh sin, agus tre thròcair agus beannachd Dhé, dh' oibrich a chainnt so air spioradaibh a chuid bu mhò dhiubh, air dhoigh 's gu 'm b' i ceud mheadhon an iompachaidh.

Tha dòchas agam trid ghràis, ged tha 'n leabhar so air a chur ann an anmhuinneachd, gidheadh le beannachd an Ti is Airde faodaidh e eiridh ann an cumhachd, agus a bhi na mheadhon ann an anamaibh a chosnadh do Chriosd, ni is e 'n'onoir is mò air am bheil mo dhéidh anns an t-saoghal, agus uime sin bhris mi troimh gach uile chruaidh-chàs agus réusonachadh feolmhor a dh' fhaodadh an naoidhein so a mhùchadh sa' bhròinn, agus a chumail o 'n t-solus fhaicinn gu bràth.

Léubh mi mu Iompaire, nach do ghabh ni sam bith os làimh a thug uiread a thaitneas dha, ris an ni sin a mheas a chomhairlichean agus a cheannarda ro dhuilich agus do-dheanta; nan abaireadh iadsan nach gabhadh a leithid so no leithid sud a ghnothaich cunnartach a thoirt gu crich gu bràth, b' argumaid gu leòir sin leis-san gus an ionnsuidh a thoirt; agus shoirbhich leis mar bu trice, b' ainmic a dh' fhailnich e.

Cha d' fhuair mi riamh beannachdan ni bu mhò agus ni bu luachmhoire, an cois aon air bith do m' oibre bhochd lag, na fhuair mi an cois sin a bh' air a toirt a mach a dh' ionnsuidh an t-saoghail, tre na teanndachdaibh agus na cruaidh-chasaibh bu mhò. Dh' innseadh do shàighdear a bha dol gu cogadh an aghaidh nam Persach, gu 'm folaicheadh iad a ghrian le 'n saighdibh; fhreagair esan, 's anns an dubhar is feàrr a ni sinne cogadh; cha bu chòir do ni sam bith mi-mhisneach a thoirt do shàighdear Chriosd, 2 Tim. ii. 3, 4. Tha Chriosd ag radh r' a shàighdearaibh uile (mar a thuirt Prionnsa araidh r' a mhac 'n uair a bha e cath mar gu 'm b' ann am fuil gu 'ghlunaibh, agus ann an tèinn mhòr) *Aon chuid thoir buaidh no bàsaich;* cha bhi daoine neo-sheasmhach, no do lag mhisneach, ach neo fheumail air son maith anama; luchd faire leis am b' áill a bhi saor o fhuil anama, agus feumail do aobhar Chriosd ann an tionndadh pheacach o dhòrchadas gu solus, feumaidh iad a bhi nan daoine misneachail agus tréubhach.

Tha cuimhne agam gu bheil Austin ag toiseachadh aon d' a shearmoinibh mar so. "Ribhse tha mise labhairt, O dhaoin' òga! blàth na h-aois, agus cunnart na h-inntinn." Mar sin tha mise 'g radh. Dhuibhse, O dhaoin' òga! tha mise a' cur air leth an leabhar so, agus sin, 1. A chionn gu 'm buin a chùis a th 'air a chur sios ann, air tùs agus gu sònruichte dhuibhse. 2. A chionn gu bheil iarrtas dhùrachdach agam, mu bhur sonas spioradail agus siorruidh a chur air aghaidh. 3. A chionn gu bheil aobhar dòchais ni 's mò mhath

a dheanamh 'n'ur measg-sa (mar dhearbhas mi ni 's faide anns an leabhar so.) 4. Gu cuir an aghaidh namhaid diomhair 'ur n-anama, dh' an rùn sibhse thruailleadh, agus a shealbhachadh ann am madainn 'ur laithean. 5. Chum dream eile bhrosnachadh a tha ni 's iomchuidh agus ni 's ro chomasaiche, gu bhi ni 's feumaile dhuibhse ann an labhairt nis farsuinge an air a phùnic so, ni nach d' rinn neach air bith fathast is aithne dhomhsa, ged is pùinc i cho feumail, gu h-àraidh do mhuinntir òg ri puinc air bith is aithne dhomh 's na sgriobtuiribh gu léir. 'S an àite mu dheireadh, A chionn gu bheil iad lionmhor a ta ri feall-fholach chum 'ur mealladh, agus 'ur truailleadh le barailibh a ta toirt eas-onoir do Dhia, ag aicheadh Chriosd, milleadh na coguis agus a' sgrios an anama.

Leubh mi mu neach a rinn uaill as, gu 'n chaith e deich bliadhna fichead a' truailleadh agus a' mealladh na h-òige gu 'n teagamh tha iomadh truaghan, agus iomadh uilebheist 'nar measg-ne, a tha deanamh an ceaird, agus an uaill, do mhuinntir òg a mhealladh agus a tharruing chum nam mearachdan, agus nan toibheuman cunnartach sin a tha treòrachadh chum sgrios. Thubhairt aon gu ro cheart, gur iad mearrachd agus amaideachd cordan Shatain leis am bheil e ceangal clann chum an losgadh an ifrinn.

'S fior an ni a thubhairt neach àraidh o chian, Gu bheil am puinnsion mar is tric air òl a cùpan òir; mar sin tha mearachd no barail leth-taobh, ni 's luaithe air an ghabhail a steach anns a choguis, o na mhuinntir is màisiche giulan agus is tlàithe càinnt. Tha mearachd na buitsiche cho salach, 's nam b' e 's gu 'n tigheadh i na cruth féin, dh' fuathaicheadh agus theicheadh neach uaipe, mar o ifrinn'. Mar cuireadh Iesebel dàth air a h-aghaidh, cha 'n fhaigheadh i co liugha adhaltranach òg gu 'leantuinn chum an sgrios féin. O dhaoin' òga! faodaidh beannachd an Tighearn air 'ur leubhadh curamach agus dichiollach, air an leabhar so, bhi na mheadhon sona chum 'ur gleidheadh o bhi air 'ur ribeadh agus air 'ur mealladh leis na h-uilbheistibh sin,

a tha cuairteachadh muir agus tìr chum proselitich a dheanamh air son ifrinn.

Mar so dh' innis mi dhuibh na h-aobhairean a thug orm an leabhar so chur air leth chum seirbhis 'ur n-anama ; bu mhath leam a chreidsinn gu 'n gabhair ris cho caoimhneil, 'sa tha e co treibhdhireach air a thairgse ; tha dòchas agam nach abair a h-aon agaibh-sa dh' ionnsuidh an tig e, mar a thubhairt Righ àraid, 'n uair a thairgeadh leabhar dha le neach eigin, f hreagair e," Cha 'n 'eil cothrom agam." O mhuinntir òga ! mar a tha sùim agaibh do shonas siorruidh 'ur 'n anama mar a b' áill leibh dol as o ifrinn agus neamh a shealbhachadh. mar a b' àill leibh còir a bhi agaibh ann an Chriosd, agus maitheanas ann 'ur 'n uchd, mar a b' áill leibh a bhi beannuichte 'sa bheatha so, agus glòrmhor an deigh 'ur bàis. faighibh ùine, agus cothrom, chum an leàbhar so a léubhadh thairis a's thairis, a tha gù sonruichte air a chur ri cheile air son 'ur maith siorruidh. Ach mu 'n teid mi ni 's faide air m' aghaidh, thà mi 'ga mheas iomchuidh air iomadh doigh. cunntas ni 's soilleire a thoirt d' an t-saoghal mu aobhair eile bhuadhaich orm, gu taisbeanadh aon uair eile ann an clòdh, eadhon :

1. Thachair dhomh searmon a dheanamh air na briathraibh sin, air am bheil an teagasg a leanas air a bhònntachadh, chuireadh impidh dhùrachdach orm le beagan do chàirdibh fiùthail an t-searmon a dhealbh-bhualadh ; chuir mi an aghaidh an iarrtais cho fad 'sa b' urrainn mi ann an stuamachd, a' breithneachadh nach b' airidh i orra : ach thugadh buaidh orm mu dheireadh, agus air dhomh toiseachadh air an obair, dh' analaich Dia orm, air chôr 's gu'n mheudaicheadh an aon searmon sin gu mòran. Tha Luther ag innseadh dhuinn, 'n uair a thionnda esan an toiseach a chulaobh air Pàpanachd, nach do rùnaich e ach cuir an aghaidh reic mhaitheanais agus chomais peacaidh a chur an gniomh, gidheadh cha leigeadh aon chuid Dia no 'naimhdean fois dha, gus na rùnaich e le Maois gun ladhar do Phàpanachd f haghail gun chuir na h-aghaidh.

Tha Dia iomadh uair ann an nithibh an t-soisgeil, a' toirt a' sheìrbhisich air an aghaidh an taobh thàll d' am beachd agus d' an rùin.

2. Ach, Thug an dòigh chairdeil anns na ghabh muinntir ris a chuid eile do m' shaothair, agus na beannachda comharraichte agus pailte a lean iad, ann am mòran a thoirt a dh' ionnsuidh Chriosd, agus ann am muinntir eile thogail suas ann an Chriosd, misneach dhomh chum an leabhar so thairgse do 'n t-saoghal, ann an dochas gu bhe ilaig an Tighearna beannachd ann an stòr air a shon so mar an ceudna.

3. Chum gu 'n deanainn suas ann an tomhas eigin dearmad muinntir eile, a' ghairm an aois, an comas, an eòlas, agus an gràs, o chionn fhada gu nieigin feumail a dheanamh 'san doigh so, agus a chum gu 'm bi iad air am brosnachadh le m' ionnsuidh lag-sa gu ni 's fearr a dheanamh, agus a chum bhi deanamh suas an ni tha dh' uireasbhuidh tre m' anmhuinneachd, agus mo laigsinn spiordail sa, a tha cho lionmhor, 's gur leoir an leithsgeul iad air son gach cioraìn a bheachdaichear le suil ghéur eòlach anns an leabhar so. Ach,

4. Dh' éignich gaol Chriosd agus anama mi d' a ionnsuidh; mar a ta buaidh tharraingeach, mar sin tha buaidh éignichidh ann an gaol Dhé. Ni gaol do Chriosd agus do anamaibh, duine toileach gu caitheamh agus gu bhi air a chaitheamh; esan a chuireas e féin gu bàs le urnuigh, le searmonachadh, le meorachadh, le fallas, air son onoir Chriosd agus math anama, cha bhi e 'n càll mu dheireadh. Tha gràdh Dhé coslach ri slat mhirtle, mar a deir Plini, a bheir air an fhear turuis a ghiulanas i 'na làimh, nach bi e fànn no sgìth gu bràth. Tha gràdh Dhé gle ghniomhach; is dearbhadh nach 'eil e ann mar oibrich e. Cha 'n 'eil gràdh Dhé diomhain, ach gniomhach mar theine; a' neach a gràdhaicheas cha 'n urrainn e bhi neothàrbhach; ni gràdh an t-anam seasmhach, agus pailt ann am math a dheanamh. Cha ghabh Dia a h-aon do neamh arsa Iustin Martair, ach iadsan is urrainn a

dhearbhadh dha le 'n oibribh, gu bheil gràdh aca dha. Thug eadhon na cinnich an aire nach 'eile Dia a' gràdhachadh a chlann le gràdh lag no tais, ach le gràdh làidir buan; agus gu cinnteach iadsan a ghràdhaicheas an Tighearna gu laidir, a ghradhaicheas e le gràdh treibhdhireach, cha 'n urrainn iad gu 'n na h-uile bheagan a th' aca chur a mach air a shon-san agus air son a ghlòire. Ach,

5. Tha mi toirt fainear gu bheil Satan, agus innealan, anabarrach gniomhach agus neo-sgith 'nan innleachdaibh, ' nan oidhearpaibh, agus 'nan dichiollaibh, anns na laithibh so, chum nam meanglain is òige, is maotha, is mo do bheil a dh' earbsa agus is feàrr a tha soirbheachadh 'nar measg-ne, a thruailleadh, a mhealladh, a shalachadh agus a sgrios.

Dh' innis Latimer do 'n chléir 'na là féin, mar foghluimeadh iad dichioll agus faire o na h-Abstoilibh agus o na Faidhibh, iad 'ga f hoghlum o 'n Diabhol, a tha dol sios agus suas air feadh an t-saoghail, agus a' gniomhachadh le saothair neo-sgith, a' sireadh co dh' f haodas e sgrios; 'n uair a ta na madaidh-alluidh a mach, cha bu chòir do 'n bhuachail codal, ach faire dheanamh, a' cuimhneachadh gu 'm b' f heàrr dha fuil gach duine th' anns an t-saoghal a bhi ri agair air, na fuil aon anam le dearmad no doigh air bith eile. Is leomhan Satan, 's cha 'n uan, is leomhan beuchdach e, 's cha leomhan cadalach, cha leomhan e tha seasamh an aon àite, ach leomhan a tha ghnà dol sios agus suas, mar nach biodh e toilichte leis a chreach, leis a mhòran mhuillionaibh de dh' anamaibh a f huair e, tha e sireadh co dh' f haodas e shlugadh suas a dh' aon tarruing, mar a ta 'm focal sin ann an 1 Phead. v. 8, a' ciallachadh; 'se àrd rùn ifrinn a lionadh le anamaibh, ni bu chòir gach uile neach a dhusgadh gu bhi gniomhach, agus gach uile dhichioll a chleachdadh chum a rùn a thoirt gu neo-ni, agus chum slainte anama a chobhair air adhart. Tha Chrisostom a' sàmhlachadh deagh aodhairean ri tobraichibh a ta

ghnàth a' sruthadh a mach uisge, no ri piobaibh-uisge a ta ghnàth a' ruith, ged nach cuirear soitheach air bith fodhpa. Ach,

6. Agus an t-aobhar mu dheireadh, tha mi fiosrach nach 'eil ann am beatha 'n duine gu h-iomlan ach uair gu obair a dheanamh innte; agus mar is mò ni duine sam bith a dh' obair air son Chriosd air talamh, 's ann is fearr a dhuais an uair a ruigeas e neamh. Buainidh gach duine fadheoidh mar a chuir e. Is fiù cothrom seirbhis a dheanamh do Chriosd agus do anamaibh ni 's mo nan saoghal; uime sin bha mi toileach an cothrom so ghlacadh, gun f hios agam cia luath 's is eigin domh am pailliun talamhaidh so chur dhiom, agus air dhomh a chuimhneachadh mar nach 'eil creidsinn no aithreachas 'san uaigh, mar sin nach 'eil urnuigh, searmonachadh, no dealbh-bhualadh 'san uaigh; tha feum againne bhi air ar faicill agus gniomhach, ar dà làmh a chur ris, agus gach ni a ni sinn a dheanamh le ar 'n uile dhichill, air dhuinn f hios a bhi againn gu bheil an òidhche tar-ruing-faisg oirnn anns nach urrainn aon duine obair a dheanamh. Se là bàis a chriosduidh la duaiseachaidh an Tighearn, is àm sin gu duais f haotuinn, agus cha 'n ann gu obair a dheanamh. Mar so thug mi do 'n t-saoghal cunntas firinneach, mu na h-aobhairean a ghluais mi chum an teagasg so a leanas a dhealbh-bhualadh.

Tha iomadh ni 'san leabhar so tha chum feum do na h-uile, agus iomadh ni luachmor nach 'eil gach uile là air a shearmonadhadh no air a léubhadh.— Rinn mi e cho taitneach 'sa cheadaicheadh ùine dhomh, chum gu 'm biodh e ni bu ro bhuannachdail do 'n leubhadair; agus a chum gur ann a b' f heàrr a ghlachd-ainn an duine òg le innleachd naomh, ni a ta na phùinc mhòr do ghliocas neamhaidh, cha 'n eil gliocas air bith co' ionann ri gliocas a choisneas anaman. Leanaidh mi nis an leabhran so le m' urnuighibh lag, gu 'n robh e air a bheannachadh o neamh mar mheadhon

chum cuid egin a thoirt a steach, agus gu dream eile a thogail suas, agus chum math a dheanamh do na h-uile. Agus mar sin co' dhunaidh.

Bhur caraid agus bhur Seirbhiseach, ann an

Soisgeul Iosa Criosd,

TOMAS BROOCS.

OIRDHEIRCEAS

AGUS

DLEASNAS AN DUIN' OIG.

" Agus ni Israel uile caoidh air a shon, agus adhlaicidh iad e: oir theid esan a mhàin o Ieroboaim a dh' ionnsuidh na h-naighe; a chionn gu 'n d' fhuaradh ann ni math a thaobh an Tighearna Dé Israeil, ann an tigh Ieroboaim.—1 RIGH. xiv. 13.

CHA labhair mi ach a mhain air a chuid mu dheireadh do 'n rann so, do bhrìgh gu bheil na briathra sin freagarrach do m' rùn. " A chionn gu 'n d'fhuaradh ann ni math a thaobh an Tighearna Dé Israeil ann an tigh Ieroboaim."

Is moladh na briathra so air caithe-beatha Abiah ; " fhuaradh ann ni math a thaobh an Tighearna," &c. 'N uair a bha Abiah na leanabh òg agus maoth, bha siol nan gràs ann, bha iomhaigh Dhé air, b'aithne dha dealachadh a' chur eadar math agus olc, agus rinn e an ni a bha taitneach ann an sùilibh an Tighearna.

Thainig Abiah gu aois agus gu tuigse, gu 'm b'aithne dha am math a roghnachadh agus an t'olc a dhiultadh ; bha e na Lot ann an Sodom, bha e math am measg an uilc, bha rùn a chridhe suidhichte air a ni bha math ; 'n uair a bha cridhe athair agus a mhathair araon suidhichte air olc.

Thoisich Abiah ri bhi math gu moch, chuir e 'n aghaidh a ghnàthfhocail mhilltich sin, "Naomh òg, agus seann diabhol." Is e glòir agus maitheas Dé gu'n toir e fainear am math is lugha th'ann an neach air bith d'a mhuinntir féin, 1 Pead. iii. 6. Cha robh ach aon fhocal math ann an cainnt Sharaih ri Abraham, eadhon, ghairm i a Tighearna dheth, agus tha Dia aig ainmeachadh so chum a h-onoir agus a cliù; tha ni 's mò mheas aig Dia air aon ghrainne cruithneachd, na th' aige air dùn mùill, air aon neamhnuid dhealrach, na air dùn aolaich. Fhuair Dia neamhnuid ann an Abiah, agus chuir se e 'na chrùn, chum a chliù siorruidh. "Fhuaradh ann ni math a thaobh an Tighearna," &c. Tha 'm focal Eabhra *Matsa*, air uairibh a' ciallachadh faotuinn gun iarraidh, Isa. lxv. 1. "Fhuaradh mi leo-san nach robh 'gam iarraidh:" air an doigh cheudna, Salm cxvi. 3, "Chuairtich doilgheasan a' bhàis mi, agus ghlac piantan ifrinn mi, fhuair mi trioblaid agus bròn." Fhuair mi trioblaid air son nach d'amhairc mi, cha robh mi rannsachadh an deigh doilghios, ach fhuair mi e. "Ghlac piantan ifrinn mi;" mar sin tha sinn a' leubhadh, ach 's e th' anns an Eabhra, "Fhuair piantan ifrinn mi" (tha'n t-aon fhocal a' ciallachadh an dà chuid), fhuair iadsan mise, cha d'fhuair mise iadsan. "Fhuaradh ann an Abiah ni math a thaobh an Tighearna," is e sin ri radh, fhuaradh annsan gun rannsachadh no iarraidh, ni math a thaobh an Tighearna, bha e soilleir gu leòir, dh'fhaodadh muinntir fhaicinn agus a thoirt fainear gun fhiosrachadh no iarraidh, dh'fhaodadh iad ruith agus ni math a leubhadh ann a thaobh an Tighearna.

2. Tha 'm focal air uairibh a' ciallachadh faotuinn le iarraidh no fiosrachadh, Isa. lv. 6. "Iarraibh an Tighearna, am feadh a ta e r'a fhaotuinn," &c. Mar

sin le rànnsachadh agus fiosrachadh, fhuaradh ann an Abiah, 'na òige, ni math a thaobh an Tighearna.

3. Air uairibh tha 'm focal a' ciallachadh ni 's leòir fhaotuinn, Josh. vii. 16.; Air. xi. 22.; Breith. xxi. 14. Bha ann an Abiah a' math sin a thaobh an Tighearn, a bha ni bu leòir gu e féin agus muinntir eile a riarachadh mu mhaitheas agus mu shonas a chor, ged fhuair e bàs ann an laithibh òige, &c.

" Agus fhuaradh ann ni math a thaobh an Tighearna"—tha 'm focal Eabhra th' ann an so eadar-theangaichte màth, a' ciallachadh:

1. Sin a ta ceart agus firinneach, 2 Sam. xv. 3,— " Feuch, tha do chùisean math agus ceart," 'se sin ri ràdh, firinneach agus ceart.

2. Sin a ta buannachdail, Deut. vi. 11. " Tighean làn do gach ni math," 'se sin ri ràdh, tighean làn do gach ni buannachdail.

3. Sin a ta taitneach, 2 Sam. xix. 27. " Dean a ni sin a ta math a' d' shuilibh," 'se sin ri ràdh, dean a ni sin a ta taitneach a' d' shuilibh.

4. Sin a ta làn chriochnaichte, Gen. xv. 15. " Adhlaicear thu 'n deagh shean aois," se sin ri ràdh, adhlaicear thu 'nuair bhios t-aois làn chriochnaichte.

5. Sin a ta aoibhneach agus sòlasach, 1 Sam. xxv. 8. " Air là math thainig sinn," 'se sin ri ràdh, air là aoibhneach agus sòlasach thainig sinn. Nis cuir na nithe so uile cuideachd, agus faodaidh tu fhaicinn gu 'n d' fhuaradh ann an Abiah, 'na òige, sin a bha taitneach agus buannachdail, agus sin a bha na aobhar aoibhneis agus sòlais.

Anns na briathraibh so tha dà ni ro àraidh agaibh ri 'n toirt fainear.

1. Gu'n robh maitheas an duin' òig so a thaobh an Tighearna Dé Israeil; tha mòran ann a ta math, seadh

fior mhath a thaobh dhaoine, a ta olc, seadh fior olc a thaobh Dhé. Tha cuid ann a ta gle chaoimhneil do 'n chreutair; agus gidheadh gle neo-chaoimhneil d' an Cruithear; tha maitheas lionmhoireachd a thaobh a chreutair, mar eiridh na gréine: ach am maitheas a thaobh an Tighearna mar nèul maidne, no mar an driuchd mhoch, a thiormaichear suas gu h-ealamh le gàthaibh na gréine; gidheadh, bha maitheas Abiah a thaobh an Tighearna, bha aghaidh a mhaitheis air an Tighearna, dh' amhairc e a thaobh glòir Dhé. Dà ni a ni deagh Chriosduidh, gniomhara math agus rùintean math; agus ged nach dean deagh rùn droch gniomh gu math (mar ann an cŏr Udsiah) gidheadh ni droch rùn gniomh math gu h-olc (mar ann an cor Iehu) neach ged ghabhadh tlachd 'na cheartas, gidheadh air an d' rinneadh peanas air son a riaghlaidh, Hos. i. 4. Gun teagamh bha gniomhara agus ruintean Abiaih math; agus gu cinnteach b'e sin a ghlòir, gu 'n robh a mhaitheas a thaobh an Tighearna.

Leubh mi mu dhithis òganach a ghiulain am pàrantan air am muin troimh an teine, 'n uair a bha tigh an athair uile 'na lasair; bha na daoin' òga sin math a thaobh am paranta, ach ciod e sin ann an coimeas ri maitheas Abiah a thaobh an Tighearna, &c. Cha 'n urrainn duine bhi math a thaobh an Tighearna, nach 'eil math a thaobh a cho'chreutairean; gidheadh faodaidh duine bhi math a thaobh a cho'chreutairean nach 'eil math a thaobh an Tighearna. Mo thruaighe! gu bheil cleachdainnean dhaoine gach là a' toirt dearbhadh ro shoilleir air an ni so, &c.

2. Bha e math am measg an uilc, bha e math ann an tigh Ieroboaim; tha e na chleachdadh a bhi coslach (aig a chuid is lugha) ri bhi math am measg na muinntir a ta math, gidheadh tha bhi da rìreadh math nam

measg-san a ta gu sònruichte olc, a' dearbhadh cha 'n e a mhàin firinn a mhaitheis, ach tomhas mòr do mhaitheas; bha 'n duin' òg so math ann an tigh Ierobaim a thug air Israel peacachadh; mar a ta 'n t' iasg a ta beò anns a chuan shaillt ùr, eadho mar sin, ged bha Abiah beò ann an cuan do dh' an-diadhachd, ghleidh e a mhaitheas a thaobh an Tighearna. Tha iad ag ràdh, gu 'm fàs an ròs ni 's milse 'n uair a shuidhichear e laimh ris a chreamh: gu cinnteach tha iad nan Criosduidhean milis agus ainneamh, a ghleidheas am maitheas, agus a dh' fhàsas ann am maitheas far am bheil an-diadhachd na suidhe air a chathair, agus b' e leithid sin a neach a bh' anns an duin' òg anns a bhònn teagaisg.

Tha bhi na chruithneachd am measg chogail, na choirce am measg mhuill, agus na ròs am measg dhroigheann, na ni ro òirdheirc. Tha bhi na Ionatan an cùirt Shauil, na Obediah an cùirt Ahaib, na Obedmelech an cùirt Shedeciah, agus na Abiah an cùirt Ierobaim, na iongantas, agus na mhiorbhuill. 'Se a bhi na Lot ann an Sodom, a bhi na Abraham ann an Caldea, a bhi na Dhaniel ann am Babilon, a bhi na Nehemiah ann an Damascus, agus a bhi na Iob ann an tir Uis, a bhi na naomh am measg dhiabhola; agus b' e leithid sin a neach a bh 'anns an duine 'sa bhónnteagaisg. Tha anaman gràsmhoir a' dealradh ni 's ro shoilleire, 'n uair a chuirear iad làimh ri muinntir a tha do ghné dhùbh; cha do dhealraich aghaidh Stephain riamh cho neamhaidh, agus cho glormhoir anns an eaglais, far an robh na h-uile deagh-bheusach, 's a dhealraich i fa chomhair na comhairle, far an robh na h-uile droch-mhuinte agus mi-runach. Mar sin bha Abiah na reult dhealrach agus na ghrian shoilleir, ann

an cùirt Ierobaim, a bha na dearbh-ifrinn le mi-naomhachd agus an-diadhachd.

Tha 'sna briathraibh a roghnaich mi chum labhairt orra, iomadh ni ri thoirt fainear, gidheadh cha 'n ainmich mi ach aon a mhain, air a bheil mi rùnachadh labhairt aig àn am, eadhon:

CAIBIDEIL I.

Gu bheil e na ni ro thaitneach agus cliùteach do dhaoinibh òga bhi da rìreadh math gu tràthail.

Tha sgriobtuirean eile a' cur an céill so bhi na fhirinn a thuilleadh air na bheil agaibh anns a bhònnteagaisg gu dhearbhadh, mar a ta sin ann an 2 Eachd. xxxiv. 1, 2, 3. Bha Iosiah ochd bliadhna dh' aois 'n uair a thoisich e air rioghachadh, agus rioghaich e ann an Ierusalem aon bhliadhna deug thar fhichead, agus rinn e an ni sin a bha ceart ann an suilibh an Tighearna, agus dh' imich e ann an slighibh Dhaibhidh 'athar, agus cha do chlaon e dh' ionnsuidh na làimhe deise no na làimhe clithe; oir anns an ochdamh bliadhna d' a rioghachadh, 'n uair a bha e fathast òg, thoisich e air Dia Dhaibhidh 'athar iarraidh; agus anns an dara bliadhna deug thoisich e air Iudah agus Ierusalem a ghlanadh o na h-àitibh àrda, agus na doireachaibh agus na dealbhaibh snaidhte, agus na dealbhaibh leaghta." B' e cliù Obadiah, gu 'n robh eagal an Tighearn air o òige; agus crùn Thimoteuis gu 'm b' aithne dha na sgriobtuire o bha e na leanabh; agus aoibhneas an Abstoil Eoin, gu 'n d' fhuair e clann aig imeachd anns an fhirinn; dh' ath-bheothaich sin a sheana chridhe, agus thug e air dànnsa 'na uchd le

aoibhneas. Cha bhiodh ann an tuilleadh ùine a chaitheamh ann an dearbhadh na firinn so, ach mar gu 'n laiste coinnlean a dh' fhaicinn na gréine mu mheadhon là.

'S iad aobhairean na pùinc so, iad sin a leanas:

Aobhar I. A chionn gu bheil an Tighearna 'ga àithneadh, agus cha 'n 'eil àithntean Dé ri 'n cuir an teagamh, ach ri ùmhlachd a thoirt dhoibh, Ecl. xii. 1. "Cuimhnich a nis do Chruithear ann an laithibh t' òige, mu 'n tig na droch laithibh, agus an druid na bliadhnacha riut, anns an abair thu, cha 'n 'eil tlachd agam annta."

Cuimhnich a nis do Chruithear; cuimhnich e air ball, oir cha 'n 'eil fhios agad ciod a bheir là, no uair a mach, cha 'n urrainn duit innse ciod am peacadh basmhoir, ciod am buaireadh bàsmhoir, ciod am breitheanas bàsmhoir a dh' fhaodas breith ort, mur cuimhnich thu a nis do Chruithear. Cuimhnich a nis do Chruithear; cumhinich gu 'n gabh thu eolas air, cuimhnich gu 'n gabh thu tlachd ann, cuimhnich gu 'n gràdhaich thu e, cuimhnich gu 'm miannaich thu e, cuimhnich gu 'n earb thu as, cuimhnich còir fhaotuinn ann, cuimhnich a bhi beò dha, agus cuimhnich gu 'n imich thu maille ris. Cuimhnich a nis do Chruithear; ach 'se th' anns an Eabhra Cruithearan, Athair, Mac, agus Spiorad. Chum duine dheanamh ghairmeadh comhairle air neamh, Gen. i. 26. Cuimhnich do Chruithearan, cuimhnich an t-Athair chum aithne bhi agad air, chum eòlas a bhi agad air o 'n leith a stigh; cuimhnich am Mac, chum creidsinn ann, chum earbsadh as, chum dlù ghabhail ris, agus a chum thu fein a thoirt thairis gu h-iomlan dha; cuimhnich an Spiorad chum eisdeachd r' a ghuth, chum umhlachd a thoirt d' a ghuth, chum a lathaireachd a mhothachadh, agus chum a chumhachd fhiosrachadh.

Cuimhnich a nis do Chruithear ann an laithibh t' òige; cha'n 'eil e 'g ràdh ann an àm t' òige, ach an aithibh t' òige; a' ciallachadh, nach 'eil ann ar beatha ach beagan laithean; cha 'n 'eil innte ach deatach, no sgàile bruadair; agus uime sin mar a deir neach àraidh, ged a tha 'm bàs roimh aghaidh an t-seann duine, gidheadh faodaidh e bhi co faisg air culaobh an duin òig, &c. Is sgaile deatach beatha 'n duine—tha neach an teagamh co aca ghairmeas e dh' i beatha bhàis, no beo bhàs. O dhaoin' òga! tha Dia ag àithneadh dhuibh bhi math na thrath. Cuimhnichibh, gu bheil e na ni cunnartach dearmad a dheanamh air aon do aitheanta an Ti sin, a tha comasach 'ur 'n àithneadh gu neo-ni, no gu ifrinn. A dhol direach an aghaidh aithne shoilleir Dhé, ged a b' ann fo sgàile foillseachaidh o Dhia, is uiread e 's is fiù beatha duine, mar dh' fhaodas sibh fhaicinn anns an sgeul bhrònach sin, 1 Righ. xiii. 24.

Cuireadh daoine òg an uile reusonta feolmhor, ge b' e co lionmhor agus co tròm, ann an aon slige, agus àithne sheasmhach Dhé 'san t-slige eile, agus an sin sgriobh Tecel air an uile reusonachadh; tha iad air an tomhas air a mheigh, agus fhuaradh easbhuidheach iad. O mhuinntir òga! an ni a tha Dia ag aithneadh feumar a chur an gniomh gu h-ealamh, gun aicheadh no moille, no connsachadh mu 'n chruaidhchas a tha 'ga leanmhuinn. 'Nuair a tha Dia a' gairm air muinntir òg chum seirbhis a dheanamh dha am madainn an oige, tha iad mar is tric a' cur dàil ann gus an glacar iad le altaibh criothanach, suilibh ànmhuinn, cridheachaibh fann, lamhaibh failinneach, agus gluinibh lag, gidheadh bithidh searbhas ann mu dheireadh.

II. A chionn gu bheil meadhona agus cothroma aca air a bhi math na thràth. Cha robh riamh aig duine meadhona ni 's fearr agus cothroma ni 's mò

air a bhi math, air math a dheanamh, agus air math fhaotuinn, na nis. O Thighearna ! cia fiosrach, cia creidmheach, cia naomh, cia neamhaidh, cia iriosal 'sa dh' fhaodadh muinntir òga bhi, mur bith gu 'n dhearmaid iad an anama féin? Dh' fhaodadth muinntir òga bhi math, seadh sonruichte math, nan deanadh iad feum iomchuidh do mheadhonaibh nan gràs, do thairgsean tròcair, agus do bhualadh Chriosd le 'fhocal, le 'ghniomhraibh, agus le 'Spiorad. O shean rinn iad dealbh cothrom le clar eudainn mholach, ach cùl cinn maol, a' ciallachadh, gu faod duine greim a dheanamh air cothrom am feadh a ta e roimh aghaidh, ach ma cheadaicheas e dha goid air falbh, cha 'n urrainn e thoirt air ais a rithists. Cia lion òganach a ta nis an slabhruidhibh sìorruidh, a bheireadh deich mile saoghal, nam biodh uiread aca gu thabhairt, a chionn cothrom a mhealtuinn gu aon searmon eile eisdeachd, gu aon urnuigh eile dheanamh, gu aon Sabaid eile choimhead, ach cha 'n fhaod iad ? Is i so ifrinn am péin-sa, is i so an scorpion a tha ghnà a' sgobadh, is i so a chnuimh a tha ghnà a' cnàmh. Anaoibhinn dhuinn gu 'n d' rinn sinn dearmad agus gu 'n mhi-bhuilich sinn le suarraich, na cothroma luachmhor sin a bha againn aon uair chum maitheanas ar peacaidh fhaotuinn, ar nàduir atharrachadh, ar cridheàchan a dheanamh ni 's fearr, ar coguisean a ghlanadh, agus ar n-anaman a thearnadh, &c. Leubh mi mu Righ, aig nach robh sliochd a shealbhaicheadh àite, air là àraidh air dha òganach taitneach fhaicinn, thug se e dh' ionnsuidh a chùirt, agus chuir se e fo laimh luchd-teagaisg chum fhoghlum, agus dh' òrduich e 'na thiomnadh, nam b' airidh e air riaghladh, gu 'm biodh e air a chrùnadh na Righ, ach mar b' airidh gu 'm biodh e air a cheangal le slabhraidhibh, agus air a chur na thràill air luing.

Nise 'nuair a thainig e gu aois, bhreithnich tuitfhèaran an Righ, gu 'n dhearmad e gu brònach na meadhona, agus na cothroma sin, leis am faodadh e bhi air a dheanamh iomchuidh, air son na Rioghachd a riaghladh, ghairm iad e nan lathair, agus chuir iad an céill toil agus aithne an Righ mu thimchioll, ni a chuireadh an gniomh a réir sin: oir thug iad fainear esan a cheangal le slabhruidhibh agus a thoirt thairis do na longaibh. Nise ciod an teangaidh 's urradh chur an céill. cia mòr a bha e air a ghluasad agus air a thriobloideachadh le 'chòr brònach agus truagh, gu h-àraidh 'n uair a smuainich e ann féin, gu bheil e nis air a cheangal le slabhruidhibh, a dh' fhaodadh a bhi mealtuinn saorsa; nise tha e na thràill, a dh' fhaodadh a bhi na Righ; nise tha e air a riaghladh le Turcaich, a dh' fhaodadh uair eigin a bhi riaghladh thar Criosduidhean. Tha 'n cleachdadh farasda.

O dhaoin' òga! an gabh Satan gach uile chothrom chum 'ur buaireadh? an gabh an saoghal agus daoine aingidh gach uile chothrom chum 'ur mealladh, 'ur ribeadh agus 'ur sgrios? an gabh cairdean criosdail, agus teachdairean dileas Dé gaach uile chothrom chum 'ur deanamh ni 's fearr, agus 'ur saoradh, agus an dean sibhse dimheas air slainte co mòr? Tha mòran ann an laithibh an òige, 'n uair a dh' fhaodadh iad tròcair, Criosd, maitheanas, sìth, agus flaitheanas fhaotuinn, cha 'n àill leo; agus nan sean aois, 'n uair a b' àill leo Criosd, maitheanas, sìth, agus flaitheanas fhaotuinn, cha 'n urrainn agus cha 'n fhaod iad. Tha Dia, mar gu 'n abradh e, mar a thubhairt Theseus aon uair, rach, ars' esan, agus innis do Chreon, tha Theseus a' tairgse dhuit tairgse ghràsmhor fathast, tha mi toilichte sinn a bhi réidh ri cheile, ma striochdhas tu (is i so mo cheud teachdaireachd) ach mar buadhaich an tairgse so, bitheadh dùil agad riumsa mar namhad.

III. A chionn aig àm àn oige gu bheil am peacanna ni 's teirce agus ni 's lugha, gu freagairt agus gu aithreachas a' ghabhail air an son, tha mòran peacaidh agus doilghiosan air am bacadh le bhi math na thràth, Mar is trice dh' aireamhas sinn ar laithean, 's ann is teirce aireamh ar peacaidh. Mar a tha sgriobhadh ni 's tearuinte o dhubhadh, 'n uair a chuirear dùs air; eadhon mar sin tha sinne ni 's tearuinte o pheacachadh, 'n uair a chuimhnicheas sinn ann an àm ar 'n òige, nach 'eil annainn ach dùs. Tha dèoir na h-òige aithreachail, a' deanamh ni 's mò losgadh air na deamhnaibh, na uile lasraichean ifrinn, oir le so tha 'n dòchas uile air a thoirt gu neo-ni, agus innleachdan namhaid mòr ar n-anaman air an tilgeadh bun os-ceann. Tha 'n Diabhol ag ràdh, dean moille, tha ùine ni 's leòir gu aithreachas a ghabhail; ach tha Dia ag ràdh, gabh aithreachas gu moch, ann am madainn t-òige, oir aig an àm sin bithidh do pheacaidh ni 's teirce agus ni 's lugha. Air an aobhar sin, a mhuinntir òga, cuimhnichibh so, esan nach ceannuich comhairle mhath saor o 'n cheud laimh, ceannaichidh e o 'n dara laimh aithreachas tuille 's daor. O dhaoin òga! mar toisich sibh ri bhi math, na peacaidh sin a ta nis mar sheudaibh a' dealradh ann 'ur suilibh, bithibh iad fadheoidh nan clachan muilinn ceangailte mu bhur muineal chum 'ur toirt fo gu siorruidh.

A measg iomadh ni air son an tug Besa buidheachas do Dhia 'na thiomnadh deireannach, b' e so an ceud ni agus an ni àraidh, gu 'n ghairm se e aig aois shea bliadhna deug chum eòlas na firinn, agus mar sin gu 'n bhacadh mòran peacaidh agus doilghiosan, air mhodh eile a ghlacadh e agus a dheanadh a bheatha ni bu neo-shona, agus ni bu ro thruaighe.—

Tha naoimh òg gu tric a' teachd gu bhi na'n seann ainglean, ach 's ainmic a tha seann pheacaich a' teachd gu bhi na'n naoimh mhath.

IV. A chionn gur tàlan luachmhor ùine air son am feum daoin' òga cunntas a thoirt. Agus mar is luaithe thoisicheas iad ri bhi math, 's ann is socraiche bhios an cùnntas, gu h-àraidh a thaobh an talann mhòr sin ùine. Tha cuid do na cinnich a' cumail a mach, gu 'm feumair cunntas a thoirt, cha 'n e a mhain as ar saothair, ach mar an ceudna as ar socair —bithidh e soilleir aig an là mhòr, gu'n d' rinn iadsan a chaith an ùine ri bròn, ni b' fhearr na iadsan a chaith an ùine ri dannsa; agus iadsan a chaith mòran laithean 'gan irioslachadh féin, ni b' fhearr na iadsan a chaith mòran laithean ri sugradh diomhain. Leubh mi mu dhuine cràbhach, a theireadh, an uair a chluinneadh e uaireadair a' bualadh, an so a ta aon uair seachad air son am feum mise bhi freagarrach. O mhuinntir òga! mar a tha ùine ro luachmhoire mar sin tha i ro ghoirid; tha ùine gle luath, siubhlaidh i gu h-obann; Iob ix. 25. "Bha mo laithean nì bu luaithe na gille-ruithe, theich iad air falbh, cha 'n fhac iad math." Tha 'm focal Eabhra, ni bu luaithe na gille-ruithe;" a' ciallachadh ni sam bith a ta eatrom a chionn gu bheil nithe eatrom ullamh gu gluasad.

Bha iomhaigh ùine air a deanamh o shean le sgiathaibh, mar gu 'm biodh i, cha 'n ann a' ruith ach aig itealaich. Tha ùine coslach ris a' ghrian, nach stad gu bràth, ach a tha ghnàth a' ruith a réis; stad a ghrian aon uair, seadh, chaidh i air a h-ais, ach cha deach ùine riamh air a h-ais. Tha ùine a ghnàth a' ruith agus aig itealaich; cha 'n eil innte ach sealladh, sgàile, no bruadar; a mhuinntir òga, an urrainn duibh so thoirt gu cùramach fainear, agus gu 'n tòi-

seachadh ri bhi math gu tràthail? Gu cinnteach cha 'n urrainn duibh. Mo chàirdean, ged robh an talamh uile air am bheil sinne a' saltradh air a thionndadh gu gu meal òir, cha b' urrainn e aon mhionaid a dh' ùine cheannach. O doilghiosan na muinntir mhallaichte, air son mar mhi-bhuilich iad ùine phriseil! O ciod nach tugadh iad gu bhi saor, a chum meadhona nan grais a mhealtuinn aon uair! O ciod an aire dhurachdach, ciod an rùn, ciod a bhall-chrith agus an leaghadh cridhe, ciod an t-ocras agus an tart leis an eisdeadh iad am focal! Bu mhath am bathar Uine, ann an ifrinn, arsa Bernard, agus bu gle bhuannachdail a mhalairt, far an tugadh duine deich mile saoghal (nam biodh iad aige) air son aon là. A dhaoine òga, an urrainn duibh so a chreidsinn da rireadh, agus gu 'n toiseachadh ri bhi math? O mhuinntir òga! mar a ta gràdh agaibh do bhur 'n anamaibh priseil neo-bhāsmhor, mar a b' àill leibh a bhi sona 'nur beatha, agus beannuichte 'nur bàs, agus glormhor an deigh 'ur bàis; na caithibh ni 's mò do bhur 'n ùine phriseil ri òl agus striopachas, ri cluich air chairtibh, 's air dìsdibh agus ri dannsa; na caithibh 'ur n' ùine ri amaideachd, na caithibh 'ur 'n ùine ri mionnaibh, na caithibh 'ur 'n ùine ri neoghloine, na caithibh 'ur 'n ùine ri breugaibh, ach toisichibh ri bhi math do bhrigh gur tàlann ùine air son am feum sibh cunntas a thoirt do Dhia. O mhuinntir òga! faodaidh sibhse bhi 'g aireamh bhliadhnaibh, seadh, moran bhliadhnachan fathast ri teachd, 'n uair math a dh' fhaodta nach 'eil uiread a dh' uairean agaibh chum 'ur cunntais a dheanamh ullamh: faodaidh e bhith air an oidhche nochd gu 'n gairmear sibh, agus ma tha 'ur 'n ùine air a caitheamh, agus 'ur 'n obair gun toiseachadh, ciod an cŏr brònach 'sam

bi sibh ; nach b' fhearr leibh nach beirte riamh sibh? Bu ghnàth le Seneca bhi magadh air na h-Iudhaich air son an droch thuathanais, do bhrigh gu 'n chàill iad aon là as na seachd, a' ciallachadh na Sabaid aca: O: gu 'n e bhi tuille 's fior mu 'n chuid mhòr do luchd aideachaidh, araon òg agus sean, nach e mhàin gu bheil iad a' càll aon là as na seachd, ach iomadh là as na seachd. Mo chàirdean, an ùine a chaidh seachad cha ghabh i toirt air a h-ais, is ann mar a sin a fhuair na h-òighean amaideach, Saul, Herod, agus na h-Israelich, a chùis; seadh, Iacob, Iosiah, agus Daibhidh, ged bu daoine math iad, gidheadh is ann mar sin a fhuair iad a chùis chum an càll.

Tharruing na h-Eiphitich dealbh na h-Aimsir le tri chinn ; an ceud cheann, eadhon, ceann madadh-allaidh gionnaich, le beul fosgailte air son na h-Aimsir a chaidh seachad, do bhrigh gu 'n d'ith i suas gu ciocrach cuimhne co liugha ni a chaidh seachad nach gabh toirt air an ais: An dara ceann, eadhon, ceann leomhain air a chrūnadh, a' beuchdaich air son na h-Aimsir a ta lathair, do bhrigh gu bheil uachdaranachd aice air na h-uile ghniomharaibh, air son am bheil e 'g ard ghlaodhaich. An treas ceann, eadhon, ceann madaidh chealgaich a' sodal air son na h-Aimsir ri teachd, do bhrigh gu bheil i a' beathachadh cuid do dhaoinibh le iomadh dòchas miodalach, chum an sgrios siorruidh. O mhuinntir òga! mar a b' àill leibh 'ur cunntas a thoirt suas fadheoidh le aoibhneas a thaobh an tàlann sin, an Aimsir a dh' earb Dia ribh, toisichibh ri bhi math na thràth.

V. A chionn gu'm bi an sòlas agus an t-aoibhneas is mò aca 'nuair a thig iad gu bhi aosda, Salm lxxi, 5, 17, 18, air an coimeasachadh. "Oir is tusa mo dhochas, a Thighearna Dhé, mo dhoigh o m' òige. O Dhé theagaisg thu mi o m' òige, agus gu ruige so chuir mi

t' oibre iongantach an céill. Agus a nis an uair a ta mi seau agus liath, a Dhé, na treig mi, gus an cuir mi an céill do neart do 'n àl so, agus do gach àl ri teachd do chumhachd."

B'urrainn Policarp a' radh, 'n uair a bha e aosda, " Rinn mi seirbhis do mo mhaighistir, Criosd, o chionn iomadh bliadhna agus gu ruige so bhuin e gu math rium." Ma bhios muinntir a dh' iompaichear òg gu beò gu bhi sean, cha 'n 'eil aoibhneas ri choimeasachadh ri 'n aoibhneas-san, 'se 'n aoibhneas-san aoibhneas is mò, aoibhneas coslach ri aoibhneas an fhoghair, aoibhneas coslach ri 'n aoibhneas-san a roinneas a chreach: 'se 'n aoibhneas-san aoibhneas is fallaine, aoibhneas is cudthromaiche, aoibhneas is naomha, aoibhneas is gloine, aoibhneas is treise, agus aoibhneas is maireannaiche; cha 'n 'eil an aoibhneas feolmhor nan aingidh, an aoibhneas dealrach òr an duine shaoghalta, agus an aoibhneas baoilsgeach a chealgair, ach mar fhuaim droigheann fo phoit, ann an coimeas ri aoibhneas agus ri sòlas na muinntir so, is urrainn a' radh nan sean aois maille ri deagh Obadiah gu 'n robh eagal an Tighearn orra o 'n òige. Ma 's e 's aig àm 'ur 'n oige, gu 'm bi 'ur sùilean làn deòir air son peacaidh, 'nuair a thig sibh gu aois bidh 'ur cridhe làn aoibhneis. Aig an leithid sin bidh am fion is fearr mu dheireadh.

O! gu 'n toisicheadh daoin' òga ri bhi math na thràth, chum gu 'm bi am foghair is mò do dh' aoibhneas aca 'n uair a thig iad gu bhi aosda. 'S brònach a ni bhi cuir 'ur sìl, 'n uair bu chòir dhuibh a bhi buain 'ur foghair; is fearr tional an sàmhradh na h-òige fa chomhair geamhradh sean aois.

VI. A chionn gu bheil siorruidheachd do shonas agus do ghlòir, an crochadh air a bheagan mhòmaindean a th' air a chomharrachadh dhoibh. Bu mhath

a cheist a d' fheoraich an duin' òg, " Ciod a ni mi chum gu sealbhaich mi a' bheatha mhaireannach?" Tha fhios agam gu'm bi mi gu siorruidh sona, no gu siorruidh mi-shona, gu siorruidh beannuichte no gu siorruidh mallaichte, gu siorruidh air mo thearnadh, no gu siorruidh àir mo dhìteadh.

O! ciod a ni mi chum gu sealbhaich mi a' bheatha mhaireannach? Tha mo chùraman, m' eagalan, agus mo thrioblaidean uile mu thimchioll na siorruidheachd, cha 'n urrainn ùine no àl ruigheachd no bhi air a sineadh a mach gu siorruidheachd, cha 'n urrainn teangaidh siorruidheachd a chur an céill. Is aon là bith-bhuan siorruidheachd, air nach tig crioch gu bràth.

Ciod a ni mi, ciod nach dean mi, chum gu 'm bi mi sona gu siorruidh? Tha mi nis òg agus ann an treun mo neirt; ach cò aig a' bheil fhios ciod a bheir là amach? Tha 'n cudthrom is mò 'n crochadh air na cordaibh is caola, agus tha siorruidheachd an urradh ris a bheagan uairean sin a tha mi gu bhi beò anns an t-saoghal. O! ciod an t-aobhar uime sin a th' agamsa air a bhi math, air Dia aithneachadh, air creidsinn, air aithreachas a ghabhail, air mo shìth a dheanamh cinnteach, agus mo mhaitheanas fhaotuinn air a shéuladh, air mo nadur fhaotuinn air athnuadhachadh, mo choguis air a glanadh, agus mo chòir ann an Criosd air a dearbhadh, mu 'm beir siorruidheachd orm, mu 'n ruith mo ghloine, mu'n teid mo ghrian fo, mu 'n ruith mo réis, air eagal gu 'n glac oidhche dhubh dhorch, dhorch na siorruidheachd mi, agus gu 'm bi mi truagh gu bràth.

Leubh mi mu dhuine àraidh, chum 'n do chuireadh gibhtean mòr, a phill an t-iomlan dhiubh air an ais a rìs, ag ràdh, cha 'n 'eil mi 'g iarraidh ach an aon ni so a mhain o do mhaighistir, eadhon, a bhi 'g urnuigh air mo shon, gu 'm bi mi air mo thearnadh gu siorruidh.

O gu 'm biodh na h-uile mhuinntir òg, a tha deanamh am flaitheanas do 'n talamh, pàrras do 'n toilinntinn, tha 'g itheadh do 'n t-sail, agus ag òl a' mhilis, a tha 'g an sgeadachadh féin gu saoibhir, agus a' crùnadh an cinn le ròsaibh, gu 'n smuainicheadh iad gu curamach mu 'n t-siorruidheachd, chum a bhi 'g eisdeachd mar air son siorruidheachd, chum a bhi beò mar air son siorruidheachd! chum gu 'm bi aca ri ràdh, mar a thuirt dathadair àraidh, tha mi dath air son siorruidheachd: tha sinne deanamh na h-uile ni air son siorruidheachd—tha sinn a' creidsinn air son siorruidheachd, tha sinn a' ghabhal aithreachas air son siorruidheachd, agus tha sinn a' toirt umhlachd air son siorruidheachd. O na deanaibh na nithe sin siorruidh air son peanais, nach urradh bhi siorruidh air son feum. O mhuinntir òga, tha Criosd a' gairm, agus tha fuil Iosa Criosd a' gairm, tha spiorad Chriosd anns an t-soisgeul a' gairm, tha corruich Shatain a' gairm, tha ur staid agus 'ur cŏr brònach a' gairm, agus tha staid shona agus bheannuichte naoimh air an glòrachadh a' gairm; tha iad sin uile gairm gu h-àrd oirbhse siorruidheachd ghlormhor a dheanamh cinnteach, mu 'n seol sibh a mach a dh' ionnsuidh na cuain uabhasaich. Tha 'ur math siorruidh uile 'n earbsa ri momaindibh goirid agus neo-chinnteach 'ur beatha; agus ma 'se 's gu 'm bi snaithean 'ur beatha air a ghearradh mu 'm bi siorruidheachd shona air a deanamh cinnteach, 's an-aoibhinn duibh gu 'n d' rugadh riamh sibh. O dhuin' òig, na abair gu bheil thu òg, agus gu 'm bi ùine gu leoir an deigh so gu ullachadh air son siorruidheachd; oir faodaidh e bhi gu bheil siorruidheachd aig an dorus ullamh gu do ghiulan air falbh gu bràth. Tha féin-fhiosrachadh lathail a' cur an céill gu bheil siorruidheachd co faisg iar culaobh an duin' òig, 's a tha i roimh aghaidh an

t-seann duine. O glac an diugh crùn siorruidheachd bheannuicht, air eagal gu 'm bi thu air do ghearradh air falbh mu 'n tig a mhaduinn! Ged nach eil ach aon rathad gu tighinn a stigh do 'n t-saoghal, gidheadh tha mìle rathad chum dol amach as an t-saoghal: air an aobhar sin, a mhuinntir òga, cuimhnichibh so, mar a tha gluasadan an anma ealamh, mar sin tha gluasadan ceartas Dé ealamh mar an ceudna; agus mur eisd sibh ri guth Dhé an diugh, mur ullaich sibh an diugh air son siorruidheachd, faodaidh gu 'm mionnach Dia a' maireach nach teid sibh gu bràth a steach d' a shuaimhneas; tha e na ni ro bhrònach agus cunnartach a bhi faoineas agus a miodal ri Dia, ri fhocal, ri 'thairgsibh, ri ar 'n anamaibh fein, agus ri siorruidheachd: uime sin, saothraicheadh gach uile mhuinntir òg gu bhi math gu tràthail, agus na leigeadh iad fois dha 'n Ti sin is e féin ceud thùs gach maitheas, gus an dean E iadsan math, gus an toir e dhoibh an dochas sin mu 'n t-siorruidheachd, a ni iad araon math agus a chumas math iad, a ni iad sona agus a chumas sona iad gu siorruidh; mar dean so uile 'n gnothaich, biodh fhios agaibhs', an ùine aithghearr na h-eagala sin mu shiorruidheachd do thruaighe, a ghineas an uamhbheist sin, An-earbsa, a mhùchas dòchas, ni is e beatha 'n anma, gu 'm beir e gu cinnteach oirbh, mar a ta e air a radh, faodaidh truaighean eile an spiorad a lot, ach marbhaidh an-earbse e. Is i m' urnuighe air 'ur sonsa, gu ma h-ann nach bi eòlas aig aon agaibhse gu bràth air an fhirinn bhrònach so, ach gu 'm bi sibh uile math da rireadh, ni a bheir sibh gu dà fhlaitheanas a shealbhachadh, flaitheanas air talamh, agus flaitheanas an deigh bhàis.

VII. A chionn nach toisich iad ri bhi beò, gus an

toisich iad ri bhi math da rireadh. Gus an toisich iad ri bhi math, tha iad marbh a thaobh Dhé, a thaobh Chriosd, a thaobh fhlaitheanais, agus a thaobh naomhachd; gus an toisich duine ri bhi math da rireadh, tha e da rireadh marbh, Phil. ii. 1. Agus sin, 1. A thaobh oibre, goirear oibre marbh do chuid oibribh, Eabh. xi. 13. Na gniomhara is fearr a ni muinntir gun ath-bhreith, cha 'n 'eil annt ach oibre marbh, do bhrìgh nach 'eil iad ag eiridh o fhreumh beatha, agus tha iad a treòrachadh a chum bàis, Rom. vi. 21; agus a' fagail bìnn a bhàis air an anam, gus am bi e air ionnlad dheth le fuil an Uain. 2. Tha e marbh a thaobh onoir, tha e marbh do gach uile shochair; cha 'n 'eil esan iomchadh air tròcair a shealbhachadh, a chuireas crùn tròcair air duine màrbh. Cha 'n 'eil crùn na beatha ach a mhàin air son Criosduidhean beò, Taisb. ii. 10. Bha am mac stròghail màrbh gus na thoisich e ri bhi math, gus na thoisich e ri tigh athair a chuimhneachadh agus rùnachadh pilltinn dhachaidh: "Bha mo mhac marbh, ach tha e beò:" agus a bhàntrach a tha caitheadh a beatha gu sòghail, air dh'i bhi beò tha i màrbh.

'N uair dh'fheòraich Iosaphat do Bharlaam, ciod a b'aois dha? Fhreagair e, tha mi cuig agus dà fhichead bliadhna dh'aois. Tha thu coslach ri bhi tri fichead agus deich bliadhna, arsa Iosaphat. Ceart, ars' esan, ma chunntas tu o rugadh mi, ach cha 'n 'eil mise cunntadh nam bliadhna sin a bh' air an caitheamh ann an diomhanas. O mo chàirdean! cha tòisich sibh gu brath ri bhi beò, gus an tòisich sibh ri bhi math da rireadh.

1. Tha beatha 'n fhàis ann, agus is i sin beatha nan luibh. 2. Tha beatha mhothachaidh ann, agus i si sin beatha nan ainmhidh. 3. Tha beatha 'n reùsain ann,

agus is i sin beatha nan naoimh: agus cha toisich thu ris a bheath so, gus an toisich thu ri bhi math. Ma 's fearr madadh beò na leomhan màrbh, mar a deir an duine glic, agus ma tha beatha aig cuileag nach 'eil aig na spèur, mar a deir neach araidh; ciod an creatuir brònach, màrbh, bochd gun bhrìgh, a tha 's an neach a tha na chloigreach do bheatha nan gràis agus a mhaitheas, a tha marbh eadhon air dha bhi beò? Dh' fhuilingeadh a chuid is mò do dhaoinibh iomadh cruaidh-chas, dhealaicheadh iad ri oighreachd, seadh, ri bàll do 'n chorp, seadh, ri bùill do 'n corp, agus ri mòran nithibh ni 's fearr (eadhon, onoir Dhe agus deagh choguis) chum am beatha nadurach a thearnadh: mar a ta e glaodhaich amach, Thoir dhomh mi-mhais air bith, pian air bith, truaighe sam bith, ach caomhainn mo bheatha: agus gidheadh cia teirc, cia ro theirc iad ri 'm faotuinn, a tha deanamh an gnothach dheth ruigheachd air beatha mhaitheis, no tha toiseachadh ri bhi math na thràth, no bhi màrbh do 'n t-saoghal, agus beò do Dhia, roimh a bhi màrbh do Dhia, agus beò do 'n t-saoghal? Is aobhar tuiridh so, agus bithidh e na aobhar tuiridh, gu bheil a bheatha nadurach air a meas co ro luachmhor, agus co beag sùim air a bheatha spioradail.

VIII. A chionn gu bheil gealladh air Dia fhaotuinn, agus air Dia a mhealtuinn, air a thoirt dhoibh-san a dh' iarras Dia gu moch, Gnath. viii. 17. "Iadsan aig am bheil gràdh dhomh gràdhaichidh mi, agus iadsan a dh' iarras mi gu moch, gheibh iad mi." No mar a tha e' san Eabhra, iadsan a dh' iarras mi 's a mhadainn gheibh iad mi. Le sochair solus na maidne tha sinne faotuinn na nithe tha sinne 'g iarraidh. Tha 'm focal a' ciallachadh iarraidh le mion-rannsachadh, iarraidh gu dichiollach, agus iarraidh gu moch anns a mhadainn.

Mar chaidh na h-Israelich moch 'sa mhadainn, a dh' iarraidh air son manna—agus mar a ta luchd foghlum ag eiridh moch 'sa mhadainn, agus a' suidhe duinte ris chum eolas fhaotuinn; mar sin a deir gliocas, Iadsan a dh' iarras mi ann an earrach agus am madainn an òige gheibh iad mi.

Nis an Tighearn iarraidh gu moch, is e sin iarraidh air tùs; tha aig Dia ann féin uile mhath ainglean, dhaoine agus nadar coitchionn; tha gach uile ghlòir aige, gach uile urram, gach uile shaoibhreas, gach uile ionmhas, gach uile thoil-inntinn, gach uile shòlas, gach uile thaitneas, gach uile aoibhneas agus gach uile shonas; is aon iomlanachd neo-chriochnach Dia ann féin, anns am bheil gu sonruichte agus gu cumhachdach uile iomlanachd nan creutairean air an gabhail a steach, agus uime sin, ri bhi air iarraidh air tùs 'S e bhuadhan fa leth is fearr a chuireas an céill e, na ghabhail a steach fo aon ainm; tha e na bhith, na thabhartas, na chumhachd, na ghliocas, na cheartas, na thròcair, na mhaitheas, agus na ghràdh; agus uime sin, airidh bhi air iarraidh air thoiseach air gach uile ni eile. Iarraibh air tùs nithe math na h-inntinn, arsa neach àraidh, agus nach 'eil Diadhachd ag ràdh na h-uiread?

A rithist, iarraidh gu moch, is e sin iarraidh gu dàmharail, iarraidh am feadh a ta 'n cothrom a lathair, Breith. ix 33. "Eiridh tu gu moch, agus bheir thu ionnsuidh air a' bhaile;" 's e sin, bheir thu ionnsuidh air a bhaile gu dàmharail. Bha neach roimhe so ann a fhuair rioghachd, le gloine uisge thoirt seachad gu dàmharail. O mhuinntir òga! cha 'n 'eil fhios agaibhse ma 's e 's gu'n iarr sibh Dia gu moch agus gu dàmharail, nach fhaod sibh rioghachd fhaotuinn nach crathair, agus gloir

nach siubhail air falbh. Tha àm anns am bheil Dia r' a fhaotuinn. " Iarraibh an Tighearn am feadh a ta e r' a fhaotuinn, gairmibh air am feadh a ta e am fagus ;" agus ma sheachnas sibh an t-àm so, faodaidh sibh iarruidh agus gu 'n fhaotuinn. " Ged ghlaodh iad riumsa cha toir mise 'n aire, 'n uair a ni iad iomadh ùrnuigh cha 'n eisd mis: an sin éighidh iad ris an Tighearn, ach cha 'n eisd e. An sin gairmidh iad ormsa ach cha fhreagair mise, iarraidh iad mi gu moch, ach cha 'n fhaigh iad mi." B' e so truaigh Shaul—" Tha na Philistinich orm, agus cha toir Dia freagradh dhomh :" cha 'n 'eil ann ach ceartas gu 'n iarradh iadsan, agus gun fhaotuinn fa dheireadh, a dh' fhaodadh faotuinn na'n d' iarr iad gu dàmharail agus an àm a chothrom.

A rithist, iarraidh gu moch, is e sin iarraidh gu dùrachdach agus gu dian-iarrtanach. " Le m' anam mhiannaich mi thu anns an oidhche, seadh, le mo spiorad an taobh a stigh dhiomh iarraidh mi thu gu moch." Tha 'm focal anns an Eabhra a' ciallachadh araon iarraidh dhùrachdach, agus iarraidh mhoch; anns a mhadainn tha 'n spiorad beothail, agus tha daoine dùrachdach, sgairteil, agus dian-iarrtanach.

O ! bithidh a leithid sin a dh' iarraidh gu cinnteach air a chrùnadh le faotuinn : " A Thighearna, air madainn cluinnidh tu mo ghùth, air madainn stiùraidh (Eabhra, deasaichidh) mi m' urnuigh a' d' ionnsuidh, agus amhairicidh mi suas (Eabhra, amhairicidh mi mach mar fhear faire) deanadh iadsan uile aoibhneas a chuireas an doigh annad: gu brath deanadh iad iolach a chionn gu 'n dion thu iad: (Eabhra, gu 'n cuir thu folach thairis orra, no gleidhidh tu iad) agus deanadh iadsan luathghaire annad, leis an ionmhuinn t' ainm. Oir beannuichidh tusa am firean, a

Thighearna : le deadh ghean cuairtichidh tu e (Eabhra, crùnaidh tu e) mar le sgèith." Cha d' iarr a h-aon riamh an Tighearna mar so, nach d' fhuair e, no gu cinnteach gheibh iad e. " Iarraibh agus gheibh sibh." Mat. vii. 7. " Sibhse a dh' iarras an Tighearna, bithidh 'ur crith beo," Salm lxix. 32. " Tha mòr èifeachd ann an urnuigh dhùrachdach an fhirein," Seum. v. 16. No mar tha e 'sa Ghreugais, Tha mòr èifeachd ann an urnuigh ghniomhach an fhirein; an urnuigh a chuireas an duine gu h-iomlan gu obair, oibrichidh i iongantas anns na neamhaibh, anns a chridhe, agus anns an talamh. Tha urnuigh dhùrachdach, coslach ri claidheamh Shauil, agus ri bogha Ionatain; cha phill i gu bràth folamh. Thuirt aon a bha labhairt mu Luther, neach a bha na dhuine gle dhùrachdach ann an urnuigh, Gheibheadh an duine so ni air bith a b'àill leis o Dhia. A rithist is e iarraidh gu moch, iarraidh gu h-àraidh agus air tùs, an deigh an ni so no ni ud eile; a ni tha sinne 'g iarraidh air tùs; tha sinn 'ga iarraidh mar an ni àraidh. Nis an Tighearn iarraidh gu moch 's e sin iarraidh air tùs agus gu h-àraidh ; Salm lxiii. Is tu mo Dhia-sa, gu moch iarraidh mi thu; 's e sin iarraidh mi thu mar mo mhath àraidh agus luachmhor ; is e Dia an t-Alpha, tobar nan uile ghràis, agus an t'-Omega, an cuan a chum am bheil gach glòir a' sruthadh, agus uime sin, ri bhi air iarraidh gu moch agus air tùs. Tha Dia na mhath iomlan agus firinneach. Is e sin math iomlan ris nach gabh ni sam bith cuir ; agus math firinneach o nach gabh ni sam bith seachnadh : is ann do leithid sin a mhath tha Dia, agus uime sin ri bhi air iarraidh gu moch agus gu h-àraidh. Tha Dia na mhath fior ghlan agus aon-fhillte ; is solus e anns nach 'eil dorchadas, agus is math e anns nach 'eil olc. Tha maitheas a chreatuir measgaichte :

seadh, tha 'm beagan maitheas a th' anns a chreatuir air a mheasgadh le mòran uile; ach tha Dia na mhath neo-mheasgta, tha e math, tha e na mhath fior-ghlan, tha e na mhath iomlan, cha 'n eil ni sam bith ann ach math. Tha Dia na mhath uile-fhoghainteach. "Gluais thusa a' m'fhianais agus bi treibhdhireach, is Dia uile-fhoghainteach mise," Gen. xvii. 1. Tha gach uile ni aige-san, aig am bheil an Ti aig a bheil gach uile ni. Tha aig ann féin gach uile chumhachd chum do dhion, gach uile ghliocas chum do sheoladh, gach uile thròcair chum maitheanas a thoirt dhuit, gach uile ghràs chum do dheanamh saobhir, gach uile fhirinnteachd chum t' eideachadh, gach uile mhaitheas chum do chobhair, agus gach uile shonas chum do chrùnadh. Tha Dia na mhath a shasaicheas, tha e na mhath a lionas an cridhe, agus a bheir suaimhneas do 'n anam, Gen. xxxiii. 11. "Tha mor phailteas agamsa," arsa deagh Iacob; tha gach uile ni agam, arsa Iacob, oir 's ann mar sin a tha e 'san Eabhra, tha gach uile ni agamsa, tha gach uile sholas agam gach uile thaitneas agus gach uile thoil-inntinn. Air dhomh a bhi gun ni sam bith, tha gach uile ni agam dō bhrigh gu bheil Criosd agam; uime sin, arsa neach àraid, air dhomh gach uile ni a bhi agam ann-san, cha 'n eil mi 'g iarraidh duais air bith eile, oir is e fein an duais choitchionn. Mar a tha luach mòran bhùinn airgid, ann an aon bhònn òir; mar sin, tha gach uile òirdheirceas beag a th' air an sgapadh a mach anns na creatuiribh, r' am faotuinn ann an Dia; seadh, tha gach uile iomlanachd a tha sgaoilte air feadh neimh agus talaimh, air am filleadh ann an sùim aithghearr ann-san. Cha 'n eil math, an taobhsa dha 'n Ti is e am math is mò, comasach an t' anam a riarachadh; cha 'n urrainn bean mhath, leanabh math, ainm math,

oighreachd mhath, căraid math, an t' anam a riarachadh: faodaidh iad sin toileachadh, ach cha 'n urrainn iad riarachadh. Tha gach uile phailteas, arsa neach àraidh, mar e mo Dhia a th' ann, na bhochdainn agus na uireasbhuidh dhomhsa.

O gu 'm biodh muinntir òg, ann am maduinn an òige, ag iarraidh, seadh, ag iarraidh gu moch, ag iarraidh gu dùrachdach, ag iarraidh gu dian-iarrtanach, ag iarraidh gu dìchiollach, ag iarraidh air tùs, agus ag iarraidh gun sgios, an Dia so, an Ti is e am math is mò, am math is fearr, am math is ro thaitniche—a tha na mhath a riaraicheas, na mhath iomlan, agus na mhath siorruidh.

IX. A chionn gur e àm na h-òige àm is taitnich, agus is freagarraich air son seirbhis. 'S an àm sin tha do chaileachd togarrach, do mhothachadh beothail, do chuimhne làidir, agus do nàdur làn beatha agus neirt: 's e latha t' òige earrach agus madainn do làithean—is iadsan ceud-ghin do neirt; uime sin, tha Dia 'g iarraidh do leanabachd, co math ri do shean aois, fion t' àimsir, co math ris a ghrùnndas, mar a dh'fhaodas tu fhaicinn fo shàmhladh a cheud-toraidh, agus a cheud-ghin, a bh' air an coisrigeadh do 'n Tighearn. 'S e àm na h-òige àm na slainte, 's e an t'am taitneach e, 's e do shàmhradh agus t'fhogair e. Uime sin, a dhuin' òig, na coidil, ach mosgail do chridhe, tog suas t' anam, agus dean feum iomchuidh do t' uile bhuadhan; cleachd do réusan, do neart, agus t' uile, chum ionmhas a thasgaidh suas do ghràsaibh neamhaidh, do ghealladaibh luachmhor, do dh' eòlas diadhaidh, agus do shòlasaibh spioradail, fa chomhair geamhradh sean aois; agus anns a chŏr sin cha bhi sean aois dhuit-sa na droch aois, ach mar bha i do dh' Abraham, na deagh shean aois, Gen. xxv. 28, Na cuir air falbh Dia le gealladaibh miodalach,

agus le leithsgeulaibh faoin, gus an ruith mionàidean deireannach do bheatha, agus am beir laithean sean aois ort. Is brònach am focal sin a labhradh leis an Fhaidh. *Malluichte gu 'n robh am mealltair aig am bheil firionn na threud, agus gidheadh a dh' iobras ni truaillidh do 'n Tighearn,* Mal. i. 14. O mhuinntir òga! a tha coslach ris a chraobh-almoin, tha iomadh firionn agaibhse 'san tréud; 'ur neart is firionn e 'san tréud, 'ur 'n ùine is firionn e 'san tréud, 'ur réusan is firionn e 'san tréud, 'ur comasan is firionn iad 'san tréud, agus 'ur 'n eòlas is firionn e san tréud: nis, ma tha esan mallaichte aig nach 'eil ach aon fhirionn 'na thréud, agus a dh' iobras ni truaillidh, ni nach fiù, ni gun luach do Dhia, cionnus a bhios sibhse mallaichte! mallaichte aig a' bhaile, mallaichte o na bhaile, mallaichte gu h-aimsireil, mallaichte gu spioradail, agus mallaichte gu siorruidh, aig am bheil iomadh firionn ann 'ur tréudaibh, agus gidheadh a tha buintinn co neo-fhiùthail, co cealgach, agus co feall-chridheach ri Dia, 's gu bheil sibh 'ga chuir air falbh leis a chuid is suarraiche do bhur 'n ùine, agus do bhur neart, am feadh a ta sibh a' caitheamh laithean 'ur 'n òige ann an seirbhis an t-saoghail, na feola, agus an diabhoil.

A chraobh-fhige 'san t-soisgeul nach tug toradh a mach ann an àm agus ann an dàmhair, mhalluicheadh i chum iongantais; 's e àm na h-oige 'n t' àm agus an tràth chum toradh na firinnteachd agus na naomhachd a thoirt a mach, agus mur toirear an toradh sin a mach na thràth, faodaidh sibh gu cinnteach eagal a bhi oirbh gun drùigh mallachdan flaitheanais gu h-uaigneach agus gu neo-mhothachail a steach, agus gu 'n teid iad fodha 'nur 'n anamaibh; agus 'an sin an-aoibhinn, an-aoibhinn dhuibh gu 'n d'rugadh riamh sibh. 'S e an rathad is fearr gu ifrinn nan ifrinn, so a sheachnadh, a

chuid is fearr, agus blàth 'ur 'n òige, 'ur neart 'ur 'n ùine, agus 'ur tàlann, a thoirt do Dhia; soithichean a theid gu tràthail a dheanamh blasda le boltrach na beatha, cha chàill iad gu bràth e, Gnath. xxii. 6.

X. A chionn gu 'm faod am bàs 'ur glacadh gu h-obann agus gun fhios, cha 'n eil gabhail agaibh do bhur beatha, tha 'n òige cho caochlaideach ri sean aois, faodaidh an duin' òg uaighean gu leòir fhaotuinn do fhad féin 's na h-àitibh adhlaicidh; mar choinnicheas fiodh ùr agus seann fhiodh 's an aon teine, mar sin coinnichidh peacaich òg agus seann pheacaich 'san aon ifrinn, agus loisgidh iad còmhladh; 'n uair a tha 'n duin' òg ann an treun a neirt, an sin tha e air a ghearradh air falbh leis a bhàs.—" Bàsaichidh e so na làn neart (no ann an iomlaineachd a neirt, mar tha e 'san Eabhra), agus e uile aig fois agus an sìth; tha a chiocha làn bainne, agus a chnàmhan air an taiseachadh le smior," Iob xxi. 23, 24.—Bhàsaich clann Daibhidh 'nan òige, mar sin bhàsaich clann Ioib agus Ieroboaim, &c. Tha fein-fhiosrachadh lathail ag innse dhuinn, gu bheil beatha 'n duin' òig na ceò co mòr ri beatha 'n t-seann duine. " Oir is féur gach uile fheòil," Isa. xl. 6. Cha 'n 'eil am beatha 'n duine ach là goirid, là geamhraidh, gu tric tha grian an duine air dol fo, mu 'n ceart a ta i air éiridh: tha 'ur là goirid, 'ur 'n obair mòr,'ur turus fada, agus uime sin bu chòir dhuibh éiridh gu moch, agus 'ur 'n aghaidh a chuir air neamh gu tràthail, mar a ni an duine sin aig am bheil turus fada ri dhol ann an là geamhraidh.

Gu cinnteach tha beatha 'n duine goirid, " Feuch, mar leud boise rinn thu mo làithean." Uime sin, tha beatha 'n duine goirid ann an coimeas, ma 's e 's gu 'n coimeas sibh a bheatha nis ris na dh' fhaodadh e ruigheachd, nan d'fhan e an staid na neo-chiontais

Thug am peacadh a steach am bàs, is tuiteam am bàs a thainig a steach le tuiteam. No ma choimeasas sibh beatha an duine nis, ris na rainig iad roimhe an tuil, aig an àm sin bha mòran beò sea, seachd, ochd, agus naoi ceud bliadhna; no ma choimeasas sibh laithean an duine ri laithibh Dhé, "Tha m' aois mar neo-ni a' d'fhianais;" no ma choimeasas sibh laithean an duine ri laithibh na siorruidheachd. O dhaoin' òga! an urrainn duibh smuaineachadh gu cùramach mu ghiorad beatha 'n duine, agus 'ur 'n ùine, tairgse nan gràs, 'ur 'n anaman priseil, agus siorruidheachd a chuir an neo-shùim? 'S cinnteach cha 'n urrainn duibh, 's cinnteach cha dàna leibh; ma 's e 's gu 'n smuainich sibh da rìreadh air giorrad beatha 'n duine. Tha e sgriobhta mu Philip, Righ Mhacedonia, gu 'n tug e duais gach bliadhna do neach gu bhi tighinn d'a ionnsuidh gach là aig àm díota, agus eigheach ris, "Cuimhnich gu 'm faigh thu bàs." O! tha feum gu tric aig daoin' òga, agus aig seann daoine, air a bhi cur am bàsmhoireachd 'nan cuimhne, tha iad ro ullamh gus an là sin a dhí-chùimhneachadh, seadh, gu eadhon smuaintibh mu 'n là sin a chur fada uath. Leubh mi mu thriùir nach b' urrainn am focal searbh sin, am bàs, fhulang a bhi air ainmeachadh 'nan cluasaibh; agus gu cinnteach tha 'n linn so làn do leithid sin a dh'uile-bheistean. Agus mar a ta beatha 'n duine gle ghoirid, mar sin tha i gle neo-chinnteach; o chionn tamuill slàn, a nis gu tìnn, beò air an uair, agus màrbh a cheart uair.—Cha 'n eil am bàs an còmhnuidh a' toirt ràbhadh roimh laimh—air uairibh tha e toirt buile bhàis gu h-obann, tha e tighinn a thaobh a chuil air duine, agus 'ga bhualadh le 'ghath gus a chridhe mu 'n abair e, An d' fhuair mi thu, O mo namhaid? Thuit Eutichus sios màrbh gu h-obann, Gniomh. xx. 9. Ghlac am

bàs gu h-obann mic Dhaibhidh, agus mic Ioib; bhàsaich Augustus ag altachadh-beatha; Galba le bìnn, Bhespasian le aobhar-ghaire; bhàsaich Xeuxes a' gaireachdaich ri dealbh seana bhean a tharruing e le 'laimh féin; chaidh Sophocles a thachdadh le clach fion-dhearc; bhàsaich Diodorus le nàire nach b' urrainn e fregair a thoirt do cheiste chridheil a dhealbhadh aig a bhòrd le Stilpo; shearmonaich Ioannes Mesius air aiseirigh mac bean Nain o na mairbh, agus bhasaich e fein an taobh stigh do thri uairean na dheigh. O mhuinntir òga! nach mòr an t-aobhar a th' agaibhs' air a bhi math, oir tha 'm bàs obann 'na theachd; cha 'n eil ni sam bith is cinntiche na 'm bàs, agus cha 'n eil ni sam bith is neo-chinntiche na beatha! uime sin, biodh aithn' agaibh air an Tighearn, pillibh o bhur peacaibh, deanaibh greìm air an Tighearn, agus deanaibh 'ur sìth ris, chum 's nach abair sibh gu bràth, mar a thuirt Ceasair Borgeas, 'n uar bha e tìnn gu bàs, "Am feadh 's a bha mi beò," ars' esan, "dh' ullaich mi air son na h-uile ni ach am bàs; a nis is eigin domh bàsachadh, agus tha mi neo-ullamh air a shon."

XI. A chionn gur aon as na deich, ni h-eadh, ach aon as a cheud, a dh' iompaichear gu bràth, mur iompaichear iad 'nan òige. Tha Dia gu tric a' tòiseachadh gu moch riusan d' an robh smuaintibh gaoil agus tròcair aige o'n bhi-bhuantachd; Hos. xi. 1.— "'N uair a bha Israel na leanabh, an sin thug mise gràdh dha." Tha na h-eisimpleirean a dh' àinmich mi chum an teagasg a dhearbhadh, a daingneachadh na h-argumaid so; agus ma sheallas sibh a mach anns an t-saoghal, 's gann 'a gheibh sibh aon naomh a' measg mhìle, ach a chomharràicheas àm 'iompaichidh o òige. 'S e mhuinntir òg a fhuair tre 'n fhasaich do Chanaan. Mur bris a chraobh a mach 'san carrach, agus mur giùlan i blàth 's an t-samhradh, tha i mar is trice

marbh ré na bliadhna 'n deigh sin ; ma 's e 's ann an àm 'ur 'n òige nach toir sibh toradh a mach do Dhia, is aon do chèud gu 'n toir sibh gu bràth toradh a mach dha, n' uair a bheireir oirbh le droch laithibh sean aois, anns an abair sibh, nach 'eil tlachd agaibh. Oir mar thug mac Sirac fainear, " Mur do thionail thu ni sam bith ann a' d' òige, ciod is urrainn thu fhaotuinn ann 'a 'd shean aois ?" Is tearc, seadh, is ro thearc, a tha Dia a' cur agus a' buain an sean aois ; gu tric tha Dia 'a cur siol nan gràs 'san òige, bheir a mach foghar do dh' aoibhneas an sean aois.

Ged nach bi fior aithreachas gu bràth ro anamoch, gidheadh is ainmig a tha aithreachas anamoch firinneach. Tha muillionan a nis an ifrinn, a thoilich iad féin le bhi smuaineachadh mu aithreachas an deigh laimhe. Rinn an Tighearna gealladh do aithreachas moch, ach c' àite an do gheall e aithreachas anamoch ? Seadh, ciod is urradh bhi ni 's ceirt aguse ni 's cothromaiche, na gu'n iarradh iadsan agus nach faigheadh iad, a dh'fhaodadh faotuinn, ach leis nach b' àill iarraidh ; agus gu 'n dunadh esan a chluasan air an urnuighibh anamoch-san, mar a dhùn iadsan an cluasan air a ghairmibh moch-san ? Cha ghabhadh an luchd cogaidh o shean, seann duine nan àrmailt, a thaobh bhi neo-iomchuidh air son seirbhis ; agus an saoil thusa 'n gabh Dia ri d' chnamhaibh tioram-sa, an deigh do Shatan an smior a dheothail asda ? Ciod an tighearna, ciod am maighistir, a ghabhadh neach chum an seirbhis, a rinn seirbhis do 'n naimhdibh ré uile laithean a bheatha ? agus an gabh Dia ? an gabh Dia ? Na Circasich, seòrsa do chriosduidhean measgta, tha e air a' ràdh gu 'n roinn iad am beatha eadar peacadh agus cràbhadh, a' cur air leith an òige gu foirneart, agus an sean aois gu aithreachas. Ma 's e so do chòir-

sa, cha bu mhaith leam a bhi ann air son deich mìle saoghail.

Leubh mi mu dhuine mòr àraidh, air an tugadh comhairle, agus e gu tìnn, àithreachas a dheanamh; ach fhreagair esan, "Cha dean mi aithreachas fathast, or ma thig mi gu slàinte, ni mo chómpanaich magadh orm;" ach air dha fas ni bu tinne, agus ni bu tinne, dh' earalaich a chàirdean e a rìthist gu aithreachas a dheanamh, ach dh' innis e dhoibh, gu 'n robh e tuille 's anamoch, "Oir a nis," ars' esan, "Thugadh breith orm, agus dhìteadh mi."

XII. A chionn mur dean iad aithreachas 'nan òige, nach ruig iad gu bràth air an onoir a bhi 'nan seann deisciobluibh.

CAIBDEIL II.

Tha e na onoir ro mhòr a bhi na sheann deisciobul.

Nise, cha ruig a h-aon air an onoir so, ach iadsan a dh' iompaichear gu moch, iadsan a philleas ris an Tighearna 'nan òige; cha 'n onoir do sheann duine bhi 'n eudach cloinne, no bhi na naoidhean ann an gràs. Is maslach agus is brònach an sealladh, seann duine fhaicinn air an A, B, C. Ach O! 's mòr an onoir do dhuine 'na shean aois, gur urrainn e iompachadh a chomharrachadh o òige. Nise, gu bheil e na onoir a bhi na sheann deisciobul, dearbhaidh mi le na nithibh sònruichte a leanas, a thoirt a fainear.

I. Bheir gach uile dhaoine urram do sheann deisciobul, Gnath. xvi. 31.—"Is crùn glòir an ceann liath, a gheibhear ann an slighibh an ionracais." Tha Dia ag iarraidh urram a chur air an aosmhoir, Lebh. xix. 32,—"An lathair a chinn leith eiridh tu suas, agus

bheir thu urram do ghnùis an duine aosda (tha 'n duin' aosd' an so, air a mhìneachadh le cuid' an duine glic,) agus bithidh eagal do Dhé ort: Is mise an Tighearna." Tha 'n ceann liath a mhàin urramach, 'n uair a gheibhear e ann an slighibh an ionracais; ni ceann liath, air a cho'-chuideachadh le cridhe naomh, duine fior urramach. Tha dà shealladh ghlòrmhoir anns an t-saoghal; is e aon diubh duin' òg ag imeachd 'na threibhdhireas, agus an aon eile dhiubh seann duine ag imeachd ann an slighibh an ionracais; b' e urram Abrahaim gu 'n deach e do 'n uaigh ann an deagh shean aois, no mar tha e 'san Eabhra. le deagh cheann liath: is lionmhoir iad a tha dol do 'n uaighibh le ceann liath, ach b'e so crùn Abraham, gu 'n deach e do 'n uaigh le deagh cheann liath; ged robh ceann Abraham ge b'e cho liath, mar bitheadh e gu math, cha bhitheadh e na urram dha; 'n uair a ta ceann liath air a cho' cheangal ri cridhe mi-naomh, 's ann a tha e na mhallachd an àite bhi na bheannachd, 'n 'uair a ta 'n ceann geal mar shneachd, agus an 't anam dubh mar ifrinn; tha Dia gu tric a' toirt thairis a leithid sin do 'n tàir agus do 'n t-suarraich is mò. "Bha prionnsachan air an crochadh suas le 'n laimh; cha tug iad urram do aghaidh nan aosda," Tuir. v. 12; agus bhagair Dia so fada roimh laimh. "Bheir an Tighearn cinneach a' t' aghaidh o ionad fad o laimh, cinneach aig a' bheil aghaidh bhorb, nach toir urram do ghnuis an aosmhoir, agus nach dean iochd ris an òg." Leubh mi mu Chleanthes, neach leis 'm bu ghnàth air uairibh e fein a chronachadh; air do Ariston iongantas a ghabhail ris, dh'fharraid e dheth. Co tha thu cronachadh? Rinn Cleanthes gàire agus fhreagair e, tha mi cronachadh seann truaghan, aig a' bheil fhalt gu cinnteachd air glasadh, ach a tha dh'

easbhuidh tùigse agus gliocas iomchuidh air. Fagaidh mi an cleachda do chinn liath, agus do fheusagaibh liath ar là, aig nach eil a bheag tuille gu 'm moladh do 'n t-saoghal, ach an cinn liath agus am feusaga glasa.

II. Gu tric is ann do sheann naoimh, agus do sheann deisciobluibh, is mò tha Dia 'ga fhoillseachadh féin, Iob xii. 12. "Anns na h-aosda tha gliocas, agus am fad laithean tuigse." 'S ann do naoimh aosda gu tric is mò tha Dia 'ga thaisbeanadh féin; gu tric is iad is mò tha 'g ùrnuigh, agus is mò tha 'g iocadh, is iad is mò tha saoithreachadh, agus tha ni 's mò dh'fhadachd orra an deigh an fhoillsichidh is ro luachmhoire dhe féin agus dhe ghràs; agus uime sin, tha e fosgladh ùchd ni 's mò dhoibh, agus 'g an deanamh nam bùill do chomhairle dhiomhair féin, Gen. xviii. 17, 19. "Agus thuirt an Tighearna, an ceil mi air Abraham a ni sin a ta mi gus a dheanamh? Oir is aithne dhomh e, gu 'n toir e àithne d' a chloinn, agus d' a theaghlaich 'na dhèigh, agus gleidhidh iadsan slighe an Tighearna, a' deanamh ceartais agus breitheanais; chum a's gu 'n toir an Tighearn air Abraham a ni sin a labhair e m' a thimchioll." Bha Abraham na shean charaid, agus uime sin, rinn Dia e araon do chùirt agus do chomhairle; gu tric is ann do sheann chàirdean is ro shaora, is ro chàirdeile, agus is ro mhò a dh'fhosglas sinn 'ur cridhe, is ann eadhoin mar sin a ni Dia dò chairdibh aosda. O! ciod an sealladh agus a mhealtuinn bheannuichte do Chriosd a fhuair seann Simeon a thug air a chridhe dannsa 'na uchd!—"A nis a Thighearn, a ta thu leigeadh do d' sheirbhiseach siubhail an sìth a reir t' fhocail, oir chunnaic mo shuile do shlainte," &c. Chunnaic mi esan is e mo sholus, mo bheatha, mo ghràdh, m'

aoibhneas, mo chrùn, mo fhlaitheanas, agus m' uile; a nis uime sin, leig le d' sheirbhiseach siubhail an sìth. Mar sin, 'n uair bha Anna ceithir bliadhna agus ceithir fichead a dh' aois, lionadh i co mòr leis na chunnaic agus na mheal i do Chriosd, 's nach b'urrainn dh'i gu'n chuir an céill ciod a bhlais, a mhothaich, a chunnaic, a chula, agus a fhuair i o 'n Tighearna, bha i abuich agus ullamh gu bhi nochdadh lànachd, milseachd, maitheas, oirdheirceas, agus glòir Chriosd, neach a ghràdhaich i, agus d' an d' rinn i seirbhis ùine cho fada. Mar an ceudna bha Pol beò ann an solus, sealladh, agus sealbhachadh milis do Chriosd, 'n uair a bha e sean am bliadhnaibh agus an gràs. Uime sin, c'uin' a fhuair Eoin an sealladh glòrmhoir sin do Chriosd a' measg nan coinnleir òir, agus na taisbeanan, agus na làn-dearbhaidhean sin do léir-sgrios na Roimh, do thuiteam an ana-criosd, do thilgeadh an fhiadh-bheathaich agus an fhaidh bhreige anns an loch theine, do thoirt fo cheansail rioghachdan an t-saoghail le bogha agus le claidheamh Chriosd, do cheangail Shatain, agus do 'n nuadh Ierusalem a' teachd a nuas o Dhia a neamh, ach 'n uair a bha e sean, 'n uair a bha e aosda am bliadhnaibh agus ann an gràs! Tha 'n Tighearn a' cuir an cèill iomadh uaigneas ann an cluasaibh naoimh aosda, agus seann chriosduidhean, air nach eil criosduidhean òg eòlach: mar a ta 'm focal sin a' ciallachadh, 2 Sam. vii. 27.—" Dh'fhoillsich thusa a Thighearn nan sluagh do d' sheirbhiseach," 's ann mar sin a ta sibhse leubhadh ann 'ur leabhraichibh, ach 's e th' anns a chainnt Eabhra, dh'fhoillsich thusa so, a Thighearna, do chluais do sheirbhiseach. Tha iongantas air cuid cionnus a dh'fhagadh am focal " do chluais' amach as 'ur leabhraichibh," air a' bheil gun teagamh cudthrom na pùinc; innsidh sinne iomadh

nithe ann an cluais seana charaid, air nach math leinn fios a thoirt do chairdibh òga. Mar sin tha Dia gu tric a' cagar ann an cluais seann deisciobul, agus a' nochdadh dha nithibh a tha e folach uathsan a tha do bhliadhnaibh ni 's òige: agus leis a so faodaidh sibh fhaicinn ciod an t' urram a th' ann a bhi na sheann deisciobul.

III. Fhuair an seann deisciobul, 's an seann chriosduidh, eòlas air seirbhis a dheanamh do Dhia, eòlas na diadhachd, eòlas na h-ùrnuigh, eòlas air beachdsmuaineachadh, eòlas an aithreachais, eòlas a chreidimh, eòlas air fhéin nàdurach, fhéin pheacach, agus fhéin dhiadhaidh aicheadh. Tha 'n diomhaireachd agus an trioblaid feìn aig gach ceaird, agus tha sin aig an diadhachd; tha criosduidhean òg gu minig cearbach ann an oibribh na diadhachd, ach tha seann chriosduidhean 'g an cleachda féin mar luchd saothraich nach ruig a leas naire ghabhail. 'S e saor òg is mò bheir a bhuillean agus is mò ni shliseagan, ach 's e 'n seann fhear ceairde is mò ni dh' obair agus an obair is fearr; faodaidh criosduidh òg ni 's mo thòirm a dheanamh ann an dleasnasaibh na diadhachd, ach 's e 'n seann chriosduidh a ni 'n obair is fearr. Faodaidh fear-ciùil òg cluich ni 's ealamh agus ni 's ro bheothaile air inneal na seann fhear-ciùil, ach tha aig seann fhear-ciùil ni 's mò dh'eolas agus a bhreithneachadh na th'aig fear-ciùil òg. Tha 'n cleachda farasda, agus leis a so mar an ceudna faodaidh sibh fhaicinn ciod an onoir a th' ann a bhi na sheann deisciobul.

IV. Tha 'n seann deisciobul, 's an seann chriosduidh saoibhir ann an eòlas spioradail. O an t-eòlas a ta aige mu shlighibh Dhé, mu oibreachadh Dhé, mu ghràdh Dhé! O na naigheachdan diadhaidh is

urrainn seann chriosduidhean innse mu chumhachd an fhocail, mu mhilseachd an fhocail, mu fheumalachd an fhocail, mar sholus chum an t'anam a stiùradh, mar bhăta chum an t'anam a chuideachadh, mar spiorad chum an t'anam a beòthachadh, mar achdair chum an t'anam a dhaingneachadh, agus mar iocshlaint chum an t'anam a shòlasachadh agus a neartachadh! O na naigheachdan is urrainn e innse dhuibh mu ghràdh Chriosd, mu fhuil Chriosd, mu dhreuchdaibh Chriosd, mu thoilltinneas Chriosd, mu ionracas Chriosd, mu ghràs, agus mu fheartain Chriosd. O na naigheachdan is urrainn seann deisciobul innse dhuibh mu àiteachadh an Spioraid, mu oibreachadh an Spioraid, mu theagasg an Spioraid, mu threorachadh an Spioraid, mu shéuladh an Spioraid, mu fhianuis an Spioraid, mu shòlas agus mu aoibhneas an Spioraid! O na naigheachdan is urrainn seann chriosduidh innseadh dhuibh mu olc a pheacaidh, mu shearbhas a pheacaidh, mu mhealltaireachd a pheacaidh, mu chumhachd a pheacaidh, agus mu shonas na buaidh thar peacadh! O na naigheachdan is urrainn e innseadh dhuibh mu ribeachaibh Shatain, mu chaothach Shatain, mu mhirun Shatain, mu chaithriseachd, 's mu innleachdaibh Shatain, mu bhuairibh Shatain, agus mu na raidibh gu buadhachadh thar Satan! Mar is urrainn seann saighdear innseadh dhuibh mu iomadh cath, mu iomadh athailt, mu iomadh lot, mu iomadh càldach, agus mu iomadh buaidh, eadhon a chuireadh iongantas oirbh; air an doigh cheudna tha seann naomh comasach air iomadh naigheachd dhiadhaidh innseadh dhuibh, eadhon a chuireadh iongantas oirbh.

Sgriobh Plini mu 'n chrocodile, Gu bheil i a' fàs gu làth a bàis; mar sin tha naoimh aosda, a' fàs saoibhir ann an eòlas spioradail gus a chrioch. Dh'fheoraich-

eadh aon uair ri seann chriosduidh, an robh e fàs ann am maitheas, fhreagair e, tha mi gu cinnteach, or thuirt Dia, "Mar chrànn-pàilme thig am firean fo bhlàth (nise cha chàill an crànn-pàilme a dhuilleag no thoradh gu bràth, arsa Plini); mar Sheudair air Lebanon fàsaidh e suas. Iadsan a shuidhichear ann an tigh an Tighearna, ann an cùirtibh ar Dé-ne soirbhichidh iad; bheir iad a ghnàth tòradh amach nan sean aois; sultmhor agus uaine bithidh iad," Salm xcii. 12, &c. Tha Isaias ag ainmeachadh coimeas do na ghealladh so,—"Eisdibh rium a thigh Iacoib, agus uile iarmad tighe Israeil, a ghiulaineadh leam o'n bhròinn, a dh'iomchaireadh o'n bholg, eadhon gu 'ur sean aois, agus gu 'r falt liath, is mise féin an Ti a ghiulaineas sibh; is mi a rinn, agus giulainidh mi, iomchairidh mi, agus tearnaidh mi."

Cha 'n 'eil ni sam bith is cliùitich ann an lànachd aois, na lànachd eòlais agus féin-fhiosrachaidh, no ni sam bith is urramaich na criosduidhean aosda fhaicinn gle eòlach air Aosda nan laithean. Is oirdhearc an sealladh criosduidhean aosda fhaicinn coslach ris a chraobh-almon. Nise tha chraobh-almon a' fàs agus fo làn bhlath ann an geamhradh sean aois; tha Plini ag innse dhuinne, gu bheil a chraobh-almon a' teachd fo bhlàth ann an ceud mhios na bliadhna.—Tha fior eòlas na diadhachd an taobh thàll do bharail agus do chainnt; is fearr cridhe air a naomhachadh na teangaidh airgid; cha 'n 'eil duin' air bith co saoibhir, co urramach, agus co sona, ris an t-seann deisciobul, a tha saoibhir ann an eòlas spioradail, agus gidheadh cha 'n 'eil criosduidh air bith co saoibhir ann an eòlas, 's nach b'àill leis a bhi ni bu shaoibhire.—Tha Iulianus ag ràdh, gu 'm bu mhath leis an uair a bhitheadh aon chos aige 'san ùaigh, a chos eile bhi 'san sgoil: mar

sin, ged robh aon chos aig seann deisciobul 's an uaigh, gidheadh bithidh a chos eile an sgoil Chriosda, chum 's gu 'm bi e do ghnàth a' tasguidh suas ni 's mò agus ni 's mò dh' eòlas na diadhachd; agus le so mar an ceudna faodaidh sibh fhaicinn ciod an t'urram a th'ann a bhi na sheann deisciobul, &c.

V. Tha seann deisciobul gle thréun, misneachail, daingean, agus seasmhach 'na rùn. Tha seann chriosduidh coslach ri carraig, no post cha 'n urrainn ni sam bith a ghluasad; an ni a dheòthlar a steach an àm na h-òige, mairidh e an sean aois; tha seann saighdearan misneachail, treubhach, agus cha toir ni sam bith mi-mhisneach dhoibh. O cia misneachail, tréubhach, a bha Iosua, 'n uair a bha e ceud agus deich bliadhna dh'aois!—"Agus ma mheasair e olc leibh seirbhis a dheanamh do 'n Tighearn, roghnaichibh an diugh co d' an dean sibh seirbhis, an ann do na déibh d' an d' rinn bhur n-aithriche seirbhis, a bh' air taobh thall an t-srutha, no do dhéibh nan Amorach, muinntir a tha sibh chòmhnuidh nan tìr; ach air mo shon-sa, agus air son mo thighe, ni sinne seirbhis do 'n Tighearna. Agus an deigh na nithe sin fhuair Iosua, mac Nuin, oglach an Tighearna, bàs, agus e ceud agus deich bliadhna dh'aois." O! cha 'n 'eil a h-aon co misneachail, cha 'n 'eil a h-aon co diadhaidh neo-eagallach cha 'n 'eil a h-aon co neo-chùramach ann an droch laithibh, ri criosduidhean aosda. 'S aithne do 'n t-seann chriosduidh nach dean a' math sin, nach 'eil air a dheanamh coilionta le buan-mhaireachduinn, math air bith dha. "An teich mo leithid-sa dhuine?" arsa Nehemiah tréun; 's fearr leis gu misneachail a bheatha àgus a bhùill a chuir an cunnart, na le teicheadh aon troidh, masladh a chuir air 'aidmheil le mi-chliù na gealtachd. Bu mhisneachail tréun a labhair Luther,

'n uair a bha luchd geur-leanmhuinn air a thòir féin agus air tòir a chòmpanaich,—"Thigibh (ars' esan) agus seinnimid an xlvi. Salm, agus deanadh iadsan na bheil a dh'olc air chomas doibh." 'N uair a bha Policarpus ceithir fichead agus sea bliadhna dh'aois, dh'fhuiling e 'm bàs mar mhairtir gu misneachail treubhach. 'N uair a bhagaireadh gu ro mhòr air aon do na seann mhairtirich le luchd géur-leanmhuinn, fhreagair e. "Cha 'n 'eil ni sam bith do nithibh faicsinneach, no ni sam bith do nithibh neo-fhaicsinneach, roimh a' bheil eagal orm; seasaidh mi ri m' aidmheil air ainm Chriosd, agus cathaidh mi gu dichiollach air son a chreidimh a thugadh aon uair do na naoimh, thigeadh orm na's àill.

Tha aig seann deisciobluibh, 's aig seann saighdearaibh Chriosd, cridhe agus misneach Shamaih, aon do dhaoinibh tréun Dhaibhidh, a sheas agus a dhion raon a chath, 'n uair a theich cach uile.—Goirear leis na h-Eabhraich do dhuin' òg *nagnar*, ni a ta fàs o fhreumh a ta ciallachadh crath dheth no bhi luaisgte thuige agus uaithe, a' dearbhadh cia iomlaideach agus neo-sheasmach 's a tha daoin' òga; gu tric is muinntir iad aon chuid a tha neo-sheasmhach air son math, no tha do lag-mhisneach; buannaichear iad gu minic le cnù, agus caillear iad lé ubhal; ach seasaidh criosduidhean aosda daingean anns gach crith-thalmhainn, coslach ri beinn Shioin nach fhaodair a charachadh. Agus leis a so mar an ceudna faodaidh sibh fhaicinn ciod an onoir a th' ann a bhi na sheann deisciobul, agus na sheann chriosduidh.

VI. Tha 'n seann deisciobul, 's an seann chriosduidh air ullachadh air son a bhàis, bha e ré ùine fhada bàsachadh do 'n pheacadh, do 'n t-saoghal, d'a chairdibh, da féin, d' a luchd dàimh, do gach

uile, agus cha'n 'eil duine 'sam bith cho ullamh air son a bhàis, ris-san a ta bàsachadh mar so gu làthail. Bha 'n seann chriosduidh beò gu treibhdhireach do Chriosd, bha e beò anns gach atharrachadh cor do Chriosd, bha e beò gu cliùiteach do Chriosd, bha e re ùine fhada beò do Chriosd, agus uime sin, ni 's ro ullamh gu bàsachadh, agus gu bhi maille ri Criosd. Tha aig seann deisciobul crùn 'na amharc, maitheanas 'na uchd, agus Criosda 'na ghairdeinibh; agus uime sin, faodaidh e séinn gu bìnn maille ri seann Simeon, "A nis, a Thighearn leig do d' sheirbhiseach siubhal an sith." Mar a thuirt Hillari r'a anam, "Anam, rinn thu seirbhis do Chriosd o chionn deich agus tri fichead bliadhna, agus am bheil eagal ort as a bhas? Rach amach, anam, rach amach."

"'S iomadh là (arsa seann Chouper) a dh' iarr mi 'm bàs le deuraibh, cha 'n ann o mhi-fhoighidin, anearbsa, no buaireas-inntinn, ach do bhrigh gu bheil mi sgìth do 'n pheacadh, agus fo eagal gun tuit mi ann." Ghairm Nasiansen air righ nan grath, "Cuir as domh, cuir as domh." Agus b' urrainn Austin a' radh, na shean aois, "Am faigh mise bàs gu brath?" Gheibh. "C'arson ma ta, Thighearna, ma gheibh mi bàs gu bràth, c'ar son nach fhaigh mi nis e, c'ar son nach fhaigh mi nis e?" Mar sin 'n uair a bhagair Modestus, fouachdaran an Iompaire, Basil a mharbhadh, fhreagair e, "Ma 's e sin uile na 's urrainn duit a dheanamh, cha 'n 'eil eagal orm; seadh, cha' n urrainn do mhaighstir toilinntinn ni 's mò a thoirt dhomh, na mo chuir a dh'ionnsuidh m' Athair neamhaidh d' am bheil mi nise beò, agus a chum a' bheil mi miannachadh cabhaig a' dheanamh." 'S e thuirt ministeir aosda beagan mu 'n d'eug e, "Cha 'n urrainn mi ràdh, gu'n robh mi beò air dhoigh 's nach bu chòir dhomh eagal a bhi orm

as a bhàs, ach 's urrainn mi so a' ràdh, gu 'n dh'fhoghlum mi Criosd air dhoigh, 's nach 'eil eagal orm bàsachadh." Cha 'n 'eil ni 's mo dh' eagal air seann Chriosduidhean a' bàsachadh, na bhiodh orra an dinneir a ghabhail. Cha 'n 'eil ach neo-ni ann am bàsachadh, 'n uair a tha 'n Co' fhurtair a lathair. Tha fhios aig seann deisciobluibh nach 'eil anns a bhàs ach luidh sios 'nan leaba; tha fhios aca, gur fearr là am bàis na là am breith; agus thug so air Solamh a chiste mhairbh a roghnachadh roimh a chrùn, agus làtha 'bhàis roimh latha 'chrùnaidh.

Tha fhios aig seann chriosduidhean nach 'eil 'sa bhàs ach dol a steach chum beatha; cha 'n 'eil ann ach dol-thairis no iubile, cha 'n 'eil ann ach roimh-theachdair an Tighearna chum an stiùradh do neamh agus mar sin 'gan ullachadh gu bàsachadh, agus a' deanamh a bhàis dhoibh-san ni 's ro thaitniche na beatha; agus leis a so faodaidh sibh fhaicinn an t' urram a th' ann a bhi na sheann deisciobul.

VII. Gheibh ann seann deisciobul, 's an seann chriosduidh dùais mhòr air neamh. Rinn agus dh' fhuiling seann chriosduidhean mòran air son Chriosd; agus mar is mò ni, no dh'fhuilingeas neach air bith air son Chriosd anns an t-saoghal, 's ann is mo 'ghlòir air neamh. 'Se thuirt seann deisciobul air leaba 'bhàis, "Thainig E, thainig E (a' ciallachadh an Tighearna) le dùais mhòr air son oibre bheag." Gu cinnteach duaisichidh Criosd gu saoibhir uile 'naoimh a ta fulang air a shon; duaisichidh Criosd fa dheoidh an criosduidh air son gach ùrnuigh a rinn e, air son gach searmoin a dh' eisd e, air son gach dèur a shil e, air son gach làn-bcoil a thug e, air son gach eallach a ghiulan e, air son gach cath a chuir

e, air son gach nàmhad a mhàrbh e, agus air son gach buaireadh air an tug e bùaidh.

Ann am brosnachadh cath a thug Cirus d'a fheachd, 'n uair a bha iad a' dol air turas cogaidh mòr an aghaidh a' naimhdean, chum misneach ni b' fhearr a thoirt d'a shaighdearaibh gu cath, gheall e dhoibh 'n uair a bheireadh iad buaidh, gu 'n deanadh e gach saighdear 'ga chios na mharcach, agus gach marcach na cheannard, agus nach biodh ceannard air bith a dheanadh gu gaisgeil, gu 'n dùais. Ach ciod i dùais Chiruis, ann an coimeas ris an dùais a ta Criosd, ar Ceannfeadhna-ne, a' gealltainn d'a mhuinntir féin! Taisb. iii. 21—"Do 'n ti a bhuadhaicheas, bheir mi comas suidhe maille riumsa air mo righ-chaithir, àmhuil fòs a bhùadhaich mise, agus a shuidh mi maille ri m' Athair air a righ-chaithir-san." Mar nach 'eil tighearn air bith co'ionann ri Criosd, mar sin cha 'n 'eil dùais air bith co'ionann ri dúais Chriosd; is i dhùais-san an dùais is mò, bheir e rioghachdan, crùin, righ-chaithrichean, gràs, agus glòir, Salm lxxxiv. 11.

Tha e air a' radh mu Araunah, an Iebusach uasal sin, iomraiteach air son a thabhartais, nach robh aige ach sporan iochdarain gidheadh gu 'n robh cridhe righ aige; ach tha aig Iosa Criosda sporan righ cho math ri cridhe righ, agus bheir e a réir sin. Agus mar is i dùais Chriosd an dùais is mo, mar sin is i dhùais-san an dùais is cinntiche—"Is firinneach an Ti a gheall," 1 Tesal. v. 24. Cha tug Iosa Criosd riamh gealladh nach do choilion e, no coilionaidh se e gu cinnteach, 2 Corint. i. 20; ni h-eadh, tha e gu tric ni 's fearr na fhocal, 1 Corint. ii. 9. Iomadh uair tha e a' toirt tuille 's na tha sinne 'g iarraidh. Cha d'iarr an duine bha gu tinn leis a phairilis ach slainte, agus thug Criosda dha slainte, agus maitheanas. Cha d' iarr

Solamh ach gliocas, agus thug an Thighearna dha gliocas agus urram, saoibhreas agus deagh-ghean an t-sluaigh. Cha d'iarr Iacob ach èudach a chuireadh e uime, agus aran a dh'iteadh e, agus thug an Tighearna dha na nithe sin, agus saoibhreas agus trò-cairean eile 'nan lorg. Cha 'n 'eil Criosd a' tomhas a' thiodhlaicean le 'ur 'n iarrtuis-ne, ach le 'shaoibhreas agus le 'thròcair féin. Gu tric tha anaman gràsmhor a' faotuinn iomadh tiodhlaiceadh agus deagh-ghean o Dhia, air nach do smuainich iad riamh, 's nach bu dàna leo iarraidh, nithe air son am bheil muinntir eile deanamh strì anabarrach, agus gidheadh gun iad 'g am faotuinn. Cha d'iarr am mac stròghail ach aite seirbhiseach tuarasdail, ach thugadh aoidheachd dha mhar mhac, dh éudaicheadh e leis a chulaidh a b'fhearr, bheathaicheadh e leis an laogh bhiadhta, chuireadh fainne air a làimh, bròghan air a chosaibh, agus tiodhlaicean saoibhir, tuille 's na dh' iarr e. Cha d'iarr mic Iacoib ri am gorta ach còrc a mhàin, agus phìll iad le coirc agus airgiod nan saic, agus mar an ceudna le naigheachd mhath—"Tha Ioseph beò, agus tha e na uachdaran air tir na h-Eiphit uile."—Agus mar a tha 'dhùais-san ni 's mò agus ni 's cinntiche na dùais eile, mar sin tha i ni 's bùaine agus ni 's maireannaiche na dùais eile; an rioghachd a bheir e is rioghachd i nach fhaodar a chrathadh; an t'ionmhas a bheir e is ionmhas e nach gabh trùailleadh; agus a ghlòir a bheir e is glòir i nach searg; ach an dùais a bheir daoine, tha i coslach riu féin, caochlaideach agus neo-sheasmhach, crionaidh agus seargaidh i. Chrùn Xerxes a stiùradair 'sa mhadainn, agus thug e 'n ceann deth air feasgair an là sin féin. Faodaidh chuid is mò a' ràdh mu 'n crùin, mar a thuirt righ àraidh mu chrùn féin, "O chruin, is mò

th' annad a dh' uaisle na shonas." Faodaidh an saoghal nithe mòr a thoirt dhuibhse, gidheadh cha 'n urrainn an saoghal sibhse chumail 'nan seilbh; ach na nithe mòr, an dùais mhòr a bheir Criosd d' a mhuinntir féin cumaidh e gu bràth iad 'nan seilbh; mar biodh sin mar sin, cha bhiodh flaitheanas na fhlaitheanas, 's cha bhiodh gloir na ghlòir: nise, leis na nithe so uile faodaidh sibh fhaicinn, gu bheil e na urram ro mhor a bhi na sheann deisciobul, 's 'na sheann chriosduidh; agus cha ruig sibh gu bràth air an urram sin, mar toisich sibh ri bhi da rireadh math na thràth, mar pill sibh ris an Tighearn agus còir fhaotuinn ann, ann am madainn na h-oige.

Thig mi nise gu ni eigin do dh'fheum agus do chleachadh a dheanamh do 'n fhirinn chudthromach so dhuinn féin.

Tha sibh a' faicinn, a mhuinntir ionmhuinn, gur e àrd dleasnas agus gnothaich dhaoin' òga bhi da rireadh math na thràth.

Feum 1. Tha 'n fhirinn so ag amharc ro-uamhasach air na daoinibh òga sin, nach 'eil ach a mhàin math a thaobh coslais, aig am bheil ni eigin, do shàmhladh maitheas, gidheadh nach 'eil ceart a thaobh Dhé aig an fhréumh. Mar bha Ioas an laithibh òige, bha e coslach ri nithibh math a bhi ann a thaobh an Tighearna, fhad 'sa bha deadh Iehoiada beò ach 'n uair a dh'éug Iehoiada, dh'adhlacadh maitheas Ioais maille ris, 2 Eachd. xxiv. 1. &c. Mo thruaighe! cia lion iad anns na laithibh so a bha math a thaobh coslais, a thionnda gu bhi olc, seadh tur olc! Muinntir 'nan òige rinn aideachadh mor, agus a ghabh orra ainm mòr, a thoisich ri dealradh ni bu bhoillsgeanta na na réultan, gidheadh a tha nis air dol as coslach ris na h-uiread a smàil, chum eas-onoir Dhé, mi-chliu an

t-soisgeil, bròn muinntir eile, agus cunnart an anama féin. O mhuinntir òga! bithidh 'ur ceud aidmheil na fhianuis uamhasach 'nur 'n aghaidh ann an là mòr 'ur Tighearn Iosa Criosd, mar dean sibh aithreachas agus pilltinn da rireadh chum an Tighearna. O b'fhearr dhuibh nach d'rinn sibh riamh aideachadh, nach do chuir sibh riamh 'ur 'n aghaidh air neamh, nach d'aidich sibh riamh do Dhia agus do Chriosd, nach robh eòlas agaibh riamh air slighe na firinnteachd, na'n deigh dhuibh eòlas fhaotuinn air, pilltinn o'n àithne naomh!

Tha Ciprian, 'na shearmoin air cùl-sleamhnachadh, ag innse mu lionmhoireachd a thréig an creidimh, a thugadh thairis do dhroch spioradaibh, agus a bhàsaich gu h-uamhasach. O na meallaidhean, agus na barailean a ta cuir Chriosda dheth 'n chathair, a' milleadh na coguis, agus a' sgrios an anma, dh'am bheil lionmhoireachd do mhuinntir òg, (a bha uaireigin, nam muinntir mu 'n robh dòchas) air an toirt thairis! Tha 'n sgriobtur uabhasach sin coslach ri bhi air a choilionadh orr' ann an cumhachd: "Bithidh amhluath air gach aon a threigeas an Tighearn; sgriobhar iad nan luchd ceannairc san talamh," Ier. xvii. 13. Cha 'n 'eil ann an toiseachadh math, agus gun leantuinn, ach eiridh gu céum ni 's àirde, chum 's gu 'm bi an tuiteam ni's ro uabhasaiche. Is peacadh leòntach an cùl-sleamhnachadh. Cha 'n eil sibh a leubhadh mu arm air bith air son a chulaobh ged a tha sibh a leubhadh mu arm air son a bhroillich. Esan nach 'eil ach màth a thaobh coslais, dearbhaidh e fadheoidh a bhi anabarrach olc, 2 Tim. iii. 13. "Ach fàsaidh droch dhaoine agus mealltairean ni 's miosa agus ni 's miosa, a' mealladh agus air am mealladh." Ged tha 'm madadhalluidh gu minic a deanamh gnuis mhealladh, agus

gu cealgach a' folach a nàdur, gidheadh nochdaidh e uair-eigin gur madadh-alluidh e. Bha neach àraidh ann an laithibh Adrian d' am b' ainm Bencosbie, a thionail cuideachd mhòr do na h-Iudhaich an ceann a cheile, agus ghairm e dheth féin Bencocuba, is e sin ri ràdh, mac na réult, a' co-chuir na faidheadaireachd sin ris féin, Airea. xxiv. 17—" Thig réult a mach a Iacob, agus eiridh slat rioghail a h-Israel." Ach thugadh a sgàile air falbh, dh' fhoillsicheadh a chealgaireachd, agus fhuaradh esan a bhi na Bharchosaba, is e sin ri ràdh, mac na bréige. Tha mòran do'n leithidean sin a dh'uile-bheistean anns an àl so, ach tha 'n amaideachd air a brath, agus an cleachdaidhean air am fuathachadh. B'e cliù an duin' òig anns a bhònnteagaisg, gu'n d' fhuaradh ann math firinneach a thaobh an Tighearna.

Feum. 2. Tha 'n fhirinn so ag amharc gu h-aniochdmhor air na daoinibh òga sin, a tha cho fada o nithibh math a bhi annta thaobh an Tighearn, 's gu bheil iad 'gan toirt féin thairis do dhiomhanas agus do ana-mhiannaibh na h-òige, a tha nam brosnachadh, nam mi-thaitneas, agus nan eas-onoir do 'n Tighearn, a tha ruith gun ghnothach o thigh gu tigh, a' cluich air chairtibh 's air dhìsnibh, ag òl agus ri neo-ghlaine, agus an leithidean sin: tha iad sìn gu cinnteach a' deanamh obair air son aithreachais, no ifrinn, no air son Lighiche an anama.

Cha dean mi ach a mhain olc na h-òige, ainmeachadh, agus an sin thig mi chum an ni is mò th'air a rùnachadh.

CAIBDEIL III.

'S e 'n ceud olc a tha gu sònruichte ag leantuinn na h-oige, an t-Ardan.

Ardan cridhe, àrdan éididh, àrdan chàileachdan; tha daoin' òga ullamh gu bhi àrdanach a slainte, neirt, cairdean, dàimhean, tuigse, saoibhreas, agus gliocas! dà ni a tha ro theirc, 's e aon diubh, duin' òg fhaicsinn iriosal agus caithriseach, agus an aon eile diubh, seann duine fhaicsinn toilichte agus suilbhear. Tha Bernard ag radh, gu bheil an t' àrdan dileas d' an duine shaoibhir, agus tha féin-fhiosrachadh lathail a' cuir an cèill gu bheil an t' ardan dileas d' an duin' òg. "Bha aig Dia (arsa neach àraidh) triuir mhac, Lucifer, Adhamh, agus Criosd; dh'oidhirpich an ceud fhear air a bhi coslach ri Dia ann an cumhachd, agus air an aobhar sin thilgeadh sios e a flaitheanas; an dàra fear air a bhi coslach ris ann an eòlas, agus uime sin a réir a thoilltinneas, sgiursadh e a mach a Eden, an laithibh òige; bha 'n treas fear gu h-iomlan coslach ris, agus lean se e 'na mhaitheas, 'na thròcair, agus 'na iroslachd, agus leis a so a dheanamh, fhuair e òighreachd shiorruidh." Cuimhnichibh so a dhaoin' òga, agus mar a b'àill leibh Pàrras a bhuannachd, agus Pàrras a mhealtainn, bithibh iriosal, agus fanaibh iriosal. Is olc an t' àrdan a threòraicheas daoine chum gach uile ghné uilc a' chur an gniomh. Cha 'n ainmich mi aig an am, ciod an truaighe bhrònach a thug ardan Pharaoih, ardan Hamain, agus ardan Belshasair orra.

O dhaoin' òga! nam biodh uinneag aig muinntir eile gu amhairc a stigh 'nur cridheachaibh, no nam biodh 'ur cridheacha far am bheil 'ur 'n cudanna,

bhiodh eagal oirbh eadhon asaibh féin, bhiodh fuath agus gràin agaibh dhibh féin. O dhaoin' òga! mar a b'àill leibh Dia bhi na fhear-tighe maille ribh, mar a b'àill leibh eòlas a bhi agaibh air inntinn agus air uaigneas, mar a b'aill leibh Criosd tlachd a' ghabhail annaibh, agus an Spiorad comhnuidh ghabhail annaibh, mar a b'aill leibh a bhi urramach a' measg naoimh, air 'ur frithealadh agus air 'ur cuairteachadh le ainglibh, bithibh iriosal, agus fanaibh iriosal.—B' òirdheirc a chomhairle thug Tertulian d' a òige 'la "Seudaichibh sibh féin (ars' esan) le sioda na diadhachd, le srôl na naomhachd, agus le cŏrcar na geimnìdheachd; agus mar sin bithidh Dia féin agaibh mar 'ur fear gràidh."

II. 'S e 'n dara olc d' am bheil an òige buailteach, tlachd agus toilinntinn fheolmhor. "Dean gairdeachas, a dhuin' òig, a' t' òige, agus siubhail ann an slighibh do chridhe, agus ann an sealladh do shùl." Ecl. xi. 9. Tha 'n duine glic, ann an rathad fanoid, ag iarraidh air a shaorsainn a chleachdadh, agus gairdeachas a dheanamh anns a pheacadh, &c. Mar gu 'n abradh e, tha thusa toileach agus suidhichte air do thoilinntinn a' leantuinn, rach air t'adhairt, lean do chùrsa: labhair e so ann an rathad sgeig agus fanoid shearbh, ach biodh fhios agad, air an son so uile, gu 'n toir Dia chum breitheanais thu. "Uime sin rinn Samson cuirm, oir mar sin bu ghnàth leis na daoinibh òga dheanamh;" mar is trice tha cridheachan dhaoin' òga gu mòr air an toirt thairis do thoilinntinn. Leubh mi mu óganach, e bha gle mhor air a thoirt do thoilinntinn, neach, air dha bhi na sheasamh làimh ri Ambrose, agus a' faicinn a bhàis òirdheirc, thionndaidh e, agus thubhairt e ri òganaichibh bha lathair, "O! gu 'm bithinn beò maille ribhse, agus gu 'm

bàsaichinn maille ris-san" Tha toilinntinn fheolmhor coslach ris na locuist sin, Taisb. ix. 7, aig an robh air an cinn mar gu 'm biodh crùin cosmhuil ri h-òr, ach anns an 10 rann, tha e air a' radh gu 'n robh (cha 'n ann mar gu 'm biodh, ach) gathanna nan earblaibh. Cha 'n 'eil ann an toilinntinn fheolmhor ach toilinntinn ann am barail, agus a thaobh coslais gidheadh tha 'm peanas a ta 'ga leantuinn fior agus cinnteach: esan a tha gabhail tlachd ann an toilinntinn fheolmhor, chi e gu n tig a thoilinntinn is mo gu bhi na pian shearbh dha. Dh' amhairc na Cinnich air taobh cuil toilinntinn, agus chunnaic iad i dol air falbh uatha, agus a' fàgail gath na deigh.

Siubhlaidh toilinntinn air falbh co luath 's a sgitheicheas i an corp, agus fagaidh i e mar bhagaid fiondhearc as am biodh an sùgh air fhàsgadh; ni a thug air neach àraidh a ràdh, "Cha 'n fhaic mi toilinntinn 'san t-saoghal ni' s mò, na toilinntinn an t-saoghail a chuir an dìmeas." Ged nach robh ann an Iulian ach ana-creideach, gidheadh dh'aidich e, "Gu 'n robh toilinntinn a chuirp tŭr suarrach air son spiorad uasal." Agus tha Tulli ag ràdh, 'Nach fiù e ainm duine neach a chaitheadh aon là iomlan ann an toilinntinn;" is fearr gun toilinntinn a mhiannachadh, na toilinntinn a mhealtuinn. "Mu ghāire thubhairt mi. Is caothach e: agus mu shùgradh, Ciod a ni e?" Ecl. ii 2. Tha cheist a' toirt dùbhlan do gach maighstir sùgraidh toradh taitneach air bith a tha e toirt a mach fheuchainn, ma's urrainn iad. Mar a ta 'n seillean ag itealaich o aon lùibh gu lùibh eile, agus gu 'n sasachadh fhaotuinn, agus mar a ta duine tinn a' gluasad o aon leabaidh gu leabhaidh eile, o aon suidheagan gu suidheagan eile, o aon seomar gu seomar eile, air son socair, agus gun fhaotuinn—'s ann mar sin a tha

daoine th' air an toirt thairis do thoilinntinn fheòlmhor, a' dol o aon toilinntinn gu toilinntinn eile, ach cha 'n urrann doibh riarachadh, no sàsachadh air bith fhaotuinn 'nan taitneasaibh. Ecl. i. 8, "Cha shàsuichear an t-sùil le faicinn, agus cha lionar a' chluas le cluinntinn." Tha mallachd na do-shàsuchaidh na luidh air a chreatuir, cha 'n urrainn urram an duine glòir—mhiannach a shàsachadh, na sàoibhreas an duine sanntach, na toilinntinn an duine mi-stuama; cha 'n urrainn duine sgios aon toilinntinn a chur dheth le toilinntinn eile, oir an deigh began mhionaidean a chaitheamh ann an toilinntinn, air bàll dibiridh an corp an inntinn, agus an inntinn an togradh, agus an togradh an taitneas, agus an sin dibiridh an t-iomlan an duine.

Is striopach mhaiseach toilinntinn, 'na suidhe 'na carbad, 'g an ceithir chuidhleachan, ardan, geocaireachd, anna-miann, agus diomhanas; agus is iad an dà each pailteas agus soirbheachadh; agus is iad an dà charbadair neo-churam agus leisg; agus is iad a' luchd coimheadachd agus leanmhuinn cionta, doilgheas, aithreachas anmoch (ma bhios e idir ann), agus mar is trice leir-sgrios agus bàs; is iomadh duine mòr, is iomadh duine làidir, is iomadh duine saoibhir, is iomadh duine mu 'n robh deagh earbsa, agus is iomadh duine òg, air an tug i 'm bās, ach cha do shealbhaich a h-aon riamh lan toileachadh agus riarachadh innte. O dhaoin' òga! seachnaibh an t-striopach so, agus na tigibh am fagus do dhorus a tighe. Agus a thaobh toilinntinnean cheaduichte, abram, is e 'ur gliocas a mhàin beantuinn riu, am blàsad, agus an cleachda, mar a chleachd neach roimhe so am puinsion, chum sibh féin a dheanamh laidir an aghaidh téinn agus galairean gabhaltach. 'N uair a d'fhiosraich Mr Roger Ascham do 'n Bhaintigh-

earna Sìne Gré, cionnus a b' urrainn i a leithid a dh'fhearas-chuideachd a chàll, air d'a h-āthair, maille ris a Bhàn-diùchd, a bhi sealg anns a phàirc, fhreagair i le fiamh-ghàire, "Cha 'n eil anns gach uile fhearas-chuideachd a th' anns a phàirc ach sgàil do 'n toilinntinn sin a tha mi a faotuinn anns an leabhar so," air dh'i leabhar mhath a bhi aice 'na làimh.

Mu 'n d' iompaicheadh Augustine, cha b' urrainn e innse cia mar bhiodh e beò as easbhuidh nan nithe sin anns an robh a mhòr thlachd; ach 'n uair a chaochladh a nàduir, agus a philleadh a chridhe gu gràsmhor ris an Tighearn. "O cia mìlis (ars' esan) a tha e bhi as éugais nan nithe taitneach sin a bha mi a' sealbhachadh roimhe so." O dhaoin' òga! aon uair 's gu 'n tig sibh gu fiosrachadh fhaotuinn air a' mhaitheas, agus air a' mhillseachd, a th' anns an Tighearna, a tha 'na fhocal agus 'na [illegible]lighibh, an sin suidhidh sibh sios a' caoidh, gu 'n chaith' sibh ni 's mo dh'fhion anns a' chùpa, na dh'oladh anns an lòchrann. Cha' n 'eil toilinntinnean sam bith co taitneach agus co maireannach, riu sin a tha srùthadh o aonadh agus o cho'chomuinn ri Dia, riu sin a tha srùthadh o dhearbhachd air còir ann an Dia, agus o shiubhal iriosal, agus naomh, maille ri Dia.

III. 'S e 'n treas peacadh d' am bheil an òige buailteach, spiorad brăs. Mar is tric cha 'n 'eil an eòlas ach beag, agus an cùram ni 's lugha, agus mar sin tha iad ullamh gu h-obann gu ruith air ais agus air àdhart gu minig chum an sgrios féin—"Cuir impidh air na daoinibh òga mar an ceudna, iad bhi ciallach," Tit. ii. 6. Tha iad ullamh gu bhi brăs, mar a dh'fhaodas sibh fhaicinn ann an comhairlichibh òga Rehoboaim, a chomhairlich e gu innse do 'n t-sluagh, a bha 'g osnaich fo 'n callachaibh, gu 'm biodh a lùghdagsa ni bu ghair-

bhe na leasraidh àthar, agus gu 'n cuireadh esan ri 'n cuing, agus do bhrigh gu 'n smachdaich athair iad le slataibh, gu 'n smachdaicheadh esan iad le scorpionaibh; thionndadh a chomhairle bhrăs so gu bhi na h-aimhleas do Rehoboam. Seadh, Daibhidh féin, ged bu duine math e, gidheadh air dha bhi ann an teas òige agus fheirge, cia cho crŏnail a fhuaradh buaidh air le spiorad brăs? "Mar is beò an Tighearna Dia Israeil (ars' esan) mur bitheadh tu air deanamh cabhaig, agus air teachd a' m' choinneamh, gu cinnteach cha 'n fhàgta do Nabal gu solus na maidne, neach sam bith a ni uisge ri balladh," 1 Sam. xxv. 34, 35. Agus dhaingnich e so le mionnaibh; a chionn gu 'n robh am maighstir gu h-amaideach, ceann-laidir, 's eigin do na seirbhisich neo-chiontach uile bhi truagh, agus do bhrigh gu 'n robh Nabal biasdail mu' aran, b'àill le Daibhidh bhi stròghail mu' fhuil-san. O cia neo-choslach ri criosduidh, seadh, cia neo-dhuineil, a ghiulan Daibhidh e féin na fheirg, 'n uair a bha e na thràill do spiorad bras agus feargach! Cha toir spiorad brăs aobhar air bith, ach sin a dheachdas fhéin mhi-reusandach air son aobhair; mar is àinmig a bheir an leisg gniomhara gu breith cheart, mar sin bheir spiorad brăs do ghnàth orra tuisleadh roi'n mhithich mu 'n ceart a tha iad air an dealbh: is spiorad neo-choslach ri Dia spiorad brăs; is spiorad anmhuinn agus neo-dhuineil e. "Bithidh fear na tuigse ciùin na spiorad," Gnath, xvii. 27; gun bhi bras agus gàrg, ullamh gu anam a dhoirteadh amach ann am fearg gach tionnda tarsuing. Tha spiorad brăs a' toirt air falbh duinealas an duine, agus 'ga threorachadh, gu nithibh taireil a ghniomhachadh. Gun amharus, cha bhiodh crioch air, nam foillsichinns' a liuthadh olc mòr agus truagh a th' air a thoirt a steach chum an t-saoghail leis an aon olc sin, spiorad brăs, a tha mar is trice a' leantuinn na h-oige.

Agus uime sin, a dhaoin' òga, seachnaibh e, agus àrmaichibh sibh féin 'na aghaidh.

IV. 'S e 'n ceathramh peacadh a tha gu gnàthaichte a' leantuinn na h-oige, sgeig agus fanoid air daoinibh diadhaidh agus air nithibh diadhaidh. Bu mhuinntir òg iadsan a thuirt ris an Fhaidh, "Gabh suas, fhir mhaoil; gabh suas, fhir mhaoil," 2 Righ ii. 23. Agus rinn na daoin' òga sgeig agus fanoid air Iob, "Ach a nis tha iadsan a's oige na mise a' deanamh fanoid orm, muinntir nach b'fhiù leam an athraichean a chuir meaill ri conaibh mo threuda. Air mo dheas laimh dh'eirich an oigridh, thug iad air mo chòsaibh sleamhnachadh uam, agus thog iad suas a' m' aghaidh slighean an sgrios," Iob xxx. 1, 12. Agus, Oh! gu 'n a leithid sin a dh' uilebheistean a bhi co lionmhor 'san àl so, a tha comharraichte aig a cheaird dùbh agus mhichliùiteach sin, sgeig agus fanoid air pobull agus air slighibh Dhé.

Am-meas sibhs' e sabhailte bhi fanoid air pobull Dé, muinntir is iad ceile Chriosd, a tha mar ubhal a shùla, muinntir is iad comharradh a làimhe deise, a chùibhrionn a chùibhrionn thaitneach, 'òighreachd, a shéud, agus a chrùn-rioghail? O dhaoin' òga, 'n àill leibhse smuaineachadh gu cùramach cia crŏnail agus cràiteach a rinn e peanas air dream eile bha ri sgeig agus ri fanoid? agus leis na breitheanasan a chuir e 'n gniomh orra-san, gabhaibh-sa rabhadh agus na deanaibh fanoid gu bràth air pobull, no air slighibh Dhé. Bha Iulian na fhear mòr magaidh air na criosduidhean, ach mu dheireadh bhualadh e le saighead o neamh, a thug air gu 'n ghlaodh e a mach, "Thug thusa Ghalileich (a' ciallachadh ar Slanuighear Criosd) buaidh orm." Cha do sguir Felics, air son aon fhanoid mhi-runach, ach a' sgeith fola a là 's a

dh'òidhche, gus na sgaradh anam mi-shonadh o chorp trùagh. Dh'itheadh Pherecides le cnuimhibh agus e beò, do bhrigh nach tugadh e ach frith-ainm do 'n diadhachd. Chaidh Lucian, a chionn a bhi tabhanaich an aghaidh na diadhachd mar mhadadh, le ceart bhreitheanas Dé, itheadh le coin. Cuimhnichibh na bhreitheanais uabhasach sin a chuir Dia an gniomh air luchd sgeig agus fanoid; agus ma 's toil leibh iad, leanaibh air 'ur sgeig agus air 'ur fanoid, ach biodh fhios agaibh, gu 'm bi ceartas fadheoidh an airde ribh, ni h-eadh, os 'ur ceann.

V. 'S e 'n cuigeamh agus an t' olc mu dheireadh a dh'ainmicheas mi, a tha leantuinn agus an tòir air an òige, ana-mianna agus macnusachd. Ni a thug air Pol aosda rabhadh a thoirt do Thimoteus og "Teicheadh o ana-mhiannaibh na h-òige," 2 Tim. ii. 22. Bu duine geamnuidh agus smachdaichte Timoteus: bha e gu mor air irioslachadh agus air a naomhachadh; bha 'ghràsa àrda agus a thruaillidheachd iosal; shiubhail e 'n saoghal so mhàn agus an àirde le smuaintibh bàsmhor, agus le corp lag bàsmhor, air cromadh sios le easlaint; bha chridhe ann am flaitheanas, agus a chos anns an uaigh, agus gidheadh tha 'n òige na h-àm co tuisleach, 's gu bheil Pol ag àithneadh dha teicheadh le cabhaig o ana-mhiannaibh na h-òige; ged bha Timoteus na dhuine math, na dhuine lag tìnn, na dhuine iongantach measarradh, ag òl uisge 'n àite fion; gidheadh cha robh ann ach duine, seadh duin' òg; agus uime sin, 'se comhairle agus aithne Phol, "Gu'n teicheadh sibh o ana-mhiannaibh na h-òige." Agus thug Solamh, neach a bha eòlach o fhéin-fhiosrachadh air uile thuislidhean na h-òige, a chomhairle so "Cuir olc air falbh o t'fheòil; oir is diomhanas leanabachd agus òige," Ecl. xi. 10. Bu duin' og a lean an t'

striopach chum a tighe; bha e òg am bliadhnaibh agus an eolas; tha neach àraidh ann an labhairt air na briathraibh so ag ràdh, "Gu'm bu shonadh an lìnn anns nach robh ach aon duin' òg baoghalt am measg mhòran, ged tha aireamh mhòr dhiubh anns na h-amaibh deireannach so;" mo thruaighe! tha iomadaidh do òige na lìnn so, an àite bhi teicheadh o ana-mhiannaibh na h-òige, 's ann a tha iad le dian-chabhaig an tòir orra. Thuirt neach àraidh ann an labhairt mu'n òige, gu bheil i cruaidh r'a riaghladh, furasda r'a toirt a thaobh, ullamh gu bhi air a mealladh, agus feum aice air sréin ro laidir.

Rinneadh dealbh na h-Oige, o shean coslach ri duin' òg rùisgte, le brat-sgàile air aghaidh, a làmh-dheas, ceangailt air a chulaobh, a làmh chli fuasgailte, agus Uine air a chulaobh a' spionadh aon snaithean as a bhrat gach là; a' ciallachadh, gu bheil daoin' òga gun eòlas, agus dàll, neo-chomasach air math a dheanamh, agus ullamh gus an olc, gus an dean ùine ni 's glice iad a lion beag agus beag. Air an aobhar sin, a dhuin' òig, cuimhnich so gu 'n toir an t'sradag agus an lasadh is lugha do dh'ana-mhiannaibh, luath no màll osnaich agus bron, deoir agus uamhas ni 's leoir ort. 'S iad na cuig sin na peacanna a ta mar is tric a' leantuinn, agus an toir air an oige, ach uatha sin bha 'n duin' og anns a bhonn teagaisg air a ghleidheadh, ni is mo na 's dàna leamsa ràdh mu gach uile a leubhas an leabhar so. Ged is iad na cuig sin peacanna na h-oige; gidheadh cha 'n iad uile pheacaidh na h-oige, or tha 'n oige fosgailt agus buailteach do gach peacadh eile, ach is iad so na peacanna sonraichte, tha mar is trice a' leantuinn agus an toir air daoin' oga, ann an àm an oige, agus ann am madainn an laithean.

CAIBDEIL IV.

Ni mi nise cabhaig chum an fheum àraidh air a' bheil a rùn orm labhairt, eadhon, feum earail do gach uile mhuinntir òg.

O mhuinntir òga ! ma tha meas agaibh air glòir Dhé, math 'ur cùirp aoibhneas 'ur càirdean criosduidh, agus slainte 'ur 'n anama féin, guidheam oirbh agus comhairlicheam dhuibh a bhi math da rireadh. B'e cliù agus urram Abiah gu 'n d'fhuaradh ann ni màth a thaobh an Tighearna 'na leanabuidheachd. O gu 'm b'e 'ur 'n urram agus 'ur sònas a bhi math da rireadh, chum gu 'm bi e dhuibh na ainm agus na chliù, gu 'n thoisich sibh air an Tighearn iarraidh, agus aithneachadh, a ghràdhachadh, agus còir agus seilbh fhaotuinn ann, ann am madainn 'ur 'n oige.

Nise, chum gu 'n gabh an earail so freumh dhaingean, guidheam oirbh gu durachdach beachd-smuainichibh agus thugaibh fainear na h-aobharan bhrosnuich so a leanas :—

1. Thugaibh fainear, gu bheil e na urram a bhi math na thràth. Tha naomh òg coslach ri réult na maidne ; tha e coslach ri neamhnuid ann am fàinne òir. Tha e air ainmeachadh mar urram shonraichte do na h-Iudhaich chreidmheach, gu 'n chuir iad air tùs dòchas ann an Criosd, Eph. i. 12, "Ionnas gu 'm bitheamaidne a chuir air tùs dòchas ann an Criosd, chum cliù a ghlòire-san ;" b'e so an cliù agus an crùn, gu 'n robh iad air tùs air an iompachadh, agus air am pilleadh a chum Chriosd, agus an creidimh criosduidh. Uime sin, air do Phol, Andronicus agus Iunia ainmeachadh, cha d' rinn e dearmad air an aobhar chliù agus urram so, gu 'n robh iad ann

an Criosd roimhe-sa, Rom. xvi. 7, "Cuiribh fàilte air Andronicus agus Iunia, mo luchd dàimh agus mo cho' phriosunnaich, a tha cliùiteach am measg nan Abstol, agus a bha ann an Criosd romhamsa."— Agus b'e urram teaghlaich Stephanais gu 'm b' iad ceud thoradh Achaia; is mò an t'urram do dhuin' òg buaidh fhaotuinn thar a pheacadh, thar Satan, thar buaradh, thar an t-saoghal, agus thar ana-miannaibh na b'urrainn Alastair mòr riamh ruigheachd air. B'e cliù agus urram Iudah gu 'n robh iad air thoisich ann an toirt dhachaidh an Righ.

O mhuinntir oga! bithidh e na chliù agus na urram siorruidh dhuibhse, ma bhios sibh roimh muinntir eile, ma bhios sibh air thoisich am measg lionmhoireachd, d' an aithne an Tighearn agus a dh'iarras e; a dhlùth ghabhas ris an Tighearn agus a bheir di-bheatha dha; a dhlùth-leanas ris an Tighearn agus a ni seirbhis dha; a bheir urram d' an Tighearn agus a ni umhlachd dha; a ghabhas tlachd anns an Tighearn, agus a ghluaiseas maille ris. Gu cinnteach cha 'n 'eil crùn air bith coimeas ris a chrùn a chuireas maitheas air ceann neach; seargaidh agus crionaidh gach urram eile. Rinneadh Adoni-besec, prionnsa cumhachdach gu h-obann na chòmpanach do na coin. Agus chuireadh Nebuchadnesar, fear-cogaidh cumhachdach, gu bhi 'g itheadh féur maille ris na dàimh. Agus thugadh Herod a mhàin o bhi na dhia 'na bharail féin, gu bhi ni bu ghraineile do na h-uile dhaoine; na chlosach bheò, air a shàradh leis na créutairibh bu shuarraiche, a chionn gu 'n mhaslaich e a Chruithear. Agus bha Haman aig cuilm maille ris an Righ an diugh, agus am màireach rinneadh e féin na chuilm do éunlaith an àthair.— Dh'fhaodainn innseadh dhuibh mu lionmhoireachd a

thuit gu h-obann o àrd urram, agus soirbheachadh saòghalt, chum an tàir agus an t-suarraich bu mhò; ach cha 'n āill leam aig an àm so. Gidheadh an t-urram sin a tha 'g eiridh o dhaoinibh bhi math na thràth, is urram e nach urrainn an saoghal aon chuid a thoirt no ghabhail; is urram agus is crùn e a bhios a ghnà ùr agus fo bhlàth; is urram e a theid gu 'leabaidh agus gu 'bhòrd maille ri neach, a dh'fhanas maille ris fo gach deuchainn agus atharrachadh, agus a theid do 'n ùaigh, agus do fhlaitheanas maille ris.

O dhaoin' òga! cha bheag an t-urram dhuibhse th' ann an aois 'ur 'n oige, gu 'n dh'fhàg an Tighearn air chuimhne iomadh, eisimpleir d'a ghaol agus d'a thlachd ann an dhaoin' òga; ròghnaich e Daibhidh, am brathair a b' òige, agus chaidh e seachad air a bhràithribh bu shine; bha 'ghruaim ri Esau, agus chaidh e seachad air a dhorus, agus shuidhich e a thlachd air Iacob, am brathair a b' òige; ghabh e gu caomhail agus gu gràdhach ri pearsa agus ri òbairt Abeil, agus dhiult e araon pearsa agus òbairt Chain, ged a b' e am brathair bu shine. Am measg nan deisciobul uile, b'e Eoin a b' oige, agus bu mho agus a b'fhearr a ghràdhaicheadh. Cha tainig ach aon duin' og a dh' ionnsuidh Chriosd, agus cha tainig e gu ceart, agus is e uile na bh' ann a mhath, ni cigin a mhath modhannail, agus gidheadh ghràdhaich Criosd e le gràdh iochd agus truais; tha 'm focal anns a Ghreugais a' ciallachadh, labhairt gu cairdeil, agus buintinn gu sùairce ri neach; agus mar sin rinn Criosd ris-san; bu choir do na h-eisimpleiribh so misneach anabarrach a thoirt do dhaoin' oga, gu bhi math na thràth, a bhi gràsmhor 'nan oige, cha 'n 'eil rathad eile chum fior urram cosmhuil ris a so; Ach,

2. Thugaibh fainear, ghràdhaich Criosd peacaich bhochd, agus thug se e féin-air an son ann an trein a neirt (air dha bhi, réir barail dhaoine, mu thimchioll tri bliadhna deug thar fhichead a dh' aois); agus nach toir sibhse dhasan ach a chuid is miosa do bhur 'n ùine? O dhaoin' òga! thug Criosd e féin tharais gu bàs air 'ur son-sa, thug se e fein na ìobairt air son 'ur peacaidh-sa, ann an tréin a neirt; agus c'ar son ma ta a chuireadh sibhse dàil ann an gabhail rị Criosd gu sean aois? Na bhasaich esan air son peacaidh ann an tùs a laithean? agus nach bàsaich sibhse do 'n pheacadh ann an tùs ur laithean? An tug esan e fein suas air 'ur sonsa 'na oige? agus nach toir sibhse sibh fein suas dhasan ann 'ur 'n oige? O na tugaibh aobhar do Chriosd a ràdh, bhàsaich mise air 'ur sonsa na thràth, ach cha robh sibhse beo dhomhsa na thràth; dh'fhuiling mise gu moch air 'ur sonsa, ach cha do phill sibhse gu moch do m'ionnsuidhse; rinn mise cabhaig chum 'ur saorsa chriochnachadh, ach cha d' rinn sibhse cabhaig chum 'ur gairm agus 'ur taghadh a dheanamh cinnteach; cha d'fhan mi agus cha d' rinn mi moille, ach gu grăd dh'fhuiling mi na bh' agam ri fhulang, agus gu h-eallamh rinn mi na bha ri dheànamh air son 'ur slainte shiorruidh, ach dh'fhan sibhse agus rinn sibh molle (mar rinn Lot ann an Sodom), agus cha d' rinn sibh na dh'fhaodadh sibh a dheanamh chum 'ur math siorruidh a chuir air aghaidh; ann an tùs mo làithean dhoirt mi m'fhallas air 'ur sonsa, ghuil mi air 'ur sonsa, dhoirt mi m'fhuil air 'ur sonsa, chèusadh mi air a chrànn air 'ur sonsa, ghiulain mi corruich m' athar air 'ur sonsa, ach cha do dhoirt sibhse 'ur fallus fo chorruich Dhé, ann an tùs 'ur làithean, cha d' rinn sibh gal os ceann 'ur peacadh, no bron tharais ormsa chràdh agus a lot sibh co tric;

cha b' urrainn mi a bhi aig fois no toilichte gus an tug mi slainte thugaibh, agus gidheadh tha sibhse toilichte 's aig fois, ged nach 'eil fhios agaibh am bi sibh gu bràth air 'ur tearnadh.

O! cia brònach a bhiodh sibh, nan réusanaicheadh Iosa Criosd a chùis mar so ri bhur coguis air an làth an diugh! O! cia uamhasach a bhiodh e dhuibh, nan tagradh Criosd a chùis mar so gu follaiseach 'n ur'n aghaidh anns an là mhor! O! mhuinntir oga, co ach anamanan gu mòr air an treigsinn le Dia, air an dalladh le Satan, agus air an cruadhachadh anns a pheacadh, is urrainn eisdeachd ri Iosa Criosd, a' labhairt mar so riu?— "Dh'fhuiling mi air son peacaich, leig mi sios eirig air son anama, shiothaich mi fearg m' Athair, agus riaraich mi a cheartas, choisinn mi gràs agus tròcair air son pheacach, thug mi a steach firinnteachd shiorruidh chum an t-saoghail," &c. Tha mi 'g ràdh, co is urrainn eisdeachd ri Iosa Criosd a' labhairt mar so, agus gu 'n anam aonadh ann an gaol agus ann an cumhnant ris, agus gu 'n e fein a thoirt suas da, agus dlù-leantuinn ris gu bràth, ach iadsan a tha gu bràth air an treigsinn leis? Air an aobhar sin, cuimhnichibh so, Mar is suarraiche a rinn Criosd e féin air 'ur son-ne, 's ann is ro luachmhoire bu chòir dhasan a bhi dhuinne. O dhaoin' oga! cuimhnichibh so, 'na oige bhuaireadh agus dhearbhadh Criosd; ann an tùs a laithean, bha a lotan domhain, 'eallach trom, a chùpa searbh, 'fhallas cràiteach, a chruaidh ghleachd agus a chràdh os ceann càinnt agus smuain; ann an àm oige, chaidh a cheann beannuichte-san a chrùnadh le droigheann, agus a shùilean-san, bha ni bu ghlainne na ghrian, dhùnadh agus dhorchadh iad leis a bhàs; agus a chluasan-sa, nach 'eil a nise 'g eisdeachd ni sam bith ach haleluiah naoimh agus aingle, lionadh iad le toi-

bheum an t-sluaigh; agus aghaidh bheannuichte sgiamhach-san, a bha ni bu mhaisiche na mic nan daoine, chuireadh smugaidean oirre le trughanaibh salach brùideil; chaidh am beul agus an teanga ghràsmhor sin, a labhaír mar nach do labhair duine riamh, a dhìteadh agus a chàineadh air son toibheum; agus a làmha-san, a leighis a mhuinntir euslaint, a thug maitheanas, a ghiulan slat-rioghail air neamh, agus aon eile air an talamh, chaidh an tairngeadh ris a chrànn-cheusaidh; agus a chosan, a bha maiseach air na sleibhtibh, a thug naigheachd thaitneach na sìth agus na slainte chum an t-saoghail, agus a bha coslach ri umha fior-ghlan, chaidh an tairngeadh ris a chrànncheusaidh. Na nithe mòra agus uabhasach so uile dh'fhuiling Iosa air 'ur son, ann an tùs a laithean;— agus O! ciod am brosnachadh do-labhairt bu choir da so a thoirt do gach uile mhuinntir òg, gu iad féin a thoirt thairis do Chriosd, chum seirbhis, gràdh, urram, agus ùmhlachd a thoirt dha, ann am madainn an òige?

"Na biodh smuaintean mu Chriosd air a cheusadh (ars' aon) gu bràth o bhur 'n inntinn; biodh iad nam biadh agus nan deoch dhuibh; biodh iad nam milseachd agus nan sòlas, nam mil agus nam miann, nan leubhadh agus nan smuainteachadh, nam beatha, nam bàs, agus nan aiseirigh dhuibh."

3. Gur e an rathad is fearr agus is luachmhoire a th' anns an t-saoghal, gu bhi saoibhir ann am féin-fhiosrachadh gràsmhor, ni is e an saoibhreas is fearr a th' anns an t-saoghal uile; mar a ta 'n neach a chuireas suas air a shon féin anns an rathad is fearr gu bhi saoibhir, is ann eadhon, mar sin a tha 'n neach a tha mata da rireadh, tha e 'san rathad ullamh, 'san rathad mhòr gu bhi saoibhir ann an gràs agus ann am maitheas, tha iad a' tionndaidh a mach mar is trice nan daoine

aig a bheil faireachdadh agus breithneachadh mòr. Tha Dia a' gabhail tlachd ann a bhi nochdadh a mhaise dhoibhsan, agus a ghlòir 'na ionad naomh. Tha e gabhail tlachd ann a bhi toirt air a ghlòir agus air a mhaitheas gabhail seachad roimh 'n aghaidh: gheibh iad so a cheuman uile a' sileadh sàill agus smior; air an son-sa ni Tighearn nan sluagh "cuirm do nithe blasda, cuirm do fhion aosda, do nithibh blasda làn do smior, do fhion aosda air a dheadh tharruing." Isa. xxv. 6. Bidh aca so gach meas taitneach air a thasgaidh suas aig an dorsaibh air son an aoin ghaoil; cha 'n eil aig neach air bith uiread a ghil luachmor do ghaol Chriosd, no uiread a phògan milis o bheul Chriosd, no uiread a chaidreadh ann an gairdeinibh Chriosd, 's a th' aig na h-anamaibh sin a tha gràsmhor; O an gràs, am maitheas, a mhilseachd, an t-sàill a tha Criosd a ghnàth a' silleadh 'nan cridhibh! ni Criosd 'ionmhas is mò do 'n cridhe; taisgidh e suas a chuid is mò do 'ionmhas 'nan anamaibh; an sin taisgidh e suas tròcairean nuadh agus sean; an sin taisgidh e suas gach uile phailteas, annas, agus caochladh; an sin taisgidh e suas na h-uile 's urrainn cridhe mhiannachadh, no iarraidh. O liuthad boinne mirr a tha tuiteam o Chriosd 'nan cridhibh! O liuthad uaigneas a tha Criosd a' foillseachadh 'nan cluasaibh! O liuthad litir-ghaoil a tha Criosd a' cur d' an ionnsuidh! O liuthad uair a thig e g' an amharc! O an siubhal sios agus suas a tha aige an am Pàrras maille riu! cha 'n 'eil a h-aon anns an t-saoghal coslach riu ann am fiosrachadh agus ann an eòlas. O dhaoin' oga! mar a b'aill leibh a bhi saoibhir anns an t' saoibhreas is fearr, toisichibh ri bhi math; mar nach 'eil saoibhreas air bith an coimeas ris an t' saoibhreas spioradail, mar sin cha 'n 'eil rathad air bith gu bhi saoibhir anns an t' saoibhreas sin, ach le toiseachadh ri bhi math da rìreadh.

Ach a thaobh saoibhreas saoghalt, rinn na daoine foghluimte tàir air, agus roghnaich iad beatha-mheoraichidh os a chionn, agus nach mò gu mòr bu chòir do chriosduidhean a dheanamh? Goirear criadh thiugh dheth leis an Fhaidh, a bhriseas an druim ni 's luaithe na shiollsicheas e an cridhe; cha 'n urrainn e 'n t' anam a dheanamh ni 's fearr, 's cha 'n urrainn e an t'anam a dheanamh ni 's saoibhir. Mo thruaige! cia lion anam ruisgte gun ghràs a tha ri fhaotuin fo fhalluinngibh agus fo ghùintibh sioda? Cia tric a tha saoibhreas saoghalt coslach ri crochadairibh, còmhdaichidh iad aghaidhean dhaoine le sgàile, chum 's nach fhaic iad an crioch féin, agus an sin crochaidh siad iad. Agus mar croch iadsan sibhse, fàgaidh iad sibh gu h-aithghearr, ni iad sgiathan dhoibh féin, agus itealaichidh iad air falbh. 'N uair a bha neach àraidh a' moladh saoibhreas agus beartas cheannuichean: "Cha toil leam féin am beartas sin (ars' aon do na cinnich) a tha 'n crochadh air cordaibh; ma bhriseas iad, tuislidh an long, agus caillear an t' iomlan." "Tha e saibhir ni 's leoir (arsa Ierome) air nach 'eil uireasbhuidh arain, agus àrda ni 's leoir ann an inbhe, nach 'eil air eigneachadh gu seirbhis a dheanamh."

Tha beartais an t-saoghails', air 'm bheil taitneas aig daoinibh,
Mar thein', tha mi saoilsinn, air gach caochladh doigh,
Is mòr fheum air an teallach, nie blasdhuinn a's garadh,
'S air son fhéumalachd aithris chaidh e thairis air sgeoil;
Ach gabhsa tuille 's a chòir dheth, 's bheir e caoidh agus bròn ort,
'S ni e losgadh a's ròsdadh le mòr dhòruinn a's pian.

B'e aon do ghnath fhocail oirdheirc neach àraid, Gur

e 'm bathair sin a b'fhiù fhaotuinn agus a ghleidheadh, nach teid fõdha 's nach sguabar air falbh, ged a bhriseadh an lòng, ach a shnamhas a mach maille ruinn. Tha sinn a' faicinn gur ann do leithid sin a ghné a tha 'n saoibhreas spioradail a leannas iadsan a gheibh aithne air an Tighearn, a ni seirbhis dha, agus a gheibh còir ann, ann am madainn an òige.

4. Thugaibh fainear, gur e 'n t' àm a tha lathair, an là 'n diugh a mhàin, an t' àm d' am bheil sibh cinnteach. An ùine a chaidh seachad cha ghabh e ghairm air ais, agus cha 'n 'eil cinnteas air an ùine ri thighinn; Eabh. iii. 15, "An diugh, ma chluinneas sibh a ghuth, na cruaidhichibh 'ur cridhe. Feuch, a nis an t-àm taitneach; feuch, a nis là na slainte." Tha cuid ann a tha caitheamh an ùine agus là na slainte ri ni nach fiù, agus a' sgrios an anama ri amaideachd: chum so a sheachnadh, tha an t-Abstol a' toirt rabhadh, greim a dheanamh air a chothrom a tha lathair, do bhrigh ma theid sin aon uair seachad, cha ghabh e toirt air ais; uime sin, mar a ta 'n seoladair, a' gabhail a' cheud ghaoth gu seoladh, agus mar a ta 'n ceannaich a' gabhail a' cheud chothrom air reic agus ceannachd, agus mar a ta 'n tuathanach a' gabhail a' cheud chothrom air cuir agus buain—mar sin bu chòir do dhaoin' òg an t-àm a ta lathair a' ghabhail an là 'n diugh, ni is e 'n lath-san gu bhi math a thaobh an Tighearn, chum iarraidh agus seirbhis a dheanamh dha, agus gu'n mi-fheum a dheanamh do 'n àm a ta lathair, oir cha 'n 'eil fhios aca ciod a dh'fhaodas là eile, uair eile, no tiota eile a thoirt amach: dorus nan gràs, a tha fosgailte an diugh, faodaidh e bhi duinte am màireach; slat-rioghail na tròcair, a th' air a cumail a mach anns an t-soisgeul an diugh, faodaidh i bhi air a toirt a stigh an ath latha; an gaol sin a tha aig a cheart uair-s' air a ghlùn ruisgte,

a' guidh agus ag achanaich air daoinibh òg cùl a chuir ri 'm peacaibh le aithreachas, pilltinn ris an Tighearn, agus a bhi ann an sìth ris, faodaidh, e bhi air a thionndadh an ath uair gu corruich. O! na gluasadan òirdheirc a chaidh a chàll, na rùin mhath a chrion, na h-anaman neo-bhàsmhor a chailleadh, le mi-fheum a dheanamh do 'n àm, agus do 'n là a ta lathair. Air do Phol a bhi labhairt fa chomhair Fhelics, mu fhireantachd, measarrachd, agus breitheanas ri teachd, agus anns an teagasg sin, air dha bualadh air dà dhrochbheart àraidh do 'n robh Felics gu sònruichte ciontach, thoisich e air crith le eagal, agus air dha bhi air a bhualadh gu h-anabarrach le bhi 'g eisdeachd ri leithid a theagasg, ghuidh e air Pol dol air falbh an tràth-sin, agus 'n uair a bhiodh ùine aige, gu 'n cuireadh e fios air; agus cha 'n 'eil sinne a' leubhadh gu 'n dh'fhuair e riamh ùine no tràth an deigh sin, gu eisdeachd ri Pol a' cur crioch air an teagasg air na thoisich e. Mar sin thug Criosd tairgse chothromach dh' an duin' og anns an t-soisgeul, Mata xix. 21, "Imich reic na bheil agad, agus tabhair do na bochdaibh, agus gheibh thu ionmhas air neamh." An so tha Criosd a' tairgse ionmhas neamhaidh air son ionmhais talmhaidh, ionmhas neo-mheasgaichte air son ionmhais measgaichte, ionmhas iomlan air son ionmhais neo-iomlain, ionmhas a shàsaicheas air son ionmhais nach sàsaich, ionmhas maireannach air son ionmhais a sheargas; ach leig an duin' òg seachad a chothrom agus ùine, agus dh'fhalbh e gu brònach, agus cha 'n 'eil sinne leubhadh tuille mu thimchioll.

O dhaoin' òga! na deanaibh mi-fheum do 'n àm a ta lathair, na deanaibh dearmad air an là 'n diugh, oir cha bhuin àm dhuibh-san ach an t-àm a ta lathair; cha bhuin la dhuibh-san ach an là 'n diugh; agus

uime sin, na bithibh 'g ar toileachadh, agus 'g ar beathachadh féin le dóchas gu'm meal sibh uine ri teachd, agus gu 'n dean sibh aithreachas, ach nach ann fathast; agus gu 'n dean sibh greim air trocair, ach nach ann fathast; agus gu 'n toir sibh sibh féin suas do 'n Tighearn air an ath sheachduin, air an ath mhios, no air an ath bhliadhna; or an Dia sin a gheall dhuibh tròcair agus deagh-ghean, air an là air am pilleadh sibh, cha do gheall e 'ur beatha chaomhnadh, gus an tig an là sin. 'N uair a thugadh saighdear an lathair Ceannard àraid air son droch-ghiulan, agus a chuir e 'n céill nach deanadh e leithid gu bràth tuille, fhreagair an Ceannard, "Cha 'n fhaod duine sam bith oilbheum a thoirt dà uair ri àm cogaidh;"—mar sin tha Dia ag ràdh, gu h-àraidh ann an laithibh so an t-soisgeil, anns am bheil gniomhachadh ceartas Dé ni 's beothaile agus ni 's ullamh na 's na laithibh roimhe so, theagamh nach ceadaich e do dhaoinibh dearmad a dheanamh dà uair air là nan gràs, agus air àm tròcair a' leigeal seachad le suarraiche.

O dhaoin' òga! tha sibh ag ràdh gu 'm bi sibh math a thaobh an Tighearn mu 'm faigh sibh bàs; ach mar 'eil sibh math a thaobh an Tighearn an diugh, faodaidh sibh bàs fhaotuinn am maireach; ni h-eadh, faodaidh ceartas an neach sin fhaghail gu bhi na fhear-dithich air féin am maireach, nach dean aithreachas, agus nach iarr an Tighearn an diugh. Leubh mi sgeula bhrònach mu òganach stròghail, a chomhairlicheadh gu minic aithreachas a ghabhail, agus cùl a chur ri 'chaithe-beatha aingidh, do bhrigh gu 'n robh bàs, breitheanas, agus siorruidheachd roimhe, fhreagair esan, "Ciod mu bheil sibh 'g innse dhomhsa mu na nithe sin? cha 'n eagal domh, oir 'n uair a thig am bàs, cha bhi agam ach tri focail a labhairt, agus leighis-

idh iad an t-iomlan;" ach air àm àraid, air dha bhi marcachd le 'each thar drochaid chumhann, thuislich an t-each, agus thuit iad araon anns an uisge, agus air dha saoithreachadh ré tamull chum e féin agus an t-each a thiorcadh, ach cha b' urrainn e, mu dheireadh leig e cead do 'n t-srian, agus chualas e a' ràdh nan tri focail so, "Gu 'n gabh an Diabhol an t-iomlan;"—'an so bha tri focail uabhasach da rireadh, agus eisimpleir le fianais, airson na h-uile dhaoin' òg curam a' ghabhail, a tha smuaineachadh aithreachas a' ghabhail le aithreachas thri focail aig a bhàs.

A dhaoin' òga! measam gu bheil sibh 'nar luchd cunntais math, nis ma 's àill leibh an aireamh innse, agus an aire thoirt, do dh'aois nan ìobairtean anns an t-seann tiomnadh; gheibh sibh ni 's mo mhìnn agus a dh' uain air an ìobradh, na ghabhar agus a sheann chaoraich: cha 'n 'eil gabhail agaibh do 'ur beatha, cha 'n 'eil sibh cinnteach am bi sibh beò gu bhi cho sean ri Isaac, gus am bi 'ur suilean dàll air chor 's nach fac sibh; cha 'n 'eil sibh cinnteach am bi sibh beò bliadhnacha Iacoib, agus gu 'm bàsaich sibh leigeadh 'ur taice air barr bata. Tha sibh a' leubhadh mu 'n timchioll-san a tha bàsachadh 'nan òige, agus aig am bheil am beatha am measg nan neo-ghlan, Iob xxxvi. 14. Na leigibh seachad an t-àm a ta lathair, na deanaibh dearmad air là nan gràs, na cumadh Satan 'ur 'n anama agus Criosd ni's fhaide o cheile, le bhi 'g innse dhuibh, gu bheil sibh ro òg, agus gu 'm bi sibh tràth ni 's leòir an deigh so. Tha Austin ag innse dhuinne, gu 'n chum an diabhol esan air ais leis a cheart bhuaireadh so, o ghabhail ri Criosd, 's o dhùnadh ris, seachd bliadhna; cha bu luaithe a' smuainicheadh e air iarraidh an deigh Chriosd, air còir fhaotuinn ann, agus air a chaithe-beatha mi naomh a threigsinn, na thòisicheadh

Satan ri chuir an cuimhne dha, tha thu ro óg gu do mhisg fhagail, tha thu ro òg gu do chuid Delilahan, agus gu do chuid striopaichean fhàgail, gus na ghlaodh e mach mu dheireadh, "Cia fhada their mi tha e ro luath? C' ar son nach fheud mi aithreachas a dheanamh an diugh? agus greim a dheanamh air Criosd an diugh?"

O dhaoin' oga! 's e 'n diugh 'ur là-sa, 's e 'n diugh 'ur 'n àm-sa; mur eisd agus mur toir sibh umhlachd a nis faodaidh sibh dol a dhìth gu bràth.—Thug Artimedorus litir do Cheasair a mhaidne a chaidh e chum na Seanaid, anns an robh faireachadh air a thoirt dha mu 'n iomlan do fheall a luchd moirt, air chor 's gu 'm b'fhurasd dha a bhàs a sheachnadh; ach do bhrigh gu 'n dhearmad e a leubhadh, mhàrbhadh e—leig e seachad a chothrom, agus bhàsaich e air a shon. O cia lion iad air son cothroman agus amanna gràsmhor a leigeadh seachad, a bhàsaich gu siorruidh! Is fiù cothroman gu anamaibh a thearnadh ni's mo na mìle saoghal; tha tròcair annta, tha gràs agus glóir annta, tha flaitheanas agus siorruidheachd annta.

5. Thugaibh fainear, Cia ceart a tha e do Dhia fuigheal fheirge ghleidheadh air an son-san a tha gleidheadh fuigheal an ùine air a shon-san. Cionnas is urrainn fear-pòsda a bhean sin a ghabhail d'a ionnsuidh 'na sean aois, a chaith an t-iomlan do aimsir a h-òige a' leantuinn choigreach? An gabh duine sam bith a mhuinntir sin 'na sheirbhis, a chaith an là ann an seirbhis a naimhdean, agus a fhuair a leithid a lòtan, a bhuillean, agus a bhruthaidhean, 's a rinn neo-chomasach iad air son a sheirbhis?

O dhaoin' òga na ath-dhiolaibh an Tighearna co amaideach air son 'fheitheamh fhad-fhoighideach, a chuiridhean gràsmhor, agus a thròcair dhuibhse, O! na

cuiribh air falbh Dia gu sean aois; or is ainmig a ruigeas sean ìobairtean, crùbach agus tìnn, co arda ri neamh. Nach 'eil sean aois gle mhàll chum foghlum? ann an sean aois, nach 'eil daoine gle neo ullamh gu gabhail a steach, agus co neo-ullamh gu toirt amach? ann an sean aois tha daoine mar is trice nan daoine, agus nan neo-dhaoine—tha suilean aca, ach cha 'n fhaic iad; cluasan, ach cha chluinn iad; teanga, ach cha labhair iad; agus cosan, ach cha 'n imich iad. Nise, cia neo-ionmhuinn, cia neo-chiatfach, cia neo-fhiùghail, ni h-eadh, ach cia 'n t-aobhar feirge, agus brosnachaidh, a th' an so, 'n uair a ni daoine tàir air Dia, agus a chuireas iad air falbh e gus am beir laithean sean aois orra, gus am bi an earrach air dol seachad, an sàmhradh air teireachdainn, agus an ruig iad àm tuiteam na duilleig, seadh, gus an cuir neul a gheamhraidh mi-dhreach air an cìnn le folt liath. Faodaidh sibh fhaicinn cia mòr an t-aobhar brosnuichidh so, anns na briathraibh bròn-ach sìn le Ieremiah, xxii. 21—"Labhair mi riut ann an àm do shoirbheachaidh, thubhairt thu, Cha 'n eisd mi, b'e so do chleachda o t'òige, agus cha d'eisd thu ri m' ghuth-sa." Ach an gabh Dia so o'n laimh-sa? cha ghabh; uime sin, tha e leantuinn anns an ath rann—"Gu cinnteach an sin bidh nàir ort, agus comhdaichear thu le h-amhluadh air son d'uile dhroch dheanadais."

O gu 'n leigeadh daoin' òga leis an sgriobtuir so luidhe blàth gach maduinn air an cridhe, chum 's nach bu dàna leo Dia a bhrosnachadh, agus a chuir air falbh chum an nàire féin! Ged tha sibhs' òg, agus ann an tréun 'ur neirt, gidheadh am bheil sibh ni 's treise na Dia? An urrainn sibh 'ur cùis a thagair na aghaidh? Ma 's e 's gur àill leibh a bhi an aimhreite, bithibh an aimhreite riu-san a ta nan coimcas dhuibh féin, agus na deanaibh strì ris san a ta ni 's cumhachdaiche na

sibh, agus is urrainn 'ur 'n òrduchadh gu neo-ni, no gu ifrinn, 'n uair is àill leis.

VI. Thugaibh fainear, Gur ann mar is luaithe a ta sibh math air an talamh, is mò bhur duais air neamh.

Mar is luaithe bhitheas sibhse gràsmhor, 's ann is ro ghlòrmhor a bhitheas sibh mu dheireadh. Tha sibh a' leubhadh anns an sgriobtuir, mu dhùais, mu dhùais mhòr, agus mu làn dùais; nise, iadsan a ta math na thràth, d' an aithne, ta 'g iarraidh, ta deanamh seirbhis, agus a ta gràdhachadh an Tighearna, 'nan òige, tha iad anns an rathad is cinntiche air an dùais is mò agus is làine fhaotuinn; mar a dhearbhas mi le sin a leanas.

1. Mar is luaithe a thoisicheas duine sam bith ri bhi da rireadh math, 's ann is mò ni e do mhath anns an t-saoghal so. Nise, mar is mo ni neach air bith a mhath air an talamh, 's ann is mò a ghlòir air neamh. "Uime sin, mo bhraithre gràdhach, bithibhse daingean, neo-ghluasadach, a' sìr-mheudachadh ann an obair an Tighearna, air dhuibh fios a bhi agaibh nach 'eil bhur saothair diomhain anns an Tighearna," 1 Cor. xv. 58.

Bithidh tuarasdal agus dùais neach a réir oibre; a neach is mò ni a dh' obair 's a bheatha so, 's e is mò dùais 's an ath-bheatha. Tomhaisidh Dia fadheoidh an darna h-aon ris an aon eile, an dùais ris an obair; "An tì a chuireas gu gànn, buainidh e gu gànn mar an ceudna; agus an tì a chuireas gu pailte, buainidh e gu pailte mar an ceudna," 2 Cor. ix. 6. Ged nach dùaisichear duine sam bith air son 'oibre, gidheadh tomhaisidh Dia fadheoidh sonas agus beannachdan d' a shluagh a réir an seirbhis, an treibhdhireas, an dichioll, agus an obair, anns an t-saoghal so. Gràs is glòir e ann an tùs fàis, agus glòir is gràs i air a dheanamh foirfe; cha 'n 'eil ann an glòir ach co-shoillse do ghràsaibh, no ann an sonas ach blàth na naomhachd.

Cha 'n 'eil gràs agus glòir a' dealachadh ann an gnè, ach ann an ceum, mar a labhrar leis a mhuinntir fhoghluimte. Cha 'n 'eil ach eadar-dhealachadh ro bheag eadar gràs agus glòir; 's e gràs an siol, agus 's i glòir am blàth; gràs is glòir e anns a chath, agus glòir is gràs i a' deanamh buaidh-chaithreim: agus is co math a dh'fhaodas neach a bhi tagairt air son an t-aon tomhas do ghràs anns an t-saoghal so, 's a dh'fhaodas e bhi tagairt do ghlòir anns an ath-saoghal. Gu cinnteach mar is mò an gràs 's a bheatha so, 's ann is mò a ghlòir 's an ath-bheatha; agus mar is mò ni Criosduidhean a dh' obair air talamh, 's ann is mò an glòir air neamh; agus mar is luaithe a thoisicheas daoine ri bhi math, 's ann is mò ni iad a mhath anns an t-saoghal so; agus mar is mò ni iad 'sa bheatha so, 's ann is mò an dùais 'san ath-bheatha. "Cha 'n urrainn duine sam bith deadh oibre a mholadh mòr gu leòir (arsa Luther), oir a ta aon obair a ni Criosduidh ni 's luachmhoire na neamh agus talamh, agus uime sin cha 'n urrainn an saoghal gu leir aon deadh obair a làn duaiseachadh." Agus ann an àite eile, deir an t-ùghdar ceudna, "Nam b'e 's gu 'm faighinn m' iarrtas roghnaichinn an obair is suarraiche ta aig Criosduidh dùthcha, no ban-oghlach bhochd, air thoiseach air gach uile buaidh agus caithream a choisinn Alastair Mòr agus Iulius Ceasar."

Agus a rithist, "Ciod air bith ni a ni na naoimh, ge b'e co beag agus co suarrach, tha e mòr agus glòrmhor, do bhrigh gu bheil iad a' deanamh an iomlain troimh chreidimh, agus leis an fhocal," ars' an t-ughdar ceudna. Chum mearachdan a sheachnadh, is eigin duibh a chuimhneachadh, Gur oibre os ceann naduir na h-oibre a dhùaisicheas Iosa Criosd fadheoidh: is iad—1, Oibre Dhé; 2, Oibrichte o Dhia; 3, Air son Dhé; 4, Ann an Dia; 5, A réir Dhé,—is oibre iad a tha fàs

o fhreumh a tha os ceann nàduir, agus tha iad air an seoladh chum criochan a tha os ceann nàduir, agus air an coimhlionadh ann an rathad a tha os ceann nàduir: nise, mar is luaithe a thoisicheas duine ri bhi math, 's ann is mò mheudaicheas e 's na h-oibribh math so; agus gu cinnteach mar is mò mheudaicheas duine sam bith nan leithid so dh'oibre air talamh, 's ann is mò dhùais air neamh; gidheadh cha 'n fhaodar a dhichuimhneachadh, nach 'eil anns na gniomharaibh, 's anns na h-oibribh, is fearr a ni cealgairean, agus na h-uile dhaoine nach 'eil ann an Criosd, ach peacanna sgiamhach, dealrach, agus grainealachda maiseach. Mar a thionaileas an Phoenics ann an Arabia biorana milis cubhraidh an ceann a cheile, agus mar a sheideas i 'n sin iad ri theine le a sgiathaibh, agus a loisgeas si i féin leo; 's ann mar sin a ta iomadh fear-aideachaidh feolmhor 'g a losgadh féin le 'dheagh oibribh, eadhon, le bhi 'g earbsa, agus ann an dochas, gu faigh e sin le 'oibribh, a ta mhain ri fhaotuinn agus ri earbsa o Iosa Criosd. Ged nach 'eil anns gach uile ni is urrainn daoine dheanamh chum flaitheanas a chosnadh, ach mar thogail suas dias arbhair chum rioghachd a chosnadh; gidheadh tha 'n duine na chreutair cho àrdanach, 's gu bheil e ullamh ni 's leòir gu ràdh, mar a thubhairt neach àrdanach, "Cha ghabh mi féin flaitheanas a nasgaidh." Bu mhath le cridhe àrdanach sin fhaotuinn ann an rathad feich, a ta mhàin ri fhaotuinn ann an rathad saor ghràis, agus bu mhiann leis sin a bhi ri cheannach, a rùnaich Dia a bhi o shaor thròcair, ni a thug air neach àraid a' ràdh, "Gu 'n snàmhadh e troimh chuain do phronnuisg, a chionn gu 'n ruigeadh e flaitheanas mu dheireadh:" ach esan nach snàmh an sin trid chuain fola Chriosd, cha ruig e gu bràth; is eigin do neach snàmh chum flaitheanais, cha 'n ann

troimh phronnusc, ach troimh fhuil, no theid e dhìth gu bràth.

2. A rithist, mar is luaithe thòisicheas neach ri bhi math, 's ann is ro fheumaile a bhios e do mhuinntir eile, agus is ro mhò bhrosnuicheas e muinntir eile chum math; nise, gach uile mhath chum am brosnuich sibhse muinntir eile, aon chuid le bhur comhairle no le bhur giulan, bithidh e air a chur sios ri bhur cunntas féin, mar a bhitheas gach uile pheacadh chum 'n do bhrosnuich daoine muinntir eile, air a chur sios ri 'n cunntas féin; cha d' rinn Daibhidh ach litir a chuir mu thimchioll bàis Uriah, agus gidheadh chuir an Tighearn so as a leth—"Mhàrbh thu Uriah leis a chlaidheamh." Mar is mò bhrosnuicheas mi muinntir eile chum cuir, 's ann is mò bhuaineas mi féin mu dheireadh; mar is luaithe thoisicheas duine ri bhi math, 's ann is mò a ni e do mhath, 's ann is ro fheumaile a bhios e, sa' bhaile no sa' chathair am bheil e chòmhnuidh, 's an teaghlaich am bheil e beò, a measg a luchd dàimh, d' a bhean-phòsda, d' a chlann, d' a chairdibh, agus d' a sheirbhisich, ris am bi e labhairt.

Mar is luaithe thoisicheas neach ri bhi gràsmhor, 's ann is luaithe agus is ro fheumail' a' bhitheas a thoimhsean, a chomais a ghibhtean, a ghràsan, 'fhiosrachadh, a bheatha, a shaothair, 'urnuighean, a chomhairlean, agus eisimpleir do gach uile bhios maille ris, agus do gach uile bhios mu 'n cuairt da.

O dhaoin' òga! mar bu mhiann leibh a bhi feumail agus math dheanamh do mhòran, toisichibh ri bhi math, cruinnichibh agus taisgibh suas, agus cuiribh a mach, air son tairbhe agus buannachd muinntir eile. Cha do mheas Augustine gu 'm bu leis féin ni sam bith, nach do phairtich e ri muinntir eile. Tha 'n seillean a' lionadh a sceap as gach uile ghné luibh air son a mhath

choitchionn. Gun amharus 's e bhi deanamh math do mhuinntir eile an rathad is fearr chum math a dheanamh dhuinn féin; 's e sgaoileadh an rathad is fearr chum tional. Is fiù an sgeul sin mu cheannaich àraid a bhi air a cumail air chuimhne, neach air dha bhi air a mhuir, chunnaic e duin' aosda na chiomach ann an luing creachadair; ghabh e truas mòr dheth, agus shaor se e; agus cheannaich e 'm bathar a thug na creachadairean uaithe mar an ceudna, eadhon, beagan shoithichean pichd. Air do 'n t-seann duine thuigsinn, nach b' ann air son seirbhis mhath air bith a b' urrainn esan a dheanamh dha, na air son buannachd a bhathair, ach a mhàin a thaobh oircheas agus truais a rinn e so, dh'fheuch e dha dùn mòr stòrais a bha 'm folach 's a phichd, leis an d' rinneadh an ceannaiche ro bheartach ann an ùine gle ghoirid; aig an dearbh àm sin choimhlion Dia na briathran sin, 2 Cor. ix. 6, "An ti a chuireas gu pailte, buainidh e gu pailt mar an ceudna;" Gnath. xi. 25, "Nithear an t-anam fial sultmhor:" Isa. xxxii. 8, "Dealbhaidh an duine fial nithe fial; agus le nithibh fiala daingnichear e." Tha e air aithris mar fhaoin sgeul mu Mhidas, gu 'n tionndaidh e gu òr ni sam bith ris am beanadh e. Tha e cinnteach, gu 'n tionnda làmh fhial, agus cridhe fial, na h-uile gu òr, agus chum buanachd, mar a ta 'n sgriobtuir agus féinfhiosrachadh gu pailte a' dearbhadh. Nise, ma chuireas sibh na nithe so uile ri cheile, cha 'n 'eil ni sam bith ni's soilleire, na gu bheil iadsan a ta toiseachadh ri bhi math na thràth, air an rathad ullàmh, air an rathad mhòr gu bhi mòr air neamh, 'n uair a sguireas iad o'n anail a tharruing air talamh. Uime sin, a dhaoin' òga! mar bu mhiann leibh a bhi mòr air neamh, mar bu mhiann leibh dùais mhòr, dùais iomlan, agus crùn mòr tròm fhaotuinn, O saothraichibh chum bhi math gu tràthail! saothraichibh chum eòlas fhaot-

uinn air an Tighearna, agus chum còir fhaotuinn anns an Tighearna, ann am madainn 'ur laithean.

7. Thugaibh fainear, Gu bheil an Tighearna gle mhòr air a ghluasad, agus air a thoileachadh, le 'ur 'n iarraidh air, agus le 'ur leantuinn na dheigh, ann am madainn 'ur 'n òige.

"Imich agus glaodh ann an cluasaibh Ierusaleim, ag ràdh, Mar so deir an Tighearn, Chuimhnich mise as do leth caoimhneas t' òige, gràdh do cheangail-pòsaidh, 'n uair a dh'imich thu a' m' dheigh anns an fhàsach, ann am fearainn nach do threabhadh," Jer. ii. 2. O! cia caoimhneil cia taitneach, a ghabh an Tighearna so o 'n laimh, gu 'n do lean iad e 'nan òige, am feadh a bha 'n cnamhan làn smior, am feadh a bha cùrsa nàduir beothail, sgairteil, agus togarrach? Fo 'n lagh, ghairm Dia air son a cheud thoraidh do na h-uile nithe; dh'iarr e, cha 'n e mhàin a cheud thoradh, ach roghadh a cheud-thoraidh, Ecsod. xxiii. 19. "Toiseach ceud thoraidh d'fhearainn bheir thu do thigh an Tighearna do Dhé." Is e Dia an ceud Bhith, an ceud Mhath, agus air an aobhar sin airidh air toiseach do cheud mheas, agus air an taghadh do na chuid is fearr, agus cha 'n 'eil a cheud chuid agus a chuid is fearr ro mhath air a shon-san, an Ti is e ceud thùs gach math. Tha Dia, mar a chi sibh ann an Lebh. ii. 14, co dian shuidhichte air toiseach a cheud thoraidh fhaotuinn, 's nach àill leis fuireach gus am bi na diasa glasa do 'n arbhair abuich, ach gabhaidh e na diasa glasa do 'n arbhar cruaidhichte leis an teine, air eagal 's gu 'n càill e a chiochras.

Mar nach urrainn clann eu-slainteach fuireach gus am bi an toradh abuich, ach d' an eigin fhaotuinn am feadh a ta e anabuich; eadhon mar sin a deir Dia, "Tha mo chridhe, agus mo mhiann, co dian shuidh-

ichte, air a cheud thoradh, agus air na ceud nithibh, 's nach urrainn mi fuireach, 's nach urrainn mi mi féin a shàsachadh as an easbhuidh;" agus ciod a b'àill le Dia a theagasg dhuine leis na nithibh so uile, ach seirbhis a dheanamh dha le ceud thoraidh 'ur 'n aois, ann am blàth 'ur leanabuidheachd, 's ann am maduinn 'ur 'n òige? Thug Dia dhuibhsan do na chuid is fearr, uime sin, na cuiribhs' esan air falbh leis a chuid is miosa, leis a chuid is miosa do bhur 'n ùine, leis a chuid is miosa do bhur laithibh, agus leis a chuid is miosa do bhur neart, an t-eagal, "Is gu 'm mionnaich e 'na fheirg, nach teid sibh gu bràth a steach do 'shuaimhneas."

8. Thugaibh fainear, Gu 'm faod so a bhi na mheadhon àraid chum gabhail roimh iomadh buaireadh aingidh, agus na mhisneach chum cuir an aghaidh gach buaireadh a dh'fhaodas còmhlachadh ribh o dhiabhol buaireant, agus o shaoghal buaireant.

Cumaidh pilltinn gu moch ris an Tighearn, air ais iomadh buaireadh chum an-earbsa, iomadh buaireadh chum dearmad a' dheanamh air na meadhonaibh follaiseach, agus a chum tàir a' dheanamh air na meadhonaibh uaigneach: gu minic tha iomadh buaireadh mu bhith Dhé, mu' mhaitheas, mu' threibhdhireas, mu 'fhirinn; agus mu' cheartas; iomadh buaireadh cum an-earbsa, iomadh buaireadh chum lamh a chuir ann 'ur beatha féin, is iomadh buaireadh chum a bhi cuir an teagamh gach ni a labhair Dia, agus a dh' fhuiling Criosd, ag eiridh o dhaoinibh bhi deanamh mòille agus a' cur air falbh Dhé gus an uair 'dheireannach; tha iad so uile, maille ri mòran eile, air an cumail air ais le neach a bhi 'g iarraidh agus a' deanamh seirbhis do 'n Tighearn 'nan òige. 'N uair a ta muinntir 'g an cleachda féin 'san diadhachd 'nan òige,

'n uair a ta iad a' dol o aon tomhas do naomhachd gu tomhas eile, ann am maduinn an laithean, faodaidh Satan, an sealgair cumhachdach sin air tòir anama, an leantuinn le bhuairibh, ach cha bheir e orra, agus cha toir e buaidh orra. Mar a ta sibh a' faicinn ann an cŏr Mhaois, Ioseiph, Dhaniel, agus an triuir chloinne; —b'aithne dhoibh, an Tighearna, agus thug siad iad féin suas da 'nan òige, agus bha iadsan uile air an dearbhadh an aghaidh buairidh; bha Satan agus an saoghal air an tòir, ach cha b' urrainn iad an glacàdh; 'n uair a rinn an diabhol agus an saoghal co miosa 's a b' urrainn iad, dh'fhan bogha 'nan daoin' òga nan neart, agus rinneadh gairdeana an làmha laidir gu cuir nan aghaidh, le làmhaibh Dé chumhachdaich Iacoib; "Cha mhi a neach a bha mi roimhe so," deir neach òg iompaichte, 'n uair a bhuaireadh e.

Tha Luther ag innse mu mhaighdean òg, leis 'm bu ghnà cuir an aghaidh gach uile bhuaireadh leis an fhocail so—"Is bana-chriosduidh mise." Faodaidh iadsan a dh'iompaichear òg a ràdh, 'n uair a bhuairear iad, mar a thuirt Luther, "Na innis dhomh, a Shatain, ciod a bha mi, ach ciod a ta mi, agus a bhitheas, mi;" no mar a thuirt e anns a chŏr cheudna, "Ciod sam bith a bha mi, tha mi nis ann an Criosd, a' m' chreutair nuadh, agus is e sin a ta cur trioblaid ortsa;" no mar a thuirt e aig àm eile, "Mar is ro chunnartaiche bha mo ghalar, 's ann is ro mhò mo mheas air an ligh-iche." Seadh, faodaidh tu a' dhol céum ni 's àirde, agus a ràdh, "Mar is mo bha mò pheacanna, 's ann is ro mhò a ta m' onoir." Mar a ta na deamhna bha aon uair ann am Muire Magdalene, air an ainmeachadh chum a cliù.

O dhaoin' òga! mar a b' àill leibh a bhi saor o na buairdhibh is duirche agus is uabhasaiche; agus mar a

b' àill leibh a bhi air 'ur 'n àrmachadh an aghaidh gach uile bhuaireadh! O saothraichibh mar air son beatha chum a bhi math?—iarraibh agus deanaibh seirbhis do 'n Tighearn ann am maduinn 'ur 'n òige; cha 'n 'eil rathad eil' ann coslach ri so chum criothana-talmhainn, criothana-cridhe, laithean stòirmeil, agus oidheachan geamhraidh a' chumail air ais.

9. Thugaibh fainear oirdheircèas agus luach anama. Is bith spioradal, neo-bhàsmhor, an t-anam; tha e comasach air eòlas a' ghabhail air Dia, tha e comasach air aonachd ri Dia, air co' chomunn ri Dia, agus air mealtuinn shonadh agus bheannuichte air Dia.

Dh'fhag Criosd uchd 'athair air son math anama; ghabh e air féin nàdur an duine, chum gu 'n saoradh e anam an duine; rinn Criosd urnuigh air son anama, dhòirt e fhallas air son anama, ghuil e air son anama, dhòirt e fhuil air son anama, chéusadh e air a chrànn air son anama, shaltair e preas-fiona feirge an Athar air son anama, bhàsaich e air son anama, dh'eirich e rìs o na mairbh air son anama, chaidh e suas air neamh air son anama, tha e deanamh eadar-ghuidh air son anama, agus is ann air son anama tha gach uile ullachadh glòrmhor a bha e deanamh air neamh o chionn ochd ceud deug bliadhna.

O mhuinntir òga! tha math 'ur 'n anaman air tùs ri bhi air a thoirt fainear, agus ri ullachadh air an son, roimh gach uile, agus os ceann nan uile nithe eile 'san t-saoghal, agus sin ann an céum do bhrigh gur e 'n t-anam a bhuaidh is fearr agus is ro uaisle do 'n duine, agus sin ann an céum do bhrigh gur anns an anam gu sònruichte tha na bheil do dh' iomhaigh Dhé air an duin' air a dhealbh, agus sin ann an céum do bhrigh gur e 'n t-anam is luaithe dh' iompaichear, agus is luaithe agus is ro mhò a bhitheas air a ghlòrachadh.

O dhaoin' òga ! Ma 's a miosa iadsan na ana-creidich, nach dean sŏlar air son muinntir an teaghlaichean féin, ciod na h-uilebheistean a th' annta-san nach dean sŏlar air son an anama féin? bithidh so na shearbhas fadheireadh, bithidh e na ghath aig an cridhe-san, a tha biadhadh an cuirp, ach a tha cur an anaman bàs le goirt, a tha deanamh ullachadh pailt air son am buadhan an-uasal, ach nach 'eil a' deanamh ullachadh air bith air son am buadhan is ro urramaiche.

Cionnus a dh'fhaodair leibhse dol as o dhamnadh ifrinn, a ta deanamh ullachadh air son 'ur 'n ana-mianna ach nach 'eil a' deanamh ullachadh air bith air son 'ur 'n anama neo-bhàsmhor? Is fuath leinne na Turcaich, a chionn a bhi reic Criosduidhean mar thraillean; agus ciod ma ta a shaoileas sinn dhuibhsan a ta 'g an reic féin, agus an anama priseil, air son nithe faoin agus suarrach o nach faigh iad buannachd, a tha 'g ràdh, le 'n cleachdadh, mar a thuirt duine mi-naomh roimhe so le càinnt beoil—" Gu 'n robh dà anam aige-san 'na chorp, aon air son Dhé, agus aon eile air son neach air bith a cheannaicheadh e."

O dhaoin' òga! na tugaibh 'ur 'n anaman an geall, na reicibh 'ur 'n anaman, na tugaibh 'ur 'n anaman am malairt, agus na tugaibh 'ur 'n anaman priseil gu h-amaideach air son ni suarrach, oir is séudan iad ni 's ro luachmhoire na mìle saoghal, seadh, ni 's ro luachmhoire na flaitheanas agus talamh; ma tha 'ur 'n anaman sàbhailt, tha gach uille ni sàbhailt —ach ma chailleas sibh iadsan, caillidh sibh gach uile ni, caillidh sibh Dia, caillidh sibh Criosd, caillidh sibh cuideachd ainglean glòrmhor, agus naoimh bheannuichte, agus flaitheanas gu siorruidh. Tha iomradh mu bhean àraid, a bha co mòr air a gluasad le truas air son càll anama, 's gu 'n ghuidh i air Dia an rathad gu

ifrinn a dhùnadh le 'corp agus le 'h-anam, chum 's nach faigheadh a h-aon a steach.

O ! nach ann a bhiodh gach uile neach òg mar so air an gluasad le luach agus òirdheirceas an anama, agus co mòr fo eagal le cunnart gu 'n càill iad an anama, is gu 'm fiosraicheadh iad an deigh an Tighearna, ann am madainn an òige; gu 'n iarradh iad e, agus gu 'n deanadh iad seirbhis dha le 'n uile neart, chum 's gu 'm bi 'n anama priseil, neo-bhàsmhor, sàbhailt agus sona gu bràth; ach mar dean so uile 'n gnothuch, uime sin, anns an àite mu dheireadh.

X. Thugaibh fainear, a dhaoin' òga ! Gu 'n toir Dia sibh mu dheireadh gu cunntas: bheir e sibh fadheoidh chum breitheanais, Ecl. xi. 19—"Dean gairdeachas, a dhuin' òig, a' t' òige, agus deanadh do chridhe subhach thu ann an làithibh t' òige, agus siubhail ann an slighibh do chridhe, agus ann an sealladh do shùl; ach biodh fhios agad, air an son so uile gu 'n toir Dia chum breitheanais thu." Tha dà ni agaibh anns na briathraibh so, 1. Saorsa fhanoideach, tha e 'g iarraidh air an duin' òg gairdeachas a' dheanamh, ann an rathad fanoid, magaidh, agus sgeig shearbh; tha e ceadachadh dha gach uile ni bu mhiann leis fhaotuinn. A nis, tha thu òg, laidir, beothail, sultmhor, agus do chnàmhan làn smior; tha thu cuir romhad a bhi àrdanach, fanoideach, an fheoil a thoileachadh, agus do thoilinntinn agus do shòlas a leantuinn; ro mhath, lean air t' adhairt ma 's dana leat, no ma tha thu gabhail tlachd ann, ma tha do chridhe co dian shuidhichte air, Dean gairdeachas a t' òige. 2. Bagradh, no ràbhadh agus crŏnachadh searbh—ach biodh fhios agad, air an son so uile gu 'n toir Dia chum breitheanais thu: tha na briathra so, "Gu 'n toir Dia thu," a' gabhail a steach dà ni, 1. Co neo-thoilichte 's a ta 'n òige air teachd a

chum breitheanais; 2. Co do-dheanta 's a tha e do 'n òige breitheanas a sheachnadh: ach 's ann aig Dia a mhàin a ta fios cia luath gus an eigin duibh teachd a chum breitheanais.

Tha Augustin ag aideachadh ann an aon do 'leabhraichean, am feadh a bha choguis air a cnàmh le cionta ana-miann eigin leis an robh e air a ribeadh na òige, gu 'n robh eadhon cluinntinn mu la bhreitheanais na ifrinn dha. Tha eachdruidh ag innse dhuinne mu dhuin' òg, neach air dha bhi air a dhìteadh chum bàis air son cionta mòr, a d'fhàs liath ann an aon òidhche, agus air an aobhar sin ghabhadh truas dheth, agus chaomhnadh e.

O dhaoin' òga! nach ann a chuireadh smuaineachadh cudthromach mu 'n là mhòr so, sibhse gu cùl a' chur ri peacaibh bhur 'n òige; agus gu sibh féin a' chur air leth air son eòlas, gràdh, agus seirbhis an Tighearna, ann an tréin bhur neirt. O dhaoin' òga! thugaibh fainear mearachdan 'ur beatha, aingidheachd 'ur cridheachan, truaighe 'ur slighean, agus an cunntas géur-theann gus an toirear sibh ann an ùine aithghearr, fa chomhair breitheamh an t-saoghail gu leir. Bha eadhon air na cinnich féin ni eigin á dh' uamhas agus á dhuil ri leithid sin a là; agus uime sin, 'n uair a labhair Pol mu bhreitheanas ri teachd, chriothnaich Felics, ged bu gheintileach e.

Is ni e tha aithnichte do réusan, agus soilleir do sholus nàduir, gu 'n toirear an cinne-daoine gu leir chum breitheanais; agus mar dhearbhadh air sin, air do aon do àrd uaislean Austria bàs fhaotuinn, a mhair beò ceithir fichead agus tri bliadhna deug, agus a chaith àimsir a bheatha gu leir ann an toilinntinn agus sàimh fheolmhor, gun bhi riamh fo thrioblaid le euslainte sam bith; air do Frederic, an t-Iompaire, fios

fhaotuinn air sin, fhreagair e, cia uaithe a dh' fhaodas sinn neo-bhàsmhoireachd an anma cho' dhùnadh; oir ma tha Dia ann a ta riaghladh an t-saoghail so, mar a ta Diadhairean agus muinntir fhoghluimte a' teagaisg, agus gu bheil e firinneach, cha 'n 'eil neach air bith ag aicheadh : 's cinnteach gu bheil àitean eile ann, chum am bheil anaman a' dol an deigh am bàis, agus a' faotuinn air son an gniomhara, aon chuid duais no peanas, oir 's an t-saoghal so tha sinn a' faicinn nach 'eil aon chuid duais air a thoirt do 'n mhath no peanas do 'n olc.

Uime sin, a dhaoin' òga! air dhuibh fios a bhi agaibh air uamhas an Tighearna, agus air uamhas an là mhòr so. O! gu 'm biodh impidh air a chur oirbh teicheadh o 'n fheirg a ta ri teachd, iodhalan 'ur 'n anama a' thilgeadh air falbh, aithreachas a' ghabhail, agus a bhi air 'ur 'n iompachadh ann am blàth 'ur 'n òige, chum gu 'm bi 'ur peacaidhean air an glanadh as, 'n uair a thig amanna fionuaireachd o lathair an Tighearna, Gniomh. iii. 19, air neo an-aoibhinn, an-aoibhinn dhuibh gu 'n d' rugadh riamh sibh: oir cha 'n 'eil duine sam bith a' creidsinn cia ceart 's a cheasnuicheas Dia, cia géur-theann 's a bheir e breith, agus cia cruaidh 's a pheanasaicheas e. Och gu 'n chaithebeatha chuid is mò do mhuinntir òga bhi cur an céill do 'n t-saoghal gu leir, nach 'eil, agus nach àill leo òillt agus uamhas an là so a' chreidsinn, nach gabh lethsgeul, 's nach ceaduich dhoibh an cùis a thagair no thogail gu bhreitheamh eile; oir o 'n chathair bhreitheanais is àirde agus is deireannaiche cha 'n fhaodair cùis a thogail, ni mò dh'fhaodar a bhreith a chaochladh, no bhìnn a philleadh.

Nise, an deigh na h-uile chaidh a' ràdh ma 's e 's gu bheil sibh a' rùnachadh blàth 'ur laithean, agus tréun

'ur neart a chaitheamh ann an seirbhis a pheacaidh agus an t-saoghail, uime sin, biodh e aithnichte dhuibhse nach urrainn teangaidh a' chur an céill, na cridhe bhreithneachadh, an trioblaid inntinn, am fiamh anma an t-uamhas coguis, an t-eagal agus a bhàllchrith, an gùl agus an caoineadh, an rànuich agus a' bhéuchdaich an acain agus an osnaich, am mionnachadh agus am malluchadh, am bruthadh agus an réubadh, am fàsgadh lamh agus an giosgan fhiacal, a' bhios gu cinnteach ag feitheamh oirbh, 'n uair bheir Dia sibhse chum breitheanais air son 'ur 'n uile mi-bhéusan agus eatromas, air son 'ur 'n uile aingidheachd agus ana-mianna, air son 'ur 'n uile an-diadhachd agus truaillidheachd, air son 'ur 'n uile dhearmad air Dia, 'ur cràdh air a Cho'fhurtair, agus 'ur saltairt fo 'ur cosaibh air fuil an t-Slanuighir, air son 'ur tàire air na meadhonaibh, air son 'ur meas air an talamh os cionn flaitheanais, agus air sòlasaibh an t-saoghail so os ceann nan sòlasan a ta aig deas-laimh Dhé. Och! cia mar a b'fhearr leibh 'san là sin, 'n uair a chuirear 'ur peacaidhean as 'ur leth, 'n uair a bhios 'ur coguis a' cnàmh an taobh a stigh dhibh, 'n uair a bhios ceartas air àrmachadh 'n ur 'n aghaidh, 'n uair a bhios an saoghal na theine lăsrach mu 'n cuairt duibh, 'n uair a dhùinear geata na flaitheanais 'n ur 'n aghaidh, agus a bhios lăsraichean ifrinn ullamh gu greim a dheanamh oirbh, 'n uair a shuidheas ainglean agus naoimh a'toirt breith oirbh, agus a thionndaidheas iad an aghaidhean uaibh gu bràth, 'n uair a bhios droch spioradan a' cur uamhas oirbh, agus Iosa Criosd a' cur a chùl ribh gu siorruidh; tha mi 'g ràdh, cia mar a dhuraichdeadh sibh 's an là sin, nach beirte riamh sibh, no gu 'n robh sibh fathast gu 'n bhreith, no gu 'n robh broinn 'ur mathar mar uaigh dhuibh?—O cia mar dhuraichdeadh

sibh an tràth sin, gu 'm biodh sibh air 'ur tionndaidh gu éun, gu ainmhidh, gu stoc, gu cloich, gu losgain, no gu craobh! O gu 'n robh ar 'n anaman neo-bhàsmhor bàsmhor! O gu 'n robh sinn 'nar neo-ni! O gu 'n robh sinn ni sam bith ach an ni a ta sinn!

Leubh mi sgeula comharraichte mu Righ àraidh, a bha tùirseach, dùbhach, agus a' gùl; ni air dha bhràthair fhaicinn, dh'f heoraich e dheth, "C' ar son a bha e co brònach?" Fhreagair esan, "Do bhrigh gu 'n tug mi breith air muinntir eile, agus a nis is eigin breith a bhi air a thoirt orm féin." "C' ar son (ars' a bhràthair ris) a ruigeadh tu leas a bhi co muladach air son sin? theagamh gu bheil ùine fhada gus an tig an là sin; agus os-bàrr, cha 'n 'eil an sin ach cùis eatrom." Cha dubhairt an Righ a bheag ris aig an àm sin. Nise, bha e na chleachdadh 's an duthaich sin, 'n uair a dheanadh neach air bith ceannairc an aghaidh an Righ, gu 'n rachadh tròmpaid a sheideadh aig a dhorus 's an oidhche, agus a thoirt a mach an ath là chum a' chur gu bàs; nise, dh'àithn an Righ tròmpaid a bhi air a seideadh aig dorus tighe 'bhràthar anns an oidhche, neach air dha an tròmpaid a chluinntinn a mhosgail o chodal, a dh'eirich, agus a thainig air chrith chum an Righ: "Ciod a nis? (deir an Righ) ciod an t-aobhar mu 'm bheil thu co eagalach?" Fhreagair esan, "Tha ceannairc an aghaidh an Righ air a chur as mo leth, agus theid mo chuir gu bàs am maireach." Deir an Righ ris a ris, "C' ar son a ta thu co mòr fo thrioblaid air son sin; air dhuit fhios a bhi agad gu 'n toirear breith ort a mhàin le do bhrathair, agus sin air son cùis a tha do choguis ag innse dhuit, d' am bheil thu neo-chiontach? Uime sin, nach mòr is mò na sin bu chòir dhomhsa eagal a bhi orm, a chionn gur e Dia a bheir breith orm, agus cha 'n ann an cùis o bheil mo

choguis 'gam shaoradh, ach ann an cùis d' am bheil mi cionntach ? agus a thuilleadh air sin, ged thigeadh e gus a chuid is miosa, cha bhàsaich thusa ach am bàs aimsireil, ach tha mise, eadar chorp agus anam, buailteach do 'n bhàs shiorruidh." Fàgaidh mi 'n cleachda' do 'n mhuinntir òg sin a ta cur an là so fad as uatha, agus air nach toir argumaid air bith gluasad gu bhi math na thràth, chum iad féin a' dheanamh fior eòlach air an Tighearn ann am madainn an òige.

A nise, do na daoinibh agus do na mnathaibh òga sin, a tha tòiseachadh ris an Tighearn iarraidh, seirbhis agus gràdh a thoirt dha ann an tùs an laithean, bithidh là bhreitheanais dhoibhsan mar cheòl anns a chluais, agus na aoibhneas anns a chridhe; bithidh an là so dhoibhsan na la beothachaidh, na là saoraidh, na là fireanachaidh, na là crùnaidh, na là sòlais, na là slainte, na là pòsaidh, na là fogharaidh, agus na là dh'fhaotuinn an diol thuarasdal: 's an là sin dùaisichidh an Tighearn iad air son gach urnuigh a rinn iad, air son gach searmoin a dh'eisd iad, agus air son gach déur a shil iad: cuimhnichidh Criosd 's an là mhòr sin gach seirbhis ghaoil agus chairdeas a nochdadh do gach aon fa leth d'a mhuinntir féin; 's an là sin ainmichidh e iomadh ni chum an cliù agus an sòlais, do nach tug iad féin riamh an aire; 's an là sin bithidh na gniomharra is lugha agus is suarraiche do ghaol agus do thruas a rinneadh a dh'aon air bith d'a mhuinntir féin, air am mìneachadh mar chaoimhneas sonraichte a nochda dha féin: 's an là sin cuirear an crùn air an cinn, agus a chulaidh rioghail air an druim; 's an là sin chi an saoghal nach d' rinn iad seirbhis do 'n Tighearna nasgaidh: 's an là sin gabhaidh Criosd seachad air an uile anmhuinneachdaibh, agus ni e iomradh cliùiteach air gach seirbhis a' choilion iad, air

gach tròcair do 'n d' rinn iad feum iomchuidh, agus air gach uile nithibh mòr a rinn agus a dh'fhuiling iad air son ainme agus o ghlòire-san.

CAIBIDEIL V.

Ach faodair ceist iomchuidh fharraid an so.

An toirear peacanna nan naomh anns an là sin, chum breitheanais rannsuchaidh agus foillseachaidh no nach toir? An dean an Tighearna 's an là sin iomradh follaiseach, agus am foillsich e gu soilleir peacanna a phobuill no nach foillsich?

Bheiream breith gu h-umhail a reir mo sholuis 'san àm, nach dean e; agus is iad so m' aobhairean air a shon.

Tha mo cheud aobhar air a thoirt o 'n doigh anns an toir Criosd breitheanas 's an là dheireannach, mar a tha e air a chuir sios gu làn shoilleir anns a xxv. caib. do Mata, far am bheil e a mhàin ag ainmeachadh nan oibre math a rinn iad; ach cha 'n 'eil e toirt luaidh air bith air smăl agus crŏn, air laigsinn agus truailli'achd, air anmhuinneachd agus aingidheachd a phobuill. Tha mo dhara aobhar air a thoirt e chàinnt Chriosd, Eoin v. 24, "Gu deimhin, deimhin, a deiream ribh, An ti a dh'eisdeas ri m'fhocalsa, agus a ta creidsinn anns an ti a chuir uaith mi tha a' bheatha mhaireannach aige, agus cha tig e chum dìtidh; ach chaidh e thairis o bhàs gu beatha." Cha 'n 'eil na briathra sin, "Cha tig e chum dìtidh," ceart air an eadar-theangachadh; 's e th' anns a cheud chàinnt, "Cha tig e chum breitheanais." Cha ghabh mi orm féin a' ràdh ciod a chuir daoine gus a mhìneachadh so, a roghainn

air fior eadar-theangachadh an fhocail o 'n cheud chàinnt. Tuilleadh eile, tha e gle chomharraichte, nach 'eil aon air bith do na soisgeulaich a' gnàthachadh an dearbhaidh dhubailt so ach an Soisgeulach Eoin; agus cha 'n 'eil esan 'g a ghnàthachadh, ach 's na cùisibh is ro chudthromaiche agus is mo tàirbhe, agus gu bhi 'nochda dian dhùrachd a spioraid, agus a chum sinne a ghluasad gu aire ni 's fearr a thoirt, agus a chum a ni a tha e a' dearbhadh a chuir as gach uile amharus, agus an taobh thall do gach uile theagamh; mar a ni sinne 'n uair a b' àill leinn ni a chuir o theagamh gu bràth, daighnichidh sinn e le dearbhadh dubailt, "Gu deimhin, deimhin," tha e mar sin.

3. Do bhrigh gur e nach toir Dia am peacaidhean chum bhreitheanais, is mò agus is ro fhearr a ta còrdadh ri mòran do na chàinnt luachmhor agus ghlòrmhor sin a gheibh sinn air a sgapadh (coslach ris na h-uiread a neamhnuidean dealrach) feadh an sgriobtuir; mar,

1. Na briathraibh sin a ta 'g ràdh, gu 'n dŭbh Dia as peacaidhean a phobuill, Isa. xliii. 25, "Is mise, eadhon mise féin, esan a dhubhas t' ea-ceairtean as, air mo sgàth fèin; agus do lochdan cha chum mi air chuimhne. Dhŭbh mi as, mar neul, t' ea-ceairtean, agus mar cheò, do lochdan."

Co so a ta dŭbhadh as ea-ceairtibh? an Ti aig am bheil iuchraiche fhlaitheanais agus ifrinn air a chrios, a dh'fhosglas, agus cha dùn neach air bith; agus a dhùineas, agus cha 'n fhosgail neach air bith—an Ti aig am bheil cumhachd beatha agus bàis, ditidh agus saoraidh, marbhaidh agus beothachaidh—is esan an Ti a ta dŭbhadh as ea-ceairtibh; ged a dhŭbhadh feardreuchd as cùis dhìtidh, theagamh nach deanadh sin math air bith do neach, dh'fhaodadh e air son sin uile

bhi air a dhìteadh fadheoidh leis a bhreitheamh; ach 'n uair a dhŭbhas am breitheamh no 'n Righ as a chùis dhìtidh le làimh féin, cha 'n urrainn a chùis dhitidh an deigh sin pilltinn air ais: a nise, is e so cŏr agus sonas gach creidmheach.

2. Freagarrach do na briathraibh glòrmhor sin nach cuimhnich Dia ni 's mò an cionta, Isa. xliii. 25. "Agus cha chuimhnich mi do chionta. Agus cha teagaisg iad ni 's mò gach aon a choimhearsnach, agus gach aon a bhràthair, ag ràdh, Gabhaibh eòlas air an Tighearn, oir bithidh eòlas aca ormsa uile, o 'n neach a's lugha, gus an neach is mò dhiubh, deir an Tighearn: oir maithidh mise an aingidheachd, agus cha chuimhnich mi ni 's mò an cionta." Air an doigh cheudna, tha 'n t-Abstol ag ràdh, Eabh. viii. 12. "Oir bithidh mise tròcaireach d' an ea-ceartaibh, agus am peacanna agus an aingidheachd cha chuimhnich mi ni 's mò." Agus tha 'n t-Abstol ceudna ag ràdh, ann an àite eile, "Is e so an coimh-cheangal a ni mi riu 'n deigh nan là ud, deir an Tighearn, Cuiridh mi mo reachdan 'nan cridhe, agus sgriobhaidh mi iad air an inntinn; agus am peacanna agus an ea-ceairtean cha chuimhnich mi ni 's mò." 'S e th' air a chiallachadh, gu 'n di-chuimhnichear an ea-ceairtean gu h-iomlan: "Cha toir mi luaidh orra gu bràth tuille, cha ghabh mi aire dhiubh gu bràth tuille, cha chluinn iad tuille mu 'n timchioll uamsa gu siorruidh." Ged tha cuimhne laidir aig Dia chum ea-ceairtean nan aingidh a chuimhneachadh, gidheadh cha 'n 'eil cuimhné sam bith aige chum ea-ceairtean nam firean a chuimhneachadh.

3. 'S e nach toir Dia am peacanna chum breitheanais, is mò agus is fearr a ta còrdadh ris na briathraibh beannuichte sin, eadhon, gu 'n tilg e an uile

lochdan ann an doimhneachdan na fairge; agus gu 'n tilg se iad air a chulaobh." "Pillidh e rìs, gabhaidh e truas dinn; còmhdaichidh e ar 'n easaontais; seadh, tilgidh tu an uile lochdan ann an doimhneachdan na fairge," Mic. vii. 19. Far am bheil peacadh aon uair air a mhaitheadh, tha am maitheanas a' seasamh gun atharrachadh gu siorruidh; cha tig am peacadh a chaidh a mhaitheadh ann an cunntas gu bràth tuilleadh an lathair Dhé, an aghaidh an neach d' an do mhaitheadh e, oir is e sin a tha chainnt so a' ciallachadh: ged robh ni air a thilgeadh air an fhairge, dh'fhaodadh e bhi air fhaicinn, agus air a thogail suas a rìs; ach 'n uair a thilgear e chum doimhneachdan iochdrach na fairge, cha ghabh e togail suas gu bràth tuille. Leis an t-sàmhladh th'anns a bhònn-teagaisg, b'àill leis an Tighearna gu 'n tuigeadh sinne, nach eirich na peacaidh a chaidh a mhaitheadh ni 's mò, cha 'n fhaicear iad ni 's mò, cha tig iad gu bràth tuille chum cùnntais; bàthaidh e am peacaidhean air dhoigh 's nach tig iad gu bràth suas 'na làthair an dara uair.

Agus tha 'n sgriobtuir so a leanas a' gabhail a steach na h-uiread, Isa. xxxviii. 17, "Feuch tha m' amhghar air a chaochladh gu fois; theasairg thu gu caomh m' anam o shlochd millteach; seadh, thilg thu air do chùlaobh m' uile lochdan;" tha chàinnt so air a toirt o gnàthachadh dhaoine, a ta cleachdadh na nithe sin nach bu mhath leo fhaicinn no chuimhneachadh, agus air nach bi meas aca, a thilgeadh air an cùlaobh.— Tha 'pheacaidhean do ghnàth roimh aghaidh an anam ghràsmhor, "Tha mi ag aideachadh m' easaontais, agus tha mo pheacaidh a' m' lathair a ghnàth;" uime sin, cha 'n 'eil iongantas air bith ge do thilgeadh an Tighearn iad air a chùlaobh. Di-chuimhnichidh an t-athair gu h-ealamh, agus tilgeadh e air a chùlaobh,

na cionnta sin a chuimhnicheas an leanabh, agus a ta a ghnàth 'na shealladh; amhuil mar sin a ta Athair nan spiorad a' deanamh.

4. 'S e nach toir Dia am peacaidhean chum breitheanais is fearr a ta còrdadh ris a chàinnt mhilis sin, gu math Dia lochdan a phobuill, Ier. xxxiii. 8, "Agus glanaidh mi iad o 'n uile aingidheachd, leis an do chiontaich iad a' m' aghaidh; agus maithidh mi an uile lochdan, leis an do pheacaich iad, agus léis an d' rinn iad ceannairc ann am aghaidh." Mar an ceudna, ann am Micah, vii. 18, "Co a's Dia ann cosmhuil riutsa, a mhaitheas aingidheachd, agus a ghabhas seachad air easaontas iarmad 'oighreachd? (mar nach bu mhath leis fhaicinn, ach amhairc thairis air); cha ghleidh se a chorruich gu siorruidh, a chionn gur toigh leis tròcair." Tha am focal Eabhra th' ann an so eadar-theangaichte maitheadh, a' ciallachdadh toirt air falbh; 'n uair a mhaitheas Dia peacadh, bheir e air falbh e gu h-iomlan, ionnas ged rannsaichte air a shon, cha bhi e ri fhaotuinn, mar a ta 'm Faidh a' labhairt, "Agus anns an àm sin, deir an Tighearn, iarrar aingidheachd Israeil, agus cha bhi i ann; agus lochdan Iudaih, ach cha bhi iad r' am faotainn; oir bheir mise maitheanas dhoibh-sin a chaomhaineas mi;" agus is ann mar so a ta na briathra sin "agus a ghabhas seachad," anns an vii. caibideil do Mhicah, a reir na h-Eabhra, "agus a ghabhas seachad air easaontais oighreachd;" is e sin, cha ghabh e aire sam bith dheth, coslach ri neach a bhiodh ri beachd-smuaineachadh domhain, no mar neach air am biodh cabhag gnothuich, nach fhaiceadh na nithe bhiodh roimhe, air do inntinn a bhi suidhichte air cùisibh eile, tha e leigeil an iomlan as a bheachd chum aire ghabhail d'a ghnothuich. Coslach ri Daibhidh, 'n uair a chunnaic e fiamhachd

a charaid Ionatan ann am Mephiboset, cha do ghabh e sùim air bith dheth gu 'n robh e crùbach, no dheth deireas no mi-chumaidheachd air bith eile bh' ann: mar sin air do Dhia iomhaigh ghlòrmhor a Mhic fhaicinn 'na phobull, gabhaidh e seachad air an uile lochdaibh agus am mi-chumaidheachdan; ni a thug air Luther a ràdh, "Dean riumsa na 's àill leat, a chionn gu 'n mhath thu mo pheacadh;" agus ciod e sin peacadh a mhaitheadh, ach gun iomradh a dheanamh air peacadh ni 's mò.

5. 'S e nach toir Dia am peacaidhean chum breitheanais rannsuchaidh agus foillseachaidh, is fearr a ta còrdadh ris na briathraibh sin, maitheadh agus folachadh, Salm xxxii. 1, "Is beannuichte esan d' an do mhaitheadh 'easaontais, d' am bheil a pheacadh air fholachadh." Ach 's e th' anns a cheud chàinnt, "beannachdan;" uime sin, tha 'n so lionmhoireachd do bheannachdaibh, slabhruidh do neamhnuidibh. Tha chàinnt cheudna agaibh anns a lxxxv. Salm, "Mhath thu cionta do shluaigh; dh'fholuich thu am peacadh uile. Selah." Chum nan sgriobtuirean so a thuigsinn gu ceart, thugaibh fainear, gur càinnt fo shàmhladh folach; is gniomh folachadh a ta càlg-dhireach an aghaidh leigeadh ris; a bhi foluichte, is e sin, a bhi còmhdaichte agus dùinte, air doigh nach faicear.—Tha cuid a' toirt an t-sàmhlaidh o nithe salach graineil, a th' air am folachadh bho bhur sùilibh, mar a tha closaichean màrbh air an tiodhlaiceadh fo 'n talamh; tha cuid eile 'ga thoirt o 'n trusgan a ta air a' chur oirnn chum 'ar lomnochdas fholach; tha cuid eile 'ga thoirt o na h-Eiphitich a chaidh a bhàthadh anns a Mhuir Ruaidh, agus a dh'fholuicheadh mar sin le uisge; tha cuid eile 'ga thoirt o slochd mhòr dhomhain a th' anns an talamh, a ta air a lionadh suas, agus air a

folach, le ùir, air a thilgeadh innte; agus anns an àite mu dheireadh, tha cuid eile 'ga thoirt o chàinnt a ta ciallachadh caithir na trocair, air an robh còmhdachadh thairis. A nise, tha 'n t-iomlan do na sàmhlaichibh so, a' treòrachadh chum a bhi nochda, nach amhairc an Tighearna, nach fhaic e, agus nach gabh e sùim do na peacaibh a mhath e, chum an gairm gu cunntais fa chomhair a bhreitheamh ni 's mò. Eadhon, mar ni Prionnsa, 'n uair a leubhas e iomadh ceannairc, agus ar-amach, agus a chòmhlaicheas e ri leithid so agus ri leithid sud a mhath e, leubhaidh e air adhairt, gabhaidh e seachad, agus cha ghabh e sùim dhiubh, cha chluinn an neach a fhuair maitheanas gu bràth tuille mu 'n timchioll, cha ghàirm e gu cùnntais iad gu bràth tuilleadh air son nam peacaidhean so: is ann mar sin a ni Dia r'a phobull. N' uair a chaidh iomhaigh Cheasair a tharruing, chuir e a mheòir air na lotaibh, agus air na foinnibh a bh' air aghaidh. Tha Dia a' cur a mheòir air gach uile lot agus foinneamh a ta air a phobull, air an uile laigse agus anmhuinneachd, chum 's nach bi ni sam bith ri fhaicinn, ach sin a ta maiseach agus ionmhuinn, "Tha thu uile àillidh, a bhean mo ghaoil, agus smal cha 'n 'eil annad," Dàn. iv. 7.

6. 'S e is fearr a ta còrdadh ris a chàinnt sin, nach cuir Dia peacadh as an leth, Salm xxxii. "Is beannuichte an duine nach cuir an Tighearn euceart as a leth, agus aig nach 'eil cealg na spiorad." Agus tha 'n t-Abstol ag ràdh a ni ceudna, Rom. iv. 6, 7, 8.—A nise, gun euceart a chur as a leth, is e sin gun euceart agairt, agus gun euceart a chur r' a chunntas-san a ta beannuichte, agus a fhuair maitheanas.

7. 'S e is fearr a ta còrdadh ris a chàinnt sin a ta agaibh anns an Salm ciii. 11, 12, "Oir mar a ta na

nèamhan àrd os ceann na talmhainn, mar sin a ta a thròcair mòr d' an taobh-san d' an eagal e : co fhad as a ta 'n àird an ear o 'n àird an iar, co fhad as a sin chuir e uainn ar n-easaontais." Ciod an uidhe anabharach a ta eadar an ear agus an iar! do na h-uile lèud faicsinneach, 's e sin is mò.

4. Argumaid a ta buadhachadh orm gu bhi breithneachadh nach toir Dia peacanna na naoimh chum breitheanais rannsuchaidh agus foillseachaidh anns an là mhòr, eadhon, Do bhrìgh gu bheil e coslach ri bhi neo-fhreagarrach, do thri nithibh a bheiream fainear, gu 'm foillsich Iosa Criosd laigsinn agus tuislidhean a phobuill d' an t-saoghal gu leir.

1. Tha e coslach ri bhi neo-fhreagarrach do ghlòir agus ghreadhnachas an là sin, a bhios do na naoimh na la urachaidh, na là aisigidh, na là saoraidh, agus na là crùnaidh, mar chaidh dhearbhadh a cheana : a nise, cia freagarrach a bhios e do ghreadhnachas an là mhòr, peacanna na naoimh fhoillseachadh, fagaidh mi an leubhadair gu bhreithneachadh.

2. Tha e coslach ri bhi neo-fhreagarrach do gach aon do na dlù dhàimhibh ionmhuinn sin anns am bheil Iosa Criosd a' seasamh d' a mhuinntir féin; tha e seasamh ann an dàimh athair, bràthair, ceann, fear-pòsda, caraid, agus fear-tagraidh ; à nis, nach 'eil iad so uile a thaobh dlighe dhàimh, ceangailte gu bhi còmhdach agus a' cur folach, aig a chuid is lugha o'n t-saoghal, air laigsinn agus anmhuinneachd an luchd dàimhe ionmhuinn? agus nach mò gu mòr na sin a ta Criosd, nach mò gu mòr na sin a ta e na athair, na bhrathair, na cheann, agus na fhear-pòsda, ann an seadh spioradail, na 's urrainn neach air bith eile bhi ann an seadh nàdurach.

3. Tha e coslach ri bhi gle neo-fhreagarrach do 'n

ni a ta 'n Tighearn Iosa ag iarraidh air a mhuinntir féin anns an t-saoghal so : tha 'n Tighearn ag iarraidh gu 'n tilgeadh a phobull falluing a ghràidh, a ghliocais, na tosdachd, agus na h-uaigneis, thar laigsinn agus anmhuinneachd a cheile, "Duisgidh fuath aimhreitean, ach folaichidh gràdh gach peacadh ;" tha falluing a ghràidh gle fharsuing ; gheibh an gràdh làmh, agus plàsda gu chuir air gach crèuchd. Bha Bhespasian, an t-Iompaire gle ullamh gu lochdan a chàirdean fholach, agus co ullamh is sin chum an deagh-bheusan fhoillseachadh ; 's ann mar sin a ta gràdh Dhé ann an cridhe nan naoimh ; "Uime sin, ma pheacuicheas do bhràthair a' d' aghaidh, imich agus innis a lochd dha eadar thu féin agus esan a mhàin ; ma dh' eisdeas e riut choisinn thu do bhràthair," Mata xviii. 15. Mar a ta cungaidh leighis an achmhasain ri bhi air a dhealtradh, agus air a dheanamh milis le mòr chiùineas agus tlàs, mar sin tha e gu bhi air a thoirt seachad an uaigneas ; "innis a lochd dha eadar thu fein agus esan a mhàin." Tha fear a chùl-chainidh, agus am fear a dh' eisdeas ri cùl-chaineadh le tlachd, maraon gràineil. Tha flaitheanas na àite ro theith, agus ro naomh air an son. Nise, an àill le Iosa Criosd gu 'n giulan sinne sinn féin air an doigh so, a thaobh criosduidhean a bheir aobhar oilbheum dhuinn, agus an dean e féin calgdhireach an aghaidh sin?—Ni h-eadh, am bheil e na chionta annainne laigsinn agus anmhuinneachd nan naomh fhoillseachadh d' an t-saoghal? agus am bi e na òirdheirceas, na ghlòir, agus na mhòralachd ann an Criosd am foillseachadh anns an là mhòr. An

5. Argumaid, Is i glòir duine amharc thairis air eucoir : ni tuigse duine e màll chum feirge, agus is i ghlòir amharc thairis air eucoir, no gabhail seachad air, mar a ni sinn air ni no neach nach b'aithne dhuinn, no

do nach b'àill leinn sùim a ghabhail. A nise, is i glòir duine amharc thairis air eucoir, agus nach mo gu mòr na sin a bhios e na ghlòir do Chriosd; gabhail seachad gu tosdach air easaontas a phobuill anns an là mhor sin? Mar is mò bhios an troitearachd agus a cheannairc air an amhairc Prionnsa seachad, agus do nach gabh e sùim, 's ann is mo 'ghloir agus onoir; agus is ann mar sin gun teagamh is mo bhios glòir agus onoir Chriosd anns an là mhòr sin, amharc thairis air uile throitearachd agus cheannairc a phobuill, gun sùim a ghabhail diubh, an di-chuimhneachadh co math r' am maitheadh. Thug na cinnich fainear o chionn fhada, nach tainig an duine ni b'fhaisge ann an ni sam bith air gloir agus iomlaineachd Dhé, na ann am maitheas agus ann an tròcair. Gu cinnteach ma bhios e na leithid a dh' onoir do dhuine, amharc thairis air eucoir, cha 'n urrainn e bhi na eas-onoir do Chriosd gabhail seachad air easaontas a phobuill, oir dh' adhlaic se iad a cheana ann an cuan 'fhola féin. A rìs, tha Solamh ag ràdh, "Is i gloir Dhé ni a cheiltinn," Gnath. xxv. 2. Agus cha 'n 'eil fhios agam c'ar son nach biodh e chum gloir gaol Dhé peacanna nan naomh 's cheiltinn anns an là mhòr.

CAIBIDEIL VI.

Thig mi nise chum nan còmhnaidhean agus nan seolaidhean is eigin, le cobhair o neamh, a bhi air an cleachda, ma 's àill leibh a bhi math na thràth, agus seirbhis a dheanamh do 'n Tighearn ann an àm 'ur 'n òige. Nise, gabhaidh mi steach na bheil a rùn orm a' labhairt, fo 'n dà cheann so—

1. Feumaidh sibh cuid a nithe a sheachnadh gu cùramach agus gu faicilleach, agus sibh féin àrmachadh nan aghaidh. 2. Tha nithe eile a dh'fheumas sibh a dhlùth leantuinn.

1. Tha cuid a nithe a dh'fheumas sibh a sheachnadh gu faicilleach, eadhon,

1. Ma 's àill leibh a bhi math na thràth, ma 's àill leibh a bhi gràsmhor ann am maduinn 'ur 'n oge, O ma ta thugaibh an aire gu'n bhi cur là bhàis fada uaibh. Tha muinntir òg ro ullamh gu bhi cur a bhàis uidhe mhòr uatha, agus gu bhi 'g amharc air fàd as; tha iad ullamh gu ràdh ris a bhàis, mar a thuirt Pharaoh ri Maois, "Imich uam agus na faiceam t' aghaidh ni 's mò;" ma labhras seann daoine riu mu 'n bhàis, tha iad ullamh gu freagairt mar a fhreagair an t' àrdshagairt Iudas, ann an cùis eile, "Ciod e sin duinne? amhairc thusa air sin," Mat. xxvii. 4. Tha fios againne gu 'n tig euslainte, agus is fiachan am bàs a dh'fheumas sinn uile iocadh, ach 's cinnteach tha na h-aoidhean so uidhe mhòr uainne; oir tha Daibhidh ag ràdh, "Tha làithean ar bliadhnacha nan tri fichead bliadhna agus a deich," Salm xc. 10.—Dh'aireamh sinne 'ur laithean, agus cha 'n urra dhuinn là, no mionaid, no mòmaint a thoirt uath do thrì fichead bliadhn' agus a deich, agus air an aobhar sin tha e na bhàs dhuinne smuaineachadh air a bhàs, do bhrìgh gu bheil uidhe co mòr eadar là ar breith agus là ar bàis, mar rinn sinne suas an cunntas. Och, a dhaoin' òga, tha e na ni ro bhrònach, 'n uair a ta sibh co aingidh le 'ur fiosrachadh, 's gu bheil sibh ag ràdh, maille riusan ann an Esec. xii. 27, "Feuch tha tigh Israeil ag ràdh, tha 'n taisbean a tha e faicinn air son mhòran laithean, agus tha e ri faisneachd mu na h-aimsiribh fad as." Och, a dhaoin' òga, le bhi cur an là so fad air

falbh, tha sibh a' toileachadh Shatain, a' neartachadh a pheacaidh, a' brosnachadh an Tighearn, a' deanamh obair a chreidimh agus an aithreachais ni 's dorra agus ni 's ro chruaidhe, agus a' leagadh bunait brònach air son nan teagamhan agus nan eagalan is mò. Och, cia luath 's a dh'fhaodas am focal brònach sin a bhi air a choilionadh oirbh, Mat. xxiv. 48, &c. " Thig Tighearn an oglaich sin, a tha 'g ràdh, A ta mo Thighearn a' cur dail na theachd, ann an là nach 'eil sùil aige ris, agus ann an uair nach fios da, agus gearraidh e 'na bhloighdibh e (no gearraidh e as e), agus bheir e a chuibhrionn da maille ris na cealgairibh; an sin bithidh gul agus giosgan fhiacal." 'N uair a bha Sodom, Pharaoh, Agag, Amalec, Haman, Herod, Nebuchadnesar, Belsasar, Dibhes, agus an t' amadan anns an t'-soisgeul, uile ann an tùs an laithean, 's air an seideadh suas le àrdan agus le soirbheachadh saoghalta, agus air fior mhullach an greadhnachas; cia neònach, cia obann cia uamhasach, cia eagalach, cia iongantach a thugadh sios iad do 'n uaigh, agus do ifrinn.

O dhuin' òig! co thusa, agus ciod e t' ainm no do chliù, ciod e do chumhachd no t'àite, ciod e t'inbhe no do ghlòir, gu 'm bu dàna leat saorsa ghealltuinn dhuit féin o chuibhrionn co uamhasach a shealbhachadh, 's a thug ceartas riamh dhoibh-san a bha uair eigin gle àrda, 'nan suidh am measg nan réulta, gidheadh a ta nis air an toirt a nuas gu taobh an t' sluic. Leubh mi sgeula mu neach a thug fàinne le ceann bàis air a ghearradh oirre do mhac stròghail òg, air a chumhadh so, gu 'n amhraiceadh agus gu 'm beachd-smuainicheadh e air aon uair gach là, fad sheachd laithean, ni a thug caochladh mòr air a chaithe-beatha. Och, a dhaoin òga, faodaidh smuaintean cudthromach mu 'n bhàs an caochladh sin a' dheanamh oirbh, nach d'rinn

aon chuid càirdean, comhairle, eisimpleir, urnuighean, searmoine agus déura gus an là 'n diugh. Air an aobhar sin, cuimhnichibh so, is diomhain an t' saothair, a bhi saoithreachadh gun bhàs fhaotuinn, a bhi cur an là so fada uaibh, agus a bhi beò as eugais eagail a bhàis, is e sin, air dhuibh a bhi beò tha sibh marbh. Tha 'm bàs a' glacadh seann daoine, agus a' deanamh feall-fholach air son na h-òige. Tha 'm bàs mar is trice co faisg air culaobh an duin' òig, 's a tha e air aghaidh an t seann duine.

Tha e air aithris mu Thearlach a ceithir, Righ na Fraing, air dha bhi air a ghluasad, aig àm àraidh, le mothachadh d'a pheacaidhean mòr agus lionmhor, gu 'n d'rinn e osnadh thròm, agus thuirt e ri 'mhnaoi, "Le còmhnadh Dhé giulanaidh mi mi féin a so suas, air doigh 's nach cuir mi fearg air Dia tuille gu crìch mo shaoghail:" co luath 's a labhair e na briathra sin, thuit e sois agus dh'éug e. A dhaoin' òga! na cuiribh an là so fada uaibh, air eagal gu 'n glacar sibh gu h-obann, agus an sin gun glaodh sihh a mach ro anmoch, "Rioghachd air son Chriosd, Rioghachd air son Chriosd," mar a ghlaodh Righ àraidh na théinn, "Rioghachd air son each, Rioghachd air son each." O dhaoin' òga! nach cuala sibh riamh mu dhuin' ōg a ghlaodh a mach, "Och, tha mi co tìnn 's nach urrainn mi bhi beò, agus gidheadh, an truaghan truagh a ta mi ann, co peacach 's nach dàna leam bàsachadh; O gu 'm bithinn beò! O gu 'm faighinn bàs! O gun bhi aon chuid beò no marbh!" Air an aobhar sin, a dhaoin' òga, cuimhnichibh so, gu 'n cum a bhi smuaineachadh gu tric, agus gu cudthromach mu 'n bhàis sibh o iomadh peacadh a chuir an gniomh, àrmaichidh e sibh an aghaidh iomadh buaireadh, dionaidh e sibh o iomadh trioblaid, cumaidh e sibh o bhi 'n tròm cheist

air an t-saoghal, bheir e oirbh gu 'n dean sibh mòran ann an ùine bheag, ni e 'm bàs socrach 'n uair thig e, agus bheir e oirbh amhairc na thràth air son rioghachd nach faodar a chrathadh, agus air son glòir nach searg as. Uime sin, na cuiribh, O na cuiribh lath a bhàis fada uaibh. "Thugaibh an aire (deir Luther) nach glaodh sibh am màireach, am màireach, oir tha duine beò dà fhichead bliadhna mu 'n tuig se e féin a bhi na amadan, agus air chionn da amaideachd fhaicinn, tha bheatha air teireachduinn;" mar sin, mu 'n toisich daoine ri bhi beò, tha iad màrbh.

II. Ma 's àill leibh a bhi math na thràth, thugaibh ann aire gun 'ur taice leigeadh ri 'ur tuigse féin.—Thug Solamh a chomhairle so d' a mhac, no do dhaoin' òg a' là, Gnath. iii. 1, 5. "A mhic, na dichuimhnich mo lagh, ach gleidheadh do chridhe m' aitheanta; earb as an Tighearn le d' uile chridhe, agus ri d' thuigse féin na biodh do thaice."

Is i 'n òige aois na h-amaideachd, an dòchais dhiomhain, agus a mhuinghinn laidir. O! cia glic 's a dh'fhaodadh mòran a bhi, mar bhith iad a bhi glic 'nam barail féin ro thràthail? Dhearbh comhairlichean òga Rehoboam a bhi 'nan sgrios d'a rioghachd. Tha e na òirdheirceas d' an òige bhi tuigseach agus ciallach anns na h-uile nithibh. Trì subhailcean a tha nam maise shònraichte do 'n òige—béusachd, tosd, agus ùmhlachd. O dhaoin' òga! anns gach gniomh cumaibh dlù ris an aon riaghailte so, eadhon, Gu ma fearr leibh a bhi tuigseach agus glic, no àrdanach agus cealgach.

O dhaoin' òga! thig a bhi leigeadh 'ur taice ribh féin, no ri muinntir eile, mu dheireadh gu bhi na shearbhas agus na bhuaireadh spioraid; tha daoin' òga ro ullamh gu bhi leigeadh an taice ri 'n tuigse, ri 'n

gliocas, ri 'n eòlas, agus ri 'n coman féin, eadhon mar a ta seann daoine ullamh gu bhi leigeadh an taice ri bàta, air son còmhnaidh; mar a ta 'm focal Eabhra eadar-theangaichte *taice* a' ciallachadh, anns a Ghnath. iii. 5. "B'e so truaighe iomadh neach thuigseach, càll iomadh ceann seòlta, agus sgrios iomadh claigeann cuilbheirteach." Na biodh 'ur taice ri comasaibh mòra, na biodh 'ur taice ri eòlas nàdurach no foghluimte, air eagal gu 'n caill sibh iadsan, agus sibh féin cuideachd. 'S e bhi leigeadh 'ur taice ri òirdheirceas nàdurach no modhannail, an rathad ullamh gu bhi air 'ur creach do 'n iomlan. Chaidh Babilon a ghlacadh gu h-obann air dh'i a h-earbsa chur 'na tùraibh arda, 'na ballachaibh tiugh, agus na lòn fhichead bliadhna air a thasgaidh suas fa chomhair teanntachd. Tha e air aithris mu Cheasair, nach ann o chloidhibh a naimhdean a fhuair e a lotan, ach o làmhaibh a chàirdean; eadhon, o bhi cur tuille 's a chòir a dh'earbsa annta.

O! cia lion duin' òg a chaidh lot, seadh, a mhàrbhadh, le bhi 'g earbsa ri 'n tuigse, agus ri 'n càileachd féin? B'e aon do ghnàth-fhocail òirdheirc Austin, "Cha sheas an neach sin gu bràth, nach 'eil ach na sheasamh air a neart féin." Tha 'n creutair coslach ri boinne air fhagail dha féin, teirgidh agus caithidh e air bàll; ach ma tha e coslach ri boinne ann an tobar agus ann an cuan a bhith, bidh e tearuinte ni 's leòir. O dhaoin' òga! ma 's e gur àill leibhse taice, uime sin, leigibh 'ur taice ri geallaidhibh luachmhor, leigibh 'ur taice ris a charraig is àirdé na sibh féin, leigibh 'ur taice ris an Tighearn Iosa Criosd, mar a rinn Eoin, a neach b'òige do na deisciobul. Leig Eoin a thaice ri Criosd gu mòr, agus ghràdhaich Criosd esan gu mòr. O! leigibh 'ur taice ri gliocas Chriosd air son seòlaidh, leigibh 'ur taice ri chumhachd air son

dion, leigibh 'ur taice ri 'sporan, 's ri 'lànachd air son lòin, leigibh 'ur taice ri 'shuil air son di-bheatha, leigibh 'ur taice ri 'ionracas air son fireannachadh, leigibh 'ur taice ri 'fhuil air son mathanais, agus leigibh 'ur taice ri 'thoillteanas air son slàinte.

Mar a lubas agus a thuiteas an crànn-fiona òg, as eugais a bhalla gu taice a chumail ris, mar sin tuitidh sibhse, dhaoin' òga, as eugais gu 'n cuir Criosd a mach a ghairdeanna siorruidh chum bhur còmhnadh, agus 'ur cumail suas: uime sin, os ceann gach uile thaice, leigibh 'ur taice ris-san: le 'ur taice leigeadh ris-san, coisnidh sibh a thlachd; le 'ur taice leigeadh ris-san, coisnidh sibh ni 's mò dh' urraim na 's urrainn duibh a thoirt; le 'ur taice leigeadh ris-san, faodaidh sibh eadhon earbs' as, agus a ghabhail gu siorruidh mar 'ur cuid féin.

III. Ma 's aill leibh a bhi math na thrath, ma 's aill leibh an Tighearn iarraidh agus seirbhis a dheanamh dha ann am madainn 'ur laithean, bithibh air 'ur faicill ma ta o mhiodal agus o luchd miodail. Och! cia lion duin' og a dh'fhaodadh a bhi ro mhath, a ti nise ro olc, le bhi 'g eisdeachd ri miodal cealgach, agus ri luchd miodail? Chur am miodal as do Rehoboam og, do Ahab, do Herod, do Nero, agus do Alastair Mor, &c. Is mortairean agus mìlltearan anama luchd miodail; tha iad coslach ri droch lighichibh a bheir croicinn air an lot, ach nach leighis e gu bràth.

B'e suaicheantas Iompaire àraidh "Tha càinnt mhiodalach gu tric a' dearbhadh a bhi na puinsion milis." 'S e miodal dearbh thobar agus màthair gach uile an-diadhachd; tha e seideadh an tròmpaid, agus a' tarruing anama bochd gu ceannairc an aghaidh Dhé, mar a tharruing Seba Israel gu ceannairc an aghaidh Dhaibhidh; mheall e bhur ceud sinnseara gu ith do 'n

mheas thoirmisgte; mheal e Absalom gu athair a' chur do'n chaithair; mheall e Haman gu leir-sgrios a dhealbh an aghaidh nan Iudhach; mheall e Corah, Datan, agus Abiram, gu ceannairc an aghaidh Mhaois; bheir e air daoine math a ghairm olc, agus olc math, dorchadas solus, agus solus dorchadas. Bheir miodal air muinntir dearmad agus tàire dheanamh air meadhonaibh nan gràs; brosnuichidh e iad gus an Spiorad a chràdh, agus gu dimeas a dheanamh air Dia agus air Criosd; bheir e air falbh breithneachadh neach; bheir e air geal a ghairm dubh, agus dubh geal; bheir e air neach neamhnuidhe a mhuthadh air son chlach, agus òr air son umha; bheir e air neach e féin a mheas glic, 'n uair a ta e amaideach; eólach, 'n uair a ta e aineolach; naomh, 'n uair a ta e mi-naomh: fuasgailte, 'n uair a ta e na phriosanach; saobhir, 'n uair a ta e ainniseach; arda, 'n uair a ta e iosal; làn, 'n uair a ta e folamh; agus sonadh, 'n uair a ta e truagh.

O mhuinntir òga! bithibh air 'ur faicill o luchd miodail, oir is iad is ro mhiosa do gach uile pheacaich; tha iad air an treigsinn le Dia, air an dalladh le Satan, air cruadhachadh anns a pheacadh, agus air an abachadh air son ifrinn. Tha Dia a' labhairt gu brònach 'nan aghaidh 'na Fhocal, agus 'na Oibribh—'na fhocal, mar a dh'fhaodas sibh fhaicinn leis na sgriobtuiribh so leanas a choimeasachadh ri cheile, Deut. xxix. 18—20; Salm lxxviii. 36, agus xxxvi. 1, 2; Iob xvii. 5; Esec. xii. 24; Dan. xi. 21, 32, 34: Salm xii. 2, 3. "Labhraidh iad diomhanas gach neach r'a choimhearsnach; le bilibh miodalach, le cridhe dùbhailte, labhraidh iad. Sgathaidh an Tighearna na bilean miodalach uile, an teanga a labhras nithe mòra." Agus mar tha Dia a' labhairt gu searbh nan aghaidh 'na Fhocal, mar sin tha e labhairt gu h-uabhasach nan aghaidh 'na Oibribh,

mar a dh'fhaodas sibh ruith agus a leubhadh, 's na bhreitheanais a chuir e 'n gniomh air faidhibh miodalach Ahaib, air Haman, agus air luchd casaid bhreige Dhaniel. Agus c'arson ma ta nach dùnadh sibhse 'ur cluasan air na truaghanaibh sin, an aghaidh am bheil làmh agus cridhe Dhé co mòr.

A rìthist, mar a ta Dia a' labhairt nan aghaidh, mar sin tha daoine math 'gam fuathachadh, agus a' labhairt nan aghaidh, mar a dh'fhaodas sibh fhaicinn leis na sgriobtuiribh so leanas a' choimeasachadh ri cheile. Salm v. 8, 9, 10; Gnà. ii. 16; Gnà. vii. 21; Gnà. xxviii. 23; Iob xxxii. 21, 22; 1 Tesal. ii. 5, 10; Gnà. xx. 19. "Uime sin, ris-san a ni miodal le 'bhilibh na biodh gnothuch agad." C'arson? Do bhrigh, "Am fear a ni miodal r' a choimhearsnach, sgaoilidh e lion air son a chois," Gnà. xxix. 5. "Fuathaichidh an teanga bhreugach iadsan d' an dean i dochair, agus oibrichidh am beul miodalach sgrios," Gnà. xxvi. 28. Sgriosaidh am beul miodalach ainm, cliù, òighreachd, corp, anam agus beatha. Bu ghnà le Bhalerian, an t-Iompaire Romanach, a' ràdh, nach e briathran gàrg, ach briathran miodalach a tha deanamh an uilc uile.

Nis, an gabh daoine math fuath agus gràin dhiubh, do bhrigh gur iad plàigh nam plàighean; agus gidheadh an toir sibhse di-bheatha dhoibh, an gabh sibhse tlachd annta chum 'ur sgrios siorruidh? Nar leigeadh Dia. O! abraibh ri luchd miodail, mar thuirt neach roimhe r'a iodholaibh, Hos. xiv. 8, "Imichidh uam, oir ciod mo gnothach-sa tuille ri iodholaibh?" Ni h-eadh, thugaibh fainear aon uair eile, nach e mhàin gu 'n thaisbean na daoine is feàrr am fuath agus an gràin do mhiodal agus do luchd miodail, ach mar an ceudna cuid do na daoine is ro mhiosa. Bu ghnà le Leo, an t-Iompaire, a' ràdh, gur e namhad uaigneach is ro

mhiosa na namhad follaiseach. 'N uair a nochd Eachdruiche àraidh do dh' Alastair Mòr, leabhar a sgriobh e m' a ghniomhara mòra, anns an d' rinn se e gu miodalach ni bu mhò na bha e; an deigh dha 'n leabhar a leubhadh, thilg se e ann an abhuinn a bha làmh ris, agus thuirt e ris an Ughdar, "Bu mhath an gniomh thu féin a thilgeadh as a dheigh." 'N uair a rinn an luchd miodail gu cealgach miodal ri Antigonus, ghlaodh e a mach, "Tha sibh a' deanamh bhreug, tha sibh a' deanamh bhreug, oir na deagh-bheusan sin mu 'm bheil sibh a' labhairt, cha 'n 'eil iad annam-sa; ach tha mi coslach ri leopard, air am bheil deich bùill dhùbh air son gach aon bhàll geal." Cha 'n urrainn fear miodail a bhi na charaid firinneach. Air do Aristippus, Diogenes fhaicinn a' glanadh luibhean air son a dhinneir, thuirt e, "Nam b' aithne dha Diogenes cionnus a dheanadh e feum do Righre, cha ruigeadh e leas a bhi tighinn beò air luibhibh amh mar a ta e." Fhreagair Diogenes, agus thuirt e, "Nam b' urrainn Aristippus a bhi toilichte le luibhibh, cha ruigeadh e leas tionnda gu bhi na chù-eanaich, no miodal a' dheanamh ri Righ Dionisius air son greim bidh." Ghearan Augustus, 'n uair a dh' eug Bharrus, nach robh a h-aon aige nis a dh' innseadh an fhirinn dha gu treibh-dhireach dileas. O dhaoin' òga! an labhair Dia, an labhair daoine math agus droch dhaoine gu follaiseach le gràin an aghaidh miodail agus luchd miodail, agus nach toir sibhse cluas bhodhar dhoibh, seadh, teichibh uath mar o nathair nimhe, agus seachnaibh iad mar bu mhath leibh ifrinn féin a sheachnadh! Agus mar dean sibhse sin, na dearbh chinnich a roimh ainmich mi, eiridh iad 'nur 'n aghaidh sa' bhreitheanas, agus dìtidh iad sibh.

Labhair mi ni bu ro fharsuinge air a cheann so, a thaobh mo ghràdh do anamaibh dhaoine, a tha ullamh

gu bhi air an ribeadh ann an lion a mhiodalaich ; ma 's math leibh am feasd a bhi math da rireadh, feumaidh sibh na miodalaich fhuathachadh, mar cheud-ghin an diabhoil, agus mar dhream a ta ro chronail do shonas a chinne-dhaoine, araon anns a' bheatha so agus anns a' bheatha a ta ri teachd. Is iad na miodalaich mealltairean agus cealgairean is mò th' anns an t-saoghal.

Tha e air a' ràdh mu 'n chrocodile, 'n uair a' mharbhas e duine, gu 'n guil e os a cheann, mar gu 'm biodh e brònach, agus aithreachas air air son a ni a rinn e : tha 'n cleachda farasda.

IV. Ma 's àill leibh a bhi math gu tràthail, ma 's àill leibh an Tighearn iarraidh, agus seirbhis a' dheanamh dha, ann am maduinn 'ur laithean, bithibh air 'ur faicill o 'ur 'n aigne a shocrachadh air nithibh an t-saoghail so.

Rinn an duin' òg anns an t-soisgeul iomadh céum gu neamh a bhuannachd, Mat. xix. 16, "Choimhid mi iad sin uile o m' òige, ciod a ta dh' uireasbhuidh orm fathast ?" Tha Criosda toirt tairgse gle chothromach dha 's an ath fhreagradh, "Thubhairt Iosa ris, Ma 's àill leat bhi coimhlionta, imich, reic na bheil agad, agus tabhair do na bochdaibh, agus gheibh thu ionmhas air neamh : agus thig, agus lean mise." Gheibh thu flaitheanas air son talamh, cuan air son boinne, ionmhas air son fineig, agus crùn air son pronnaig. Ach bha aigne an duin' òig dian cheangailte ri nithibh an t-saoghail, agus uime sin, thionnda e a chulaobh air Criosd, agus dh'fhalbh e gu bronach, do bhrigh gu 'n robh mòr shaoibhreas aige. O caothach agus amaideachd an duin' òig so, a ghabh a chead gu siorruidh do Chriosd agus do ghlòir, chum beagan do shonas aimsireil a mhealtuinn. Tha e air a' ràdh, gu 'n robh Abraham gle shaoibhir ann an spreidh, ann an airgiod, agus ann an òr : tha 'm focal Eabhra th' ann an so

eadar-theangaichte *saoibhir*, a' ciallachadh tròm; tha e ciallachadh eallach, a nochdadh dhuinne gu bheil saoibhreas na eire thròm, agus iomadh uair na mhoille dhuinn air 'ur turus gu neamh agus gu sonas; agus fhuair an duin' òg anns an t-soisgeul fein-fhiosrachadh air so chum a thruaighe shiorruidh. Cha 'n urrainn a cloich-iùil an t-iarunn a tharruing, 'n uair a ta 'n daoimein a lathair, gidheadh tharruing maoin an t-saoghail anam an duin' òig so air falbh, 'n uair a bha Criosd an neamhnuid ro luachmhoir a lathair; tha 'n saoghal coslach ri puinsion milis, agus dhearbh e sin do 'n duin' òg so; oir dh' òl e tarruing co mòr dheth, 's nach robh àite 'na anam air son Chriosda no fhlaitheanais, air son gràis no gloire. Tha cuid a' ràdh, 'n uair nach urrainn an nathair nimhe *Scitale* an luchd-turais siubhlach a ghlacadh, gu 'n lion i iad le leithid a dh' iongantas, agus a dh' uamhas le 'dathaibh breagha, 's nach 'eil e air chomas doibh teicheadh gus an lot i iad: dhearbh an saoghal a bhi na leithid sin a nathair nimhe do 'n duin' òg anns an t-soisgeul, thug e inntinn ann am bruid, mheall agus lion se e le leithid a dh' iongantas. 's nach b' urrainn e gluasad gus na lot se e gu bàs.

'N uair is làine a ghealach, 's ann is faide i o'n ghréin, mar sin gu tric mar is mò th' aig muinntir do 'n t-saoghal, 's ann is ro fhaide iad o Dhia; agus dhearbh an duin' òg anns an t-soisgeul so a bhi na fhirinn.—Chuir mòran am beatha agus am bùill, agus iomadh ni ni b'fhearr an cunnart, chum nithibh an t-saoghail so bhuannachd, agus gidheadh an deigh sin uile, cha dh'fhuair iad ni sam bith: dhearbh géinn òir Achain a bhi na ghéinn gu dealachadh a' chur eadar anam agus a chorp; agus a thruscan, a bhi na aodach màirbh dha.

Tha 'n saoghal gu h-uile crùinn, 's tha cridhe 'n

duine tri-oisinneach, agus tha fios againn nach lion ni cruinn ni tri-oisinneach; gidheadh mar bi e air a' lionadh le tri pearsaibh na Trionaid, bithidh e air a lionadh leis an t-saoghal, leis an diabhol, agus leis an fheoil. Faodar an saoghal a shàmhlachadh ris a mheas a sgrios sinn uile, a bha maiseach do 'n t-sùil, mìn ri làimhseachadh, millis do 'n bhlas, ach màrbhtach 'na ghnè agus 'na oibreachadh. O dhaoin' òga! an d'fhuair a h-aon agaibhse mar sin e?

Cha 'n fhearr an saoghal 'na uile ghreadhnachas na na bailtean a thug Solamh do Hiram, a' ghairm e *Cabul*, is e sinn, *mi-thaitneach* no *suarrach;* cha toir an saoghal a mach ni sam bith ach luibhean suarrach, air an cuairteachadh le iomadh dris: O diomhanas, neo-chinnteachd, agus neo-iomlaineachd, nan uile nithe a tha 's an t-saoghal! Nam b'e 's gu 'n cothromaicheadh duine a shaothair agus a dhuais, a thaitneas agus a thruaige, a bhròn agus aoibhneas, a dheuchainnean agus a thròcairean, a dhroch laithean agus a laithean math, ri cheile, nach co' dhùnadh e, "Diomhanas nan diomhanas! is diomhanas na h-uile nithe."

Bu diadhaidh tuigseach a labhair Tearlach a cuig ri Diùchd Bhenice, neach, 'n uair a nochd e dha mòrachd a lùchuirt rioghail agus 'Phàrras talmhuidh, 'n àite amhairc le ioghnadh, air féin no air a shonas, 's ann a thug e 'n ràbhadh chiallach agus fheumail so dha, "Is iad so na nithe a tha 'g ar deanamh-ne neo-thoileach air bàsachadh." Bu mhath am freagradh a thug neach àraidh roimhe so do Mhorair mòr, 'n uair a d'fheuch e dha a thigh àluinn, agus a ghàraidhean taitneach, "A Mhorair (ars' esan), tha uait deanamh cinnteach do fhlaitheanais, no mar dean, 's mòr an call a bhios agad aig a bhàs."

O dhaoin' òga! 's e flaitheanas a mhàin a tha os

ceann gach gaoithe stòirm, agus doinnion; 's cha do thilg Dia a mach an duin' a pàrras, chum e bhi 'n dùil pàrras eile fhaotuinn a mach anns an t-saoghal so; 's e 'n t-aobhar àraidh air son am bheil iomadh neach òg an tròm cheisd air ann an t-saoghal, eadhon, do bhrigh nach 'eil iad eolach air glòir ni 's mò: Gus na chinn daoine eòlach air brìgh a chruithneachd, dh'ith iad cnothan an daraich. 'N uair a bha bhean air a sgeudachadh leis a' ghrein, bha a' ghealach fo 'cosaibh, agus air a ceann crùn do dhà reult dheug.

O mhuinntir òga! nam b'e 's gu 'm biodh sibhse air 'ur sgeudachadh le Grian an ionracais, egus nam biodh crùn air a chur air 'ur cinn, le làimh a chreidimh, bhiodh uile nithe suarrach an t-saoghail so a ta breachd ballach agus caochlaideach mar a ghealach air a chur fo 'ur cosaibh; air an aobhar sin, a mhuinntir òga! ma 's àill leibh am feasd a bhi math na thràth, cuiribh dhibh curam an t-saoghail so, agus na bithibh ni 's faide 'nur luchd aoraidh air an laogh òir so, agus gu bràth na ceadaichibh do 'n t-saoghal 'gam bu chòir a bhi na sheirbhiseach dhuibh, cinntinn na thighearn oirbh. O na ceadaichibh gu 'm faigh an diabhol agus an saoghal ni 's mò sheirbhis air son ùnnsa òir, na gheibh Criosd air son rioghachd neamh. O dhaoin' òga! feumaidh sibh féin agus an saoghal dealachadh, no cha choinnich Criosd agus sibh féin gu bràth—"Cha 'n urrainn sibh seirbhis a dheanamh do Dhia agus do Mhammon." Is luaithe a chòmhluicheas an àirde tuath agus an àirde deas, na gaol Chriosd agus gaol an t-saoghail.

V. Ma 's àill leibh a bhi math na thràth, ma 's àill leibh an Tighearn iarraidh, aithne bhi agaibh air, agus seirbhis a dheanamh dha, ann an àm 'ur 'n òige, bithibh air 'ur faicill na thràth o reusanachadh feol-

mhor, agus gun 'ur comhairle chur ri feoil agus fuil. Is iomadh duin' òg do 'n robh barail mhath, a chaidh dhith gu h-aimsireil, agus gu siorruidh, le eisdeachd a thoirt do 'n droch luchd comhairlich so.

Tha réusan feolmhòr na namhad, seadh, na fhior namhad: ni h-eadh, cha 'n e mhain gu bheil e na fhior namhad, ach tha e na naimhdeas, Rom. viii. 7. Faodaidh e bhith gu 'n toirear namhad gu bhi air ath-reiteachadh, ach cha toirear naimhdeas gu bràth gu bhi réidh riaghailteach. Cha 'n e mhàin gu bheil reusan feolmhor neo-thoileach, ach tha e gu h-iomlan an aghaidh gach uile mhaitheis; tha e togail daighnichean làidir, agus argumaidean, an aghaidh nam firinnean is ro ghlòrmhoire a th' anns an t-soisgeul, agus a' meas nithe luachmhor Chriosd mar nithe neothuigseach; 'n uair a ta reusan feolmhor a' riaghladh, 's àill leis gu 'n toir Dia agus an soisgeul urram dha; agus gu 'n dean Criosd agus uile fhirinnean cromadh dha, no gu 'n toirear breith orra 'na lathairse.

O dhaoin' òga! mar a b' àill leibh a bhi math gu tràthail, dùnaibh 'ur cluasa air gach uile reusonachadh feolmhor a tha 'n taobh a stigh dhibh; measaidh reusan feolmhor na nithe sin is ro luachmhoire a th' anns an t-soisgeul nan tŭr amaideachd, tha e gearr-sheallach, agus cha léir dha breithneachadh gu ceart mu Chriosd, mu 'fhocal, agus mu 'shlighibh, agus gidheadh cuiridh e 'nan aghaidh uile. Ma tha sibhs' a' rùnachadh a bhi do ghnà 'nur sgoilearaibh do 'n mhaighstir so, feumaidh sibh ma ta bhi mi-shona 'sa bheatha so, agus truagh gu siorruidh. Ach,

Tha e ni 's tearuinte agus ni 's fearr dhuibhse na daoin' òga sin a' leantuinn, a sheas ann an tùs an laithean gu gràsmhor, glic, agus misneachail, an aghaidh an droch luchd comhairle sin, reusan feolmhor, feoil

agus fuil; bha Ioseph, Maois, Daniel, Shadrach, Meshech, agus Abednego, bha iad sin uile 'nan òige ag toirt cluais bhodhair do comhairle agus do chomhairl-ichibh feolmhor.

Tha neach àraidh ag innse mu dhuin' òg, a thug e féin suas do bheatha Chriosduidh, agus air do 'n rathad sin a bhi mi-thaitneach do phàrantaibh, sgriobh iad litrichean d'a ionnsuidh, chum impidh a' chur air pill-tinn uaithe; ach 'n uair a dh' aithneadh esan na lit-richean a thigeadh uatha, cha 'n fhosgladh e iad, ach thilgeadh e 'san teine iad: is fiù an eiseimpleir so a' leantuinn.

Tha eiseimpleir urramach eile agaibh ann an each-druidh Righ Edbhard a sea. Thainig Cranmer agus Ridlei dha ionnsuidh, agus ghuidh iad air gu dùrach-dach cead a thoirt d'a phiuthair, a Bhàintighearna Mari, a dh' eisdeachd anns an eaglais Romanach; ach sheas esan agus thagair e chùis 'nan aghaidh, a' cur an céill gu'n robh sin na pheacadh an aghaidh Dhé, agus na bhrosnachadh do shuilibh a ghlòire-san, &c. Ach shior bhuanaich iadsan, a' cleachda mòran argumaidean feolmhor, gu impidh a' chur air an Righ (neach nach robh ach na leanabh, mu thimchiol cuig bliadhna deug a dh' aois,) gidheadh chuir e 'nan aghaidh ùine fhada; ach fadheoidh, 'n uair a chunnaic e nach b' urrainn e buadhachadh, le uile chonnsachadh, an aghaidh nan daoine socrach sin, ach gu 'n bhuanaich iadsan a' tagradh an cùis, bhris e amach ann an gùil shearbh agus osnaich, a' guidhe orra sguir; air dhoibhsan éud agus a dhian-sheasmhachd fhaicinn, ghuil iad co dlù ris féin: ach air dhoibh geilleadh, dh' imich iad, agus dh'innis iad do neach àraidh, gu 'n robh ni 's mò dhiadhachd aig an Righ na lùdag, na bh' aca-san nan cuirp uile.

O dhaoin' òga! bithidh e chum 'ur tearuinnteachd, agus 'ur gloire-sa, 'n eiseimpleir rioghail so a' leantuinn, 'n uair a ta sibh air 'ur cuairteachadh le réusan agus le comhairlichibh feolmhor.

VI. Ma 's àill leibh a bhi math gu tràthail, thugaibh an aire gu 'n bhi 'ga 'ur sàmhlachadh fein riusan a tha ni 's miosa na sibh féin.

Tha daoin' òga ro ullamh gu iad féin a shàmlachadh riusan a tha ni 's ro mhiosa na iad féin, agus tha sin air a dheanamh na ribeadh, seadh, iomadh uair na aimhleas agus na thruaighe dhoibh. Mar rinneadh e do 'n Phairiseach òg anns an t-soisgeul, a chum a mach gun robh e neo-chiontach, 's nach robh e mar a ta daoin' eile, nan luchd foireigin, eucorach, adhaltrannach, no eadhon mar an cìs-mhaor so: air dha bhi dàll aig a' bhaile, agus ro ghéur-sheallach o'n bhaile, dhìt e le tàir' an cis-mhaor bochd, neach a bha ni b'fhearr na e féin, a' coilionadh a' ni a' labhradh le neach àraidh, eadhon, "Gu bheil nàdur an duine ni 's ro ullamh gu gloineachan a chleachda gu cionta muinntir eile fhaicinn, na tha iad gu sgathan chum amhairc air an ciontaibh féin:" tha leithid sin a dh' Phairisich gu ceart a' toilltinn an achmhasain a thug neach roimhe so do dhream àraidh, eadhon, "Gu 'n robh iad ni b' eolaich air olc muinntir eile, na bha iad air an olc a bh' annta féin."

O dhaoin' òga! tha fios agaibh an neach a dh' òlas puinsion, ged nach òl e uiread ri neach eile dheth, agus an nacch a ni ceannairc, ged nach dean e ceannairc ann an tomhas co mòr ri neach eile, theid a phuinsionachadh agus a chrochadh, co cinnteach ris an neach a dh'òl an tomhas is mò do 'n phuinsion, agus a rinn a cheanairc is mò.

O na meal gu h-amaideach t' anam féin, ma'r 'eil

thu co aingidh ri muinntir eile, cha bhi thu air do phianadh co mòr ri muinntir eile, ach gidheadh bidh tu air do dhìteadh co cinnteach ri muinntir eile, bidh tu co cinnteach air do dhùnadh amach gu siorruidh o Dhia, o Chriosd, o naoimh, o ainglibh, agus o gach uile ionmhais, o gach uile thaitneas, agus o gach uile ghlòir a th' anns na neamha, ri dream eile, mar bi e air a bhacadh le aithreachas tràthail air do thaobhsa, agus le tròcair agus maitheanas peacaidh air taobh Dhé.

O dhuin' òig ! nach measadh tu e na chion céille do neach euslainteach a reusonaicheadh air an doigh so; cha 'n 'eil mi cho tìnn ri leithid so na ri leithid sud a neach, agus uime sin cha chur mi air son an leighiche? Agus do 'n neach leointe a' ràdh, cha 'n 'eil mi cho cràiteach air mo lot ri leithid so no ri leithid sud a neach, agus uime sin cha chur mi air son an leighiche? Agus do 'n troitear a' ràdh, cha 'n 'eile mi ciontach do cho lion troitearachd shalach ri leithid so no ri leithid sud a neach, agus uime sin cha 'n iarr mi maitheanas? Agus do 'n neach uireasbhach a' ràdh, cha 'n 'eil mise cho cruaidh air mo chur thuige ri leithid so na ri leithid sud a neach, agus air an aobhar sin cha 'n àill leam còmhnadh? Agus nach meas thusa gur e dàil a' chur 'na t' aithreachas, agus ann am pilltinn ris an Tighearn 'na t' òige, an caothach is mò th' anns an t-saoghal, do bhrigh nach 'eil thu cho aingidh agus cho peacach ri leithid so na ri leithid sud a neach? Ma 's e 's gu 'n toilichear thusa le leabaidh ni 's socraiche, agus le peanas ni 's eatruime na bhios aig muinntir eile ann an ifrinn, lean air t' adhairt; gidheadh ma tha eagal ort as a chnuimh nach bàsaich, agus as an teine nach teid as gu bràth, toisich ri bhi math gu tràthail. O! iarr an Tighearn agus dean seirbhis dha ann am madainn do laithean.

'S e bhi tric a' smuaineachadh mu ifrinn, an rathad gu bhi sabhailt o dhol sios gu ifrinn. O dhaoin' òga! b'fhearr gu 'n smuaineachadh sibhse gu tric mu shearbhas dòruinn na muinntir mhallaichte, cia neo-iochdmhor a ta an dòruinn, cia lionmhor an dòruinn, cia an-shocarach an dòruinn, agus cia do-leighiste an dòruinn. Cha 'n 'eil aoibhneas a pheacaich 'san t-saoghal so ach goirid, ach bidh a dhòruinn 'san ath-shaoghal bith-bhuan. O dhuin' òig! an saoil thusa, 'n uair a ta 'm peacach ann an ifrinn, am faighear Criosd eile a bhàsaicheas air a shon, no 'm bi an Criosda ceudna air a chéusadh air a shon a rìs, no 'm bi soisgeul eile air a shearmonachadh dha! Gu cinnteach cha bhi.

Och! c' arson ma ta nach pill àgus nach iarr thusa gu tràthail, an deigh na nithe a bhuineas do d' shìth shiorruidh? Leubh mi mu Phàp Clement, 'n uair a dh'éug mac bràthair dha, gu 'n chuir e Sagairt a bha na thigh a dh'ionnsuidh fiosaiche, a dh'fheorachadh dheth cionnus a bha e maille ris ann an saoghal nan spioraid; dh'fheuch am fiosaich e do 'n t-Shagairt, na luidh air leabaidh theinntich an ifrinn, ni 'n uair a thuig am Pàp, cha d' rinn e gàire aoibhneach gu bràth tuille.

O dhuin' òig! gu 'm b' ann a bhios na ràbhaidh so mu ifrinn, na mheadhon gu do thearnadh o do chòmhnuidh bhi 's na lasraichibh siorruidh sin gu bràth.

Tha Bacon, 'na eachdruidh, ag innse, cionnas a bha e na ghnàth-fhocal aig a Mhorair Cordes, "Gu 'm biodh e toileach luidh seachd bliadhna ann an ifrinn, air chumha gu 'n coisneadh e Calais o na Sasunnaich." O dhuin' òig! ma tha thusa air do thoirt thairis do mhi-chreideas mu Dhia, agus do bhreithneachadh feolmhor mu ifrinn, tha eagal orm gu 'n cuir Dia là eigin a' d' aghaidh le teine agus pronusg; ach bhithinn ro thoileach nithe ni 's ro fhearr carbsa mu na h-uile

neach òg chum an tig an leabhar so. Mar so tha thu a' faicinn ciod na nithe is eigin a bhi air an seachnadh, ma 's àill leat gu bràth a bhi math gu tràthail, ma 's àill leat gu bràth an Tighearn iarraidh, agus seirbhis a dheanamh dha ann am madainn do laithean.

CAIBIDEIL VII.

Ach 's an dàra àite, mar a dh' fheumas na nithe sin a bhi air an seachnadh, mar sin feumaidh nithe eile bhi gu curamach agus gu dichiollach air an cleachdadh, ma 's àill leibh gu bràth a bhi math gu tràthail. Cha 'n ainmich mi ach a mhàin iadsan is ro àraidh agus is cudthromaiche. Mar,

Air tùs, Ma 's àill leibh a bhi math na thràth, feuaidh sibh saoithreachadh gu eòlas fhaotuinn air ceithir nithibh gu tràthail.

I. Feumaidh sibh saoithreachadh gu eòlas fhaotuinn air na sgriobtuiribh na thràth; feumaidh sibh beachdsmuainteachadh air an fhocal gu tràthail; smuaintich Daibhidh air an fhocal ann an laithibh òige, agus rinn sin e ni bu ghlice na 'naimhdean, seadh, ni bu ghlice na 'luchd-teagaisg; thug so air barrachd a thoirt os ceann nan seanair, ann an tomhas cho mòr, 's a tha ghrian a' toirt barrachd os ceann na gealaich, no mar a ta ghealach a' toirt barrachd os ceann nan reult is lugha soluis. Bha Timoteus math gu tràthail, agus cha robh iongantas ann, oir bha e eòlach air an sgriobtuir ann an tùsa laithean, b' aithne dha am focal o bha e na leanabh, seadh, o bha e na naoidhean; mar a ta 'm focal ag ciallachadh, faic Salm, cxix. 9, "Ciod leis an glan an

t' òganach a shlighe? trid faicill, a reir t'fhocail." Cha 'n 'eil rathad eile ann gu cridhe naomh, agus beatha ghlan, ach le eòlas fhaotuinn air an fhocal gu tràthail. Thug aon àraidh fainear o chionn fhada, Gu 'n tug Dia a mhàin na sgriobtuire cho iosal, eadhon ri tuigse naoidhein agus chiochrain, gus am biodh na h-uile lethsgeul air an toirt as an rathad, agus chum gu 'm biodh misneach aig daoin' òga gu bhi smuaint-eachadh air an sgriobtuir gu tràthail.

O dhaoin' òga! cha 'n 'eil eachdruidheachd air bith ri coimeas an luach ri eachdruidheachd nan griobtuir:—1, A thaobh Aois; 2, Oirdheirceis; 3, Caochlaidh; 4, Giorraid; 5. Soilleireachd; 6, Co'chordaidh; 7, Agus Firinn. Cha 'n urrainn leabhar air bith eile a bhi co' ionann ri leabhar Dhé, aon chuid an aois, no 'n ughdarras, an inbhe, no 'n oirdheirceas, an iomlaineachd, no 'n glòir.

Cha 'n 'eil anns an sgriobtuir gu h-iomlan ach aon litir ghaoil, a chuireadh o Iosa Criosda dh'ionnsuidh a chéile ghràdhaich, agus co ma ta nach biodh a ghnàth a' leubhadh na litir ghaoil so? Coslach ri Cecilia, maighdean inbheach, a ghiulain an còmhnuidh an Tiomnadh Nuadh air a siubhal, a chum 's gu 'm biodh i a' sior leubhadh ann an litir ghaoil Chriosd, agus a' faicinn oibreachadh milis a ghaoil agus a chridhe-san, a thaobh a mhuinntir luachmhor agus ghràdhach féin. Fhuair Luther uiread a mhilseachd anns an fhocal, ann an litir ghaoil Chriosd, 's a thug air a' ràdh, nach biodh e beò ann am Pàrras, ged a dh'fhaodadh e, as éugais an fhocail, gidheadh leis an fhocal, gu 'm b' urrainn e bhi beò ann an ifrinn.

Tha 'm focal coslach ris a chloich Garamantites, aig am bheil boinnean òr innte féin, a deanamh saoibhir an anam chreidmhich. 'S ann mar so a fhuair na mair-

tirich e, ni a rinn iad toileach gu sachd saidh a thoirt air son beagan dhuilleagan do 'n Bhiobul anns a bheurla. Dh'aidich Austin, gu 'm b'iad na sgriobtuire naomha uile thlachd. Agus tha Ierome ag innse dhuinn mu neach àraidh, a rinn le beachd-smuaintеachadh dichiollach air na sgriobtuiribh naomh, a bhroilleach na ionad gleidhidh do fhocal Iosa Criosd.

Agus tha aon do luchd teagaisg nan Iudhach ag ràdh, nach 'eil an saoghal gu leir 'na bheachd-sa co' ionann ann an luach ri aon fhocal do 'n lagh. An ni a dh' aithris papanach àraidh gu breugach mu shacramaint na h-aifrionn, eadhon, gu bheil co liutha diomhaireachd innte, 's a tha bhraoin anns a chuan, a dhuslach air an talamh, a dh' ainglean air neamh, a reulta 'san iarmailt, a neo-nithean ann an gathaibh na greine, no a ghaineamh air tràigh na mara; faodaidh e bhi air a dhearbhadh gu firinneach mu 'na sgriobtuiribh naomh.

O an diomhaireachd, an t-oirdheirceas, agus a ghlòir a th' anns an fhocal! O cha 'n 'eil leabhar air bith ri choimeas ris an leabhar so, cha 'n 'eil a h-aon co taitneach, cha 'n 'eil a h-aon co feumail gu bhur deanamh sona, agus gu bhur cumail sona.

O dhaoin' òga! is solus focal an Tighearna chum 'ur seoladh, is comhairlich e chum 'ur comhairleachadh, is co'fhurtair e chum 'ur sòlasachadh; is mèinn e chum 'ur deanamh saoibhir, agus is falluing e chum 'ur 'n eudachadh; is crùn e chum 'ur crùnadh, agus is aran e chum 'ur neartachadh; is fion e chum 'ur deanamh subhach, agus is cìr mheala e chum 'ur beathachadh: is ceol e chum 'ur deanamh suilbheire, agus is pàrras e chum aoidheachd a thoirt dhuibh.

Uime sin, roimh na h-uile agus os ceann na h-uile, rannsuichibh an sgriobtuir, smuaintichibh air an sgriob-

tuir, leigibh 'ur 'n inntinn air an sgriobtuir, gabhaibh tlachd anns an sgriobtuir, taisgibh an sgriobtuir 'nur ciridhibh: cha 'n 'eil gliocas air bith ri choimeas ri gliocas an sgriobtuir; no eòlas air bith ri choimeas ri eòlas an sgriobtuir; no dearbhachd air bith ri choimeas ri dearbhachd an sgriobtuir; no sòlas air bith ri choimeas ri sòlas an sgriobtuir; no aoibhneas air bith ri choimeas ri aoibhneas an sgriobtuir; no géur-mhothachadh air bith ri choimeas ri géur-mhothachadh an sgriobtuir; 's cha 'n 'eil iompachadh air bith ri choimeas ri iompachadh an sgriobtuir.

Air do Austin guth a chluinntinn o neamh a dh'iarr air "Gabh agus leubh;" air bàll air dha 'n Tiomnadh Nuadh fhosgladh, dh' amais e air an àite sin, Rom. xiii. 14, 15, "Gluaiseamaid gu cubhaidh mar anns an là; cha 'n ann an ruidhteireachd agus am macnus, no an aisith agus am farmad. Ach cuiribh umaibh an Tighearn Iosa Criosd, agus na deanaibh ullachadh air son na feola, chum a h-anamhianna a choimhlionadh." Dhruigh an sgriobtuir so air a chridhe na leithid do dhoigh, 's gu 'n do dhearbhadh e na mheadhon gu esan iompachadh, mar a ta e féin ag aideachadh.

Air do Augustin a bhi aon uair a' searmoineachadh, dh'fhailnich a chuimhne e, agus an ceart aghaidh a rùin, thoisich e air achmhasan a thoirt do 'na Manicheans, agus le sgriobtuir na dha, air nach do smuainich e roimhe, gu cuir an aghaidh an saobh-chreidimh, dh' iompaich e Firmus, aon do 'n luchd saobh bharail sin, mar a dh' aidich e féin an deigh sin do Augustin, a' beannachadh Dhé air son na searmoin sin.

Tha e air aithris mu neach àraidh, a chunnaic na mairtirich a' fulang a leithid a nithe cràiteach air son aobhar Dhé, gu 'n d'fharraid e, Ciod an t' aobhar mu 'n d'fhuiling iad a leithid sud a nithe? Dh'ainmich

aon diubh an sgriobtuir sin, 1 Cor. ii. 9, "Cha 'n fhaca sùil, agus cha chuala cluas, agus cha d' thainig ann an cridhe duine, na nithe a dh' ulluich Dia dhoibhsan aig am bheil gràdh dha." Agus chuireadh an sgriobtuir sin dhachaidh air le leithid a chumhachd, 's gun d' iompaich se e, agus gun tug e air an creidimh aideachadh, agus cha 'n e a mhàin aideachadh, ach am bàs fhulang mar mhairtir air a shon.—Dh'iompaich-eadh Ciprian le leubhadh faidheadaireachd an Fhaidh Ionah. Dh' iompaicheadh Iunius le leubhadh a cheud chaibdeil do shoisgeul Eoin.

Leubh mi mu mhinisteir mi-chliùiteach, a' bhuail-eadh aig a chridhe, agus a dh'iompaicheadh, le leubh-adh an sgriobtuir sin. Rom. ii. 21, "Thusa uime sin a ta teagasg neach eile, nach 'eil thu ga d' theagasg féin ?"

Leubh mi mu dhuine bochd, a' chur impidh air sgoileir òg sgur do leubhadh bàrdachd, agus toiseach-adh ri leubhadh an sgriobtuir, ni a rinn e do reir sin ; agus mu 'n do leubh e leabhar Genesis troimhe, b'i toil an Tighearn a chridhe atharrachadh, agus a phill-eadh ris ann an tùs a laithean, air dha bhi aig an àm sin fichead bliadhna dh'aois.

Leubh mi mu bhaintighearn òg àraidh, a bha do theaghlach gle uasal, a dh'fhuiling ro mhòran aig am a' cur gu bàs mar mhartarach air son Iosa Criosd, le an-iochd anabarrach Bhasalides, a fear millidh; gidheadh an deigh a bàis, air dha na briathraibh naomh, agus a chàinnt sgriobtuireil a labhradh leatha, re àm a do-ruinn an-iochd-mhor, a thighinn gu chuimhne, thainig e gu bhi na chriosduidh, agus an ceann beagan laith-ean an deigh sin, chuireadh e féin gu bàs mar an ceudna mar mhartarach.

Air do Sheumas Andreas, ministeir diadhaidh àr-

aidh, cluintninn mu Iudhach a chaidh a chrochadh an coinneamh a chois air son goid, agus do bhrigh nach fhac e riamh roimhe an gné pheanas sin, chaidh e dh' ionnsuidh an àite far an robh e 'n crochadh, eadar dà mhadhadh a bha 'n comhnuidh 'ga shior théumadh gu 'fheoil ith: dh' aithris an truaghan bochd beagan rainn do na Sailm anns an Eabhra, anns an do ghlaodh e ri Dia air son trocair; ni 'n uair a chuala Andreas, chaidh e air bàll laimh ris, agus theagaisg se e ann am pongaibh a chreidimh Chriosduidh mu thimchioll Chriosd am Mesiah, 'ga earalachadh gu creidsinn ann; agus b'i toil Dhé 'earailean sgriobtuireil a bheannachadh dha, air dhoigh 's gu 'n sguir na coin do fheoil a réubadh; agus dh' iarr an t'Iudhach air comas fhaotuinn, gu 'm biodh esan air a thoirt a nuas agus air a bhaisteadh, agus air a chrochadh air amhaich, ni a rinneadh do reir sin.

Dh'fhaodainn eisimpleirean eile thoirt seachad, ach foghnadh iadsan a dh'ainmich mi, chum gach uile mhuinntir òga bhrosnachadh gu meòrachadh eallamh, durachdach, dichiollach, agus seasmhach air an sgriobtuir. O mhuinntir òga! cha 'n 'eil fios agaibh cia luath 'sa dh'fhaodas 'ur 'n inntinne dàll a bhi air an soillseachadh, 'ur cridheachan cruaidh air an taiseachadh, agus 'ur spiorada àrdanach air an irioslachadh, 'ur naduir aingidh air atharrachadh, 'ur coguise truaillidh air an glanadh, 'ur 'n aignidhean amhreiteach air an riaghailteachadh, agus 'ur 'n anama bochd air an tearnadh, le bhi rànnsuchadh an sgriobtuir, le bhi leubhadh an sgriobtuir, agus le bhi beachd-smuaintcachadh air an sgriobtuir; bu chòir dhuibh manna focal Dé a thasgaidh ann 'ur cridhibh, mar a thaisg Maois am manna 'sa phoit òir, agus mar a rinn Tamar ris a bhata agus an t-séula fhuair i o Iudah, thaisg i iad gus an d'

thainig i chum a beatha thearnadh leo, mar a dh'fhaodas sibh fhaicinn anns an eachdruidh naomh. Ma thaisgeas sibh am focal 'n ur cridhe ann an àm 'ur 'n òige, faodaidh e bhi na mheadhon chum 'ur 'n anama thearnadh an deigh sin.

Leubh mi mu sheilleanaibh beaga, 'n uair a theid iad a mach ann an aimsir stòirmeil, giulanaidh iad an beagan do 'n cèir leo, chum gu 'm bi iad air an cothromachadh, agus nach giulainear iad air falbh leis a ghaoith.

O mhuinntir òga ! tha feum agaibh air 'ur smuaintean agus air 'ur cridheachan fhaotuinn air an cothromachadh leis an fhocal luachmhor, chum 's nach bi sibh air 'ur giulan mu 'n cuairt leis gach uile ghaoith theagaisg, eadhon mar a ghiulanadh mòran air falbh anns na laithibh so, chum an amhluadh agus an sgrios féin. Air do Melancthon naomh a bhi air ùr iompachadh, shaoil leis gu 'n robh e neo-chomasach d'a luchd eisdeachd cuir an aghaidh fianuais an t-soisgeil, ach aithgearr an deigh sin ghearain e gu 'n robh sean Adhamh ro chruaidh air son Mhelancthoin òig.

O dhaoin' òga ! mar toir sibhse sibh féin suas a rireadh do leubhadh, do smuainteachadh, do chnuasachd, do chreidsinn, do ghnàthachadh, agus do bhi beò a reir an sgriobtuir, bithidh Satan ro chruaidh air 'ur son, bithidh an saoghal ro chruaidh air 'ur son, bithidh 'ur 'n ana-mhianna ro chruaidh air 'ur son, bithidh buairidhean ro chruaidh air 'ur son, agus bithidh mealltairean ro chruaidh air 'ur son, agus bidh 'ur crioch truagh.

2. Ma 's àill leibh bhi math na thràth, feumaidh sibh eolas a ghabhail oirbh féin gu tràthail. Ma 's àill leibh bhi gràsmhor ann am madainn 'ur laithean, feumaidh sibh fhaicinn gu tràthail cia olc, cia graineil, cia peacach, cia truagh 'sa tha sibh ; cha 'n 'eil neach air bith a' tòiseachadh ri bhi math, gus am faic e gu

bheil e fein olc: cha do thòisich am mac stròghail òg riamh air ath-leasachadh, cha do smuainich e riamh air pilltinn a dh'ionnsuidh Athair, gus an tainig e thuige féin, gus na thoisich e ri pilltinn a dh'ionnsuidh anam féin, agus am faca se e féin ann an cor càillte.

O dhaoin' òga! feumaidh sibhse fhaicinn gu bheil sibh 'nur cloinn feirge, 'nur naimhdean, 'nur coigrich, agus fad as o Dhia, o Chriosd, o'n chumhnant, o neamh, 'nur seirbhisich do 'n pheacadh, agus 'nur tràillean ann an daorsa aig Satan; Rom. ii. 1, 2, 3, 12, 13: Rom. vi. 16; Eoin viii. 44; 2 Tim. ii. 26. 'S e 'n rathad ullamh gu bhi tearuinte, sibh féin fhaicinn càillte; 's e'n ceud chéum gu tròcair, bhur truaighe féin fhaicinn; agus is e 'n ceud chéum do fhlaitheanas, sibh féin fhaicinn dlù do ifrinn: cha 'n amhairc sibh air son leighiche 'ur 'n anama, cha chuir sibh meas air, cha tuit sibh ann an gaol, agus ann an cumhnant ris, cha toir sibh sibh féin suas dà, gus an tig sibh gu bhur lotaibh fhaicinn, gu bhur galar a mhothachadh, agus gus am faic sibh comharan, gòimh plàighean corruich Dhé na luidh oirbh; mar nach 'eil aig a mhuinntir a ta slan feum air leighiche, mar sin cha 'n 'eil déidh no ionndrain ac' air.

O dhuin' òig! ma 's àill leat a bhi math gu tràthail, toisich ri eòlas a ghabhail ort féin mar pheacach na thràth, tòisich ri eòlas a ghabhail gu tràthail air do chòr caillte a thaobh naduir.

Tha féin thri fillte ann.

1. Tha féin nadurach ann, mar a ta comasan, tuigse, réusan, ceudfaithean, agus toil an duine.

2. Tha féin chràbhach ann, agus mar sin goirear féin do dhleasnais, do dheagh-bheusan, do dh' umhlachd, do fhirinnteachd, agus do naomhachd an duine.

3. Tha féin pheacach ann, agus mar sin goirear féin

do thruaillidheachd, do dh' ana-mhiannaibh, do nàduir, agus do chàil pheacach an duine : nise, ma 's àill leibh gu bràth a bhi math gu tràthail, feumaidh sibh eòlas a ghabhail air 'ur féin pheacach na thràth. Dh'fheoraicheadh do neach àraidh, c'uin a thoisich e ri bhi na dhuine glic? fhreagair e, "'N uair a thoisich mi ri aithne bhi agam orm féin." Mar sin, cha 'n 'eil duine a' toiseachadh ri bhi na Chriosduidh, gus an toisich e ri aithne bhi aig air féin ; agus gu cinnteach 's e aithne bhi aig duine air féin, agus e féin eòlas fhaotuinn air féin, aon do na h-oibribh is cruaidhe th' anns an t-saoghal gu leir. Oir mar is urraim an t-suil na h-uile nithe fhaicinn ach i féin, mar sin chi a chuid is mò do mhuinntir gach uile chron ach an cron féin. B'e aon do ghnath fhocail Iompaire àraidh, "Is aithne do iomadh neach mòran nithe, ach 's tearc iad dha 'n aithne iad féin."

Bha aig na dearbh chinnich meas air a ghnà fhocal sin mar oracle, "Biodh aithne agus eòlas agad ort féin." B'e priomh earail Chilo, aon do na seachd daoine glic, "Biodh aithne agad ort féin." Agus tha Plato ag aithris gu 'n deachaidh an gnà fhocal sin, "Biodh aithne agad ort féin," a sgriobhadh ann an litrichibh òir air àrd-dorus teampuill Apollo.

Tha neach àraidh ag ràdh, gur ann o neamh a thainig an gnà fhocal sin, "Bhiodh aithne agad ort féin." 'N uair a dh'fheoraicheadh do dh' oracle Apollo, ciod an rathad bu chòir a ghabhail chum ruigheachd air fior shonas, fhreagair e, "Teagaisg a mhàin do dhuine aithne bhi aig air féin.

Mar so tha sibh a' faicinn gu bheil diadhachd agus feallsanachd araon a' cordadh 's a phùinc so, gur e 'n rathad is fearr gu fior shonas, aithne agus eòlas a bhi agaibh oirbh féin.

Tha 'n t-Abstol a' sparradh na dleasnais so air na h-Ephesianaich, "Uime sin cuimhnichibh, air dhuibh a bhi san aimsir a chaidh thairis 'nar Cinnich san fheoil, d' an goirear an neo-thimchioll-ghearradh leosan d' an goirear an timchioll-ghearradh làmh-dheanta san fheoil; gu robh sibh san àm sin as eugmhais Chriosd, 'n ar coimhich do chomh-fhlaitheachd Israeil, agus 'nar coigrich do choimh-cheanglaibh a gheallaidh, as eugmhais dòchais, agus gun Dia anns an t-saoghal." An so a ta sinn as eugmhais cuig nithe, eadhon, as eugmhais Chriosd, as eugmhais na h-eaglais, as eugmhais a gheallaidh, as eugmhais dòchais, agus as eugmhais Dhé anns an t-saoghal, Eph. ii. 11.

Tha 'n duine ann an staid nàduir fad as, tha e an leth-muigh, ann an trì raidibh.

1. Ann an rathad barail agus smuain.
2. Ann an rathad co'chomuinn agus aonachd.
3. Ann an rathad gràis agus iompachaidh.

Ma 's àill leibh a bhi math na thràth, beachd-smuainichibh gu tric air 'ur nàduir truaillidh gu tràthail. O! tha truaillidheachd ar nàduir co mor, agus ma 's e is gu 'n tairgear math spioradail air bith dha, tha e co calg dhireach na aghaidh 's a tha 'n teine agus an t'uisg do cach a cheile; ach tairg ni olc air bith dha, agus 'an sin gabhaidh e ris mar ghabhas fodar ri teine; tha e coslach ris an dia-choille (satyr) amaideach, a rinn cabhag gus an teine phògadh; tha e coslach ris an stuth reamhair sin a tha luchd fòghlum ag ràdh, a dheothlais agus a tharruinngeas an teine d'a ionnsuidh, leis am bheil e féin air a chaitheamh: gus an tig sibh gu bhi tuigsinn so, cha toisich sibh gu bràth ri bhi math, cha 'n amhairc sibh gu bràth chum 'ur cridheachan fhaotuinn air an atharrachadh, agus 'ur 'n anama air an tearnadh.

Tha na h-Etiopianaich a' tarruing dealbh nan aingiibh dubh, agus dealbh nan deamhan geal, a réir an coslach agus am fiamhachd féin, agus tha iad ag ràdh, nam b'aithne do na h-ainmhidhean dealbh a tharruing do 'n Naduir Neamhuidh, gu 'n deanadh iad e a réir an cumaidheachd féin ; agus mar so le miodal tha iad 'gam mealladh féin : thugaibh an aire, a dhaoin' òga, thugaibh an aire nach meall sibhse bhur 'n anama féin air an doigh cheudna ; thugaibh an aire nach bi sibh coslach ris na peacaich sin aig nach 'eil umhail ma 's e 's gu 'n tarruing iad dealbh neach breagh agus riomhach, co dhiubh a bhios e coslach ris no nach bi.—O dhuin' òig ! 's e 'n ni is fearr agus is sàbhailte dhuitse, aithne bhi agad air a chuid is miosa dhiot, aithne bhi agad ort féin mar a ta thu annad féin, agus cha 'n ann mar ni luchd miodail agus do chridhe cealgach féin do thaisbeanadh dhuit féin.

3. Ma 's àill leat a bhi math gu tràthail, feumaidh tu eolas a' ghabhail air Iosa Criosda na thràth.

Feumaidh tu aithne bhi agad air gu tràthail : cha toisich neach gu brath ri bhi math gus an toisich e ri aithne bhi aig air an Tì is e Tobar nan uile Mhaitheis, "Agus is i so a' bheatha mhaireannach, eòlas a bhi aca ortsa an t-aon Dia fior, agus air Iosa Criosd a chuir thu uait," Eoin xvii. 3.

Is e eòlas Chriosd toiseach na beatha maireannaich, 's e an t'slighe chum na beatha maireannaich, is roimh bhlasad e do 'n bheatha mhaireannach, is earlas cinnteach agus geall daighneachaidh e air a bheatha mhaireannach.

An neach d' an aithne Iosa Chriosd, cha 'n ann a mhain ann am beachd, ach ann an cleachdadh cha 'n ann a mhain ann am breithneachadh, ach ann an cumhachd ; 's aithne dha na h-uile nithe a' dh'fhaodas

a' dheanamh sona; ach an neach do nach aithne Criosd, cha 'n aithne dha ni sam bith a sheasas dha an àite Chriosd, 'n uair a luidheas e sios air leabaidh bhàis, agus a sheasas e fa chomhair caithir breitheanais.

A dhaoin' òga! cha 'n 'eil a ghrian ni 's feumaile do 'n t-saoghal, an t-suil do 'n chorp, an stiùradair do 'n luing, no 'n Seanailear do 'n arm, na tha eòlas Chriosd gu tràthail dhoibhsan uile leis an àill a bhi math na thràth.

Oige mo ghràidh, ma 's àill leibh gu bràth a bhi math gu tràthail, feumaidh sibh saoithreachadh, eadhon mar air son beatha, chum aithne agus fior eòlas a bhi agaibh air na sea nithe so, mu thimchioll Iosa Criosd na thràth.

1. Ma 's àill leibh a bhi math gu tràthail, feumaidh sibh aithne bhi agaibh na thràth, gu bheil na h-uile nithe ann an Criosd a dh'fhaodas misneach a thoirt dhuibh chum iarraidh, agus seirbhis a dheanamh dha, chum gràdh agus umhlachd a thoirt dhà, chum creidsin ann agus pòsadh ris. Ma dh'amhairceas sibh air 'ainmibh, air a nàduir, air oifigibh, air a ghràsaibh, air ard 'inbhe, air 'òirdheirceas air a rioghalachd, air a ghlòir, agus air a lànachd, tha iad sin uile cur an ceill an ni ceudna. Am bheil thu bochd? Tha òr air a dhearbhadh aig Iosa Criosd chum do dheanamh beartach. Am bheil thu lomnochd? Thu eudach geal aig Criosda chum do chomhdachadh. Am bheil thu dàll gu spioradail? Tha sàbh-shùil aig Criosd chum do shoillseachadh. Am bheil thu ann an tèinn? Tha gliocas aige-san chum do chomhairleachadh. Am bheil thu eas-ionraic? Bithidh esan na fhireantachd dhuit. Am bheil thu mi naomh? Bithidh esan na naomhachd dhuit. Am bheil thu ocrach? Is aran esan

chum do bheathachadh. Am bheil thu paiteach? Is fion agus is bainne esan chum do shàsachadh. Am bheil thu sgìth? Is leabadh agus is suidheachan esan chum t'anail a leigeadh air. Am bheil thu gu tinn? Is leighiche esan chum do leigheas. Tha na h-uile math ann an Ceann-feadhna gach math. Tha 'm maitheas sònruichte féin aìg na creutairean, tha 'maitheas sònruichte féin aig an t-slainte, tha 'mhaitheas sonruichte féin aig an t-saibhreas, tha 'mhaitheas sònruichte féin aig an fhoghlum, tha am maitheas sònruichte fein aig deagh-ghean nan creutairean, ach is e Iosa Criosd am math coitchionn; gach uile òirdheirceas bheag a th' air an sgapadh a mach anns na creutairibh, tha iad air an aonadh ann an Criosd; seadh, tha gach uile iomlanachd a th' air an sgapadh air feadh neamh agus talamh air an gabhail a steach gu h-aithghearr annsan. Bithidh aon Chriosd dhuitse 'an àite gach uile ni eile, do bhrigh gu bheil na h-uile nithe math ri 'm faotuinn annsan. Thug seirbhiseach Abrahaim a lathair sèudan airgid agus òir chum cridhe Rebecah a chosnadh do Isaac. O dhaoin' òga! 's ann mar sin bu chòir dhuibhse bhi gu tric a' tabhairt chum 'ur 'n inntinn féin, na h-uile nithe taitneach agus òirdheirc a th' ann an Criosd, gu 'ur cridheachan a bhuannachd do Chriosd gu tràthail.

2. Ma 's àill leibh a bhi math na thràth, feumaidh sibh aithne bhi agaibh gu tràthail, gu bheil Criosd cumhachdach chum saoraidh.

Tha e comasach na h-uile thig d'a ionnsuidh, a chreideas ann, agus a thilgeas iad fein air, a shaoradh gus a chuid is faide. "Chuir an Tighearna cuideachadh air aon a ta cumhachdach." Làn shaoraidh Criosd gu h-iomlan, agus gu bith-bhuan, iadsan a thig d'a ionnsuidh.

Na tri chànain a bhi sgriobhta air a chrànn-cèusaidh ann an Greugais, an Laidinn, agus an Eabhra, gu nochdadh gu 'm b'e Criosda Righ nan Iudhach, tha gach aon diubh nan dòigh-labhairt fa leth a' dearbhadh an ni so, gu bheil Criosd na Shlanuighear uile-fhoghainteach; "agus cha bhrisear cord thri duail gu h-obann." Is e Criosd a phoit mhanna, an soitheach olaidh, agus an cuan gun ghrùnnd, nach fàilnich gu bràth a shluagh; tha ann an Criosd, uile-fhoghainteachd, air son gach creutair, aig gach àm, agus anns gach àite.

Is e Criosd craobh na beatha, air am bheil gach caochladh agus pailteas do gach uile thoradh. Tha 'n sonas a tha na creidmhich ag faotuinn o Chriosd co lionmhor, 's nach faodar an aireamh? co mòr 's nach faodar an tomhas: co pailt 's nach faodar crioch a' chur rompa; co luachmhor 's nach faodar am meas: tha na nithe sin uile a' cur an céill iomlanachd agus uile-fhoghainteachd Chriosd.

Tha ann an Criosd lànachd do phailteas, agus lànachd do mhòr phailteas, co math ri lànachd do uile-fhoghainteachd. Tha ann an Criosd, 1. Lanachd an spioraid; 2. Lànachd gràis; 3. Lànachd iomhaigh Dhé; 4. Lànachd na diadhachd; 5. Lànachd glòire.

Ach cha 'n fhaod mi ni nithe so a mhineachadh aig an àm so, air eagal gun sgìthich mi mi féin agus an leubhadair araon. Tha Plutarch, ann an eachdruidheachd beatha Phocion, ag innse dhuinn mu Bhaintighearn àraidh, a dh'fheuch do mhnaoi Phocion, na h-uile séud shaoibhir agus clach luachmhor a bha aice; fhreagair ise, "'S e m'fhear-pòsda Phocion m' uile shaoibhreas agus m' uile shéudan." Mar sin, is iomadh peacach bochd aithreachail a dh'fhaodas a ràdh m'a Shlanuighear beannuichte, is e Criosd m' uile shéudan,

m' uile shaoibhreas, 'm uile ionmhas, m' uile-thoil-inntinn, tha uile-fhoghainteachd a' deanamh suas na nithe sin, agus ni 's mò na iad sin uile dhomhsa. Cha 'n 'eil anns na h-uile ionmhais a th' anns an t-saoghal ach sgàile ann an coimeas ris an ionmhais a th' ann an Criosd: oir faodaidh neach iochdar gach uile ionmhais talmhaidh fhaotuinn a mach, ach co dh'fhaodas iochdar 'na h-ionmhais a th' ann an Criosd fhaotuinn a mach? ged a chòmhluicheadh gach uile òirdheirceas chruthaichte ann an aon bhroilleach air a ghlòrachadh, gidheadh cha dheanadh iad uile an creutair neamhuidh sin comasach air iochdar an t-saoibhreas agus 'na h-ionmhais a th' ann an Criosd fhaotuinn amach, Eph. iii. 8. Tha na nithe so uile a' cur an ceill uile-fhoghainteachd Chriosd.

3. Ma 's àill leibh a bhi math gu tràthail, feumaidh sibh aithne bhi agaibh na thràth, gu bheil toil agus togradh iongantach ann an Criosd, chum peacaich aithreachail, a' ghlacadh 'na ùchd, am beatha-altachadh, agus tròcair agus deagh-ghean a nochdadh dhoibh.

Cha d' rìnn am mac stròghail òg ach smuaineachadh pilltinn a dh' ionnsuidh 'athair, agus ruith athair na choinneamh, agus an àite bhreabadh no mhàrbhadh, 's ann a ghlac se e na ùchd agus phòg se e, ghluaiseadh innigh an taobh stigh dha, agus shruth a thrùais a mach dhasan gu saor. "Ho! gach neach air am bheil tart, thigibhse chum nan uisgeachan; agus esan aig nach 'eil airgiod, thigibh, ceannuichibh agus ithibh; seadh, thigibh, ceannuichibh, gun airgiod agus gun luach, fion agus bainne," Isa. lv. 1. Tha neach àraidh ag mineachadh na h-earrann so mar so: "Oh, an dòigh furasda còrdaidh th' ann an so! bheir esan seachad gun luach ni 's deònaiche na reiceas muinntir

eile ; ma 's e 's gun gabh thu, is e sin an luach uile ; ged nach 'eil toilltinneas air bith annad, ged nach 'eil ni air bith annad féin chum do mhisneachadh, gidheadh an àill leat gabhail? Ma 's àill, is leatsa 'n t-iomlan gu saor, is leatsa 'n t-uisge chum do ghlanadh, is leatsa 'm bainne chum do bheathachadh, is leatsa 'n t-aran chum do neartachadh, agus is leatsa 'm fìon chum do chomhfhurtachd ; tha peacaich bhochd air an gairm ann an so tri uairean chum teachd, Thigibh deir Criosd, thigibh, thigibh, gu nochdadh cia deònach agus ullamh 's a tha e, gu 'm blaiseadh peacaich bhochd do mhaitheas an t-soisgeil." Tha 'n cuireadh ceudna ann an Eoin vii. 37, "Sheas Iosa agus ghlaodh e, ag ràdh, Ma tha tart air neach sam bith, thigeadh e m'ionnsuidhse, agus òladh e." Agus ann an Taisb. xxii. 17, "Thigeadh an neach air am bheil tart, agus ge b'e neach leis an àill, gabhadh e uisge na beatha gu saor." Agus ann an Taisb. iii. 20, "Feuch, tha mi a' 'm' sheasamh aig an dorus, agus a' bualadh ; ma dh'eisdeas neach sam bith ri m' ghuth, agus gu 'm fosgail e 'n dorus, thig mi a steach d'a ionnsuidh, agus gabhaidh mi mo shuipeir maille ris, agus esan maille riumsa." Agus mar an ceudna ann an Luc xiv. 21, "Thubhairt fear an tighe r'a sheirbhiseach, Gabh a mach gu grad gu sràidibh agus gu caol-shràidibh a' bhaile, agus thoir a stigh an so na bochdan, agus na daoine ciurramach, agus na bacaich, agus na dòill." Cha 'n iad na daoine mòr no inbheach no do ghlòir agus do ghreadhnachas shaoghalta, no do dh'fhéinfhoghainteachd sam bith, a tha air an cuireadh chum na cùirm, ach cuideachd do pheacaich bhochda, luideagach, neo-sgiamhach, shuarrach, neo-chuimeir, ainniseach, agus leointe, a th' air an cuireadh gu cùirm maille ri Criosd.

Labhraidh mi ni 's faide mu thimchioll na-toil so th' ann an Criosd, 'n uair a thig mu gu buinntin ri seann pheacaich aig co' dhunadh an teagaisg so, agus a dh'ionnsuidh sin seòlam sibh air son an tuille soilleireachaidh, mu thimchioll am mòr thogradh agus an deôin a th' ann an Iosa Criosda, chum aoidheachd a thoirt do pheacaich aithreach.

4. Ma 's àill leibh a bhi math gu tràthail, feumaidh sibh aithne bhi agaibh na thrăth, gu bheil Iosa Criosd air a chomharachadh, air a shèuladh, agus air òrduchadh leis an Athair chum dreuchd Eadar-mheadhonair.

" Deanaibh saothair, cha 'n ann air son a' bhidh a theirgeas, ach air son a' bhìdh a mhaireas chum na beatha shiorruidh, a bheir Mac an duine dhuibh; oir esan shèulaich Dia an t-Athair." Rinn Dia an t-Athair ùghdaras Chriosd firinneach, mar a ni daoine 'n ùghdaras-san firinneach le an seula. Is cosamhlachd so a th' air a thabhairt o'n dream a bheir ùghdaras seachad fo 'n làimh agus fo 'n séula. Thug Dia an t-Athair e fo 'làimh, agus fo 'shéula, gur e Iosa Criosd a mhàin an neach a dh'òrduich agus a shéulaich e, a dheonaich agus a dhaingnich e, chum oifig ar saoraidh. Ge b'e co deònach, no ge b'e co comasach agus ullamh, 's a tha Iosa Criosd air peacaich bhochd a shaoradh, gidheadh mar biodh e air òrduchadh, air a chomharachadh agus air a sheuladh, air son na h-obair sin, cha 'n amhairceadh am peacach mothachail gu bràth as a dheigh, cha 'n iarradh e aonadh ris, no còir fhaotuinn ann; agus uime sin tha e ro fheumail aithne bhi agaibh air gu 'n chuir agus gu 'n sheulaich Dia an t-Athair Criosd chum a bhi na Shlanuighear d'a shluagh. " Esan sheulaich Dia an t-Athair;" sheulaich se e ann an rathad òrduchaidh,

sheulaich se e ann an rathad uidheamachaidh, sheulaich se e le 'theagasg, sheulaich se e le 'mhiorbhuillibh, sheulaich se e le 'bhaisteadh, sheulaich se e le 'aiseirigh, ach os ceann na h-uile, sheulaich se e le 'ungadh glòrmhor, Isa. lxi. 1, 2, 3, "Tha Spiorad an Tighearn Iehobhah orm, do bhrìgh gu 'n d' ung an Tighearn mi; a thoirt deadh sgeil do 'n mhacanta chuir e mi; a cheangal suas luchd a' chridhe bhriste, a dh'eigheach fuasgladh do na braighdibh, agus fosgladh a' phriosuin dhoibhsan a ta ceangailte. A dh' eigheach bliadhna thaitneach an Tighearn, agus latha dioghaltais ar Dé-ne; a thoirt comlìf hurtachd dhoibhsan uile a ta ri bròn; a dh'òrduchadh do luchd-caoineadh Shioin; a thoirt dhoibh maise an àit luaithre, ola aoibhneis an àit bròin èididh mholaidh an àit spioraid airsneil, a chum 's gu 'n goirteadh dhiubh Craobhan fireantachd, a shuidhich an Tighearn air sgàth a ghlòire." Cha 'n 'eil aon chuid naoimh no ainglean air an seuladh no air an òrduchadh chum obair mhòr na saorsa, gidheadh tha 'n Tighearn Iosa: Bu chòir dhuibh an còmhnuidh amharc air an Tighearn Iosa, mar air a sheulachadh agus air ungadh chum Oifig Eadar-mheadhonair, agus do réir sin tagraibh ris.

O Thighearna! 's e t-oifig-sa, mar a tha thu a' d' Shlanuighear agus a' d' Fhear-saoraidh air do sheulachadh agus air t-ungadh, mo pheacanna a cheannsachadh, mo nàdur a chaochladh, mo chridhe naomhachadh, mo bheatha ath-leasachadh, agus m' anam a shaoradh; agus uime sin, dean e air sgàth t-ainme fein; O! dean e air sgàth t-oifig, dean e air sgàth do ghlòire.

"Dh'ungadh thu le h-olaidh aoibhneis os ceann do chompanaich;" dhoirteadh tomhas ni's mò do 'n Spiorad ortsa na air càch. Dh'ungadh thu ann an tomhas

agus ann an dòigh iongantach leis an Spiorad Naomh, agus le cumhachd; tha thu air do sgeudachadh gu pailt, gu saoibhir, agus gu h-urramach leis gach uile oirdheirceas agus cumhachd ghaisgeil; sheulaicheadh, roimh-òrduicheadh, agus sgeudaicheadh thu chum oifig Eadar-mheadhonair fo laimh agus fo sheula 'n Athar; agus uime sin c' àite 'n rachainns' air son slainte, air son maitheanas, air son saorsa, air son gràs, agus air son glòir, ach a' d' ionnsuidhse?"

5. Ma 's àill leibh a bhi math gu tràthail, feumaidh sibh aithne bhi agaibh gu tràthail nach 'eil rathad a chum slainte, ach troimh Iosa Criosd.

"Agus cha 'n 'eil slainte ann an neach air bith eile (a' labhairt mu Iosa Criosd), oir cha 'n 'eil ainm air bith eile fo neamh air a thoirt am measg dhaoine tre 'm faod sinn bhi air ar slànuchadh." Ma shaorar sibh gu bràth, 's ann leis-san, agus leis-san a mhàin a dh'fheumas sibh bhi air 'ur saoradh, cha 'n fhaod sibh amharc air son Slanuighear eile, no air son co' Shlanuighear, oir feumaidh sibh a bhi gu h-iomlan air 'ur saoradh le Criosd, agus leis-san a mhàin, air neo cha shaorar gu bràth sibh; feumaidh sibh glaodhaich a mach mar a ghlaodh aon do fhianuisean Chriosd a mach, 'n uair a bha e anns an téine, agus a thog e suas a làmhan, agus cinn a mheoir a lasadh, "Cha 'n 'eil a h-aon ach Criosd, cha 'n 'eil a h-aon ach Criosd." O! mo chairdean, tha e na laghdachadh air urram, air foghainnteachd, agus air glòir Chriosd, ann an gnothach 'ur slainte, ni sam bith a cheangal ris an Tighearn Iosa, agus is e 'n tàire is mò th' anns an t-saoghal air 'ur breitheanas, air 'ur 'n eòlas, air 'ur gliocas, agus air 'ur tuigse féin, ni sam bith a cheangal ri Criosd ann an obair 'na saorsa, agus ann an gnothach na slainte; gidheadh tha eagal orm gur

lionmhoir iad a tha ceangal Chriosd r' an oibribh, r' an urnuighibh, r' an luchd teagaisg, r' am bròn, agus r' an gairdeanaibh féin.

Mo thruaighe! ciod an Slanuighear bochd an-mhuinn, lag, neo-chomasach, a tha mhuinntir sin a' deanamh do Iosa Criosd? Mar treig iadsan na nithe sin, agus mar tig iad a dh' ionnsuidh Chriosd a mhàin, ann an obair mhòr na slainte, ged is mòr a chuala iad, is aithne dhoibh, agus a labhras iad mu thimchioll, theid iad a dhìth co cinnteach riusan nach cuala riamh uime.

Anns an t-seann Tiomnadh, tha Dia ag àithneadh dhoibh gun éudach measgta a chaitheamh, mar do olainn agus do lion: "Ni mo chuirear umad eudach measgta do olainn agus do lion," Lebh. xix. 19. Tha an lagh fo shàmhladh a' nochdadh dhuinne, nach fhaod sinn ann an gnothach ar slainte agus ar fireanachaidh ar 'n oibre, agus ar seirbhis a cheangal ri fireantachd Chriosd; is gràin le Dia fireantachd mheasgta. Agus mar a mheasadh leis na h-Eabhruich do rèir litir an lagh-sa, aon snaithean olainn ann an eudach lìn, no aon snaithean lìn ann an eudach olladh, mi-laghail, mar sin ni am measgadh is lugha ann an gnòthach an fhireanachaidh an t-iomlan gun bhrìgh. "Agus ma 's ann tre ghràs, cha 'n ann o oibribh ni 's mò: Ach ma 's ann o oibribh, cha 'n ann o ghràs a sin suas: no cha 'n obair a sin suas obair," Rom. xi. 6. An neach a mheasgas 'fhireantachd féin agus fireantachd Chriosd, a làthach féin agus fuil Chriosd, a luideagan féin agus trusgan rioghail Chriosd, 'umha féin agus òr Chriosd, tha e air an rathad ullamh gu dol a dhìth gu siorruidh.

Bithidh Criosd na *uile anns na h-uile* ann an gnothach ar fireanachaidh, no cha bhi e ni sam bith; abramaid

mu thimchioll mar a thubhairt neach àraidh ann an cùis eile ; fhad 'sa bhios Iosa, agus 'fhireantachd, agus 'fhuil, 'nan cairdibh dhuinne, bu chòir dhuinn na h-uile ni eile chuir ann an dìmeas, agus gràin a bhi againn roimh ni sam bith a chur an coimeas ris-san ; cha 'n 'eil meas aig fior chriosduidh air ni sam bith anns nach 'eil ni-eigin do Chriosd. Arsa neach àraidh, "An neach nach gabh gu h-iomlan ri Criosd, tha an neach sin ag dearmad Chriosd gu ro nàrach."

Cha' n 'eil ainm air bith eile, nàdur air bith eile, fuil air bith eile, toillteannas air bith eile, no neach air bith eile, tre 'm faod sibh a bhi air 'ur fireanachadh agus air 'ur saoradh, ach Iosa Criosd ; faodaidh sibh ruith o aon chreutair gu creutair eile, o aon dleasnas gu dleasnas eile, agus o aon òrdugh gu òrdugh eile ; agus an uair a sgìthicheas sibh sibh féin ag iarraidh fois agus socair, saoradh agus maitheanas, fìreanachadh agus slàinte ann an aon rathad no rathad eile, an deigh sin is eigin duibh teachd a dh' ionnsuidh Chriosd, agus glaodhaich a mach, O ! cha 'n 'eil a h-aon ach Criosd, cha 'n 'eil a h-aon ach Criosd ; O ! cha 'n 'eil a h-aon ri choimeas ri Criosd, cha 'n 'eil a h-aon ri choimeas ri Criosd, cha 'n 'eil oibre sam bith, dleasnais sam bith, seirbhis sam bith, urnuighe sam bith, deòir sam bith, fireantachd sam bith, no naomhachd sam bith, ri choimeas ri oibribh, dleasnasaibh, seirbhisibh, urnuighibh, deòir, fireantachd, agus naomhachd Chriosd.

Air an aobhar sin, a chàirdean, cuimhnichibh so, nach urrainn na h-uile deòir a th' anns an t-saoghal aon pheacadh a ghlanadh air falbh, no na h-uile gràs agus naomhachd a th' ann an daoinibh agus ann an ainglibh, maitheanas a cheannach air son a pheacaidh is lugha. 'S ann a mhàin tre fhuil Chriosd a tha na h-uile maitheanas.

6. Ma 's àill leibh a bhi math gu tràthail, feumaidh sibh aithne bhi agaibh na thràth gu bheil cridhe Iosa Criosd co dian shuidhichte air peacaich a nis ged tha e air neamh, 's a bha e riamh 'n uair a bha e air an talamh.

Cha 'n 'eil Criosd idir ni 's neo-chaoimhneile, ni 's neo-chuimhniche, ni 's neo-dheònaiche, mu shonas siorruidh pheacach a nis, ged tha e air neamh (ann an tìr chéin,) na 'n uair a bha e beò air an talamh, faicibh 2 Cor. v. 20; mar a ta e a' buanachadh ministreileachd na rèite a' measg pheacach bhochd anns gach linn; mar dhearbhadh air sin, faicibh na cumhnantan sìthe, seasmhach, a tha aige 'n còmhnuidh le 'theachdairibh, agus le 'Spiorad, ri peacaich bhochd mu thimchioll na nithe bhuineas d'an sìth, agus do shiorruidheachd; thugaibh fainear a shior bhualadh agus a shior ghairm air peacaich bhochd, le 'fhocal, le 'shlat, agus le 'Spiorad, gu fosgladh, aithreachas a' dheanamh, greim a' dheanamh air trocair, agus a bhi ann an sìth ris; agus mar a tha e a' sior chuireadh pheacaich bhochd ann an aghaidh gach diultadh, leithsgeul, moille, agus aicheadh; ann an aghaidh gach uile aoidheachd neo-iochdmhor agus fhreagair iargalt; ann an aghaidh gach uile anacainnt cheannairceach agus reusonachadh feòlmhor; ann an aghaidh gach dìmeas agus suarraich a rinn peacaich thruagh air; agus mar dhearbhadh air sin, faicibh an sgriobtuir soilleir sin, "Iosa Criosd an dè, agus an diugh, agus gu siorruidh an Ti ceudna." Tha Criosd o chian, agus san àm a ta lathair, agus san àm ri teachd an Ti ceudna; tha e neo-chaochlaideach 'na Bhith, 'na ghealladh, agus 'na ghràdh. "Is mise Alpha agus Omega, an toiseach agus an deireadh, deir an Tighearn, a ta, agus a bha, agus a ta ri teachd, an t-Uile-chumhachdach." Tha 'n doigh labhairt so

air a thoirt o na litrichibh Greigis do 'n e Alpha an ceud litir, agus Omega an litir dheireannach. "Tha 'n ceud litir agus an litir dheireannach do 'n Aibidil Ghreugais nan sàmhladh ormsa, (deir Criosd), oir a ta mi roimh na h-uile, agus an deigh na h-uile, os ceann nan uile, agus anns na h-uile, a ta mi neo-chaochlaideach annam féin, agus 'nam smuaintibh agus 'nam dheagh-ghean do pheacaich bhochd." Uime sin, anama bochd, na gabhaibh a steach ann 'ur 'n inntinn smuaintean cruaidh air bith mu thimchioll Chriosd, mar gu 'm biodh e ni bu neo-chuimhniche, ni bu neo-iochdmhoire, agus ni bu neo-thròcairiche do anamaibh bochd a nis, ged tha e air neamh, na bha e 'n uair a bha chòmhnuidh anns an t-saoghal so.

Agus mar so, chaidh mi thairis air na sea nithe sin air am feum sibh aithne bhi agaibh mu thimchioll Chriosd, ma 's àill leibh a bhi math gu tràthail — 'N uair a bha Pàp Leo na luidh air leabaidh a bhàis, dh' ainmich Cardinal Bembus focal do 'n scriobtuir gu co'fhurtachd a thoirt dha, ach fhreagair esan, "Uam a leithid sin a dh'fhaoineachd mu thimchioll Chriosd;" ach tha mi 'g earbsa nithe ni 's fearr mu bhur timchioll-sa, agus is i m' iarrtus gu 'n abradh sibhse mu na h-uile nithe, nach 'eil coimeas ri eòlas Chriosd a shoilleirich mi dhuibh, mar a thuirt an t' oilthireach cràbhach sin, neach air dha bhi air a thurus gu Ierusalem, agus air an t-slighe a chaidh a dh'fhaicinn iomadh baile mòr, le 'n iongantasaibh greadhnach, agus a thachair ri iomadh aoidheachd chairdeil, gidheadh a theireadh gu tric, "Cha 'n fhaod mi fuireach 'an so, cha 'n e so Ierusalem." O! a dhaoin' agus a mhnathan òga! ann am meadhon 'ur 'n uile thaitneas agus thoileachas shaoghalta, glaodhaibh a mach, O! cha 'n fhaod sinn fuireach 'an so, cha 'n e so Ierusalem;

cha 'n e so eòlas Chriosd a dh'fheumas a bhi agam, ma bhitheas mi gu bràth sonadh 'an so, agus beannuichte an deigh so.

4. Ma 's àill leibh bhi math gu tràthail, feumaidh sibh eòlas a bhi agaibh orrasan a ta math.

Ma 's àill leibh a bhi gràsmhor ann am madainn 'ur 'n òige, feumaidh sibh toiseachadh ri bhi gle eòlach orrasan a ta gle eòlach air Criosd, a tha gle dhlùth d'a chridhe, agus d' an aithne mòran d'a inntinn. "An ti a shiubhlas le daoinibh glic, bithidh e glic; ach sgriosar còmpanach nan amadan," Gna. xiii. 20, no mar a tha e 'san Eabhra, "brisear na bhloidibh e," mar a bhrisear armailt 'n uair a chuirear an ruaig orra le namhaid. "An ti a shiubhlas leis an duine ghlic, bithidh e glic," oir is ann mar sin a ta e 'sa cheud chàinnt; cha 'n e a bhi labhairt riusan a ta glic, cha 'n e bhur moladh agus 'ur cliùthachadh orrasan a ta glic, agus cha 'n e bhur 'n imeachd tiotanan maille riusan a ta glic, ach 'ur siubhal maille riusan a ta glic, a ni glic sibh: cha 'n 'eil doigh air a bheag do mhath fhoghlum uathsan a ta math, ach le 'n deanamh 'nan còmpanaich ghnàthaichte agus bhunailteach dhuibh féin. Mo chàirdean, bu chòir dhuibhse dheanamh mar rinn Ioseph anns an Eiphit, mu 'm bheil an sgriobtuir ag ràdh, Salm cv. a reir dòigh labhairt na h-Eabhra, gu 'n do "cheangal e prionnsaidh cuirte Pharaoh m'a chridhe."

Ma 's àill leibh gu bràth buannachd leis na naoimh, feumaidh sibh an ceangal air 'ur 'n anamaibh, feumaidh sibh saoithreachadh gu co'chomunn mean-eòlach, teann agus gle fhaisg a bhi agaibh riu.

Bha e na ghnàth-fhocal aig na h-Iudhaich. Gu 'n cuireadh dà bhioran thioram teine ri aon bhioran fliuch. 'S e 'n rathad is fearr gu bhi ann an teas-

ghràdh a thaobh Dhé, a thaobh Chriosd, a thaobh fhlaitheanais, agus a thaobh naomhachd, a bhi a' measg nam biorana tioram, nan eibhle beò, eadhon, a' measg nan naoimh; oir mar a dh'fhadaidheas eibhleag bheò iadsan a tha air dol as, mar sin blàthaichidh agus beothaichidh Criosduidhean beò iadsan a tha màrbh a thaobh Dhé, a thaobh Chriosd, a thaobh fhlaitheanais, agus a thaobh naomhachd. "Geuraichear iarunn air iarunn, agus géuraichidh duine gnùis a charaid." Mar is tric, tha tuigse, còmasan, eòlas, agus dìchioll dhaoine ag fàs ni 's treise, ni 's beothaile, agus ni 's ealamh, le co'chomunn agus co'labhairt chairdeil.

Mar a ghiulanas an tì a thig far am bithear a' cur troimhe cheile spìosraidh agus ungaibh cùbhraidh, air falbh àileadh deadh-bholuidh maille ris; 's ann mar sin a ghiulaineas an ti a bhios a' seanachas riusan a ta math, air falbh am maitheas-san maille ris, a ni cùbhraidh, ionmhuinn, agus taitneach e do chàch. Thainig Polemon, mu 'm bheil Augustin a' labhairt, a bha gu h-iomlan air a thoirt thairis do fhion agus do chluich, gu bhi na dhuine urramach 'n uair a fhuair e eòlas air sgoil nan daoine glic. Mar sin, is iomadh duin' òg a chaidh a thoirt a thaobh le fion agus le mnathaibh, le cluich agus le faoineachd, le diomhanas agus le amaideachd, a thainig gu bhi 'nan daoinibh trèubhach agus luachmhor, le cuideachd, le comhairle, agus le eisimpleir na muinntir a bha gràsmhor. Rinn an t' Olladh Tailleir, am mairtir, gairdeachas gu 'n d'thainig e riamh gu bhi ann am priosan, do bhrigh gu'n d' thainig e 'n sin gu eòlas fhaotuinn air aingeal sin Dhé, Iain Bradford, mar a deir e ris; mar sin gun teagamh is iomadh neach òg aig am bheil mòr aobhar air gàirdeachas a dheanamh, agus a bhi gu bràth a' beannachadh an Tighearn, gu 'n d' thainig iad riamh gu eòlas

fhaotuinn orrasan air am bheil eagal an Tighearna, agus a tha 'g imeachd 'na shlighibh, air son a mhath a fhuair iad leo.

O dhaoin' òga! b'fhearr dhuibh a bhi maille ri pobull Dé, 'n uair a ta iad anns a chor is isle agus is ro thàireil, na maille rí muinntir mhòr aingidh an tsaoghail 'n uair a ta iad 'nan glòir agus 'nan rioghalachd: bithidh e air fhoillseachadh dhuibh ann an là chùnntais, gu 'n d' rinn iadsan an fhèill a b'fhearr, a roghnaich a bhi ann an cuideachd Lasarus, ged bhiodh e ann an luideagaibh, roimh a bhi maille ri Dibhes, ged bhiodh e air a sgeudachadh le falluing riomhach phurpuir.

Air an aobhar sin, a dhaoin' òga, cuimhnichibh so, gu 'n innis 'ur sgeudachadh agus 'ur companaich gle thric naigheachdan ann an càinnt thosdach, ach gle bhrìgheil.

Innis dhomhsa co iad do chompanaich, agus innsidh mise dhuitse co thu, deir an gnàth-fhocal Spainneach. Ged nach robh ann an Cicero ach fineach, gidheadh b'fhearr leis a bhi gun chòmpanach air bith na droch chòmpanach: gu 'n deònaich an Tighearna nach eirich am fineach so, agus tuille dhiubhsan a bha dh' aon inntinn ris-san, gu bràth ann am breitheanas an aghaidh aon air bith agaibhse a leubhas an leabhar so.

Agus mar so, chuir mi crioch air na ceithir nithibh sin air am feum sibhse eòlas a bhi agaibh gu tràthail, eadhon, an sgriobtuir, 'ur cridheachan agus 'ur cor féin, an Tighearna Iosa Criosd, agus iadsan air am bheil eagalsan, ma 's àill leibh gu brath a bhi math na thràth.

2. Ma 's àill leibh a bhi math gu tràthail, ma 's àill leibh an Tighearna iarraidh, agus seirbhis a dheanamh dha 'nur 'n òige, feumaidh sibh gach cion-fath peacaidh

a sheachnadh gu tràthail—1 Tesal. v. 22, "Seachnaibh gach uile choslas uilc." Feumaidh sibh dearbh choslas a pheacaidh a sheachnadh, agus a bhi faicilleach roimh gach sàmhladh agus sgàile peacaidh.—Tha 'm focal *eidos*, a tha gu gnàthaichte eadar-theangaichte coslach, aig ciallachadh gnè no seòrsa, agus mar sin tha e coslach gur e tha 'n t-Abstol aig ciallachadh, "Seachnaibh gach uile sheòrsa, no 'n t-iomlan do gach uile ghnè uilc; seachnaibh gach uile ni a tha gu cinnteach na pheacadh, cia sam bith co beag 's a tha e." Tha 'm peacadh is lugha cunnartach; lotadh Ceasair le dealgaibh, agus dh'itheadh mòran le luchaibh agus le mialaibh; faodaidh an t-srad is lugha an tigh is mò losgadh; faodaidh an tòll is lugha an long is mò bhàthadh; is leoir am peacadh is lugha gus an t' anam a sgrios, agus uime sin, seachnaibh gach aobhar a ta treòrachadh d'a ionnsuidh. Rinn Iob co'cheangal ri 'shuilibh; cha b'àill le Ioseph fantuinn anns an t-seomar maille ri 'bhana-mhaighistir; agus cha b'àill le Daibhidh suidhe maille ri daoinibh diomhain. Fhad 's a tha teine bhuairidh ann ar cridhibh, cha 'n urrainn sinne bhi tearuinnte. An ti aig am bheil fùdar air a shiubhal, is còir dha fuireach fada gu leòir o shradaibh; an ti aig am bheil meas air a chliù o na bhaile, agus air a chomhfhurtachd aig a bhaile, is còir dha dearbh shàmhladh agus sgàile a pheacaidh a sheachnadh; an ti leis am b'àill gu 'n aon chuid a choguis no chliù, Dia no 'n soisgeul a lot, is còir dha fuath a thoirt do 'n eudach air am bheil smal na feòla.

Anns an lagh, dh'aithn Dia d' a shluagh, cha 'n e a mhàin gu 'n iad a dheanamh aoradh do iodhal air bith, ach gu 'n sgriosadh iad na h-uile comharra dhiubh, agus gu 'n iad a dheanamh coimhcheangal no cleamhnas riusan a bha deanamh aoradh dhoibh; agus dh'

àithn e na h-uile nithe dhiubh so dhoibhsan, air eagal gu 'm biodh iad oir an toirt a thaobh leis na h-aobhairean sin gu iodhal-aoraidh a' chur an gniomh maille riu ; an ti leis nach àill blasad air a mheas thoirmisgte, cha 'n fhaod e uiread agus beachdachadh air, agus an ti leis nach àill a bhi air a thèumadh leis an nathair, cha 'n fhaod e uiread is cluich ri buaireadh na nathrach.

Tha e na ni comharraichte ri thoirt fainear, cha 'n e a mhàin gu 'n d' àithneadh do 'n Nasarach, anns an lagh, fion agus deoch laidir a sheachnadh, ach mar an ceudna gun e dh' itheadh fion-dhearcan, aon chuid ùr na tioram, no a bheag a nithear do 'n chraoibh-fhiona, o na h-eiteanaibh gus am plaosg ; ach c' arson nach fhaodadh e na nithe beaga sin itheadh, anns nach b' urrainn cunnart a bhi gu 'n cuireadh iad misg air ? 'S cinnteach gu 'r ann air eagal gu 'm faodadh an toil-inntinn a bheireadh iad sin dha, a tharruing chum am fion a mhiannachadh, agus air an aobhar sin gu 'm biodh e air a thoirt gu peacadh a' chur an gniomh, agus gu 'bhòid a bhriseadh, agus mar sin gu obair a dhealbh air son ifrinn, no air son Lighiche nan anama: leis a so tha Dia a' toirmeasg nan aobhairean is ro iomallaiche, 's a nochdadh cia faicilleach, agus teann churamach, 's bu chòir do dhaoinibh bhi, chum gach uile aobhair buairidh agus coslach uilc a sheachnadh ; agus gu cinnteach bu chòir dhuinne fuireach o ionadaibh sleamhuinn, 'n uair is gànn is urrainn duinn seasamh daingean air talamh tioram ; an ti a theid air aghaidh gu dàna, ladurna, ann an rathad a pheacaidh, agus a ghuidheas, na leig mi am buaireadh, tha e coslach ris-san a chuireas a mhéur anns an teine, agus a ghuidheas gun i bhi air a losgadh ; no coslach ris-san a ta rùnachadh an teine mhùchadh le ola, ni a ta 'ga bheothachadh agus 'ga mheudachadh, 'an àite bhi 'ga mhùchadh.

" Is mo mhiorbhuill (arsa neach àraidh) gun tuiteam ann am buaireadh, 'n uair a ta sinn am measg aobhairean làidir, na ged a thogta na màirbh." Am fear leis nach àill a bhi air a shalachadh, na beanadh e ri pichd : am fear leis nach àill a bhi air a losgadh. na giulanadh e teine na bhroilleach ; am fear leis nach àill feòil itheadh, na biodh gnothach aige ris an eanbhruich ; am fear leis nach àill tuiteam anns an t-slochd, na dànnsadh e air a bruaich. " O chùis-bhreige cum thu féin am fad," Ecsod. xxiii. 7.

An ti nach teich o mhiodal agus o mhealladh a pheacaidh, ge b'e co taitneach 's a bhios iad do 'n t-sùil, no ge b'e co milis do 'n bhlas, dearbhaidh iad mu dheireadh a bhi ni 's gairge na fion-geur, ni 's seirbhe na bhurmaid, agus ni 's màrbhtaiche na 'm pùinsion.

Is firinn mhòr an ni a thuirt mac Sirach, eadhon, " An ti leis an ionmhuinn cunnart bàsaichidh e ann ; an ti nach seachain cunnart, cha 'n urrainn e sgrios a sheachnadh."

O dhaoin' òga ! an àill leibhse bhi sùgradh agus a cluich ri aobhair a pheacaidh ? Nar leigeadh Dia.

Tha eachdruidheachd ag innse mu na h-uiread do na Cinnich a sheachainn agus a theich o cion-fath a pheacaidh, agus an dàna leibhse dol air 'ur 'n aghaidh ann.

Cha 'n amhairceadh Alastair Uaibhreach air a mhnaoi a dh' fhaodadh e mhiannachadh.

Bha Scipio Africanus uair a' cogadh anns an Spàinnt, agus ghlac e Carthage Nuadh le garbh ionnsuidh, aig an àm sin theich òighe mhaiseach uasal d'a ionnsuidh air son cobhair, chum a geamnuidheachd a choimhead, (air dha bhi mu thimchioll 24 bliadhna dh' aois, agus mar sin ann an teas na h-òige) ; 'n uair a chuala e uimpe, cha 'n fhuiligeadh e dh'i teachd 'na lathair, air eagal buaireadh, ach dh'òrduich e i bhi air a h-aisig gu tearuinte d'a h-athair.

Chomhairlich Libhia a fear-pòsda féin Augustus, cha 'n e mhàin gun eucoir a dheanamh, ach gun ni sam bith coslach ris a dheanamh. Cha b'àill le Ceasar cisde Phompi a' rànnsachadh air eagal gu 'm faigheadh e aobhar dioghaltais as ùr innte. 'N uair a chaidh Plato air muin an eich aige, agus a bhreithnich se e féin ni eigin air a ghluasad le àrdan, theirinn e air bàll a bhàrr an eich, air eagal gu 'm biodh e air a ghlacadh le mòr-chuis ann am marcachd.

O dhaoin' òga ! an seachainn agus an teich na dearbh chinnich mar so o chion-fath a pheacaidh, agus nach àill leibhse? Nach àill leibhse a tha n' ar suidh fo ghrian an t-soisgeil? Bidh iadsan ann an là mòr a chùnntais nam fianuisean eagalach laidir 'nan aghaidhsan a tha cluich agus a briodal ri cion-fath a pheacaidh.

Chum ro-churam feolmhor a bhacadh, tha Criosd a' cur a dheisciobul do 'n sgòile dh'ionnsuidh nan eunlaith gun tuigse, Mata vi. 26, "Amharcibh air eunlaith an athair: oir cha chuir iad siol, agus cha bhuain iad, agus cha chruinnich iad an saibhlibh; gidheadh a ta bhur n-Athair neamhaidhse 'g am beathachadh; an e nach fearr sibhse gu mòr na iadsan?" Agus a chum 'ur bacadh o dhùnadh ri cion-fath a pheacaidh, ceadaichibh dhomh 'ur cuir a dh'ionnsuidh nan eunlaith ceudna, chum gu 'm foghlum sibh uath cion-fath a pheacaidh a sheachnadh.

Tha iad ag ràdh, 'n uair a bhios na geoidh ag itealaich thar beinn Taurus, gu 'n cum iad clachan 'nan guib, air eagal le 'n guileag gu 'm foillsicheadh siad iad féin do na h-iolairibh, a tha 'm measg nam beann ag feitheamh orra: nise mar buadhaich na mean-smuaintean sin uile air an cur cuideachd oirbhse chum aobhair a pheacaidh a sheachnadh, cha 'n aithne dhomhsa ciod a ni e. Is fior a ni thuirt an sean fhocal,

"Am fear nach dean olc no ni tàire,
Seachnadh e na bhuineas dha."

Cha 'n fhaodadh na h-Israelich taois ghoirt a bhi aca 'nan tighibh, gus an rachadh a chàisg seachad, air eagal gu 'm biodh iad air am brosnachadh gu itheadh dh'i.

3. Ma 's àill leibh a bhi math gu tràthail, feumaidh sibh sùil Dhé a' chuimhneachadh.

Ma 's àill leibh an Tighearn iarraidh, agus seirbhis a dheanamh dha ann an tùs 'ur laithean, feumaidh sibh smuaineachadh air cumhachd neo-chriochnaichte Dhé, Iob xxxi. 4, "Nach 'eil e a' faicinn mo shlighean, agus aig aireamh mo cheumanna gu leir? Oir a ta a shùilean air slighibh duine, agus chi e a cheumanna gu léir. Cha 'n 'eil dorchadas na sgàile bàis ann, far am folaich luchd dheanamh na h-aingidheachd iad féin."

Leubh mi gu 'n d'iompaich Paphnutius dà striopaich òg chomharraichte, Thais agus Ephron, o'n neoghlaine, a mhàin leis an argumaid sgriobtuireil so, Eabh. iv. 13, "Agus cha 'n 'eil creutair sam bith nach 'eil follaiseach 'na làthair-san: ach a ta na h-uile nithe lomnochd, agus fosgailte do shùilibh an ti d' am feum sinn cùnntas á thabhairt." Agus tha Dia a' faicinn na h-uile nithe anns an dorch, 'n uair a tha na dorsa air an crannadh, na h-uineagan dùinte, agus na cùirteinean air an sgaoileadh. Leis an argumaid so tha Solamh ag saoithreachadh gus an duine òg a thionndadh o raidibh feolmhor agus peacach. Gnath. v. 20. "Agus c' ar son, a mhic, a mheallar thu le mnaoi choimhich, agus a dhlùthaicheas tu ri broilleach banachoigrich? Oir fa chomhair shùl an Tighearna tha sligheanna an duine, agus tha e a' cothromachadh a cheumanna uile." Faodaidh tu an saoghal gu léir a

mhealladh, ach tha e do'-dheanta dhuit an ti a ta uile leirsinneach a mhealladh.

O dhuin' òig! faodaidh tu am fear so agus am fear ud eile a mhealladh, agus thu féin a' mhealladh mar an ceudna, ach cha 'n urrainn thu ann Ti a ta uile-leirsinneach a' mhealladh. Mar a ta sùilean dealbh air a dheagh tharruing suidhichte ort ge b'e taobh a thionndaidheas tu, is ann mar sin a ta sùilean an Tighearna.

Mo chairdean! Tha 'shùilean-san, a tha deich mìle 'nuair ni 's soilleire na ghrian, a' cuairteachadh do bhriathrean, do shighlean, t-oibre, do smuaintean, do leaba, do bhòrd, agus t'àite suidh. B'e sùil air slat-rioghail, an sàmhladh a bh' aig na h-Eiphitich do Dhia, a' nochdadh gu bheil e faicinn agus a' riaghladh na h-uile nithe.

O chàirdean! Tha gach uile 'smuaintean, bhriathran, dhòchas, agus chridhe, rùisgte, fosgailte, agus mean-rannsuichte, an sealladh an Dia sin ris am bheil ar gnothuich-ne. Tha Dia gle churamach agus géur-theann ag toirt fainear ciod a tha daoine deanamh, chum gu 'n toir e do gach duine a réir oibre.

O a dhaoin' agus a mhnathan òga! bu chòir dhuibhse ni 's mò dh' eagal a bhi oirbh a sùil Dhé na bhiodh oirbh as an t-saoghal gu léir. O gu 'm biodh an sgriob-tuir so air a sgriobhadh air 'ur cridhibh le peann daòimein! "Nach bi eagal oirbh romhamsa, deir an Tighearna? nach criothnuich sibh ann am lathair-sa?" Ier. v. 22. "Air an aobhar sin (arsa neach àraidh) tha eigin mhòr do mhaitheas air a chuir annainne, do bhrigh gu bheil sinn a' deanamh na h-uile nithe fa chomhair sùilibh Breitheamh, a tha uile-leir-sinneach.

4. Ma 's àill leibh a bhi math gu tràthail, feumaidh sibh eisdeachd ri guth na coguis.

Cha toisich neach gu bràth ri bhi math, gus an toisich e ri eisdeachd ris a ni a tha choguis a' labhairt; co fhad 's a bheir neach cluas bhodhair d'a choguis, tha e na phriosanach cinnteach do Shatan, agus na namhaid cealgach do Dhia. O! cia math 's a dh'fhaodadh mòran a bhi, nan d'thugadh iad eisdeachd do 'n coguis.

O dhaoin' òga! na bithibh a' cluich agus a' faoineas ris a' choguis, agus na dùnaibh 'ur cluasan oirre. An neach nach eisd r'a choguis 'na òige, bithidh e fadheoidh air eigneachadh gu leithid do ghéur-achmhasain eisdeachd uaipe, 's a ni a bheatha na dearbh ifrinn. Tha coguis chodalach coslach ri leomhan codalach, 'n uair a dhuisgeas e, beuchdaidh agus réubaidh e; 's ann mar sin a ni choguis. Tha choguis na mìle fianuis leis an duine no na aghaidh; an neach a thug cluas bhodhair d'a choguis re ùine fhada, gheibh e i fadheoidh 'ga shior chnàmh. 'S ann mar sin a fhuair Iudas i, agus is ann mar sin a fhuair Spira i, agus is ann mar sin a fhuair Blaer, comhairliche mòr a bh' ann an Albainn, i.

Leubh mi mu aon Ian Hofmeister, a dh'fhàs gu tinn ann an tigh-òsda, 'n uair a bha e air a thuras gu Ausburge, ann an Germani, agus thainig e gus an airde sin do dh'uamhas coguis, 's gu 'm b'eigin doibh a cheangal 'na leabaidh le slabhraidhibh, far 'na ghlaodh e a mach, Gu 'n robh e gu bràth air a thilgeadh air falbh le Dia, agus nach deanadh na geallanna a bh' air a chur fa chomhair math air bith dha, agus sin uile do bhrìgh gu 'n do lot e a choguis, agus gu 'n d'thug e cluas bhodhar dh'i. O! an t' aoibhneas agus an sòlas a mhothaich iomadh neach fhiùthail le ath-bheachdachadh air deagh choguis.

Air an aobhar sin, a dhuin' òig, mar eisd thusa gu tràthail ris a choguis, cluinnidh tu fadheoidh a 'choguis a' ràdh riut, mar a thuirt neach àraidh ri Criosd, Mata

viii. 19, "A mhaighstir, leanaidh mise thu ge b'e taobh a theid thu." Mar sin tha choguis aig ràdh, A pheacaich, ghairm mi ort iomadh mìle uair, agus dh' innis mi dhuit, gur mi le ùghdarras do charaid is fearr, no do namhaid is miosa, gidheadh cha b'àill leatsa eisdeachd; agus uime sin leanaidh mise thu ge b'e taobh a theid thu; traisg, agus leanaidh mise thu, agus lionaidh mi thu le eagal agus le uamhas; ith gu strodhail, agus leanaidh mise thu, ach nochdaidh mi dhuit làmh sgriobhaidh air a bhalla, a chaochaileas do ghnùis, a bhuaireas do smuaintean, a dh'fhuasglas uilt do leasraidh, agus a bheir air do ghlùinibh bualadh an aghaidh a cheile! fan aig a bhaile, agus leanaidh mise thu, o do leabaidh gu do bhòrd; falbh o'n bhaile, agus leanaidh mise thu do gàch àite agus cuideachd an teid thu, agus bithidh fios agad gur ni olc agus searbh gu 'n d' rinn thu dearmad air mo ghairmibh-sa ùine co fhada agus co tric, agus gu 'n do dhiult thu mo ghuth-sa, agus gu 'n d' imich thu a' m' aghaidh-sa. "Sluigidh aon bhoinne do dhroch coguis suas cuan do dh'aoibhneas saoghalta," arsa Luther.

Air an aobhar sin, a dhaoin' òga, tha là teachd, anns am fearr deagh choguis na deagh sporan, oir an sin cha chuirear seachad am breitheamh le miodal no le braith-raibh milis, 's cha toircar a thaobh e le dùil ri duais; agus uime sin, mar a b'àill leibh a bhi comasach 'ur cìnn a chumail an àirde anns an là sin, deanaibh coguis do eisdeachd ri guth na coguis air an là 'n diugh.

5. Ma 's àill leibh a bhi math gu tràthail, feumaidh sibh aithne bhi agaibh na thràth air c'àite 'm bheil fior shonas a' luidh.

Oir cha toisich duine gu bràth ri bhi math, gus an toisich e ri tuigsinn c' àite 'm bheil a shonas ri fhaot-uinn. Air do 'na daoine glic a bhi labhairt mu shonas,

bha iad air an roinn gu dà cheud agus ochd barailean deug 'ar fhichead, gach aon diubh a' rùnachadh ni eigin, agus gidheadh gun bhi daingneachadh ni sam bith. Uime sin, air do dhuine àraidh a bhi 'g an eisdeachd a' connsachadh mu mhath àraidh an duine, aon 'ga shuidheachadh 's an ni so, agus aon eile 's an ni ud eile: chaidh e dh' ionnsuidh na féille, agus cheannaich e do gach uile ni math, an dòchas nach b' urrainn e gun math àraidh an duine fhaotuinn 'nam measg uile, gidheadh cha d'fhuair e. Tha mòran ag amharc air son sonas anns a pheacadh, agus tha cuid eile ag amharc air a shon anns na créutairibh, gidheadh feumaidh iad sin uile a ràdh, Cha 'n 'eil e annainne. Cha 'n urrainn nì sam bith an nì nach 'eil aig thoirt uaithe; mur 'eil uisge anns a phiob uisge, cha 'n urrainn i; uisge thoirt; mur 'eil airgiod aig duine, cha 'n urrainn e airgiod a thoirt; mur 'eil sonas aig na creutairibh, cha 'n urrainn iad sonas a thoirt. Nise, cha 'n 'eil an séud so, no an neamhnuid so, sonas, ri fhaotuinn ann am broilleach, no ann an uchd chreutairean. Ann an aon fhocal, do bhrìgh gu 'm feum mi cabhag a' dheanamh gu co'dhunadh, 's ann an so a tha sonas an duine a' luidh.

1. Ann an cho' chomunn ri Dia mar tha 'n sgriobtuir agus féin-fhiosrachadh ag làn-dearbhadh. "Is sona an sluagh, a tha 's an staid so, seadh, is sona an sluagh, d' an Dia an Tighearna," Salm cxliv. 15. Gheibh an duine aig am bheil anam ann an co' chomunn ri Dia, ni 's mò thoiliuntinn ann am fàsach, ann an tòll fo thalamh, ann an gàraidh, seadh, anns a bhàs, na gheibh e ann an lùchairt Phrionnsa; no anns na h-uile toileachas inntinn agus taitneas saoghalta.

2. Ann am maitheanas peacaidh. "Is beannuichte esan d' an do mhaitheadh 'eusaontas, d' am bheil a

pheacadh air 'fholachadh. Is beannuichte an duine nach cuir an Tighearna euceart as a leth, agus aig nach 'eil cealg na spiorad," Salm xxxii. 1, 2. Cha 'n e, is beannuichte an duine uasal, ach 's beannuichte an duine fhuair maitheanas; cha 'n e, is beannuichte an duine saoibhir, ach 's beannuichte an duine fhuair maitheanas; cha 'n e, is beannuichte an duine foghluimte, ach 's beannuichte an duine fhuair maitheanas; cha 'n e, is beannuichte an duine seòlta, ach 's beannuichte an duine fhuair maitheanas; cha 'n e, is beannuichte an duine buadhach, ach 's beannuichte an duine fhuair maitheanas. "Dean riumsa na 's àill leat, do bhrìgh gu 'n mhath thu mo pheacaidh," arsa Luther.

3. Ann am mealtuinn thaitneach agus iomlan air Dia, an deigh dhuinn an saoghal so fhagail. "Is beannuichte na daoine a ta glan 'nan cridhe; oir chi iad Dia." 'S an àm so cha 'n 'eil iad 'g a' fhaicinn ach gu dorcha, ach air neamh chi iad e aghaidh ri h-aghaidh, aithnichidh iad eadhon mar a ta aithneadh orra. Ach labhair mi mòran mu na nithe so ann an ionad eile, agus mar sin cha chan mi tuille.

6. Ma 's àill leibh bhi math gu tràthail, feumaidh sibh 'ur cumhnant ris a pheacadh a bhriseadh.

Feumaidh sibh cùl a chuir ri 'ur 'n ana-miannaibh, feumaidh sibh sibh fein àrmachadh agus a dhion an aghaidh peacaidh; cha tòisich duine gu bràth ri gaol a thoirt do Chriosd, gus an toisich e ri 'pheacaidh a threigsinn; gus am bi am peacadh agus an t-anam nan dithis, cha 'n urrainn Criosd agus an t-anam a bhi 'nan aon. Nise, chum 'ur cridheachan aomadh gus a ni so, bu chòir dhuibh an còmhnuidh amharc air a pheacadh fo na sàmhlachaibh so a leanas,

1. Ma 's àill leibh an coimhcheangal a tha eadar am

peacadh agus 'ur n-anama fhaotuinn air a bhriseadh, amharcaibh an sin air a pheacadh mar namhaid.

"A mhuinntir mo ghraidh, guidheam oirbh, mar choigrich agus luchd-cuairt, sibh a sheachnadh ana-mhianna feolmhor, a tha cogadh an aghaidh an anama," 1 Pead. ii. 11. Mar a mhàrbhar an nathair-nimhe le àl a bròn, 's ann eadhon mar sin a ta peacaich bhochd air am bràth agus air am màrbhadh le 'n ana-mhianna féin, a tha iad ag àrach 'nar uchd.

Faodaidh sibh nàdur cunnartach, mìllteach, agus mi-runach a pheacaidh fhaicinn, ann an eachdruidh an Eadailtich sin, a thug air tùs air a namhaid Dia aicheadh, agus an sin a shàth troimh e gus a chridhe, agus mar sin mhòrt e araon a chorp agus anam còmhla.—Brăthaidh am peacadh sinne do làmhaibh an diabhoil, mar a bhrăth Delilah Samson do lamhaibh 'nam Philisteach.

Theid puinsion air a dheanamh milis sios gu taitneach: ach O! 'n uair a ruigeas e an goile, gearraidh agus cnàmhaidh e feithean a chridhe as a cheile; 's ann mar sin a ni am peacadh. Och, anama bochd, nach minic a fhuair sibhse mar sin e.

'N uair a shaoil le Phocas am mortair e féin a dhion le ballachaibh àrda thogail, chual e guth o neamh, ag innse dha, ciod air bith cho àrda 's a thogadh e a bhallachan, gidheadh gu 'n sgriosadh am peacadh a bha 'n leth stigh an t-iomlan.

Tha Ambrose ag innse mu neach àraidh ag an robh èucail air a chorp, agus dh'innis an lighiche dha, mar seachnadh e neo-mheasarrachd, misg, agus neo-ghloine, gu 'n cailleadh e 'shùilean. Ach bha chridhe co dian shuidhichte air a pheacaibh, 's gu 'n ghlaodh e a mach, "Slàn leat ma ta a sholuis mhilis." O! cia mar chog ana-mhianna araon an aghaidh a chuirp agus anama.

Tha 'n seann duine coslach ri caraid cealgach, agus ri troitear càirdeach; ged tha cath an aghaidh ana-mhianna an duine na ni ni's cruaidhe, na cath an aghaidh 'na crŏis, gidheadh feumaidh tu cath no bàsachadh, mar toirear bàs do pheacaidh, bheir iadsan bàs t'anama.

Dh' innis an oracle do dhream àraidh, nach b'urrainn doibh a bhi sona, mur cogadh iad a là agus a dh'oidhche; ni mò is urrainn duinne, mar bi sinn beò, agus mar bàsaich sinn, a' cogadh an aghaidh ar 'n ana-mhianna.

O dhaoin' òga! an urrainn, duibh amharc air a pheacadh mar namhaid, gu'n fhuathachadh, agus gu'n sibh féin àrmachadh 'na aghaidh.

Air an aobhar sin, cuimhnichibh so, gu bheil an toilinntinn agus a mhillseachd a' tha leantuinn buaidh thar a pheacadh, mìle uair ni 's mò na mhillseachd sin a tha anns a pheacadh; agus mar is i buaidh thar a pheacadh a bhuaidh is mìlse, mar sin is i buaidh is mò; cha 'n 'eil buaidh air bith ri choimeas ris a bhuaidh a ta air a faotuinn thar truaillidheachd duine féin.—" Is fearr an ti a ta màll chum feirge na gaisgeach, agus an ti a riaghlas a spiorad féin na esan a ghlacas àrd-bhaile," Gna. xvi. 32.

Is urramach an ni buaidh fhaotuinn air namhaid as an taobh a mach, ach tha e na ni ni 's ro urramaiche buaidh fhaotuinn air namhaid 'san taobh a stigh; is urramach an ni buaidh fhaotuinn air lasraichibh teine, ach tha e na ni ni 's ro urramaiche buaidh fhaotuinn air ana-mhiannaibh teinteach.

'N uair a bha Bhalentinian, an t-Iompaire, air leabaidh a bhàis, cha d' thug buaidh a choisinn e riamh sòlas dha ach a h-aon a mhàin, agus b' i sin buaidh thar a namhaid bu mhiosa, eadhon, a chridhe truaillidh féin.

O dhuin' òig! 's ann an taobh a stigh dhiot féin a tha do naimhdean is miosa, agus is ann air tòir sgrios t'anama, a chuid is ro urramaiche dhiot, a tha 'n cuilbheartan, an innleachdan agus an droch ionnsuidhean suidhichte: tha fios aca ma choisneas iad an daingneachd-rioghail sin, gu'r leo féin an t'iomlan, agus gu 'n teid as dhuitse, agus gu 'm bi thu a' d' thràill dhoibhsan gu bràth: uime sin, bu chòir dhuitse thu féin àrmachadh an aghaidh nan naimhdean so tha 'san taobh a stigh: agus ma chòrdas tusa ri Criosd a chur a chath, coisnidh tu 'n là, agus an uair a luidheas tu sios air leabaidh a bhàis, gheibh thu a mach an sin nach 'eil sòlas air bith ri choimeas ris an t-sòlas sin a tha 'g eiridh o bhuaidh fhaotuinn thar do chridhe agus t' anamhiannaibh féin.

2. Ma 's àill leibh cumhnant a bhriseadh ris a pheacaidh, ma 's àill leibh sibh féin àrmachadh agus a dhìon an aghaidh peacaidh, amharcaibh ma ta air a pheacadh mar chuibhrichean an anama.

Oir mar a cheanglas cuibhrichean nithe ri cheile, mar sin ceanglaidh am peacadh am peacach agus a mhallachd ri cheile—ceanglaidh e am peacach agus a chorruich ri cheile, Gniomh. viii. 23, "Oir a ta mi 'gad fhaicinn ann an domhlas na seirbhe, agus fo chuibhreach na h-eucorach. Is slabhruidh agus is cuibhreach aingidheachd; nise, ciùrraidh cuibhrichean agus slabhruidhean an corp, mar sin ciùrraidh peacadh an t'anam; agus mar a ta tràillean bochd air an ceangal gu daingean le 'n slabhruidhibh, mar sin a ta peacaich air an ceangal le 'm peacaibh; cha 'n urrainn doibh iad féin a shaoradh aon chuid le luach no le cumhachd.

O dhaoin' òga! cha 'n 'eil daorsa air bith ri coimeas ri daorsa an anama, no tràilleachd air bith ri coimeas

ri tràilleachd an anama; cha robh ann an daorsa nan Israelach fo Pharaoh, agus ann an tràilleachd nan Criosduidhean fo na Tùrcaich, ach tràilleachd a' chuirp, an roinn is suarraiche agus is tàireil do 'n duine; ach 's e bhur daorsa agus 'ur tràilleachd-sa, daorsa agus tràilleachd an anama, ni is mò agus is ro uamhasaich do na h-uile.

O mo chairdean! cha bu chòir dhuibh amharc gu bràth air 'ur peacaidh, ach mar chuibhrichean, seadh, mar shlabhruidhean iaruinn agus umha do dh' anamhianna leis am bheil sibhse ceangailte. O! co is urrainn amharc mar so air a shlabhruidhibh, agus air a pheacaibh, gun ghràin a ghabhail dhiubh, agus gu'n saoithreachadh gu bhi ag saorsuinn uatha. B'e suaicheantas Iustinus, an t-Iompaire, "Tha saorsainn anabharrach luachmhor;" ma tha saorsainn aimsireil mar sin, nach mò gu mòr na sin a tha an t-saorsuinn spioradail: ma dh'fheoraicheas sibh do anama, a bha uaireigin ann an daorsa, ach a tha nise nan saor-dhaoine Chriosd, innsidh iadsan dhuibh a ni ceudna.

Thug Chrisostum an aire gu ceart, gu 'm b'e Ioseph an duine saor, agus gu 'm b'i a bhana-mhaighistir an searbhant, 'n uair a bha i aig àirde cuid ana-mianna féin, 'n uair a bhuair ise agus a dhiult esan. 'S iad na saor-dhaoine is ro mhò, an dream is ro àirde a tha beò os ceann peacaidh agus buairidh: cha 'n 'eil aunta-san a ta beò fo chumhachd an ana-mianna fein ach tràillean, agus ann an cuibhrichibh, ged robh iad a' bruadair agus a' labhairt mu shaorsainn.

3. Ma 's àill leibh cumhnant a bhriseadh ris a pheacadh, agus sibh féin àrmachadh agus a dhion na aghaidh, amharcaibh ma ta air a pheacadh mar theine.

"Agus tearnaibh dream eile le h-eagal, 'gan spìonadh as an teine." O spìon a mach iad o 'm peacaibh,

mar a spìonadh tu a mach leanabh, no caraid, as an teine ! no mar a spìon an t-aingeal Lot a mach a Sodoim, le cabhaig agus le ainneart naomh; faodaidh teine nàdurach an tighe, an airneis, an ionmhais, an searbhant, an leanabh, a bhean, agus an corp a' losgadh ; ach loisgidh an teine so an t'anam, diothaichidh agus sgriosaidh e an t'anam a bhuaidh oirdheirc sin, a tha ni 's ro luachmhoire no uile ionmhais mìle saoghal ; cha 'n 'eil duine sam bith aig nach 'eil laimh agus cridhe chum an teine a ta losgadh tigh a choimhearsnaich a chuir as, ach 's tearc iad aig am bheil aon chuid làmhan no cridheachan gus an teine a ta losgadh anama an coimhearsnaich a chuir as : tha, agus bithidh sin na aobhar tuiridh.

Leubh mi mu neach àraidh, a' chuireadh a làmhan air èibhlibh teine, 'n uair a mhothaicheadh e buaireadh air bith chum peacaidh, agus an uair nach b'urrainn e fhulang, a theireadh ris féin, " O cia neo-chomasach 's a bhios mise air piantaibh ifrinn fhulang ?"—Agus chuir sin e air ais o olc ; ach ciod e teine ifrinn ann an coimeas ri teine pheacaidh ? Nise, chum sibhse a bhrosnachadh gu amharc air a pheacadh mar theine, thugaibh fainear, an coslas eugsamhuil a tha eadar teine corporra agus neo-chorporra, eadar teine cumanta corporra, agus an teine spioradail sin, am peacadh. Mar,

1. Tha 'n teine uabhasach agus eagalach. O cia uabhasach an sealladh, lòng no tigh fhaicinn nan teine ! eadhon mar sin tha am peacadh air a chur dhachaidh air a choguis, anabharrach, uabhasach, agus eagalach. " Is mò m' aingidheachd (oir is ann mar sin a ta e 'san Eabhra) na gur urrainn mi a ghiulain." Gu tric tha peacadh no aingidheachd air ainmeachadh air son peanas a pheacaidh ; oir is e peacadh is pàrant a thaobh nàdur do pheanas. " Tha m' aingidheach (deir Cain)

co mòr, agus ag luidhe co tròm, co eagalach, agus co uabhasach air mo choguis, 's nach fhaodar a mhaitheadh dhomh." Agus mar sin, le an-earbsa, lot e gu bàs dithis còmhla, eadhon, tròcair Dhé agus anam féin. Mar an ceudna, deir Iudas, "Pheacuich mi, ann am bràth na fola neo-chiontaich; agus chaidh e agus chroch se e féin."

Mar nach 'eil e 'n comas neach air bith cath an aghaidh teine cumhachdach, mar sin cha 'n urrainn neach air bith seasamh roimhe, far an cuir Dia dhachaidh am peacadh air a' choguis; b'fhearr le neach an tràth sin crochadh no tachdadh, no bhi beò fo leithid sin do lotaibh agus do sgiùrsadh coguis.—Tha eachdruidhean làn eisimpleirean do 'n nàdur sin. Ach,

2. Tha 'n teine ni 's cronaile agus ni 's ro chunnartaiche, 'n uair a bhriseas e a mach as an t-simileir, no as an tigh; is ann eadhon mar sin a ta 'm peacadh. Tha 'm peacadh gu h-olc anns an t-sùil, ni 's miosa anns an teangaidh, agus ni 's ro mhiosa anns a chridhe; ach is miosa na iad sin uile peacadh anns a chaithe-beatha. Faodaidh an teine, 'n uair nach bi e na aite, mòran dolaidh dheanadh anns an tigh, ach 'n uair a sgaoileas e a mach, an sin ni e mòr chron do mhuinntir eile.

Faodaidh peacadh anns a chridhe duine sgrios, ach faodaidh peacadh anns a chaithe-beatha muinntir eile sgrios, co math ris féin. Cuir faire air do shùil, cuir faire air do chridhe, ach, os ceann na h-uile, cuir faire air do chaithe-beatha.

Tha Salbhain ag innseadh cia mar a mhasluich na Cinnich dream àraidh do na Criosduidhean, muinntir a rinn soisgeil Chriosd na mhasladh le 'n caithe-beatha-mi-naomh. "C' àite (deir iadsan) am bheil an lagh naomh sin anns am bheil iad a' creidsinn? C' àite

am bheil na riaghailtean diadhaidh sin a' tha iad a' foghlum ? Tha iad ag leubhadh an t-soisgeul naomh, agus gidheadh tha iad neo-ghlan ; tha iad ag eisdeachd sgriobhaidhne nan Abstol, agus gidheadh tha iad air mhisg ; tha iad ag leantuinn Chriosd, agus gidheadh tha iad eas-umhailte dha ; tha iad ag aideachadh an lagh naomh, agus gidheadh tha iad ag caitheamh am beatha gu mi-dhiadhaidh."

Ach bha beatha dream eile do na Criosduidhean co naomh, 's gu 'n d' thubhairt na dearbh Chinnich a thug an aire dhoibh, " Gu cinnteach is Dia math an Diasa, aig am bheil seirbhisich co math." Tha e na ni urramach 'n uair a ta beatha Chriosduidh na mìneachadh air beatha Chriosd.

Thuirt neach a bha labhairt mu 'n sgriobtuir, " Is briathran iad cha 'n e a mhàin gu bhi air an leubhadh, ach mar an ceudna gu bhi air an cleachdadh, agus gu bhi beò orra."

Chomhairlich aon do na Cinnich dhuinn sinn féin a ghiulan co faicilleach, 's ged bhiodh ar naimhdean an còmhnuidh 'g amharc oirnn. Agus tha aon eile dhiubh ag ràdh, " Air sgàth na naire, caithibh 'ur beatha mar Stoics, air neo sguiribh do bhi 'g ar 'n ainmeachadh féin n' ar Stoics." A mhuinntir òga ; caithibh 'ur beatha mar Chriosduidhean, air neo sguiribh do bhi 'g ar 'n ainmeachadh féin n' ar Criosduidhean.

3. Cruadhaichidh an teine, bheir e air a chriadh lag agus so-lubaidh cinntinn rag agus làidir air son feum a chriadhadair. Is ann eadhon mar sin a chruadhaicheas am peacadh, cruadhaichidh e 'n cridhe an aghaidh aitheanta Dhé, gairm Chriosd, agus strì an Spioraid. Mar a chi sibh ann an cor Pharaoih, nan Iudhach, agus a mhòr chuid a tha fo eisdeachd an t-soisgeil.

O ! cia lion iad a chruadhaich an teine sin (am

peacadh) anns na laithibh so, le 'n aomadh gu tàire a' dheanamh air meadhona taiseachaidh an anama, le 'm mealladh gu smuaintibh cruaidh a' ghabhail a steach 'nan inntinn mu Dhia, agus gu aontachadh ri cuideachdaibh, ri barailibh, agus ri eisimpleiribh a chruadhaicheas an t' anam, no ri peacaich chruaidh neo-mhothachail. Ghearain neach àraidh o chionn fhada, Gu 'n ghabh iad seachad ni 's sàmhaìche air an eucoir a rinneadh air Criosd, na air an eucoir a rinneadh orra fèin. Tha 'n lìnn so làn do leithid sin a dh'anama cruaidh neo-mhothachail.

4. Tha 'n teine na dhùil bheothail ealamh; mar sin a ta 'm peacadh. O cia beothail ealamh 's a bha 'n teine so ann an Abraham, 'an Daibhidh, 'an Iob, 'am Peadar, 'am Pol, agus ann an mòran eile do na naoimh! Ged thug Criosd le 'bhàs a bhuile bhàsmhor dha, gidheadh tha e beò, agus tha, agus bithidh e ealamh anns na naoimh is ro luachmhoire. Ged nach d'rugadh peacadh agus gràs còmhladh, agus ged nach fhaigh iad bàs còmhladh, gidheadh am feadh a bhios na creidmhich anns an t-saoghal so, feumaidh iad a bhi beò cuideachd. Tha eachdruidh ag innseadh mu chrànn-fige a dh'fhàs ann am balla cloich, agus chleachdadh na h-uile meadhon chum a mhàrbhadh; ghearr iad na geugan dheth agus dh'fhas e rithis, ghearr iad sios an crànn agus dh'fhas e rithis, spion iad as e a bhun e agus as deigh sin bha e beò, agus dh'fhas e, gus na leag iad sios am balla cloich; gus an leag am bàs sios ar balla cloich-ne bithidh am peacadh beò, agus loisgidh an teine so.

5. Tha 'n teine do nàdur drùighteach, tollaidh agus sgaoilidh e anns gach cùil agus oisinn; agus is ann mar sin a sgaoileas am peacadh e féin ann ar smuaintibh, briathraibh, agus gniomharaibh; sgaoilidh se e féin

ann ar tuigse, chum a dorchachadh; agus ann ar breitheanais, chum a chlaonadh; agus ann ar toil, chum a pùinsionachadh; agus ann ar 'n aignidhibh, chum am buaireadh; agus ann ar coguisibh, chum an truaillеadh; agus ann ar giulan, chum ar maslachadh. Fighidh se e féin anns gach dleasnas agus tròcair; 's ann ar 'n uile thoil-inntinnibh agus ghnothuichibh.

Air do Hannibal buaidh fhaotuinn air na Romanaich, sgeudaich e chuid saighdearan le 'n cuid-sa àirm, agus leis an innleachd sin (do bhrìgh gu 'n do mheasadh gu 'm bu Romanaich iad), choisinn iàd am baile. Ach ciod iad cuilbheartan Hannibal an coimeas ri cuilbheartaibh a pheacaidh, no ri cuilbheartaibh Shatain? Ma 's àill leibh a bhi eòlach air an cuilbheartaibh, leubhaibh 'an leabhar a sgriobh mise, d' an goirear, "Iocshlaint luachmhor 'an aghaidh innleachdaibh Shatain."

6. Tha 'n teine na dhùil mhìllteach, chaithteach; tionndaidh e na h-uile chonnadh gu luaithre, is madadh-alluidh e a dh'itheas suas an t-iomlan. Mar sin, is teine am peacadh a mhilleas, a loisgeas, agus a sgriosas an t-iomlan: thionndaidh e Sodom agus Gomorrah gu luaithre, sgrios e rioghachdan nan Caldeach, nam Pearsach, agus nan Greugach, agus fadheoidh sgriosaidh e rioghachd nan Romanach mar an ceudna. Dh'ith am madadh-alluidh so suas neart Shamsoin, maise Absaloim, seòltachd Ahithopheil, agus glòir Heroid: bhàth e aon saoghal cheana, agus fadheoidh loisgidh e aon eile, eadhon an saoghal so. O a liuthad earbsa, a liuthad cridhe, a liuthad sonas, a liuthad aoibhneas, a liuthad sòlas, agus a liuthad anam a chaith agus a sgrios an teine so (am peacadh.)

Tha Padruig Camois, Easbuig a bh' ann am Barre 's an Fhraing, ag innseadh dhuinne, 'na sgriobhadh

mu 'n t-shiorruidheachd, gu 'n d' thug dream àraidh do 'n mhuinntir inbheach chràbhach fainear na briathran-sa leis an Fhaidh a bhi air an sgriobhadh ann an litrichibh òir air eudanaibh an 'simeleirean, Isa. xxxiii. 14, "Co 'nar measg a ghabhas còmhnuidh maille ri teine millteach? co 'nar measg a ghabhas còmhnuidh maille ri lasraichibh siorruidh?"

Oh, a dhaoin' òga, guidheam oirbh amharcaibh a ghnàth air a pheacadh mar theine seadh, mar theine a shuidhicheas bunait air son teine, agus lasraichibh siorruidh, agus faodaidh e bhi gu 'n oibrieh a ni so a chum math, 'n uair a dh'fhàilnicheas nithe eile.

Leubh mi mu mhnaoi theisteil chiallaich, air 'n do chuireadh impidh le eacorach salach gu amaideachd a' chur an gniomh, an deigh beagan co'labhairt ghairm i air son aghann làn do eibhle teine, agus dh' iarr i air a mheur a chumail annta air a sgàth-sa ré aon uair; fhreagair esan, is neo-chaoimhneil an t-iarrtus sin; uime sin air dh'ise fhaicinn nach cuireadh esan uiread agus aon mheur 'san teine ré aon uair, thubhairt i, nach geilleadh i do 'n ni sin a chur an gniomh, air son am feumadh i bhi eadar chorp agus anam air a pianadh ann an teine ifrinn gu siorruidh. Tha 'n cleachda farasda.

4. Ma 's àill leibh tilgeadh a mach ris a pheacadh, ma 's àill leibh sibh féin àrmachadh an aghaidh a pheacaidh, ann an tùs 'ur laithean, uime sin bu chòir dhuibh ambarc air a pheacadh mar ghaduiche.

Agus gu cinnteach 's e 'm peacadh gaduiche, agus creachadair is mò th' anns an t-saoghal; chreach e na h-aingil nach do ghleidh an ceud inbhe do 'n uile ghlòir, chreach e Adhamh d'a Pharras agus d'a shònas, agus chreach e na h-uile do mhic Adhaimh do chùig seudan luachmhor, oir bha 'n aon bu lugha dhiubh ni bu luachmhoire na neamh agus talamh.

1. Spùinn e uatha iomhaigh naomh agus ghlòrmhor Dhé, a bhiodh gu màiseach air a tharruing orra, nam b'e 's gu 'n seasadh Adhamh.

2. Spùinn e uatha bhi na mic do Dhia, agus o bhi na mic rinn e iad nan tràillean.

3. Spùinn e uatha 'n càirdeas, agus rinn e iad nan naimhdean.

4. Spùinn e uatha 'n aonachd 'agus an co' chomunn ris an Athair, ris a Mhac, agus ris an Spiorad Naomh, agus rinn e iad 'nan coimhich agus 'nan coigrich.

5. Spùinn e uatha 'n glòir, agus rinn e iad truaillidh agus neo-shona. Spùinn e 'n soisgeul o iomadh cinneach, iomadh fear teagaisg sonadh, o iomadh sgireachd, deadh-ghean Dhé, aoibhneas an Spioraid, agus sìth coguis o iomadh Criosduidh.

O an t-slainte, an onoir, na càirdean, agus na dàimhean a spùinn am peacadh o mhìltibh! 'S cha 'n e mhàin sin, ach spùinn e o mhòran an gibhtean, an eòlais, an comais an cuimhne, am breitheanais; seadh, agus an dearbh réusan, mar a dh'fhaodas sibh fhaicinn ann am Pharaoh, Nebuchadnesar, Belsasar, Ahithophel, Haman, Herod, agus na prionnsachan Babilonach sin a rinn casaid air Daniel. Agus mar an ceudna ann an cor Menippus o Phenicia, neach air dha a mhaòin a chàll, a thachd e féin. Leis na h-eisimpleiribh sin, tha e gle shoilleir, gur e 'm peacadh gaduiche is mò th' anns an t-saoghal.

O ma ta, co leis nach b'àill co'bhànn agus cùmhnant a bhriseadh ris, agus a bhi ghnàth a dian thagradh ri Dia gu ceartas a dheanamh air.

5. Ma 's àill leibh tilgeadh a mach ris a pheacadh, agus sibh féin àrmachadh agus a dhion na aghaidh, amharcaibh air a pheacadh mar eire.

Agus gu cinnteach, do na h-uile eire, 's e am peacadh

eire is truime a th' anns an t-saoghal gu léir, Salm xl. 12, "Dh'iadh uilc gun àireamh mu 'n cuairt orm; ghlac m' eucearta mi, agus cha 'n 'eil e 'n comas domh sealltuinnn suas; ni 's lionmhoire tha iad no folt mo chinn, agus threig mo chridhe mi." Agus a rithist, ann an Salm xxxviii. 4, "Oir chaidh m' eucearta thar mo cheann; mar eire thruim tha iad ro throm air mo shon." Is lethtrom am peacadh a tha gu furasd ag iadhadh mu anama bochd, is eire e a tha cur a leithid a thrioblaid agus a dhragh orra, a tha cur a leithid a bhacadh agus a cheangal orra, a tha deanamh leithid a shàrachadh agus a chlaòidh orra, 's gu 'm fàisg e iomadh déur searbh o 'n sùilibh, agus iomadh osnadh mhuladach agus chràiteach o'n cridhibh.

A rithist, mar a tha peacadh na eire do chriosduidhean; mar sin tha e na eire do fhlaitheanas; dh'fhàg e flaitheanas sgìth do ghiulan leis na h-ainglibh a thuit; cha bu luaithe a phèacaich iad, na thoisich flaitheanas ri osnaich chum a bhi cuidhiteas iad, agus cha do sguir e a dh' osnaich gus na chuir ceartas iadsan ag osnaich do dh' ifrinn.

A rithist, mar a tha peacadh na eire do fhlaitheanas, mar sin tha e na eire do 'n talamh; agus mar dhearbhadh air sin, shluig e sios Còrah, Dàtan, agus Abiram, am mnathan, an clànn, am maòin, an seirbhisich, &c. Och, a pheacacha! tha 'ur peacanna a' toirt air an dearbh thalamh a bhi 'g osnaich; tha iad a' fagail an talmhainn sgìth do bhi giulan leibh.—O! cia mòr a ta 'n talamh, ag osnaich agus a' miannachadh chum nan truaghanan talmhaidh so a shlugadh sios, aig am bheil an earbsa, agus an cridheachan, air an tiodhlacadh anns an talamh: cha bhi aig an dream sin a bheag do fhlaitheanas, ach ni 's leòir do 'n talamh 'n uair a thig am bàs.

Tha neach àraidh ag innse sgeula a chuala e mu mhinisteir urramach, neach, air dha bhi nochdadh daorsa thròm a chreutair, a tha toirt a steach nan creutairean fo shàmhladh, a' gearan mar so:—"O! gu 'm b' urrainn duinn seirbhis a dheanamh dhoibhsan a tha diadhaidh! O! gu 'm biodh ar cuirp agus ar feòil air an tionndadh gu cuirp agus feòil mhuinntir dhiadhaidh, chum gu 's eireamaid ann an glòir maille riù! O! gu 'n ar feòil a bhi air a tionndadh gu feòil pheacach, oir ma bhios, theid sinn a dh'ifrinn; agus am bu mhath le creutair air bith dol a dh'ifrinn? O! tha sinn sgìth do ghiulan le peacaich, tha sinn sgìth do bhi deanamh seirbhis do pheacaich!"—Mar so tha na creutairean ag osnaich, mar so tha na creutairean a' gearan, air do pheacadh nam peacach a bhi 'gan cuir thuige d'a ionnsuidh.

A rithist, tha 'm peacadh na eire do Dhia. Amos ii. 13, "Feuch, tha mise air mo bhruthadh fodhaibh, mar a tha carbad luchdaichte le arbhar air a bhruthadh." Leis an t-samhladh laidir, shoilleir, dhùthacha so, tha Dia a' nochdadh cia uamhasach 's a tha e air a bhruthadh agus air a shàruchadh, agus cia cràiteach a tha e air a sgìtheachadh le peacaibh an t'sluaighsa. Tha foighidinn Dhé eadhon air a caitheamh; thog ceartas suas a làmh, agus cha ghiulan e leo ni 's faide. Tha Dia mar gu 'm biodh e 'g osnaich fo bhruthadh am peacaidh, coslach ri carbad fo shachd trom; tha Dia a' gearan air an ni so leis an Fhaidh, Isa. xliii. 24, "Sharuich thu mi le do lochdaibh; sgìthich thu mi le d' ea-ceairtibh." Tha mi co sgìth do 'ur peacanna (deir Dia), 's a tha bean ri saothair cloinne d' a piantaibh. Bha 'm peacadh na leithid a dh' eallaich do Dhia, 's gu 'n sguab se e air falbh le tuil, Gen. vii. 7.

A rithist, tha 'm peacadh na eire do Chriosd; thug e air fallas a shileadh, mar nach do shil duine riamh fhallas; thug e air fallas mar bhraona mòra fola a' shileadh sios. Chuir am peacadh corp Chriosd gu h-iomlan ann am fallas fola; 's brònach an osnaich a thug e air 'n uair a ghiulan e ar peacaṁna 'na chorp air a chrànn. Rinn am peacadh anam ro bhrònach eadhon gu bàs; agus mar biodh e cumhachdach, seadh, uile-chumhachdach, dh'fhannaicheadh agus dh'fhàillnicheadh e fo' eallaich. Agus mar so tha sibh a' faicinn ciod an eire th' anns a pheacadh do 'n duine, do na creutairibh, do fhlaitheanas, do 'n talamh, do Dhia, do Chriosd: agus uime sin, ma 's àill leibh cùmhnant a bhriseadh ris a pheacadh, amharcaibh an cōmhnuidh air mar eire, seadh, mar an eire is truime th' anns an t-saoghal.

6. Ma 's àill leibh cùmhnant a bhriseadh ris a pheacadh, agus sibh féin àrmachadh agus a dhion na aghaidh, feumaidh sibh amharc air mar an-tighearna.

Agus gu cinnteach, 'se am peacadh an-tighearna is mò agus is miosa th' anns an t-saoghal. Cha 'n urrainn an-tighearna eile ach riaghladh le an-iochd thar ar cuirp, ach is an-tighearna am peacadh a riaghlas le an-iochd thar a chorp agus thar an anam araon, mar a dh'fhaodas sibh fhaicinn ann an Rom. vi. Is an-tighearna am peacadh aig am bheil seòrsa ùghdarras ann an cridheachaibh mòran dhaoine, tha e suidheachadh lagh an àrdain, lagh na feirge, lagh an fhoir-eigin, lagh na foirmealachd, lagh na ceàlgaireachd, lagh na feòlmhorachd, lagh an fhéin ghaoil, lagh an réusan fheòlmhor, lagh an eas-creidimh; agus ag àithneadh gu géur-theann ùmhlachd a thoirt dhoibh, agus a' bagairt teine agus claidheamh nan aghaidh-san uile nach géill dhoibh; tha féin-fhiosrach-

adh ni 's leòir aig naoimh agus aig peacaich, aig deagh dhaoine agus aig droch dhaoine, gu bheil so fior. Tha am peacadh na an-tighearna o chionn iomadh mìle bliadhna, agus ged fhuair e iomadh lot, agus iomadh sàrachadh, agus ged rinneadh mòran strì na aghaidh, gidheadh tha e gus an là 'n diugh a' gniomhachadh mar an-tighearna thar an t-saoghal uile. O! a liuthad cridhe agus anam a tha 'n t-an-tighearna so a' cràdh agus a' lot.

Cha robh ann an an-iochd Pharaoih ach neo-ni ann an coimeas ri an-iochd a pheacaidh; cha cheadaich an t-an-tighearna so d' a chuid tràillean uiread agus codal a' dheanamh: "Oir cha chaidil iadsan mar dean iad olc, agus tha 'n codal air a thoirt air falbh mar toir iad air cuid-eigin tuiteam. Tha na h-aingidh cosmhuil ris a mhuir bhuairte, oir cha 'n urrainn i bhi aig fois; ach tha a h-uisgeachan a' dùsgadh nìos salchair agus làthach. Cha 'n 'eil sìth, deir mo Dhia, do na h-aingidh." Gnath. iv. 14, 16. Isa. lvii. 20, 21. Leagadh sios an-tighearna eile, agus thugadh fo cheansal iad le cumhachd dhaoine, gidheadh cha leagar sios an t-an-tighearna so ach le cumhachd Dhé; leag cumhachd an duine sios mòran do an-tighearna an t-saoghail so, gidheadh 's e cumhachd Chriosd a mhàin a leagas sios an t-an-tighearna so, agus a thilgeas sios a dhaingnichean laidir, 2 Cor. x. 3—6, &c. Uime sin, deanaibh grèim air Criosd anns an t-stréup, tairngibh e a' chur a chàth, agus fadheoidh is leibhse bhuaidh.

Bhitellus, ged bha e na Iompaire air an t-saoghal uile, gidheadh dh'iomaineadh e troimh sràide na Roimh dearg rùisgte, agus thilgeadh e 'san abhuinn Tiber.

Chuireadh Ptolemi suas air croich, Bajaset ann an orò iaruinn, bhriseadh Phocas air a chuibhle, thilgeadh Licaon chum nam madraibh. Ach cha robh

a h-aon diubhsan a' cheannsaich na h-an-tighearna so, a leag sios na cumhachdaich àrdanach so, comasach air na h-an-tighearna, na peacaidh, na h-ana-mianna bha nan ùchd féin, a cheannsachadh, no chur fo smachd: is iomadh duine aig an robh làmh ann an ceannsachadh an-tighearna saoghalta, agus gidheadh a chaidh a dhìth gu siorruidh le làimh an an-tighearna bha na ùchd féin.

CAIBIDEIL VIII.

Agus an uiread so air son nan seòladhnan a dh' fheumas daoine òga leantuinn, ma 's àill leo a bhi math gu tràthail, ma 's āill leo an Tighearna iarraidh, agus seirbhis a dheanamh dha, ann an tùs an laithean.

Bheiream a nis beagan do fhreagairibh aithghearr do leithsgeulaibh an duin' òig, agus do theagamhaibh an t-seann duine, agus mar sin co' dhùnaidh mi 'n teagasg so.

Leithsgeul 1. Ach faodaidh cuid a dhaoine òg a' ràdh, b'àill leat sinne bhi math gu tràthail, agus an Tighearna iarraidh, agus seirbhis a dheanamh dha, ann an tùs ar laithean, ach faodaidh e bhi gu bheil ùine gu leòir 'an deigh so gus a chomhairle sin a' ghabhail; agus faodaidh e bhi gu 'm bi e dàmhair gu leòir 'n deigh so gus na nithe sin a thoirt fainear, 'an deigh dhuinn an fheòil a shàsachadh mar so agus mar sud; no 'n deigh dhuinn gu leòir fhaotuinn do 'n t-saoghal, agus a thaisgeas sinn suas ni eigin a sheasas dhuinn 'na àite, a dh'ùngas ar 'n uilt ann ar sean aois. Do 'n leithsgeul so freagram,

1. Gur e 'n amaideachd agus an caothach is mò

th' anns an t-saoghal, Dia agus nithe mòra na sior-ruidheachd a chuir seachad le math dh'fhaodta; ciod am fear ceàirde, ciod an ceannuiche, ciod an seòladair, a bhiodh co beag céille, co amaideach, agus co baogh-alta, 's gu 'n leigeadh iad seachad an t-àm agus an cothrom a ta lathair air buannachd a' dheanamh, air son ni a bhiodh ann an teagamh? Math dh'fhaodta gu 'm faod mi agus gu 'm faigh mi àm agus cothrom co math agus co luachmhor ris an àm so gu mi féin a' dheanamh saoibhir: agus uime sin slàn leis an tràthsa. Cha reusonaicheadh daoin' air bith a bhiodh nan céill air an doigh so; agus c'arson ma ta a dheanadh tus e, gu h-àraidh anns na nithibh a bhuineas do d' shlainte shiorruidh? Gu cinnteach is muinntir as an ciàll a dheanadh dearmad gu toileach air amannaibh nan gràs a thà lathair, air son math dh'fhaodta ri teachd.

2. Freagram, Ma ni thu dearmad air àm agus cothrom nan gràs a tha lathair, math dh'fhaodta nach fhaigh thu aon eile gu bràth tuille; math dh'fhaodta nach iarr tròcair fosgladh gu bràth tuille mar fosgail thu a nis dh'i; math dh'fhaodta nach tairgear Criosd dhuit gu bràth tuille, mar dùin, agus mar gabh thu ris a nis; math dh'fhaodta nach dean an Spiorad stri riut gu bràth tuille, ma 's e 's gu 'n diult agus gu 'n cuir thu na aghaidh a nis; math dh'fhaodta nach tairgear maitheanas duit gu bràth tuille, ma 's e 's nach gabh thu e a nis; math dh'fhaodta nach sèirm an soisgeul gu bràth tuille ann do chluasaibh, ma 's e 's nach eisd thu ris a nis: a nis, cuir aon math dh'fhaodta an aghaidh math dh'fhaodta eile, cuir math dh'fhaodta Dhé an aghaidh do mhath dh'fhaodta féin.

3. Gun amharus tha iomadh mìle mhiltean a nis ann an ifrinn, a riaraich iad féin, agus a chuir uatha Dia agus là nan gràs le math dh'fhaodta, math dh'

fhaodta gu 'm bi ùine gu leòir 'an deigh so; math dh'fhaodta 'n uair a riaraicheas mi a leithid so no a leithid sud a mhiann, agus an uair a thaisgeas mi seachad na h-uiread do 'n t-saoghal, gu 'm pill mi, agus gu 'n iarr mi an Tighearna, agus gu 'n dean mi seirbhis dha; ach mu 'n d' thainig an t-àm, no an cothrom sin, ghearr ceartas snaithean am beatha, agus tha iad a nis truagh gu siorruidh; a nis tha iad a ghnàth 'g am mallachadh féin, do bhrìgh gu 'n leig iad seachad an cothroma luachmhor air son math dh' fhaodta. Tha bhi cur seachad Dhé agus cothroma nan gràs a tha lathair air an doigh so le math dh'fhaodta, na bhrosnachadh ro mhòr do Dhia, mar a dh'fhaodas sibh fhaicinn, ma 's e 's gu 'n leubh sibh Gnath. i. o'n 20 rann gus an 33 rann. Cha 'n 'eil ni air bith is mò bheothaicheas agus a bhrosnuicheas maighstir gu feirg, na chuid seirbhiseach dàil a' chur 'na sheirbhis no 'na òrduigh le math dh'fhaodta; faodaidh e bhi gu 'n teid, na gu 'n dean mi so no suid; cha 'n 'eil ni sam bith is luaithe a bhrosnuicheas maighstir gu corruich na leithid sin; na ni ar bith is mò a bhrosnuicheas Dia gu feirg na leithid sin: mar a dh'fhaodas sibh fhaicinn, le Salm xcv. 6, gus a chrioch, a choimeasachadh ri Eabh. iii. o'n 7 rann gus an 19 rann. Leubhaibh na briathran, agus criothnaichibh ann a bhi smuaineachadh air math dh'fhaodta, ann a bhi smuaineachadh air Dia, agus cothroma nan gràs a' chur seachad.

Leithsgeul 2. Nam b'e 's gu 'n toisichinn-se ri bhi math gu tràthail, agus an Tighearna iarraidh, agus seirbhis a' dheanamh dha, ann am madainn mo laithean, chaillinn mo chàirdean agus an gean-math ris, oir tha iad feòlmhor agus saoghalta, agus b'fhearr leo mi dh'iarraidh 'an deigh òr na 'n deigh Dhé, an deigh

chreutair na 'n deigh Chriosd, an deigh 'n talmhainn na 'n deigh fhlaitheanas. Do 'n leithsgeul sin freagram, Gu cinnteach tha thu mearachd; oir,

1. 'S e so an rathad mòr, agus an rathad is ullamh gus na càirdean is fearr, is cinntiche, agus is fallaine, a bhuannachd. 'N uair a ghabhas an Tighearna tlachd ann an slighe duine, bheir e air a naimhdibh a bhi ann an sìth ris. 'N uair a dhlùth-cheanglas neach ri Dia, bheir Dia air na creutairibh dlùth-cheangal ris-san. 'S ann mar sin a fhuair Ioseph, Iacob, Iob, agus an triuir chloinne e, agus is ann mar sin a fhuair Daniel e, mar is aithne dhuibhsan uile a leubh an sgriobtuir; agus tha mòran anns an lìnn so (dona 's mar tha i) a fhuair a mach gur e 'n rathad is fearr gu càirdean a dheanamh, Dia a dheanamh na charaid dhuinn air tùs.

O! a dhuin' òig, cha chàill thu idir do chàirdean, air son an Tighearn iarraidh, agus seirbhis a dheanamh dha, ann an tùs do laithean; ach 's ann a mhùthas tu droch càirdean air son deagh chairdean, a chuid is miosa air son a chuid is fearr; a neach a bheir e féin suas gu tràthail do 'n Tighearna, bidh Dia 'na charaid dha, bidh Criosd 'na charaid dha, bidh na h-aingle 'nan cairdibh dha, agus bidh 'na naoimh 'nan cairdibh dha; bidh Criosd dha 'n neach sin—1. 'Na charaid uile-chumhachdach. 2. 'Na charaid uile-fhiosrach. 3. 'Na charaid uile-lathaireach. 4. 'Na charaid iomlain. 5. 'Na charaid saor. 6. 'Na charaid neo-chaochlaideach. 7. 'Na charaid furachair 8. 'Na charaid gràdhach. 9. 'Na charaid dìleas. 10. 'Na charaid iochdmhor. 11. 'Na charaid dlùth, "Tha caraid ann a leanas ni 's dlùithe na bràthair," Gna. xviii. 24. Tha Criosd na leithid sin do charaid, agus 'na charaid as èugais nach còmhluich an t-anam fior shonas.

12. 'Na charaid coitchionn, 'na charaid anns gach àite agus anns gach cor. Tha Criosd 'na leithid sin do charaid iomlan do gach aon deth mhuinntir féin, mar nach biodh e na charaid do h-aon air bith eile: agus leis a so, a deir iad, "Cha 'n e mhàin ar Tighearna agus ar Dia, ach mo Thighearna agus mo Dhia;" tha Criosd 'na charaid co iomlan, 's gu bheil e ag seasamh agus a' lionadh àite gach caraid.

13. 'S esan ar caraid is fearr, Salm xc. 1; mu 'n robh caraid againn anns an t-saoghal gu leir, b' esan ar caraid, Gna. viii. 21.

'S an àite mu dheireadh, Tha e 'na charaid seasmhach, agus iadsan d' an toir e gràdh, gràdhaichidh e chum na crìche. Cha b'àill le Augustus Ceasair co' cheangal càirdeas a dheanamh gu h-obann ri neach air bith, ach bha e na charaid seasmhach dhoibhsan a' ghràdhaich e: "Cha toir mi gràdh le obann-bhrăs, 's gu grad cha dean mi threig." Far an toir Criosd gràdh, gràdhaichidh e 'n còmhnuidh, Ier. xxxi. 3, "Le gràdh siorruidh ghràdhaich mi thu." Co ma ta nach gabhadh an cunnart orra féin gach uile charaid a th' anns an t-saoghal a chàll ris a chionn a leithid sin a charaid a bhuannachd? O! a mhuinntir òga, na gearanaibh gu bràth air son càll chàirdean, co fhad 'sa bhuannaicheas sibh le 'n càllsa, Criosd mar 'ur fior charaid.

2. B'fhearr dhuit a bhi as éugais an deagh-ghean agus an càirdeas na mhealtuinn ann an rathad peacach agus neo-iomchuidh air bith: b'fhearr dhuit a bhi 'n cunnart do chàirdean agus an deadh ghean a chàll, air son an Tighearn iarraidh, agus seirbhis a dheanamh dha, ann an tùs do laithean, na bhi ann an cunnart Dia agus Criosd, flaitheanas, siorruidheachd agus t-anam a chàll gu brath, le dearmad a dheanamh air

na nithibh bhuineas do d' shìth. Bu tapaidh am freagradh a thug Sutillus uasal d' a charaid, a thuirt ris agus e ag iarraidh deagh-ghean mi-laghail air. "Bu cho math dhomh uam a's agam an caraid nach ceadaich dhomh soirbheachadh 's an ni a ta mi ag iarraidh." Fhreagair Sutillus, "Is urrainn domhsa bhi dh'easbhuidh do leithid-sa charaid, ma 's e 's gur eigin domh ni mi-threibhdbireach a dheanamh air do sgàth." Air an aobhair sin, cuimhnichibh so, a dhaoin' òga, gu bheil pian mìle ifrinn ge do bhiodh an uiread sin ann, fada gearr air uamhas an aon ghuth sin, a bhi air 'ur tionndadh a mach a lathair Dhé, le "Cha 'n aithne dhomh sibh."

O a dhuin' òig! b'fhearr dhuit a bhi deich mìle uair air do thilgeadh a mach a smuaintibh agus cridhibh do chàirdean agus do luchd-dàimh fheòlmhor, na bhi air do thilgeadh a mach a lathair Dhé, maille ri Cain mallaichte, gu bràth, na bhi air t'ioma-sgaradh a mach a coimhthional nan naomh agus eaglais nan ceud-ghin, a tha sgriobhta 's na neamhaibh; agus uime sin uam a leithid sin a leithsgeul.

3. Tha deagh-ghean agus càirdeas a leithid sin a mhuinntir fhe lmhor, gle neo-sheasmhach, crionaidh agus seargaidh e gu h-obann. Sliopaidh iad an tràthsa, agus sgriobaidh iad an ceart uair; togaidh iad suas an tràthsa, agus leagaidh iad sios an ceart uair; bidh iad furanach an tràthsa, agus gruaimeach an ceart uair; pògaidh iad an tràthsa, agus dornaidh iad an ceart uair: glaodhaidh iad a mach "Hosanna, hosanna," an tràthsa, agus an ceart uair glaodhaidh iad "Céus e, céus e." Bha Haman aig cùirm an diugh maille ris an Righ, agus am maireach rinneadh e féin na chùirm do eunlaibh an athair; bha prionnsachan Bhabilon gle mhi r agus measail aig Darius an diugh, ach thilgeadh

iad am maireach do fhàl nan leomhan; na Sgriobhaich agus na Phairisich a mhol Iudas an diugh, ann an seadh, dh'iarr iad air am maireach a dhol agus e féin a chrochadh.

Tha deagh-ghean agus càirdeas an leithid sin a dhaoine coslach ri gloineachan Bhenice, gle fharasda ri 'm briseadh, agus uime sin cha 'n fhiù iad mòr shùim no meas a bhi orra. Tha eachdruidhean làn eisimpleire do 'n ghné so; ach feumaidh mi greasad, a mhàin a' toirt fainear a ni so, gu bheil féin-fhiosrachadh làthail ag innse dhuinne, gu bheil deagh-ghean agus cairdeas droch dhaoine coslach ri neul na maidne, no ri luibh-sgàile Ionah, a' fàs an tràthsa, agus a' seargadh an ceart uair; agus c'arson ma ta a' shuidhicheadh tusa do chridhe air an ni sin a ta ni 's caochlaidich na ghealach?

4. Agus san àite mu dheireadh, Co ach duine fo na chaothach a rachadh an cunnart deagh-ghean an Righ a chàll, a chum deagh-ghean a ghille-fhrithealaidh a chosnadh? Co ach neach gu tur as a chéill a rachadh an cunnart deagh-ghean a bhreitheamh air cathair-breitheanais a chàll, a chum deagh-ghean a phriosanaich air beulaobh mhòid a chosnadh? Roghnaich Socrates gnuis an Righ roimhe a chuid airgiod; agus mar sin feumaidh tusa deagh-ghean Dhé, gnuis Chriosd, agus na nithe bhuineas do 'n t-siorruidheachd, a roghnachadh os ceann deagh-ghean agus càirdeas gach duine th' anns an t-saoghal. 'N uair a tha do chairdean is dillse, agus do luchd dàimh is ro ionmhuinne, a' seasamh eadar thu 's Chriosd, no na nithe a ta shuas, feumaidh tu 'n c athadh uaite; feumaidh tu do chulaobh a thionnda riu, agus a thighinn a dh'ionnsuidh Chriosd, agus na nithe a bhuineas do d' shìth; an neach a threigeas gach uile chàirdean air

son Chriosd, gu cinnteach gheibh e gach uile chàirdean ann an Criosd; bithidh e na athair agus na charaid, na fhear-pòsda agus na leanabh; bithidh e na h-uile nithe dhuitse, a ghabhas e air son t-uile chuibhroinn.

Leithsgeul 3. Ach tha eagal orm gu 'n còmhluich mi ri iomadh masladh o aon neach agus o neach eile, nam b'e 's gu 'n saoithrichinn gu bhi math gu tràthail, nam b'e 's gu 'n iarrainn an Tighearna, agus gu 'n deanainn seirbhis dha, 'nam òige. Do 'n leithsgeul so freagram,

1. Ciod iad maslaidhean, an coimeas ris na nithe mòra dh'fhuiling muinntir eile air son Chriosd, air son a shoisgeil, agus air son deagh-choguis a mhealtuinn? Ciod e bioradh prìne an coimeas ri lot a' chridhe? Ciod e cronachadh an coimeas ri crochadh, no sgiùrsadh ri losgadh? Ni mò na sin a ta gach uile mhasladh is urradh còmhlachadh riut, do na nithe mòra a dh' fhuiling muinntir eile air son Chriosd. O dhaoin' òga! cha bu chòir dhuibh nàire ghabhail a aobhar no a slighe Chriosd, ach 's ann bu chòir dhuibh a bhi misneachail agus tréubhach. Ghairm Colonus, am maitreach Dùitseach, fo uile 'mhasladh, air a Bhreitheamh a thug a mach bìnn a bhàis, agus dh'iarr e air a laimh a' chur air a chridhe, agus dh'fheòraich e an sin dheth co dhiubh cridhe bu luaithe bha bualadh, a chridhe-san no cridhe a Bhreitheamh. Cha bu chòir do gach uile mhasladh a th' anns an t-saoghal uiread agus bualadh a thoirt air cridhe a chriosduidh, cha bu chòir dhoibh an trioblaid, no 'm buaireas bu lugha chur air. Ach,

2. Freagram, Gur ann a tha gach uile mhasladh ris an còmhluich thu ann an slighe Chriosd, agus air son Chriosd, a' cur neamhnuidhean ri do chrùn, tha iad uile 'nan leasachadh ri d' shòlas agus ri d' shonas.—

"Ma mhaslaichear sibh air son ainme Chriosd, is sona sibh, oir a ta Spiorad na glòire, agus Dhé a' gabhail còmhnuidh oirbh; d' an taobhsan gu deimhin tha e faotuinn toibheum, ach d'ar taobhsa tha e air a ghlòrachadh," 1 Pead. iv. 14. Mar is mò mhaslaichear sibh air son Chriosd air an talamh, 's ann is mò 'ur duais air neamh: 's iadsan is mò th' air an luchdachadh le maslaibh an so, is mò bhios air an luchdachadh le glòir an deigh so. Sgriobh Criosd an ainm-san le litrichibh òir ann an leabhar na beatha, a tha sgriobhta ann an litrichibh dùbha na mi-chliù, air a shonsan air an talamh. "Cha 'n 'eil san neach a bheir masladh ach neo-dhuine, gidheadh tha mhuinntir a mhaslaichear, agus a ghiulaineas e gu math, co' ionnan ri ainglibh," arsa neach àraidh. Dheth na h-uile crùn, 's e crùn an neach a ghiulanas masladh is ro chudthromaiche air neamh.

3. Freagram, Bha na daoine b'fhearr gu ro mhòr air am maslachadh: mar bha Daibhidh, Salm lxix. 9, agus lxxxix. 50, agus cxix. 22, agus xxxi. 11, agus cix. 25. Agus Iob, Iob xix. 3, 5, agus xx. 3. Agus Ieremiah, Ier. xx. 8, 10. Seadh, b'e so crannchur cumanta pobull Dé anns gach linn do 'n t-saoghal; b'e sin an crannchur ann an laithibh Nehemiah, Neh. i. 3, "Agus thubhairt iad rium, tha 'm fuigheall a dh'fhagadh do 'n bhraighdeanas an sin anns a mhòr-roinn, ann an àmhghar mòr agus ann am mi-chliù." 'S ann mar sin a bha ann an laithibh Dhaibhidh, Salm lxxix. 4, agus xliv. 13, 14. Agus is ann mar sin a bha ann an laithibh Ieremiah, Tuir. v. 1, "Cuimhnich, O Thighearna, ciod a thainig oirnn; thoir faincar, agus faic ar masladh." Agus is ann mar sin a bha ann an laithibh Dhanieil, Dan. ix. 16, "Tha do shluagh nam masladh do na h-uile mu 'n cuairt duinn." Agus is

ann mar sin a bha ann an laithibh nan Abstol, Rom. iii. 8, "Agus c'arson nach dean sinn olc, chum gu 'n d' thig math as? (mar a labhrar gu toibheumach umainne, agus mar a deir cuid gu bheil sinn ag ràdh), muinntir a tha an dìteadh a reir ceartais." 2 Cor. vi. 8, "Tre urram agus eas-urram, tre mi-chliù agus dheagh-chliù; mar mhealltairibh, gidheadh firinneach." Mar an ceudna ann an 1 Tim. iv. 10, "Oir is ann uime sin a ta sinn maraon ri saothair, agus a' fulang maslaidh, do bhrìgh gu bheil dòchas againn san Dia bheò." Mar sin bha Ioseph, Mephiboset, Naboth; agus anns na h-amannaibh deireannach so, Luther, neach a thuirt iad a bhàsaich ann an an-earbsa, 'n uair a bha e féin beò gu cuir an aghaidh na mearachd sin. Agus gu 'n ruith Besa air falbh le mnaoi duine eile. Agus gu 'n chomharraicheadh Calbhin air a ghualainn le iarunn mar shloightire. Ach cha bhiodh crioch air na nithibh sin, na 'n àinmichinn na h-uile dh'fhaodainn àinmeachadh. Agus b'e sin crannchur pobull Dé anns na ceud linnibh, oir 'n uair a chruinnich na criosduidhean an ceann a cheile fa chomhair na greine 'g urnuigh, thog na cinnich orra, gu 'n robh iad ag aoradh do 'n ghréin, agus gu 'n mhiannaich iad le mòr thogradh an deigh uachdaranachd, agus gu 'n chuir iad an gniomh adhaltrannas, agus neo-ghloinne mi-naduriach. A nis, co a tha fo thrioblaid, co a tha gearan air an ni sin a tha na chrannchur cumant, mar a ta fuachd, geamhradh, tinneas, bàs, &c.? Cha mhò na sin bu chòir do neach air bith gearan air son maslaidh, do bhrìgh gur iad crannchuir cumant pobull Dé anns gach linn; seadh, mhaslaicheadh gu truagh, chasaideadh gu breugach, chùl-chaineadh, nàraicheadh, agus mhi-chliùthaicheadh gu mòr Criosd féin;—ghairmeadh dheth duine geòcach agus pòitear-fiona, caraid chìs-

mhaor agus pheacach, agus mheasadh gu 'n chleachd e droch innleachdan, a tilgeadh a mach dheamhan trid Bheelsebub, prionnsadh nan deamhan; dh'fhuilling Criosd na maslaidh bu mhò agus bu mhiosa—c'ar son ma ta a bhiodh eagal oirbhse an crùn droighean sin a chaitheamh a chaith Criosd romhaibh? Is ràdh fior so, "An ti air am bheil eagal roimh fulang, cha 'n urrainn e bhi na dheisciobul dhasan a dh'fhuiling mòran." Ma chaidh am maighstir a chomharrachadh le masladh, na smuainicheadh an seirbhiseach gu 'n teid e as saor. "Tha mi anabarrach feargach (arsa Luther) riusan a tha labhairt mu m'fhulangasaibh, ni na'm biodh iad air an coimeasachadh ris na dh'fhuiling Criosd air mo shonsa, cha b'fhiù iad uiread 'sa bhi àir an ainmeachadh 'san aon là."

4. Freagram, Bithidh gach uile luchd labhairt uilc fadheoidh air an dìteadh fa chomhair a bhreitheanais is àirde, air son gach uile mhaslaidh a thilg iad air pobull Dé. "Tha iad a' gabhail iongantais (no tha iad 'gà mheas mar shaoghal nuadh), do bhrìgh nach 'eil sibhse a' ruith maraon riu anns an neo-mheasarrachd cheudna gun tomhas, a' labhairt uilc umaibh: Muinntir a bheir cùnntas dhasan a tha ullamh gu breith a thoirt air na beothaibh agus air na màrbhaibh," 1 Pead. iv. 4, 5.

"Tha mi air mo chràdh (deir neach àraid), le bhi smuaineachadh cia taireil 's a chàineas daoine minaomh pobull Dé anns an t-saoghal so, ach tha 'n là tighinn anns am b'fhearr leo gu 'n do lean iad an cos. cheumana." B'òirdheirc a chomhairle thug an Cainntfhear fineachail d' a luchd eisdeachd, "Caitheamaid ar beatha mar mhuinntir a dh'fheumas cùnntas a thoirt mu dheireadh."

Tha Chrisostom a' toirt a steach Chriosd fo shàmh-

ladh, a' comhfhurtachadh a dheisciobul an aghaidh maslaibh, a' co' labhairt riu mar so, "Ciod! an e gu bheil iad a gairm mealltairean agus drùidhichean dhibh, an eucoir a ta cur doilgheas oirbh a nis? Cha 'n fhada 'n ùine gus an gairm iad slanuighearan agus beannachadh an t-saoghail gu léir dhibh; an t-àm sin a dh'fhoillsicheas e na h-uile nithe a ta nis am folach, cronuichidh e iadsan air son an labhairt bhreugach 'nur 'n aghaidh-sa, agus àrduichidh e mòralachd 'ur deaghbheus, air dhoigh 's gu 'm bi iadsan air am faotuinn a mach 'nam breugairibh, 'nan luchd labhairt uilc, agus nan luchd casaid-bhreige air muinntir eile; ach bidh sibhse ni 's soilleire agus ni 's urramaiche na ghrian, agus bidh na h-uile dhaoine 'nam fianuisean air 'ur glòir." Iadsan a ghiulanas le maslaibh gu h-iriosal agus gu glic san t-saoghal so, bheir iad breith air luchd maslaidh mu dheireadh. Ach,

5. Freagram, gu bheil Dia iomadh uair, eadhon anns a bheatha so, a' toirt fianuis agus, teisteas eagallach an aghaidh na h-uile luchd labhairt m'a phobull—"Beannaichidh mi iadsan a bheannaicheas tu, agus iadsan a mhallaicheas tu mallaichidh mi," Gen. xii. 3. Mallaichidh Dia iadsan le dearbhachd, eadhon anns an t-saoghal so, a mhallaicheas iadsan a bheannaich esan; 's ann mar sin a fhuair Pharaoh, Saul, Haman, Iesabel, agus prionnsachan Bhabilon e, agus is ann mar sin tha na h-Iudhaich 'ga fhaotuinn gus an là 'n diùgh. Agus O na breitheanais agus na mallachdan uamhasach a dhoirt Dia a mach air an dream a bha toirt masladh d'a ainm, d'a Mhac, d'a Spiorad, d'a fhocal, d'a òrduighean, agus d'a phobull, anns na laithibh so 'sam bheil sinne beò. Dh'fhaodainn iomadh eisimpleir eagallach àinmeachadh dhuibh mu'n leithide sin a mhuinntir 'nar làithibh féin, dream a ghlac ceartas an

casan 'san lìon, daoine do bharàilibh cumhang agus do mhòr fhoghlum, agus gu cinnteach tha 'n leithid sin mar is trice a' dearbhadh gur iadsan na h-amadain mhòr, oir is muinntir iad a tha coslach ris an uiseag, ag itealaich ni 's àirde agus ni 's àirde, gus an tuit iad fadheoidh ann an lìon an eunadair; agus cha 'n 'eil iongantas ann, oir tha 'n leithid sin a mhuinntir mar is trice co nimheil 's tha iad co cealgach.

6. Freagram, Rinn an t-Abstol Pol ni 's mò ghairdeachas ann am fulang maslaidh air son Chriosd, na rinn e ann a bhi air a thogail suas chum an treas neamh, 2 Cor. xii. 10, "Uime sin tha mi ghabhail tlachd ann an anmhuinneachdaibh, am maslaibh, ann an uireasbhuidhibh, ann an géur-leanmhuinnibh, ann an teanntachdaibh air son Chriosd: oir an uair a ta mi lag, an sin a ta mi laidir." Agus uime sin, gheibh sibh e gu tric ag seinn an òrain so, "Mise Pol a' m' phriosunach Iosa Criosd"—cha 'n e mise Pol air mo thogail suas chum an treas neamh: dh'amhairc e air uile fhulangasaibh mar chomharan-gaoil Dhé, dh'amhairc e air uile mhaslaibh mar gheall agus mar chomharadh air e bhi na mhac do Dhia, agus uime sin, tha e deanamh gairdeachas agus uàill fòdhpa uile. Nochd Criosd a ghaol dhasan, le thogail suas chum an treas neamh; agus nochd esan a ghaol do Chriosd 'na ghiulan aoibhneach le maslaibh air a shon-san. "Bha Pol (deir Chrisostom) ag crathadh a shlabhruidh a' ghiulain e air son an t-soisgeil, agus e co aoibhneach aisde, ri mnaoi as a h-usgraichean."

Nis, c'ar son a bhiodh sin a bha na aobhar aoibhneis agus gairdeachais dhasan, na aobhar trioblaid agus mimhisnich dhuibhse? An amhairc esan air maslaibh mar chrùn urramach, agus an amhairc sibhse orra mar chrùn droigheann? O amhaircibh air maslaibh mar

chrùn rioghail, amhaircibh orra mar shuaicheantas Chriosd, agus measaibh e mar an onoir is mò air am bheil 'ur deidh anns an t-saoghal, an suaicheantas so a chaitheamh air a shon-san, neach a chaith aon uair crùn droigheann air 'ur son-sa. 'N uair a bha Babilas ri ùchd a bhàis, dh'iarr e mar fhaobhar a chuid slabhruidhean adhlacadh maille ris, mar shuaicheantas onoir.

7. Freagram, Le thu féin a ghiulan gu glic agus gu gràsmhoir fo na maslaibh ris an còmhluich thu air son Chriosd, faodaidh tu bhi a' d' mheadhon chum buidheann eile chosnadh gu Criosd. Bha e na ghna-fhocal comharraichte aig Luther, "Gu bheil an eaglais aig iompachadh an t-saoghail gu léir le fuil agus urnuigh."

Chaidh mòran a bhuannachd gu Criosd le bhi faicinn giùlain gràsmhoir nan criosduidhean fo 'm maslaibh air son Chriosd. Tha sinn a' leubhadh mu Cecilia, bìgh bhochd, a bha na meadhon le 'giulan gràsmhoir fo a h-uile fhulangasaibh agus mhaslaibh air son Chriosd, ann an ceithir cheud iompachadh gu Criosd. Air do Adrian a bhi faicinn giulan misneachail agus gràsmhor nam mairtireach fo 'n uile fhulangasaibh agus mhaslaibh air son Chriosd, dh'iompaicheadh e gu Criosd, agus an deigh sin dh'fhuiling e 'm bàs mar mhairtir air a shon. Mar an ceudna dh'iompaicheadh Iustin Martir, le bhi faicinn giulain naomh agus misneachail nan naoimh fo 'n uile fhulangasaibh agus mhaslaibh air son Chriosd. Re àm geur-leanmhuinn an-iochdmhor nan Iompairean fineachail, sgaoil an creidimh criosdail feadh gach cearnaidh do 'n Iompaireachd, do bhrìgh, arsa Tertullian, "mar bu trice a' ghearradh sios iad, 's ann bu ro mhò dh'fhàs iad." Agus thug Austin fainear, "ged chaidh iomadh mìle chuir gu bàs air son a bhi 'g aideachadh Chriosd, gidheadh cha robh iad idir ni bu teirce air son na mhàrbhadh dhiubh."

O dhaoin' òga! le 'r giulain gu glic agus gu gràsmhoir le maslaibh air son Chriosd, faodaidh sibh a bhi 'nur meadhon gu muinntir eile chosnadh gu Criosd; agus uime sin na abair gu bràth gu bheil leòmhan 'san t-slighe. Ach feumaidh mi cabhag a' dheanamh, agus uime sin 's an

Aite mu dheireadh, Thugaibh fainear, cia treubhach 'a ghiulan mòran do na cinnich maslaidh, agus biodh sin na mheadhon gu sibhse bhrosnachadh an aghaidh na h-uile masladh, chum an Tighearn iarraidh, agus seirbhis a dheanamh dha 'nur òige.

Thuirt Senophon ri neach a thug masladh dha, "Dh'fhoghlum thusa masladh a thoirt, agus dh'fhoghlum mise masladh a' ghiulan." Thuirt Aristippus ri neach eile, "Tha thusa comasach air maslaibh a thoirt agus tha mise comasach air maslaibh a' ghiulan."

Thuirt Socrates ri neach àraidh a ghabh iongantas ri fhoighidin a thaobh aon a chàin e agus a thug masladh dha, "Nam b'e 's gu 'n còmhluicheamaid neach aig am biodh a chorp ni bu neo-fhallaine na ar corp féin, nach ann bu chòir dhuinn truas a ghabhail dheth, agus cha 'n e a bhi ann am feirg ris?" C'ar son ma ta nach gabhamaid truas ris-san, aig am bheil anam ni 's ro euslaintiche na anama muinntir eile. 'S comharraichte an eisimpleir a th' againn mu Phericles, neach air dha bhi na shuidh ann an co'thionail mòr, a fhuair a chàineadh agus a mhaslachadh gu searbh le truaghan salach buaireasach, ré an là uile, agus 'san oidhiche, 'n uair a bha e dòrch, agus a sgaòil an co' thional, lean an t-òlach e 'ga shior-chàineadh, eadhon gu dorus a thighe, gidheadh cha do ghabh esan sùim air bith dheth, agus air dha teachd dhachaidh, 's e na thuirt e uile ris, "A charaid, tha e dòrch, guidheam ort leig le 'm sheirbhiseach do threòrachadh dhachaidh."

O! a dhaoin' òga, a dhaoin' òga, an cuir na dearbh chinnich masladh a'n neo-shuim, an giulain siad iad féin co glic agus co treubhach fo 'n eallach is mò do mhaslaibh, agus nach àill leibhse? Nach àill leibhse, muinntir a tha air 'ur 'n àrdachadh co mòr os an ceann-san, 'nur solus, 'nur tròcairibh, agus 'nur 'n uile shochairibh an t-soisgeil? O gun iad a bhi air an gairm chum a mhòid anns an là mhòr, mar fhianuisibh an aghaidh neach air bith agaibh-se, a leubhas an leabhar so?

Leithsgeul 4. Tha 'n duin' òg ag gabhail a leithsgeul agus ag ràdh, Tha thu 'ga m' sparradh-sa thuige gu bhi math gu tràthail, chum an Tighearn' iarraidh, agus seirbhis a dheanamh dha, ann an tùs mo laithean; ach tha mise faicinn nach 'eil a chuid is mò do dhaoinibh a' toirt fainear na nithe sin, ach an àite sin 's ann a tha iad a' gabhail saorsa dhoibh féin, le bhi 'g imeachd anns na slighibh is ro thaitniche do 'n fheòil, agus c' ar son ma ta a bhithinn-se air mo mheas mar neach air leth? 'S fearr dhomhsa dheanamh mar ni a chuid is mò, &c. A nis do 'n leithsgeul so freagram.

1. Ged tha droch eisimpleirean cunnartach do na h-uile, gidheadh mar is trice tha iad aig dearbhadh a bhi ni 's ro chunnartaiche agus ni 's ro chrŏnaile do mhuinntir òg, a tha ni 's ro ullamh ri 'n toirt a thaobh chum eisimpleirean a leanntuinn na àithntean, gu h-àraidh na h-eisimpleirean sin is ro mhò tha treòrachadh chum an sgrios, 2 Righ. xv. 8. Tha e air aithris mu Sachariah, Righ Israel, "Gu 'n d' rinn e olc ann an sùilibh an Tighearna, mar a rinn 'aithriche: cha do dhealaich e ri peacaibh Ieroboaim mhic Nebait." Bu mhath leis-san a bhi coslach ri athair, agus a dheanamh mar a rinn athair, ciod air bith a thachradh dha.

'S amhuil a rinn na Samaritanich, mu bheil e air

aithris, 2 Righ. xvii. 41, "Agus bha eagal an Tighearn air na cinnich sin (is e sin ri ràdh, rinn iad gné sheòrsa aideachadh air an fhior dhiadhachd, mar a rinn na deich treubha,) gidheadh rinn iad seirbhis d' an dealbhaibh snaidhte féin, araon an clànn agus clànn an cloinne: mar a rinn an aithriche, is amhuil a ta iadsan a' deanamh gus an là 'n diugh." Le droch eisimpleiribh bha iad araon air an tarruing gu iodhal-aoraidh, agus fhreumhaicheadh agus dhaighnicheadh iad ann; mar sin b'e 'm priomh aobhar leis an robh Rioghachd agus eaglais Iudah co suidhichte 'nan iodhal-aoraidh, gun earbsa sam bith gu 'n gabhadh iad ath-leasachadh, eadhon, Gu 'n chuimhnich an clànn an altairean agus an doireachan fo gach crànn gòrm agus air gach sliabh àrd," Ier. vi. 11, 12. Cha 'n 'eil an spong ni 's ullamh gu teine ghabhail, no chéir gu dealbh na séula, no 'm pàiper gus an dùbh, na tha 'n òige gu droch eisimpleir a' leanntuinn. Mar a dh' fhaodas sibh fhaicinn mu Rhabdod, Righ Phrigia, neach air dha teachd a chum an tobar-bhaistidh gu bhi air a bhaisteadh, a dh'fharraid ciod a thachair d'a shinnsearadh? Fhreagradh, Gu 'n bhàsaich iad ann an cor uamhasach, gun bhaisteadh. Thubhairt esan, Gu 'm b'fhearr leis dol a dh'ifrinn maille ris a mhòr-shluagh, na do neamh maille ri beagan. Tha eisimpleirean peacach nam brosnachadh agus nam mealladh mòr, is iomadh neach a fhuair mar sin iad chum an sgrios siorruidh; iadsan aig nach 'eil cluasan chum eisdeachd ris a ni tha thu 'g ràdh, tha iomadh sùil aca chum an ni tha thu deanamh fhaicinn. Ni droch Phrionnsachan droch iochdrain, ni droch mhaighstirean droch sheirbhisich, ni droch phàrantan droch chlànn, agus ni droch fheara-pòsda droch mhnathan-pòsda; tha e ni 's fhusadh do 'n olc am math a thruailleadh, no tha e do 'n mhath an t-olc

iompachadh: is fhusàdh do neach ruith leis a bhruthach maille ri cuideachd, na ruith na h-aghaidh na aonar.

B'àill leam gu 'n cuimhnicheadh na h-uile dhaoine òga, gu tric an ni thuirt neach àraidh, "An neach a leanas an t-olc, cha 'n urrainn e bhi math."

Tha daoin' òga anns na h-amanaibh aidmheil so nan seasamh eadar eisimpleir mhath agus olc, mar bha neach àraidh, 'na bhruadair, na sheasamh eadar subhailc agus dubhailc, agus iad araon a' guidheadh air, gu 'n roghnaicheadh e co dhiubh leanadh e. O! gu 'n robh sibh co glic is a chuid is fearr a leantuinn; mar a tha maighdean aig am bheil mòran shuirtheach gle churamach gus an fhear is fearr a ghabhail, bu chòir dhuibhse bhi mar sin mar an ceudna; oir tha beatha, neamh, sonas, agus siorruidheachd an crochadh air.—Ach mu 'n tig mi chum an dara freagradh, fagam an rabhadh, no 'm beachd so, aig a mhuinntir nach 'eil a' gabhail sùim do bhi sgrios muinntir eile le 'n eisimpleiribh, eadhon.

Gu bheil peanas ni 's cràitiche air a ghleidheadh air an son-san a tha toirt air muinntir eile peacachadh, na th' air an son-san a tha peacachadh le 'n comhairle agus le 'n eisimpleir.

Mar so chaidh an nathair a pheanasachadh ni 's mò na Eubha, agus Eubha ni 's mò na Adhamh.

Amhuil a mhothaich Iesabel breitheanas ni bu mhò agus ni bu chràitiche na Ahab. "Cha 'n 'eil uiread a thruaighe ann am peacachadh (deir neach àraidh), 's a th' ann an toirt air muinntir eile peacachadh."—Mo chàirdean, tha peacanna ni 's le ir agaibh féin, chum 'ur deanamh truagh gu siorruidh, c'ar son a dheanadh sibhse sibh féin ni 's ro thruaighe, le droch eisimpleir a thoirt do mhuinntir eile? Bithidh an t'

àite is isle, is dùibhe, agus is teoithe a th' ann an ifrinn air a ghleidheadh dhoibhsan a tharruing muinntir eile an sin le 'n eisimpleir. Bha fios aig Dibhes nam b'e 's gu 'm bitheadh a bhràithrean air an damnadh, gu 'm biodh esan air a dhamnadh dà fhìllte, do bhrìgh gu 'n d' rinn esan còmhnadh mòr chum iadsan a thoirt do dh'ifrinn le eisimpleir aingidh; agus uime sin, tha e 'g iarraidh gu 'm biodh iad air an cumail a mach a ifrinn cha 'n ann o ghaol na o rùn math air bith dhoibh-san, ach do bhrìgh gu 'n deanadh an teachd-san an sin ifrinn-sa ni bu ro theoithe, agus a dhòruinn ni bu do-ghiulainte.

2. Freagram, Ma pheacaicheas sibh maille ri muinntir eile, fuilingidh sibh maille riu. Ma cho'-pàirtich-eas sibh do pheacaibh dhaoine eile, co'-pàirtichidh sibh mar an ceudna do phlàighibh dhaoine eile. Iadsan a bha (coslach ri Simeon agus ri Lebhi) nam bràithribh ann an aingidheachd, bithidh iad nam bràithribh ann an truaighe; iadsan a pheacaich cuideachd gu neo-aithreachail, tilgear iad còmhladh do dh'ifrinn, theid iad a dhìth le cheile gu siorruidh. Ma 's àill leibh a bhi 'nur còmpanaich maille ri muinntir eile 'nam peacaibh, bithidh sibh cinnteach do bhi 'nur còmpanaich maille riu 'nan doilgheasaibh. Pheacaich an seann saoghal le cheile, agus bhàthadh iad le cheile: loisgeadh na Sodomitich le anamiannaibh le cheile, uime sin loisgeadh iad le teine agus pronnasc le cheile: pheac-aich Corah, Datan, agus Abiram le cheile, rinn iad gearan agus bhrosnuich iad an Tighearna le cheile, agus dh'fhosgail an talamh a bheul agus shluig e sios iad còmhladh. Lean Pharaoh agus armailt air tòir Israel le cheile, agus bhàthadh iad 'san fhairge le cheile. Chuir Simri agus Cosbi an gniomh amaideachd, agus neo-ghloine le cheile, agus throimh-lòt Phinehas

iad le cheile. Tha cosamhlachd fréagarrach do 'n chùis so aig luchd-teagaisg nan Iudhach—"Shuidhich duine àraidh fion-lios, agus air dha dol air turas o'n bhaile, thug e 'n aire gu 'm fàgadh e luchd faire a ghleidheadh am fion-lios araon o choigrich agus nach mealladh iad e féin; uime sin dh'òrduich e h-aon a bha dàll, ach laidir 'na bhallaibh, agus aon eile aig an robh a radhairc, ach bacach.—'N uair a bha 'm maighistir as an lathair, rinn an dithis so feàll 'na aghaidh, ghabh an dàll am bacach air a mhuin, agus mar sin ghoid iad an toradh: air d' am maighistir pilltinn, agus an cealgaireachd fhaotuinn a mach, rinn e peanas orra le cheile." Is ann mar sin a bhuineas ceartas ruibhse fadheoidh, a ta cur an gniomh peacadh maille ri muinntir eile; uime sin thugaibh an aire nach dean sibhse mar ni muinntir eile.

3. Freagram, Cha 'n fhaod sibh 'ur beatha chaitheamh a réir eisimpleiribh ach a réir àitheantaibh; cha 'n 'eil sibh gu bhi 'g amharc co mòr air an ni a ta muinntir eile deanamh, 's ris an ni a ta Dia ag iarraidh oirbh a dheanamh; Ecs. xxiii. 2, "Cha lean thu a' mhòr chuideachd a dh' ionnsuidh an uilc, agus cha labhair thu ann an cuis, gu claonadh 'an deigh a' mhòrain, chum breth fhiaradh." Rom. xii. 2, "Na bithibh air bhur cumadh ris an t-saoghal so." Is e sin, na bithibh 'g a bhur cumadh agus 'ga bhur sàmhlachadh féin ri cleachdanaibh truaillidh agus ri caithebeatha dhaoine sanntach truagh an t-saoghail, a rinn an Dia do 'n òr, agus an glòir do bhuannachd; a chionn gu 'n robh am faidh òg easumhail do àithne Dhé, chàill e bheatha ris, ged rinn e mhearachd fo sgàile foillseachadh o Dhia, mar a dh'fhaodas sibh fhaicinn anns a sgeula eagallach sin, 1 Righ. xiii. Feumar

gèill a thoirt do àithne Dhé roimh gach uile ughdarras agus eisimpleir dhaoine.

"Agus feumaidh sinne (arsa neach àraidh) a bhi co curamach mu àithne bheag a choimhead, ri àithne mhòr; feumar gèill a thoirt do àitheantaibh Dhé an aghaidh gach uile eisimpleir, còmnsachadh, agus reusonachadh mi-rianail." Tha Austin a' toirt a steach cuid a' gabhail an leithsgeul air son iad a bhi ag aontachadh ri cleachdanaibh agus eisimpleiribh peacach nan amanna sin ann a bhi 'g òl deochaibh-slainte, air a mhòdh so, "Is e muinntir mhòr a chuir sinne thuige gu dheanamh, agus 's ann aig cùirm an Righ a bha sinn. far 'n do mheas iad dillseachd rioghail le anabarr òil; agus thug iad dhuinn ar roghainn, Ol no bàsachadh; tuille eile bu phùinc bàis mar òlamaid an deochslainte." Tha esan a' toirt an fhreagraidh so, "Bheir Dia d' an léir gur ann air son gràdh dhasan agus do 'aitheantaibh, nach b' àill leatsa aontachadh ri 'n cleachdanaibh misgeach, deagh-ghean dhuitse 'nan suilibh-san, a bha ga d' chuirse thuige mar so gu òl."

O dhaoin' òga! sibhse tha co mòr an déidh air eisimpleiribh a nis, gheibh sibh so, na ceist uamhasach, a lotas, 'n uair a chuirear dhachaidh i le Dia no leis a choguis, "Co dh' iarr so air 'ur laimh?" Isa. i. 12.

4. Freagram, Cha dean cuideachd agus mealladh gu peacadh, leithsgeul iomchuidh air son peacaidh.

Ma chuir Eubha a coire air an nathair, agus Adhamh a choire air Eubha, bheir Dia a choire dhiubh, agus leagaidh e mhallachd orra araon. Cha ghabhadh e leithsgeul Shauil, gu 'n bhrosnaicheadh e le 'shluagh agus le moille Shamuel, gu iobairt a thairgse, ach air son easumhlachd chàill e araon a chrùn agus a bheatha. Ged bhuaireadh agus ged chuireadh impidh, air an duin' òg anns a Gnàth-fhocal, leis an t-sriopach,

gidheadh chaidh saighead troimh anam; ged thagair Ionah mar leithsgeul gu 'n robh Dia gràsmhor gu tròcair a thaisbeanadh, agus eagal nach gabhta r'a theachdaireachd; seadh, agus ged dh' fhaodadh e ghabhail mar leithsgeul an t-eagal a bh' air a laimhseachadh fiadhaich agus an-iochdmhor o na Ninebhitich, aig an robh an cridhe co dian shuidhichte air aingidheachd, agus a mhi-mhisneach nach deanadh e gu bràth math air sluagh a bha co mòr air an dalladh agus air an cruadhachadh; agus gu'n robh iadsan nan Cinnich, agus esan na Iudhach; agus c'ar son a chuirte esan le teachdaireachd co eagallach, agus co uamhasach, chum an leithid a shluagh? Cha robh ni sam bith ni b'fhuathaich agus ni bu neo-thaitniche do bhlas Iudhach na so, gidheadh cha chumadh gach uile thagradh agus leithsgeul air falbh a bhuille; air son so uile dh'fheumadh Ionah a bhi air a thilgeadh san fhairge, seadh, dh'fheumadh e dol sios gu h-iochdar ifrinn, mar a ta e féin a' cur cainnt air. Is diomhain do 'n éun gearan nach fhac e 'n rib ged chunnaic e 'n corc, no do 'n iasg a leithsgeul a ghabhail nach fhac e 'n dubhan ged chunnaic e 'm biadh. Mar sin is diomhain do pheacaich, 'n uair a ghlacar iad fadheoidh ann an lìon ifrinn a choire chuir air cuideachd agus air meallaidhibh leis an robh iad air an tàladh chum an anama a sgrios gu siorruidh.

5. Freagram, Gur mòr a bhreitheanas neach a bhi air a thoirt thairis do dhroch eisimpleir a leantuinn: neach air a thoirt thairis do eisimpleir aingidh, is neach e a tha gu h-eagallach air a threigsinn le Dia, gu truagh air a dhalladh le Satan, agus gu mòr air a chruadhachadh anns a pheacadh; tha e cur an céill neach a bhi abuich air son na corruich, air son truaighe, agus air son ifrinn; Ier. vi. 21, "Feuch, leagaidh mi

cip-thuislidh an rathad an t-sluaigh so, agus tuitidh na h-athraichean agus na mic orra; an coimhearsnach agus a charaid bàsaichidh le cheile." O! 's uabhasach an ni 'n uair a ni Dia eisimpleire peacach muinntir eile nan cip-thuislidh dh'a sluagh, air an tuisle agus air an tuit iad, agus air an sgriosar iad gu siorruidh; bu mhath do 'n leithid sin a mhuinntir mur beirte riamh iad, mar a labhair Criosd aon uair mu Iudas.

Leithsgeul 5. Tha Dia na Dhia tròcaireach, annsan tha innigh do thròcair, seadh cuan do thròcair, tha e gràdhachadh agus a' gabhail tlachd ann an tròcair, agus tha e ullamh gu tròcair a nochdadh do pheacaich bhochd, eadhon an uair a tha iad aig an éigh mu dheireadh, 'n uair nach 'eil ach uidhe ghoirid eadar iad agus an uaigh, agus siorruidheachd, mar a tha sinne a' faicinn a rinn e tròcair air a ghadaiche, agus a thug e maitheanas 'na laimh, agus dearbhachd do Phàrras 'na uchd, 'n uair a bha e ullamh gu bhi air a thilgeadh do fàràdh na beatha so; agus uime sin faodaidh mi tùs mo laithean a chaitheamh ann an leantuinn a pheacaidh, agus sòlas, buannachd, diomhanas, agus toilinntinn an t-saoghail so, agus faodaidh aig an éigh mu dheireadh gu 'm faigh mi tròcair co math 'sa fhuair an gadaiche. Tha Dia na Dhia a th' air a dheanamh suas do thròcair, agus 's cinnteach nach aicheadh e pronnag air chòireigin do thròcair do pheacaich bhochd ann an truaighe.

1. Freagram, Tha Dia co firinneach 's a tha e co tròcaireach; mar dhearbhadh air sin faic mar a thilg e a mach na h-ainglean a pheacaich a flaitheanas, agus Adhamh a mach a Pàrras; mar dhearbhadh air sin faic gach bagradh, mallachd, agus an-aoibhinn leis am bheil am Biobal air a lionadh o 'n dara ceann gus a cheann eile; mar dhearbhadh air sin faic an ifrinn, an t-uamhas, an t-cagal, agus a bhàll-chrith a tha e

dusgadh ann an coguisibh pheacach ; mar dhearbhàdh air sin faic mar sgrios e chuid is mò do na bailtibh, do na cathraichibh, do na duchannaibh, agus do na rioghachdaibh, bu bhreagha bha soirbheachadh anns an t-saoghal gu léir ; mar dhearbhadh air sin faic gach caochlaidh galair, truaighe, cunnart, bàs, agus ifrinn a tha ghnàth a' feitheamh air luchd àiteachaidh an talmhainn ; ach os ceann na h-uile, mar dhearbhadh air sin, thoir fainear mar shaltair Criosd àmar bruthaidh fion fraoch corruich an Athair, mar dh'fholaich e aghaidh uaithe, agus mar dhoirt e amach a chorruich air.

2. Freagram, Cha 'n 'eil teisteannas ni 's mò anns an t-saoghal uile air doille, air mi-naomhachd, air cruas cridhe, air caothach spioradail, agus air boile ifrinneil, na bhi deanamh tr cair Dhé na h-argumaid, 's na misneach gu peacachadh, ni bu chòir gu 'm b'i an argumaid bu mhò fo neamh chum neach a chumail o pheacachadh ; mar a ta fios aig na h-uile a leubh an sgriobtuir: cha 'n 'eil peacaich eile anns an t-saoghal, air am bheil Dia ag gabhail tlachd ifrinn a fhrasadh o neamh, ni 's mò na air a mhuinntir sin, a tha, le 'm mi-ghnàthachadh air tròcair, a' tionndadh tròcair Dhé gu uaibhreachas, agus aig dol air an adhairt gu dàna ladurna an aghaidh fior cheartais, Deut. xxix. 19, 20. "Agus tarlaidh an uair a chluinneas e briathran a' mhallachaidh so, an sin gu 'm beannaich se e féin na chridhe, ag ràdh, Bithidh sìth agam (tha Dia na Dhia tròcaireach), ge do ghluais mi ann an an-miann mo chridhe féin, a' chur misge ri pathadh : Cha chaomhain an Tighearn e, ach an sin cuiridh fearg an Tighearna, agus 'eud, smuid diubh an aghaidh an duine sin, agus luidhidh gach mallachadh air a tha sgriobhta san leabhar so, agus dubhaidh an Tighearna mach 'ainm o bhi o neamh." Anns na briathraibh so faodaidh sibh

a thoirt fainear, gu bheil Dia a' bagradh air doigh neo-fhuasgailte, chum bhi nochdadh gu 'm bi e seasmhach ann am peanasachadh, Salm xi. 5, 6. "An t-aingidh, agus esan a thug spéis do fhòirneart, is fuath le 'anam e. Frasaidh e air na h-àingidh ribeachan, teine agus pronnusc, agus doinionn uamhasach, mar chuibhrionn an cùpain."

O! gu 'n deanadh gach uile pheacach bochd an còmbanaich, agus an coileabaich ghnàthaichte do 'n do'n sgriobtuir so, gus am faigh iad làmh an uachdar air a bhuaireadh eagallach sin a bhi tionndadh tròcair Dhé chum misneach gu peacachadh.

Thig gach uile luchd mi-ghnàthachaidh tròcair, gu cinnteach agus gu h-obann chum bhi nan cobhartaich do cheartas Dé, a réubas agus a srachdas iad nam mìribh, mar a deir an Salmadair, Salm L. 22. An-aoibhinn, an-aoibhinn do 'n anam a chogas an aghaidh Dhé le 'thròcairibh féin, agus leis an àill a bhi olc do bhrìgh gu bheil esan math; leis an àill a bhi aingidh, do bhrìgh gu bheil esan tròcaireach; leis an àill uile chaoimhneas Dé (d' am bu chòir a bhi coslach ris na h-uiread a shéudan airgid chum a cheangal gu gaol agus umhlachd) a thionndadh gu saighdean, agus mar sin 'g an tilgeadh air an ais ann an aghaidh Dhé.—Tionndar tròcair a mhi-ghnàthaichear gu bhi na leomhan mu dheireadh, sgadh, gu bhi na leomhan bòrb, agus an sin an-aoibhinn dhoibhsan a mhi-ghnàthaich agus a rinn tarchuis oirre. Ach,

3. Ann am freagradh do 'n earrann sin do 'n leith-sgeul, mu thimchioll a ghadaiche air a chrànn, bheir-eam na nithe so gu h-aithghearr chum 'ur beachd,

1. Mar chaidh a h-aon a shaoradh chum bhi teagasg do pheacaich gun tuiteam 'an an-earbsa, mar sin chaidh

a h-aon eile dhìteadh, chum bhi teagasg dhoibh gun-dol air an aghaidh gu h-an-dàna.

2. Is eisimpleir e as éugais geallaidh. 'An so tha eisempleir air aithreachas anmoch: ach c'àite am bheil gealladh air aithreachas anmoch?

O! na bitheadh 'iompachadh obann agus anmoch-sa na bhuaireadh dhuitsa, gus am faigh thu gealladh air son iompachadh obann agus anmoch; cha 'n eisimpleirean, ach geallanna a tha nam bunait do chreidimh gu socrachadh air; an neach a dh'imicheas a réir-eisimpleir tròcair as éugais àithne 'ga sheôladh, agus gealladh na cùl-taice dha, cha 'n 'eil e 'g imeachd ach le lòchran dorch a tha 'ga mhealladh; air an aobhar sin, a dhuin' òig, cuimhnich so, gu bheil eisimpleirean tròcair a' meudachadh corruich, 'n uair nach 'eil an cridhe air a dheanamh ni 's fearr leo.

3. Bu mhiorbhuill ainneamh do thròcair i so, leis na chuir Criosd urram air mi-chliù a chroinn-cheusaidh, agus uime sin, 's co math dhuinn amharc air son Chriosd a bhi air a cheusadh as ùr, 's a bhi 'g amharc air son peacach a bhi air iompachadh, 'n uair is gann a tha ùine ni 's leòir aige gu 's na dleasnais shònruichte sin aireamh a tha deanamh suas treibhdhireas an aithreachais.

4. Freagram, Cha b' aithne do 'n ghadaiche so Criosd riamh roimhe, ni mò cha do dhiult e Criosd, 's cha d' rinn e dìmeas no tàire air riamh roimhe; b'i 'n t-searmoin air a chrànn-cheusaidh an ceud searmoin riamh a chuala e Criosd a' searmoineachadh, agus b'i 'n urnuigh air a chrànn-cheusaidh a cheud urnuigh a chuala e Criosd a' deanamh riamh; cha b' aithne dha Criosd, gus na chòmhluich e ris air a chrànn-cheusaidh (ni a dhearbh dhasan a bhi na coinneamh shona): bha chor mar gu 'n rachadh Turcach no Finneach iomp-

achadh a nis chum a chreidimh chriosduidh ; agus uime sin, cha 'n 'eil ach beag aobhair agadsa, a dhuin' òig, an t-eisimpleir so ghabhail mar leithsgeul gu Criosd agus t-anam a chumail o chéile, neach a tha gach là fo ghairm agus fo chuireadh Chriosd.

5. Freagram, Tha 'n t-aobhar, an t-àm, agus an t-àite ri 'n toirt fainear gu ceart. 'S an àm an robh Criosd a' deanamh buaidh-chaithreim air a chrànncheusaidh thar a pheacadh, thar Satan, agus thar an t-saoghal ; 'n uair a rinn e na deamhain nam bàll-amhairc follaiseach do mhasladh agus do fhanoid, 'n uair a bha e gabhail a chead do 'n t-saoghal, agus a' dol a steach d'a ghlòir ; aig an àm sin chuir e maitheanas ann an làmh a ghadaiche, maille ri iomadh geanmath agus caoimhneas eile.

Ri àm coimhead mòr-ghairdeachas nan Romanach, air do 'n fhear a choisneadh a bhuaidh a bhi air iomchar ann an carbad rioghail gu àrd-bhaile na rioghachd, bu ghnàth leis miribh àraidh airgid a thilgeadh am measg an t-sluaigh, chum gu 'n togadh iadsan suas iad, ni nach bu chleachdach leis a dheanamh aig àmaibh eile : amhuil a rinn ar Tighearn Iosa Criosd ann an là a bhuaidh-chaithream agus a chrùnaidh fhollaiseach chum a rioghachd neamhaidh, cuid a shéudan neamhaidh a sgapadh, chum gu 'n togadh an gadaiche so suas iad ; ni nach 'eil e deanamh, 's nach dean e na h-uile là ; no mar is gnàth le Prionnsaibh 's na laithibh so aig àm an crùnadh luchd droch-bheirt chomharraichte air choir-eigin a chuir fa sgaoil, 'n uair a thig iad le gairdeachas chum an rioghachd, ni nach gnàth leo dheanamh an deigh sin ; is ann mar sin a rinn Criosd a thaobh a ghadaiche so : ach cha 'n e so a rathad gnàthaichte gu bhi saoradh, agus a' toirt anama chum glòir ; agus uime sin, a dhuin' òig, na biodh aithreachas an-

moch a ghadaiche na aobhar no na bhuaireadh dhuitse gu dàil a chuir 'na t' aithreachas féin, chum tùs do laithean a mhi-bhuilleachadh ann an diomhanas agus ann an amaideachd.

Agus an uiread so ann an rathad freagradh do leithsgeulaibh an duin' òig.

Labhram a nis beagan fhocail ri seann daoine, agus mar sin co' dhùnaidh mi.

CAIBIDEIL IX.

A nis, am bheil e na ni co cliùiteach, co taitneach, agus co feumail do dhaoin' òg a bhi math gu tràthail, an Tighearn iarraidh, agus seirbhis a dheanamh dha, ann am madainn an òige, 's a chaidh làn-dearbhadh anns an leabhar so? O ma ta gu 'm b' urradh dhomhsa impidh a chuir air seann mhuinntir, a chuir dàil anns an obair mhòr so, chum am buannachd, gus an Tighearn iarraidh, agus seirbhis a dheanamh dha, mu 'n ruith an gaineamh, mu 'n teid an grian fo, agus an anama a dhìth gu siorruidh.

O gu 'n gabhadh a chomhairle sin a thug am Faidh greim air 'ur cridhibh, Ier. xiii. 16, "Thugaibhse glòir do 'n Tighearn' bhur Dia, mu 'n tig an dorchadas, agus mu 'n tuislich 'ur casan air sleibhte na doilleireachd; an sin an uair bhios 'ur sùil ri solus, caochailear e gu sgàile bhàis, eadhon gu dorchadas tiugh."

Ach theagamh gu 'm faod seann pheacaich freagradh, Am bheil earbsa, no cobhar air bith air ar son-ne? Am bheil e coslach, no comasach, air sheòil air bith, gu 'm pillidh ar leithid-ne gu bràth, agus gu 'm faigheamaid tròcair agus deagh-ghean o Dhia?

Sinne bha beò cho fada as éugais, sinne pheacaich co mòr 'na aghaidh, sinne tha gus an là'n diugh n'ar coigrich air, seadh, agus ann an àrmachd 'na aghaidh—am bheil earbsa sam bith air son peacaich a chinn lèith, a chuir an aghaidh co lion mìle tairgse do ghràs, agus co lion mìle gluasad do 'n Spiorad, agus co lion mìle cronachadh coguis, agus co lion mìle tairgse do Chriosd agus do fhlaitheanas, gu 'm faighearnaid gu brath trocair, na gu 'm faigh sinn gu bràth ar seann chridhe air an tionndadh, ar muilliona do pheacaibh air am maitheadh, ar nadur truaillidh air an caochladh, agus ar 'n anama bochd air an saoradh? Freagram, gu bheil dochas eadhon air son 'ur leithidsa; cha 'n urrainn na'm bheil a dh' ainglean air neamh, no na'm bheil a dhaoine air talamh, innse nach fhaod sibhse, eadhon sibhse, tròcair agus deaghghean fhaotuinn, chum 's nach bàsaich 'ur 'n anama; cha 'n 'eil ni sam bith do-dheanta do 'n Tighearna; agus cha 'n 'eil ni sam bith ro chruaidh air son gràs an t-soisgeil: nise, dearbhaidh mi sin leis na nithibh sonruichte so leanas: Mar so,

1. Cha do ghairmeadh agus cha do chuireadh na h-uile a dh' obair anns an fhion-lios aig a cheud uair, ghairmeadh cuid aig an treas uair, droing eile aig an t-seathamh agus aig an naothamh uair, agus dream eile aig an aon uair deug; tha caochladh àmaibh aig Dia gu bhi gàirm anama d'a ionnsuidh féin. Bha 'n aon uair deug mu thimchioll cuig uairean mu fheasgar uair roimh dol fo na gréine, 'n uair a bha e eadhon tràth sguir a dh'obair; agus gidheadh aig an uair so ghàirmeadh cuid, thuarasdaluicheadh agus dhuaisicheadh iad maille ri càch.

Leis na caochladh uairean a th' air an àinmeachadh anns a chosamhlachd so, tha cuid do na h-athraichibh

a' tuigsinn aois dhaoine 'nan caochladh céumaibh fa leth, eadhod, Leanabuidheachd, Oige, Duineachd, agus sean Aois—anns am bheil anama bochd air an gàirm agus air an iompachadh gu Criosd: 's e tha 'n cosamhlachd a' ciallachadh saor ghràs Dé ann a bhi gairm cuid 'nan òige, agus dream eile 'nan sean aois, agus am feasgair an laithibh.

2. Ghairmeadh Abraham 'san t-Seann Tiomnadh, agus Nicodemus 'san Tiomnadh Nuadh, agus dh'iompaicheadh iad 'nan sean aois, 'n uair nach robh ach beagan cheuman eadar iad agus an uaigh, agus eadar iad agus an t-siorruidheachd.

Leubh mi mu aon Caius Nearius Bhictorius, neach a bha na fhior sheann duine, trì cheud bliadhna 'n deigh linn nan Abstoil, agus a chaith a laithean uile na Ana-criosduidh, gidheadh, 'na shean aois dh'iarr agus rànnsuich e a mach an deigh Chriosd, agus thuirt e gu 'm b' àill leis a bhi na Chriosduidh. Air do neach àraidh a bhi ga eisdeachd ag ràdh sin, cha chreideadh se e; ach 'n uair a chunnaic an eaglais obair gràis da rireadh air, rinn iad iolach agus dànnsa le aoibhneas, agus sheinneadh salm anns gach eaglais, air son gu 'n d' thainig e gu bhi na Chriosduidh, agus sgriobhadh sin air son iongantas, gu'n d' thainig esan na shean aois gu bhi na Chriosduidh gràsmhor.

Uime sin na biodh peacach a chìnn léith ann an anearbsa, ged bhiodh 'earrach air dol seachad, a shàmhradh air a chriochnachadh, agus e air teachd gu àm tuiteam na duilleig.

3. Coilionar geallanna Dhé do gach anam a philleas, do gach anam a ni aithreachas, agus do gach anam a chreideas, co dhiubh a bhios iad òg no sean—2 Eachd. xxx. 9. "Gràsmhor agus tròcaireach tha 'n Tighearna bhur Dia, agus cha tionndaidh e a ghnuis air falbh

uaibh, ma philleas sibh d' a ionnsuidh." Ioel ii. 13. "Agus réubaibh 'ur cridhe, agus ni h-e 'ur 'n éudach; agus pillibh ris an Tighearna bhur Dia: oir tha e tròcaireach agus iochdmhor, màll a chum feirge, agus làn do chaomhalachd, agus gabhaidh e aithreachas mu 'n olc." Isa. lv. 7. "Treigeadh an t-aingidh a shlighe, agus an duine eacorach a smuainte; agus pilleadh e ris an Tighearn, agus nochdaidh e tròcair dha; agus ri ar Dia-ne, oir bheir e maitheanas gu pailt." Chi sibh tuille do'n leithide so a gheallanna mu leubhas sibh an sgriobtuir. Maithear gach gné pheacaidh do gach uile seòrsa pheacaich a chreideas agus a ni aithreachas.

Tha dà gheata dheug air an Ierusalem nuadh, gu bhi nochdadh gu bheil slighe na h-uile rathad air son gach seorsa agus inbhe do pheacaich chum teachd a dh'ionnsuidh Chriosd. Rugadh e ann an tigh-òsda, gu bhi nochdadh gu bheil e gabhail ris na h-uile thig da ionnsuidh, òg agus sean, bochd agus beartach.

4. Chuir an Tighearn an céill le mionnaibh, gu bheil ni 's mò thlachd aig ann an iompachadh agus ann an slàinte peacach bhochd (biodh iad òg no sean), na 'nan sgrios agus 'nan dìteadh, Esec. xxxiii. 11, "Mar is beò mise, deir an Tighearn Dia, cha 'n 'eil tlachd air bith agamsa ann am bàs an aingidh, ach gu 'm pilleadh an t-aingidh o 'shlighe, agus gu 'm biodh e beò; pillibh, pillibh, o 'r droch shlighibh, c' ar son a bhàsaicheas sibh, O thigh Isracil?" Dà ni a ni cùis ni 's ro dhearbhta—

1. Gnè no inbhe an neach a ta labhairt.

2. An dòigh labhairt.

An so tha Dia fein cha 'n e a mhàin a' labhairt, agus a gealltainn, agus a' mionnachadh gu follaiseach, gu 'm b'fhearr leis peacaich bhochd a bhi beò na bàs-

achadh, agus a bhi sòna na truagh; uime sin na bi ann an an-earbsa, O pheacaich aosda, ach pill ris an Tighearna, agus bithidh tu sona gu siorruidh.

5. Tha eifeachd ni 's leòir ann am fuil phriseil Iosa Criosd, chum gach uile pheacadh ionnlaid agus a ghlanadh air fàlbh; cha 'n e a mhàin gu peacaidh an duin' òig e ghlanadh air fàlbh, ach mar an ceudna chum peacaidh an t-sean duine ghlanadh air fàlbh; cha 'n e a mhàin gu peacach fhichead bliadhna dh'aois a ghlanadh, ach chum peacach leth-cheud, thri-fichead, seadh, cheud bliadhna dh'aois a ghlanadh—1 Eoin i. 7. "Glanaidh fuil Iosa Criosd a Mhic sinn o gach uile pheacadh;" cha 'n e a mhàin o pheacadh, ach o gach uile pheacadh; tha cumhachd agus eifeachd gu leòir ann am fuil Chriosd, chum gach uile ghné pheacaich a ghlanadh o gach uile seorsa peacaidh; tha buaidh ann am fuil an Uain gus na h-uile smal a th'ann an cridhibh nam peacach is sine ionnlaid; agus uime sin, na biodh na seann pheacaich ann an an-earbsa—na abradh iad, cha 'n 'eil dochas, no cobhair air bith, cho fad sa tha 'n tobar so do dh'fhuil Chriosd fosgailte air son gach uile sheòrsa pheacaich ionnlaid ann.

6. Tha gairm agus cuireadh Chriosd anns an t-soisgeul coitchionn agus neo-chriochnach, gun bhi dùnadh a mach seòrsa pheacaich air bith, Taisb. iii. 20. "Feuch, tha mi a' m' sheasamh aig an dorus, agus a' bualadh; ma dh'eisdeas neach sam bith ri m' ghuth, agus gu 'm fosgail e 'n dorus, thig mi a steach d' a ionnsuidh, agus gabhaidh mi mo shuipeir maille ris, agus esan maille riumsa." Biodh am peacach sean no òg, ma 's e 's gu 'm fosgail e 'n dorus, thig Criosd a steach, agus bithidh co' chomunn aige maille ris.—Amhuil ann am Mata xi. 28. Tionndaidh chum nan

sgriobtuire so agus smuainich orra, oir tha iad uile dearbhadh gu soilleir gu bheil gàirm agus cuireadh gràsmhor Chriosd do gach uile pheacaich; cha 'n 'eil e cur an aghaidh duine sam bith, cha 'n eil, ge b'e co sean, cha chur ni sam bith bacadh air a pheacach, eadhon air a pheacach is ro mhiosa agus is aosda, bho thròcair fhaotuinn, ma bhios e deònach fosgladh do Chriosd, agus gabhail ris mar a Thighearna agus mar a Righ.

7. Tha caoidh mhuladach Chriosd air son gach seòrsa agus inbhe do pheacaich, ag cur an cèill cia toilcach 's a tha e gu tròcair a nochdadh dhoibh. "A Ierusalem, a Ierusalem, deir Criosd, agus e guil air a son, O gu 'm b'aithne dhuit, eadhon dhuitse, air bheag sam bith ann ad làtha so féin, na nithe a bhuineas do d' shìth!" Luc, xix. 42. "O gu 'n eisdeadh mo shluagh rium!" Ghuil Criosd air son Ierusaleim —amhuil a rinn Titus, agus amhuil a rinn Marsellus air son Syracuse, agus amhuill a rinn Scipio air son Carthage; ach cha do ghuil iadsan ach air an son-san a bha iad gus am fuil a dhòirteadh. gidheadh ghùil Criosd thar muinealaibh nam peacach òg agus shean sin, a bha gu fhuil-san a dhòirteadh. Mar-a ghuileas athair teò-chridheach air son a chloinn cheannaircich, 'n uair nach drùigh aon chuid faoilte no gruaim, comhairle no bagradh orra, chum an tionndadh bho 'n droch shlighibh, 's amhuil a ghuil Criosd air son nan Iudhach cheannairceach ud, air nach drùigheadh ni sam bith.

8. Ged a thug peacaich aosda iomadh mìle diultadh do Chriosd, gidheadh cha do ghabh e iad: ach an deigh na h-uile, agus an aghaidh gach uile dhiultadh, tha e a' sior bhuanachadh a' tagradh a chùis, agus a' guidh orra le 'Spiorad, le 'fhocal, le 'lotaibh,

le 'fhuil, le 'theachdairibh, agus le 'achmhasain, pilltinn dhachaidh d'a ionnsuidh, gabhail ris, creidsinn ann, agus faire dheanamh maille ris, chum 's gu 'm bi iad air an saoradh gu siorruidh leis-san ; nithe a tha a' cur an céill gun pheacaich a chinn lèith a bhi ann an an-earbsa, no ann an teagamh; ach aithreachas a ghabhail, pilltinn agus creidsinn, chum 's gu 'm bi e gu math maille riu gu siorruidh.

Thugaibh fainear gu curamach na chaidh a labhairt, agus gu 'n deònaich an Tighearn 'ur deanamh glic air son na siorruidheachd.

CRIOCH.



RT Brooks, Thomas 431566
B
Ubhlan oir, air son muinntir oga; agus Crun
gloire, air son seana mhuinntir...[tr.by] Rose.
DATE

University of Toronto
Library

DO NOT
REMOVE
THE
CARD
FROM
THIS
POCKET

UTL AT DOWNSVIEW
D RANGE BAY SHLF POS ITEM C
39 12 05 02 08 001 4